


*Handwritten text, possibly a signature or date, appearing as "A-157-12".*

National Library of Scotland



\*B000099271\*









L. COOPER SC.

A Banrightin ris a Chúidbil.







DUILLEAGAIN

A

LEABHAR CUNNTAS

AR

BEATHA ANNS A GHADHALLTACHD

BHO 1848 GU 1861.

AGUS

AITHRIS AIR TURUSAIN ROIMHE DO DH'ALBAINN, A DH'EIRIONN,  
AGUS DO DH'EILEANAIN A CHAOLAIS.

EADARTHEANGAICHTE LE UGH DARAS A MORACHD

LEIS AN

NAOMHAIR I. P. ST. CLAIR,

MINISTEAR EAGLAIS NAOMH STEPHAN AM PEAIRT.



EDINBURGH:

EDMONSTON & COMPANY, 88 PRINCES STREET.

1878.



MAR

CHUIMHNECHEAN GRAIDH AIRSAN A BINN

EATHA AN SGRIOBHAICH DEALRACH AGUS SONADH, THA NA

H-AITHRISEAN SIMPLIDH SO AIR AN COISRIGEADH

GU TAINGEAL AGUS GU GAOLACH.



## ROIMH-RADH AN UIDEAMAICH.

---

THA na h-áobharain airson an deach an leabhar so chur mach, ann an doigh athghearr, mar so.

Air àon de sgrìobain an Uidheamaich aig Bailmhorail, air gnothaichean òidhicheal, cheadaich a Mórachd dhà gu ro cháóimhneil, sealladh fhàtuinn de na h-úibhir a mhìrean as an leabhar-aithris aice, thàobh cuairtean ann an Gàdhalltachd na h-Alba. Ghabh e móran tlachd anna; agus thàin e thairis air an tlachd so dhi. Bhuail e a Mórachd an sin gum fàodadh na mìrean sin a bha, mar bha iad, coghleachdte ri cuid de na h-uairean bu sonadh ga beatha, a bhith air an deanamh nàird nan leabhar, gu bhith air am prèantig ann an doigh dhìomharach airson an toirt seachad do luchd-dàimh na Teághlaich Rìoghail agus do shàr chàirdean a Mórachd i fhéin; gu sònruichte dhaibhse bha air bhith lethas agus air bhith am frithealadh oirre air na cuairtean sin.

Bha e an sin air chur an cèann a Mórachd le feádhainn thàobheiginn agus nam measg le dàimheach dlùth theann

agus gàolach do'n Bhànrighinn, agus an deidh làimh leis an Uidheamair gum bitheadh an obair so, nam b'è agus gum bitheadh i air toirt gu eòlas mūinntir eile, ro thaitneach leotha cho mbath agus leis an Teàglach Rìoghail agus le sàr chàirdean a Mórachd. Thuir a Bhànrighinn airson sin, nach robh sgil air bhith aice-se air ùghdarachd; gum b'è bh'annta sin, anns a chuid bu mhūmha, aithrisean fádarsach mu sgrìobain fagasg do'n dachaidh agus gun robh i faireachdain ro mhithógarrach nì sam bith chur mach bh'air sgrìobhadh le fhéin.

Do so fhreagar an t-Uidheamaich gu môdhail, nam b'è agus gum bitheadh e air a phreántig idir, cia air bith cho gānn agus dh'fhàodadh an clòbhualadh bhith, agus cho curamach sa rachadh an rághainn a dheanamh dhiùbhse do'm am bitheadh fear air thoirt, gum fáigheadh mìrean de an leabhar, no cheart cho dàch, sāmpullain mearachdach dheth na nithean th'ānn an rathad a dh'ionnsuidh nam paipearain naigheachd. Mar sin gum bitheadh e na b'fhearr, bha esan a smuaineach, an leabhar a chur gun mhōille an comas greim do dh'ìochdaranain a Mórachd, a gheibheadh, bha e làn chīnnteach an ānn seòrsa toileachas ānn sa fhuair an t-Uideamaich e fhéin. Thuilleaid gun ro thaitneadh e ri a h-ìochdaranain a bha an cōmhuidh air fēuchainn deas chofhaireachdinn as cīnnteach ri an Uachdaran ann na h-áoibhneasain peārsanta agus ann na bròn,—fhiōs bhith aca ciamar bha i cur seachad a mionaidean ānmig a dh'fhóis ann na dachaidh Ghàdhallach, nuair bha gach áoibhneas air am mèudachadh as gach bròn air an làghadachadh le cōmpanachd ghàolach a Phrìonnsa Céilidh. Gum bitheadh na faicinnean bh'air

an cur rōmhainn ānns an leabhar so an cōmhnuidh an coghleachd ri a chūimhne-se.

Beachdachadh air na nithean so choàontaich a Mórachd san deireadh ri e a bhith air chur mach,

Nuair bhatar preántig an leabhar chur an t-Uidheamaich rōimhpe gum bitheadh tuille buanachd aige ann an taitneas nan cuirteadh mìrean eile ris ag ìnnseadh mu spéid a Mórachd ann an Sassun, ann an Èirionn agus ann Eileanain a Chàolais. B'e toil na Banrighinn coàontachadh; agus tha na mìrean so air an cur ris reir so.

Bitheadh e fùrasd fhaicinn nach eil an obair bheag so cumail mach gur e nì sam bith th'ìnnnte nas mùmha na cūntas mu na faireachdinnean bh'aig an Ughdair Rìoghail ann an cùrsa a turusain, agus gun tuille ach gu leòir gus na sèallanain, as na nithean a bha ga cuairteachadh agus a bha nan áobhar a dh'úibhir thoileachas, athgháirm gu beachd a h-ìntinn fhéin. Tha na h-uile òmhail de cheistean riaghladh agus de ghnòthaichean an Uachdaranachd, airson réusanain ro shoilleir, air an seachnadh gu ro chùramach. Tha an leabhar a mhàin gabhail aire de dh'fheuchainnain nàdurail na h-ìntinn sin a tha deanamh gréádhnachas ri bòidheachas nàdur, agus a tha ga tilgeadh fhéin le áoibhneas nas déine troimh ànnasachd a cothromain, a mhealltuinn na beatha sin, a tha car na mionaid, air a dealachadh bho thrúime cùramain folais-each an t-sàoghail.

Cha d'thigeadh e do an Uidheamaich bhith cnuasachadh dad ùine air airidheachd na h-óibre so. Fàodaidh e, airson sin, aire a thēanndaidh thun nan aithrisean dealbhadail air seallanain a tha cho lionar ann;

thun sìmplidheachd a dheachdadh thàll thairis; agus thun dìleasachd iomlan na h-aithris as e àon de dh'ard bhuidhean, cheann air na h-uile duilleag tha an sgrìobhaich a luaidh air ciod a tha i a smuaineach agus a faireachdain, an àit ciod a dh'fhàodteadh bhith an dùil bu chòir dhìth bhith smuaineachadh agus a faireachdain.

Thuilleaid, fàodaidh e an deidh bhith toilichte a chòmharachadh mach, an nì ris am bheil úibhir mhór de thaitneas turuis a coghleachd: agus cuideachd an fhaireachdain ro chàirdeal—eadhon an tǎingealachd—leis am bheil na Taisdealaich Rìoghail a gabhail òmhail de dh'aire sam bith thatar gabhail diubh, no a dh'fhoillseachadh sam bith dhe an tēodhadas chàirdeil th'air fhaireachdain gan tàobh, le gin air bith de dh'ìochdaranain a Mórachd, bho an neach as àird an inbh gus an neach as illse staid air an tuit daibh tachairt ann an cùrsa an turusain.

Tha an t-Uidheamaich am barail nach bitheadh e deanamh ceartas ri leabhar an Ughdar Rìoghail—mar b'e} as gum buineadh e ris, mar dheanadh e ri obair neach sam bith eile bhitheadh air a h-earbsa ris—is e sin ri ghradh, gun sheachnadh a smuaintean ìnnseadh mu na h-ìochdain aig an leabhar. Tha na h-ìochdain so, thuilleaid air bhith toirt dearbhadh cōmharraichte air cúimhne air sluagh, a tha air bhith cho ro fhaicseannach ann ar n-Uachdaranain, agus air an òmhail a bha iad gabhail an cōmhnuidh de dhàimh phearsanta, a fóillseachadh ann an doigh ro dhrùighteach, am faireachdainn Seanairchail (ma cheadaichear dhuinn am facal a chleachd thàobh bāintighearn), a tha cho laidir ìinntse a tha na súidh air a Chathair an ceartair. Theagamh nach eil neach anns na crìochain so



aig am bheil tuille a dh'fhìr thlachd agus buan ann am math mūinntir na th'aig a Bhānrighinn ghràsail againn ann am math a mūinntir-se, no neach is géire tuigse mu na dleasnasain sin is cūbhaidh bho mhāighstear as seirbh-eiseach do dh'àon a cheile.

Chan eil gin do am mūmha dùrachd na do'n Bhānrighinn, nach bitheadh sgarachdainn cas sam bith eadar an àon bhuidheann agus a bhuidheann eile, ach a mhàin gum bitheadh masgadh càoin measg cheile ānn bhitheadh air thoirt mun cuairt trōimh làn chōmhachadh bhuanachdain èatorrach, troimh malairt dhian a dheāgh òidhichean, agus troimh urram càirdeil bhith air fhaireachdain agus air fhóillseachadh leis gach buidheann do'n uile bhràthrean anns a bhràthreachas mhór a tha deanamh nàird cinneach.

Dh'fhèumadh iadsan do am bu dleasnas bhith frithealadh air a Bhānrighinn ann an áobhar ghnōthaichean, aire a ghabhail dheth gu bheil a Mórachd, mar neach a tha làn eòlach air mar is còir gnōthaichean a ghiùlan air ádhart, cleachd a bhith cumail dlùth ris a phōng a tha fo bheachd, gun bhith làbhart mu nì ach a mhèud sa tha an cocheāngal ris a ghnōthach th'air bòrd. Ach ma tha atharrach ānn air an riagailt so, gur ann tha e ag eiridh bho'n toil iomganach th'aice bhith deanamh fiosrachadh mu staid a h-ìochdaranain,—a dh'fhóillseachadh a cofhair-eachdain ris an duine so ann na bhròn, no ris an fhear ud an dèuchainn bàis—a dh'fhèidreachadh cìod an cūntas mu dheireadh th'ānn mun déisinn so, no mun fhulang ud, agus cìod is urrainnear a dheanamh gu a cheartachadh, no gu a lāghadachadh —agus mar so a dearbhadh, neo-

mhothachchail dhi fhé, gum bheil i da rìreamh na màth-air a sluaigh, agus a gäbhail tlachd dhōmhainn anns na h-uile nì is iomagain daibh, gun leth bhreith air àon seach cheile, bho'n neach as àird gus an neach as illse.

Tha an t-Uidheamaich a smuaineachadh gum bith aon nì taitneach air a thoirt gu folais leis a chlōbhualadh so, is e sin, am beachd th'air fheuchainn de'n Chùirt anns na laithean so th'againn. Ciod nach d'hoireadh an t-eachdair airson ùllachadh coltach ri so a bhith aig gu làimh, ann bhith sgrìobhadh mu rìoghachadh na Bānrighinn mhor Ealasaid, no mun Bhānrighinn mhath Anna?

Tha miëiginn an cōmhnuidh, san tìm a tha làthair aig am bheil sāmhladh fādarsach, ràbhanach; ach bithidh e na aobhar greádnachas do'n eachdair a tha tìghinn cūntasain mionaideach mar so bhith ri fhàotuinn deas-aichte leis an leabhar so agus le *Beatha a Phrionnsa Cèilidh*\* a chuireas na chomas aithris lànail a dheanamh air rìoghachadh Bhigtorìa, agus suim a ghabhail ann an doigh chinnteach de bheatha dhìomhair an Uachdarain do am féum an eisiomail a bhith gun innthirig a beatha fholaiseach cho farsuinn ann an cūntasain an nàò ciad diag.

Tha ānn fhacal eile ānn nach fhàod an t-Uidheamaich a sheachuinn gun ghradh; is e sin, gum bheil e sóilleir nach eil a Mórachd aig am sam bith cūntadh na seirbh-

\* Obair ris am bheil an sàoghal a gabhail gu ro chairdeil, agus nach làghadaich idir, fhad sa tha an t-Ughdar air fhaicinn, ann na tlachd mar theid i air adhart a dealbhachadh beatha thrāng agus lān a Phrionnsa mar dhuine.

eis sin, agus an aire thatar feuchainn di, mar nì cubhaidh, (ged tha fhiös againn uile gum bitheadh iad sin air an tairgse gu dleasnachail trōimh urram agus meas a mhàin), an àit so gur ann tha i a beachdachadh orra mar chaoimhneasain sònruichte th'air am feuchainn di, agus air nach eil i ag agairt còir sam bith mar dhlighe trōimh an t-súidheachadh àrd anns am bheil i mar Uachdaran.

Tha a bhuaidh mu dheireadh so, a tha ro dhùthchasach do'n Ughdar Rìoghail, a toirt sèunadh còrr do a leabhar thàll thairis a gheibh, airson so a mhàin, thàll mach eadhon do gach iomadh airidheachd eile th'aige, chan eil an t-Uidheamaich an teagamh, a bheatha dheanamh gu tãingeal agus gu cairdeil leis an t-sàoghal.

## ARTAIR HELPS.

LUMAINN, *Ianuaire*, 1868.

## TRANSLATOR'S PREFACE.

---

FOR want of uniformity in the spelling of the Gaelic Language, and other causes, the Translator found himself necessitated to compile the short Analysis or Grammar of Gaelic appended. He has had long and very varied experience in teaching languages, and ought to be considered capable of judging what was the necessity in the case, and not be looked upon in this effort as possibly acting from mere caprice.

Gaelic is a primitive tongue, and unlike Latin and Greek, cannot be drawn into forms and inflections which are quite foreign to its character ; for like the English it is a purely logical language, and with but the slenderest possible inflection in some of its nouns to alter for a possessive case. •

The very brevity of this analysis ought to foster anticipation of the extreme simplicity of the language, and to free it for ever from the malignant charge of its “being one of the most difficult of languages to be attained.”

In making this translation, the Translator, in order to his having something fixed and settled with respect to dialect and pronunciation to build upon, has followed his own vernacular—the dialect of a Perthshire district where it has always been allowed they speak the language very purely and uncorrupted with foreign elements.

In the transition of spelling and mode of writing, begun towards the latter half of the book, and continued in the entire preface so as to bring it into conformity with the analysis, some typographical slips may be met with caused by the novelty of the subject, but they are easy of correction to the reader, and beyond the word *Teàthail*, being required to be substituted for *Brùair* in line 21, page 47, and *Chù* for *Tho* in the proper name *Thorcuill*, pages 146 and 158, the Translator requires to make no further reference to any errors of the press.

J. P. ST. CLAIR.

## AN CLAR INNSEADH.

---

### CUAIRTEAN DO DH'ALBAINN ROIMHE.

	AM.	DUILL.
A Chiad turas do dh'Albainn,.....	29d Adh. 1642 ...	1
Turas do Bhlàr an Adhall, .....	9mh Sept. 1844 ...	39
Cuairt mu Traigh na h-Alba an Iar, agus Sgrìob do dh' Ardmheirgi, .....	11g Adh. 1847 ...	59

### BEATHA ANNS A GHADHALLTACHD.

A Chiad Bharail air Bailmhorail, .....	8mh Sept. 1848 ...	87
A Chiad Díreadh ri Loch na Garaidh, .....	16g Sept. 1848 ...	89
Greasadh sa Bhàlloch Bhúidh,.....	18g Sept. 1848 ...	94
A Chiad Tùineachas aig Allt na Gíúthasach, ...	30d Adh 1849 ...	97
Ruaig an Còilltean Ohairgheallai, .....	3s Sept. 1849 ...	100
Sgrìob thun an Dú Loch, as Còrr, .....	11g Sept. 1849 ...	102
Dìreadh ri Bèinn a Bhuirid, ... ..	6mh Sept. 1850 ...	100
An Crufneachadh, .....	12g Sept. 1850 ...	108
Morghathadh a Bhradain,.....	13g Sept. 1850 ...	110
Loch Muich, .....	16g Sept. 1850 ...	113
Bál le Léusain aig Coiremhusi, .....	16mh Sept. 1852 ...	116

	AM.	DUILL.
Naigheachd bàis Diùc Bhellington.....	16g	Sept. 1852 ... 119
Togail a Chùirn air Craig a Ghobhain, as Corr, ...	18g	Oct. 1852 .. 124
Leigeal na Cloichbuin aig an Táigh Nòdha, .....	28d	Sept. 1853 ... 129
An Eaglais (no an Clachan), .....	29d	Oct. 1854 ... 132
Rúigheachd a Chaisteal Nòdha aig Bailmhorail, 7mh	Sept.	1855 ... 134
Barail air a Chaisteal Nòdha,.....	8mh	Sept. 1855 ... 135
Naigheachd Glacadh Shebhastopul,.....	10mh	Sept. 1855 ... 136
Ceangal Pòsaidh na Banaphrionnsa Rìoghail,....	29d	Sept. 1855 ... 139
An Clachan,.....	14g	Oct. 1855 ... 140
Fàotuinn an t-Seann Chaisteal air siubhal,.....	30d	Adh. 1856 ... 141
Na Gàraidhean as còrr mun cuairt don Chaisteal		
Nòdha, .....	31d	Adh. 1856 ... 141
An Déidh air Bailemhorail,.....	13g	Oct. 1857 ... 143
Fosgladh na Drochaid Nòdha air Lfune na Dúi, 8mh	Sept.	1857 ... 144
Cuairt thun nan Seana Mhnathain,.....	26mh	Sept. 1857 ... 146
Sgrìob gu Cāmpachadh a Phrionnsa aig Feithort, 6mh	Oct.	1857 ... 149
Cur Sneachdaidh,.....	18g	Sept. 1858 ... 151
Dìreadh ri Mór Bhēinr,.....	18g	Sept. 1859 ... 156
Tilleadh a Phrionnsa bho Obair-raighinn,.....	16g	Sept. 1859 ... 158
Fleágh do'n Chommun Bhreatonnach,.....	22d	Sept. 1859 ... 159
Cuairt gu Innse Ruaraidh, .....	30d	Sept. 1859 ... 162
Dìreadh ri Bēinn Muìch Dhúi,.....	7mh	Oct. 1859 ... 166
A Chiad Chuairt mhór do Ghlēann Fēasi, agus		
gu Baile nan Grāntach,.....	4mh	Sept. 1860 ... 171
An Dara Cuairt mhòr, gu Innir Mhairc as gu		
Cārn Féaitir, .....	20mh	Sept. 1861 ... 184
Sgrìob gu Loch Abhuinn.....	28d	Sept. 1861 ... 184
An Treas Cuairt mhór: do Ghlēann Feasi, gu		
Dailchúinnidh, agus gu Blàr an Adhall,....	8mh	Oct. 1861 ... 184

	AM.	DUILL.
A Chuairt mu Dheireadh,.....	16g	Oct. 1861 ... 215

CUAIKTEAN AN SASSUN, ANN AN EIRIONN, AGUS TAIKDEALAIN  
AIR BIRLINN.

A Chiad Sgrìob do dh'Eirionn, .....	2a	Adh. 1849 ... 222
Taisdeal air Birlinn, .....	20mh	Adh. 1846 ... 253
An Dara Cuairt air Birlinn, .....	2a	Sept. 1846 ... 265
Sgrìob gu Lochain Chilleärnai, .....	27d	Adh. 1861 ... 282

## APPENDIX.

The Gaelic Language, .....	289
Notes, .....	331





# TURUSAIN A DH'ALBAINN ROIMHE.

---

## A CHIAD THURUS DO DH'ALBAINN.

Air bord na birlinn an Deorsa Rioghal,  
Adhast 29d, 1842.

Dh'fhàg sinn Bhìnn-sor aig còig uairean mochth-rath thun an rathad-réithill, a Bhandiùc Norfog, a Bhaintighearna Matilda Paidet, Seanlair Bhìms, Coirneil Bùbhèri agus Maighstear Anson gar leanachd. Bha Morair Libhirpùl Morair Mortan, agus Sir Sèumas Clarc a tha dal comhla riunn cuideachd air dal romhainn cheana gu Bhùlidse.

Ràinig sinn Lumainn mar cheithreamh do shè, chaidh sinn stigh d'ar carbadain agus bha sinn aig Bhùlidse roimh sheachd. Chaidh Ailbeairt agus mise stigh air a bhirlinn sa mhionaid. Bha meall mòr sluaigh gar faicinn dal air bòrd. Bha Diùc Chèambridse, Morair Iersi, Morair Had-ington, Morair Blùm-fild, agus Sir Deorsa Còburn lathair agus iad uile nan làn éideadh òidhich. Thug Sir Deorsa stigh mise air a làimh do'n iùbhrach. Bha uisge anabar-ach garbh ann dar bha sinn air bòrd, agus mar so d'fhuirich sinn nar sèamair suidhe.

Cuiridh mi sios clàr a chabhlaich againn :—

An toiseach (1)—An long “Pig” (Pique), Sè gunna diag thair fhichead.

Rithist (2)—An long bheag “Dafinne” (Daphne) ochd gunna diag—(Tha an dithis so gu’r coinneachadh aig an *Nòr*).

An treas aon (3)—An soitheach-toit “Salamander” (leis na carbadain air bòrd).

An ceathreamh (4)—An soitheach-toit “Radamansus” (Morair Libhirpùl agus Morair Mortan air bòrd.)

An còigeamh (5)—An soitheach-toit “Monci” (Monkey) Long frithealadh, a bha gar slàodadh gus an robh e nàò uairean (Mgr. Anson agus daoine-uailse nan each air bòrd).

An seatheamh (6)—an soitheach-toit “Searbhatar” (Shearwater,) a tha gar slàodadh an ceartuair (Sir Sèumas Clarc air bòrd).

An seachdamh (7)—An soitheach-toit “an Iolair Dhubh” (Blag Igal) (aig am bheil na baintighearnain air bòrd agus a tha gar slàodadh air bèulthaobh “an Searbhatar.”

An t-ochdamh (8)—An soitheach-toit “Laitning” (Lightning) (agus an Iäger (sealgair) Benda agus an dà chù againn “Eòs agus” “Cairnach” air bòrd) romhainn, a tha air dal ghabhail ar n-iùbhrach air bord, bharr “na Pig.”

An naothamh (9)—An soitheach-toit “Fìrleas” (Fearless) (airson coimhead).

Tha so deanamh suas na loingeas againn, ach thuillead tha an toiteach “Tigh na Trianaid” (Trinita Hobhs) gu

dal leinn, agus cuideachd, bàta-pachdaid. Tha toitich taitneas beag gun chunntas air bhith gar leanachd comh-daichte le sluagh.

Dimairt, Adhgast 30d.

Chuail sinn, le mòr mhiothlachd, nach robh sinn air dal ach ochd mìl diag as dà fhichead bho ochd uairean an raoir. Cia cho farranach agus camparach as a tha so! Dh'fhuirich sinn air a chlàr-uachdar rè an latha nar laidh air langsaidean; bha a mhuir fuathasach garbh mu fheasgar, agus bha mise ro thinn. Ràinig sinn tràigh Iorc mu leth sè.

Diciadain, Adhgast 31d.

Ann an mhaduinn, mu chòig uairean, chual sinn gu' r mhiothlachd mòr, nach robh sinn a dal ach trì snaimnean san uair anns an oìdhche agus gun robh sinn leth-chiad mìl bho *Cheann Naoimh Ab.*

Chaidh sinn seachad air *Eilean Cogaid* agus *Caisteal Bhamboro* air tràigh *Tir Umbair a Tuath*, ach gu mifhortanach cha robh mise murrach air am faicinn, ach chunnaic mi *Eilean Fearn* bho an t-sèamair agam le tigh soluis Giorsal Dhàrling air; na *h-Eileanain Cragach* agus an *t-Eilean Naomh* cuideachd. Aig leth sè chaidh mi air an uachdair ach rinn mi mo shìneadh fhè sa mhionaid. An sin thàinig sinn am fradharc tràigh Albainn a tha ro bhòidheach, cho dorcha, cho

chragach, bhorb, fhiadhaich, uile gu leir neo-choltach ris an tràigh againn. Chaidh sinn seachad air *Ceann Naomh A5* aig leth seachd. Thàinig dròbh bhàtachain-iasgaich mach (agus pìobar a cluicheadh am fear dhiubh) agus toitich làn sluaigh gu'r coinneachadh, agus air bòrd ann toiteach mhòr bh'ann dhanns iad ruithill ri còisir-ciuil. B'e feasgar bòidheach, ciùin bh'ann, le laidh greine grinn agus an t-àileadh cho fìr ghlan.

Chan urrainn do neach gun aithneachadh cia cho mhòr is fhaide na lathachain an so na bha iad an *Sassun*. Cha robh e tur dorcha gus an robh e an deidh leth nàò agus aig *Bhìnn-sor* air feasgar Diluan agus Dimairt bha e fagasg do bhith dorcha mu leth ochd, agus sin baileach aig ochd. Ghuidh na daoine comas dannsa a bhith aca agus dh'èirich iad air ri fuaim na fìdhle bh'air a cluicheadh le balachan seòladair; sheinn iad cuideachd.

Dh'fhuirich sinn air uachdar gus an robh e mar chòig mionaid fichead do nàò agus chunnaic sinn iomadh teine-éibhinn air an tràigh Albannach—aig *Dúnbar*—àit Morair Hadington, *Tininnham* agus air ruinnean eile air an tràigh. Chuir sinn nàird ceithir *rocaidean*, as loisg sinn dà sholus ghorm. Tha e car iongantach a bhith faicinn nan seòladairean a streapadh ris a chrann-spreòid suas gu mullach a màsd. Ruith am fear a bha a giulan an lantairean gu bàrr a chroinn mhòr suas leis na bhèul thun a mhullaich. Tha iad cho làmhchar as cho giùlanach orra fhè.

Bha sinn a faireachdain ro thaingeil, agus sonadh gun robh sinn cho teann air ceann ar taisdeal.

Diardaoinne, Septembar 1d.

Ceithreamh roimh ann uair chual sinn an t-acair ga leigeil bhàn—fuaim thaitneach. Aig seachd chaidh sinn air uachdar, far an do ghabh sinn ar diot. Dlùth air an darna taobh bha Lìde, agus na monanain àrd a tha tùradh suas os ceann Dhunéidinn a bha fo cheò; agus air an taobh eile bha *Eilean Maigh* ri fhaicinn (far am bheil e air a ghradh, an do sheasamh Mac an Duif an aghaidh Mac Beath). Bha *Craig Bhass* air ar cùlthaobh. Aig deich mionaidean an deidh ochd thàinig sinn gu *Cithe Bailegrannt*, far an do thachair Diùc Bucliù, Sir Rob Pìl agus feadhainn eile oirnn. Thàinig iad air bòrd gu'r faicinn, agus dhìnnse Sir Rob dhuinn gun robh an sluagh an àrd ghean math, ged bha e, mar is nadurra, car mealltach dhaibh a bhith feitheamh ruinn an dè. Thug sinn an sin cèum mach thair bòrd-aisir thun a chithe, an sluagh ri gairm-aighear mhòr, agus an Diùc ag iarraidh air beatha a dheanamh. Bha na baintighearnain agus na daoine-uailse againn air dal gu tìr romhainn, agus iad gu lèir sabhailte agus gu math, chaidh sinn stigh do charbad fosgailte, na baintighearnain agus na daoine-uaisle gar leanachd. Bha an Diùc, daoine-uaisle nan each, agus Mgr. Anson a marcachd.

Cha robh idir uibhir mhòr a shluagh an Dunéidinn ged bha an domhlachadh agus am fùchd cho anabarrach as gun robh àon an comhnaidh fo eagal gum faodadh tubaist tighinn, Bhitheadh riaghailt agus òrdugh mòran na

b'fhearr air an cumail mar tuiteadh do'n Phròbhaist mearachd thaobh-eigin a dheanamh mu fhios dligheach a thoirt mu sinn a bhith tìghinn faisg air làimh. Tha an drùdhadh tha Dunéidinn air deanamh oirnn ro mòr; tha e làn bhòidheach ro neo-choltach ri dad eile chunna mi riamh; agus, rud as mumha eadhainn, tha Ailbeairt, a chunnaic cho mhòr, a gradh gu bheil e ro neo-choltach ri ni chunnaic esa riamh. Tha e cho riaghailteach, na h-uile ni air a thogail an cloich thomadach agus chan eil clach chreadha ri fhaicinn an àit sam bith. Tha an t-Sràid Mhòr, a tha gu math cas, ro ghrinn. An sin an Caisteal suidhichte air a chraig bhriagh ud ann am meadhon a bhaile, fuathasach comharraichte. Air an taobh eile tha an *Calton Hill*, leis an *Tigh Cuimhne Rìoghachdail* togail san doigh Grèugach, *Tigh Cuimhne Nelson*, *Tigh Cuimhne Bhurns*, am Prìosan, an Sgoil Mhòr, agus corr; uile nan togailean maiseach, agus le *Cathair Artair* air an taobh chuill ag éiridh nàird fos ceann an uile a deanamh suas sealladh òirdheirg. Bha an t-aoibhneas ro mòr, agus an sluagh fuathasach càirdeal agus caoimhneil.

Thachair na Boghadairean Geard a Phearsa Rìoghail\* oirnn agus dh'fhalbh iad marruinn rè an rathaid troimh a bhaile. Tha e air a dheanamh suas de dh'àrd-uaislean

\* Bha Diùc Buclìù ag innseadh dhomh an latha roimhe gun robh an Geard Boghadairean air a shuidheachadh le Seumas a h-Aon, agus gun robh e air dheanamh suas de dhaoine air éich agus iad armaichte bho mhullach gu bonn, agus fo bhann a bhith dlùth do pearsa an Uachdarain. Tha e air a ghradh gun robh corp Rìgh Seumas a Ceithir air fhaotuinn air achadh Flodain agus e comhdaichte thais agus cuairtichte le cuirp a Gheaird Boghadairean.

as de dhaoine-uaisle, agus bha iad uile a coiseachd teann air a charbad; ach bha iad air am fùchdadh gu h-eagalach mun cuairt. Nam measg bha Diùc Rogsburi agus Morair Elco, (nis Iarla Bhìms), air an taobh agam-sa; agus Sir I. Hope air taobh Ailbeairt. Bha Morair Elco (air nach robh aithne agam san am) a comharrachadh mach gach togail-cuimhne agus gach àit dhomh mar bha sinn a tighinn air adhart. Dar fhuair sinn mach as a bhaile thog sinn oirnn na bu luaithe. Tha na h-uile bothan air a thogail an cloich mar tha na ballachain cuid-eachd a th'aca an àit callaidean. Tha mùgh sealladh uile gu léir de'n dùthaich agus de'n t-sluagh seach Sassun agus na Sassunaich. Tha na seana bhoirionnaich, a caitheamh curraichdean dùinte agus tha a chlann agus na caileagan uile caslom. Chunnaic mi na h-uibhir a chaileagain eireachdail agus clann le falt fada; gu fìrinneach, tha na h-uile caileag bhochd bho eadar sè as seachd bhliadh-nachain diag gu dhà na trì dh'aois agus falt fosgailte sìnn-teach orra; agus mòran deth ruadh.

Mar thàinig sinn air adhart chunnaic sinn làrach *Caisteal Craig Mhuillear*, far an robh Banrighinn Màiri a cleachd a bhith a fanachd. Ràinig sin Daicèide aig ann uair diag; tigh mòr air thogail de chloich dheirg, agus a chuid bu mhumha dheth air chur suas le Bandiùc Monmòd, agus tha a phàirc anabharrach grinn, mòr. Tha trì bèulthaobhain air an tigh, agus an inndrig taobh na làimh clì mar ghreasas tu suas. Thàinig Bandiùc Bucliù air adhart dìreach nar deidh, agus bha sinn air ar seòladh nàird air ionad-staidhir anabharrach briagh

gu ar rùmachain a tha ro ghaireasach. Dh'fhairich sinn le cheile eagalach sgèth agus tuainealach.

Ghreas sinn mach comhla. Tha a phàirc ro fharsuinn, le sealladh bòidheach de Chathair Artair agus Monanain Pentlann; agus tha greasadh laghach a crochadh stigh air adhairt air gleann domhainn. Fhuair sinn an dinnear aig ochd—a chuideachd mòr. Bha iad uile ro chaoimhneil, modhail, agus làn forais mu'r taisdeal.


Tigh Dalcède, Dithaoine, Septembar 2ra.

Fhuair mi blasad de'n bhrochan chore aig an diot, agus is e mo bharail gu bheil e ro mhath, agus beagan de na h-adagain dearg (Finnan haddies) cuideachd. An sin ghabh sinn sràid mach. Tha na talamhnain taitneas coltach ri bhith ro fharsuinn agus bòidheach,—fiadhaich, cnocanach. Shràideamaich sinn sìos taic an t-srùth (an abhuinn Easg), agus nàird bruach chas gu tighan beag a bha an sin, agus thàinig sinn dhachaidh air rathad ùard na sràid. Aig ceithir uairean thug sinn greasadh mach rithist, marri Bandiùc Bucliù agus Bandiùc Norfog—an Diùc agus daoine-uailse-nan-each a marcachd—agus cach uile ann an carbad eile. Ghreas sinn troimh Dalcède a bha làn sluaigh agus iad uile a ruith agus ri aighear mor.

Tha Ailbeairt a gradh gu bheil mòran de an t-sluagh coltach ri Giarmailtich. Tha na seana bhoirionnaich leis an seòrsa curraic sin ris an abair iad sùbag (“mutch”) agus na caileagain òg agus a chlann le am falt sgaoilteach agus mòran diubh laghach nan sealladh ro dhealbhadail;







Abaid an Ród Námh.

agus is gann chith thu boirionnach sam bith as boneid oirre. Thuit a leithid de cheò silteach ("Scotch mist") agus gum b'fhèudar dhuinn greasadh dhachaidh troimh baile Lasbhèad, agus troimh pàirc Morair Mhèlhill a tha ro ghrinn.

Disathuirn, Septembar 3s.

Aig deich uairean thog sinn oirnn —sinne le cheile an carbad fosgailte—an fheadhainn eile uile a leanachd, stigh do Dhunéidinn. Ghreas sinn stigh scachad fo Chathair Artair, far an do theann an dòmhlachadh ri fàs ro mòr. Thachair an Gèard Boghadairean Rìoghail oirnn aig an àit so; Morair Elco a coiseachd faisg ormsa agus Diùc Rogsburi agus Sir I. Hope làmh ri Ailbeairt. Chaidh sinn seachad air *Seapal an Ròd Nàomh* a tha fir shean agus a dùsgadh ro-smuain, agus *Pàilios an Ròd Nàomh*, seann àit rìoghail-coltach. Ghabh an t-srèad-imeachd an siubhal troimh an t-Seana Bhaile nàird an t-Sràid Mhòr a tha na sràid fuathasach comharraichte leis cho àrd as tha na tighean, ann stòraidh diag air àirde sa chuid mhòr dhiubh, agus teaghlaichean air leth anns na h-uile stòraidh. Bha na h-uile uineag pachdte le sluagh. Dh'fhèuch iad Tigh *Nogs* dhuinn, seann togail neònach mar tha cuideachd, Tigh an Tàinistear Moirreach a tha an gleidheadh iomlan. Anns an t-Seana Bhaile tha an Eaglais Mhòr, agus Eaglais Nàomh Pòl anns a Bhaile Ur, nan togailean ro ghrinn. Lìubhar am Probhaist na h-iuchraichean dhuinn aig a bhalladh.


Bha caileagain an Tighe Dilleachdan, agus Commun nan

Cèairdean an trusganain sean fhasanta air lobhta-amharc. Na b'fhaide ùard bha an Eaglais Nodha a tha gu bhith togte, agus, ged is néonach e ri a ghradh, bha iad dal shuidheachadh na cloich buin. Ràinig sinn an Caisteal mu dheireadh a coiseachd thun a mhullaich.

Tha an sealladh bho an dà bharrabhalladh ro àillidh. Tha e coltach ri dealbh mòr farsuinn. Chunnaic sinn Spideal Heriot bhuapa, seann togail bhòidheach bh'air a suidheachadh an linn Shéumas le Òrcheard as Sèudair, a tha Sir Bhaltar Scot air dheanamh ainmeil anns na "Fortunes of Nigel." An so chaidh sinn d'ar carbadain agus dh'imich sinn anns an ann ordugh san robh sinn roimhe, ach bha mùchadh an dòmhlachad da rìreamh ro chunnartach; agus bha mise agus Ailbeairt le chèile fo anabhar eagail airson a Ghèard Boghadairean; aig an robh obair ro chruaidh dheth; ach bha iad fuathasach fèumail. Tha iad uile a giùlan bogha anns an darna làimh agus tha an saighdean aca an sàs nan crios.

Gu mi-fhortanach; cho luath agus bha sinn mach a Dunéidinn thòisich e air an uisge agus lean e air gun stad rè an fheasgair. Ràinig sinn Dailmeadhoni, àit Morair Ròsberri, aig dà uair. Tha a phàirc bòidheach agus na craobhain a cinntinn bhàn thun na mara. Tha sealladh ro ghrinn bhuaith de'n abhuinn *Fòrd*, dh'*Eilean Mhàigh*, dhe *Chraig Bhass*, agus dhe *Dhunéidinn*; ach bha an ceò ga dheanamh mi-chomasach nì fhaicinn. Tha na talamhain ro fharsuinn de mhonadh, dhailthean, agus choille. Tha an tigh fìr ùr; air thogail le Morair Ròsberri e fhéin agus tha e ro laghach as garail. Ghabh





Dunedin bho Innir Lid.

sinn meadhon-latha an sin. Bha muinntir Ròsberri làn suairceas agus ro fhurachail. Dh'fhàg sinn iad mu leth ceithir agus ghabh sinn an rathad dhachaidh troimh Lìde Tha an sealladh de Dhunéidinn bho an rathad mhòr mus an d'thig thu stigh gu Lìde fir àillidh; tha e, mar thuirt Ailbeart sìthbhrich-coltach, agus air nach smuainicheadh tu ach a mhàin mur nì gu bruadar air, no gu fhaicinn ann an dealbh. Bha am baile mòr bòidheach ud an sud, uile de chloich (gun dhathain clach-chreadha ann gu a thruailleadh), an Caisteal borb air ann taobh, *Monadh Chalton* air an taobh eile, leis na monanain gèur àrd ud Cathair Artair agus *Cragain Shalisburi* a tùireadh fos ceann an uile, a deanamh talamh-cùil cho grinn bhriagh agus a ghabhadh tùrsainn. Thuirt Ailbeart gun robh e cinnteach nach b'urrainn do'n *Acropolis* a bhith na bu ghrinne; agus tha mi a cluinntinn gun abair iad na uairean "An Aithne ùr" ri Dunéidinn. Thachair an Gèard Boghadairean oirnn rithist aig Lìde, nach eil na bhaile laghach.

Bha aoibhneas mòr air an t-sluagh, agus domhlachad fhuathasach ann. Bha na Portairean, a bh'air muin each le boneidein néonach Albannach, agus na h-eich aca air an sgeadachadh le fùrain; nan sealladh ro ainneamh; ach b'e na mnathain-éisg a mhuinntir bu mhumha iongantais uile, agus mar is trice tha iad nam boirionnaich òg, laghach, ro ghlan, agus ro Dhùitseach coltach, le an curraichdean geala agus an còtachain a dhathain soilleir. Chan eil iad a pòsadh uair sam bith mach a an seòrsa fhè.

Aig sè thàinig sinn air ais gu math sgèth.

Didomhnaich, Septembar 4mh.

Choisich sinn cèum a dh'fhaicinn a ghàraidh ùr a tha iad a deanamh agus chunnaic sinn Mac an Tòisich an sin, am fear a bha na ghàirnealair roimhe aig Clàirmont. Tha an sealladh de bhaile Dhailcìde bho so baileach dealbh-adail, agus tha Ailbeart a gradh, Giarmailteach coltach. Thill sinn thair seòrsa de dhrochaid chursa, air a deanamh de phlangain a tha a crosg na h-Easg a tha, leis na bruachain coillteach air gach taobh, fuathasach laghach. Thug a bhàintighearna Littleton cùnntas math dhuinn mu'n chlann òg. Aig dà uair dhiag bha ùrnaighean anns an tigh bh'air an lèubhadh le Mgr. Ramsai, agus rinn e searmoin cuideachd.

Aig leth còig uairean ghreas a Bhandiùc mach leam, anns a charbad bheag aice fhé, le paidhir ro laghach a phonnaidhean ciar-dhonn, Ailbeart a marcachd marris an Diùc, agus Còirneil Bùbheri. Ghreas sinn troimh pairtean d'en phàirc, troimh seana choille, agus air adhart an *Easg Deas* agus an *Easg Tuath*, a tha coinneachadh aig rùinn bho am bheil a leithid de shealladh bòidheach de mhonanain *Pentlann*. Chaidh sinn an sin air adhart rathad uaigneach gu *Niùbadal* àit Morair Lobhtai. Tha a phàirc ro ghrinn, agus tha coslas mòr air an tigh. Thàinig sinn mach ghabhail sealladh de chraoibh fhaibhil fuathasach briagh. Tha an *Easg Deas* a ruith dlùth air bèulthaobh an tighe, taic bruach a tha beartach le coille.

Bho sin chaidh sinn gu *Dailthùsi* àit Iarl Dhailthùsi.



Is e fìr sheana chaisteal Albannach th'anns an tigh, de chloich dheirg. Thàinig sinn mach car mionaid agus dh'fhèuch muinntir Dhailthùsi an sèamair-coinneachadh dhuinn. Bho an uineig chith thu gleann coilteach bòidheach, agus pladha de na monanain aig astar.

Thuir Iarla Dhailthùsi nach robh Uachdaran Breatunach air bhith an sin roimhe bho thim Eanruig a Ceithir. Ghreas sinn dhachaidh air an rathad air an d' thàinig sinn Bha am feasgar, mar bha an latha uile—soilleir, dearsach, agus reòta, agus bha *Monanain Mùrfút* a sealltuinn bòidheach mar bha sinn a tilleadh. Bha e an deidh sheachd air dhuinn faotuinn dhachaidh.

Diluain, Septembar 5mh.

Chum mi Sèamair-coinneachadh an diugh anns an iobhta-dhealbhain aig Dalcìde. Bha na Ministearain agus Òidhichearain Albannach na Stàid anns an rùm; agus bha an Gèard Boghdairan Rìoghail am frithealadh stigh san t-sèamair, agus mach as, coltach ris na Daoine-uaisle-aig-Airm an Lumain. Mus an do thòisich an Coinneachadh fhuair mi trì òraidean; àon bho an Mhorair Probhaist agus na Bàillidhean, an sin àon bho Eaglais na h-Alba, agus mu dheireadh, àon bho Oil-Thighean Chill Rìbhinn, Ghlaschu, agus Dhunéidinn. Lèubhadh mi mo fhreagairtean daibh. Fhuair Ailbeairt an fheadhainn aig-sa dìreach na mo dheidh-sa, agus leubhadh e a fhreagairtean gu bòidheach.

Dimairt, Septembar 6mh.

D'fhàg sinn Dailcìde aig nàò uairean ann san ordugh san d'fhàinig sinn. Bha a mhaduinn dearsach, soilleir fuar agus reòta. A greasadh air adhart bha sealladh bòidheach againn air na Pentlannain, agus air Cathair Artair air an deach sinn seachad ro dhlùth. Bha Cragain Shalisburi cuideachd, àrd, borb agus geur. Roimh sin chunnaic sinn Craig-Mhuillear. Chaidh sinn troimh ceairn chùil de'n bhaile a tha air thogail fuathasach dìongmhalta, teann air Spidal Heriot, agus bha beachd ro ghrinn againn air a Chaisteal.

Dhèchuireadh mi innseadh dar bha sinn aig a Chaisteal gum fac sinn na Suaicheantasain Rìoghail a tha ro shean agus ainneamh; (bha iad air chall car ciad bliadhna), cuideachd, chunnaic sinn an rùm anns an robh Sèumas a Sè an Albainn agus a h-Aon an Sassun air a bhreth—rùm ro ro crion, agus seann ùrnaigh air a sgrìobhadh air a bhalladh. Bha sealladh bòidheach againn de Dhun-éidinn agus de'n Fhòrd. Aig Craig Lìde (tigh leth-rathaid, nàò mìl) mhùth sinn na h-eich. Mharcaich an Diùc comhla ruinn ré an rathaid mar Thighearna Tàinistear na Siorrachd, gus an do ràinig sinn Dailmeadhoni, far an do thachair Morair Hòpton oirnn, agus an do mharcach e marruinn. Aig ann uair diag ràinig sinn Iomarach Deas na Bànrighinn far an d'fhàinig sinn mach as ar carbad agus an deach sinn air bòrd toiteach chrion, na baintigh-earnain agus na daoine-uaisle agus ar carbadain a dal air

fear eile. Chaidh sinn nàird am Fòrd car beag a dh'fhaicinn Tigh Hòpton, àit Morair Hòpton, a tha suidhichte ro bhòidheach eadar Hòpton agus Dailmeadhoni.

Chunnaic sinn, cuideachd, Caisteal Dhùndas, is le Dùndas an Dùndas, agus na b'fhaide air adhart fos ceann Hòpton, Caisteal na Sròn Duibh (Black Ness) ainmeil ann an eachdruigh. Air taobh thall na h-abhuinne chìthear tùir cheithir oisneach dlùth air an uisge, ris an abair iad Ros Sùidhe, far am bheil e air a ghradh an do rugadh màthair Olibhar Chròmbheil, agus anns an astar, Dunphàrlainn, far am bheil Rob Bruis adhlaichte. Chaidh sinn seachad teann air Innsegharbhi, eilean ro laghach anns an Fhòrd air am bheil seann chaisteal, agus b'urrainn duinn an Fhòrd fhaicinn a lùbadh bòidheach sìos, agus pladhachain againn san astar de Dhunéidinn le a Chaisteal grinn. Ràinig sinn tìr sabhailte air an taobh eile, aig Iomairach Tuath na Bànrighinn, agus chaidh sinn d'ar carbadain. Mharcaich Caiptein Bhìms, brathair is sine Sheanlair Bhìms, comhla rinn rè an rathaid nùll bho Chobhdanbèad (ochd mìl). B'e a chiad bhaile troimh an deach sinn an deidh Iomarach na Bànrighinn fhagail, Inbhircèidinn. Chaidh sinn seachad air oighreachd Shir P. Durham.

Mhùth sinn na h-eich aig Cobhdanbèad. Ceithreamh an deidh ann uair dh'inntich sinn stigh do Shiorrachd Chinnros. Goirid an deidh, so dh'fhàs an dùthaich na bu laghaiche, agus thàinig na monanain san t-sealladh rithist, pàirt coillteach. Chaidh sinn seachad air Loch Liobhan, agus chunnaic sinn an caisteal aig an loch as an do tbeich Bànrighinn Màiri bho chd. An so tha an dùthaich car

ìosal, agus chan eil na monanain ach air ann taobh. Mhùth sinn na h-eich rithist aig Ceannros. Dlùth an deidh so, theann na monanain, nach eil ach car lom, ri tighinn san t-sealladh. Chaidh sinn an sin troimh Ghleann Fàrg; tha na monanain ro àrd air gach taobh agus fo choille sìos gu iochdar a ghlinne, far am bheil sruth crìon a ruith ri darna taobh an rathaid—tha e da rìreamh àillidh.

Fàgail a ghlinn so thig thu air sealladh bòidheach de Shrath Eire as de Mhonadh Moncraoibh. Bha sinn an sin an Siorrachd Pheairt. Mhùth sinn na h-eich rithist aig Drochaid Eire (dusan mìl). Aig leth ceithir uairean ràinig sinn Duibhlinn, àros Morair Chinniùil. Rè na h-ùine bha am beachd de na monanain, na dailthean, agus na sruthain áillidh. Phàirt mu dheireadh de an rathad ro dhroch imeachd, suas agus sìos ri bruthach. Is e tigh ro ghrinn san doigh ùr th'ann an Duibhlinn, agus seal-ladh ro laghach bhuaith air na monanain air ann taobh, agus eas crìon air bèulthaobh an tighe. Bha bùidheann de an Fhreicheadain Dhubh (42a), air a tarruinn náird air bèulthaobh an tighe, agus bha na daoine a sealltuinn ro eireachdail anns an fhèileadh. Fhuair sinn òraid an urra bho na h-àrd-uaislean agus uaislean na siorrachd, bh'air an lèubhadh le Morair Chinniùil; agus bho Phrobhaist agus Bàillidhean Pheairt. An sin ghabh sinn am meadhon-latha. Bha uailsean Bhilobi, uailsean Chinnàird, uailsean Rìbhinn, agus Iarl Mansfild, agus tè ga pheath-raichean agus feadhainn eile an sin. An deidh am meadhon-latha ghabh sinn ceum sràid mach feadh nan talamhnain, agus an sin aig còig uairean thog sinn oirn.

Thàinig sinn gle luath air Peairt, aig am bheil suidheachadh làn àillidh, air Tadhà, agus monanain coillteach ga fhraoidhneasach gu léir air ann taobh, agus tha monanain air am faicinn rithist anns an astar, an abhuinn a lùbadh gu boidheach.

Bha Ailbeairt air shèunadh, agus thuirt e gun robh e a toirt suidheachadh Basle gu a bheachd. Bha am baile fhè (a tha ro laghach), fuathasach domhlaichte, agus bha an sluagh an aoibhneas dealasach; bha boghachain-buadhor air an cur suas an àit no dhà. Thug am Probhaist dhomh-sa na h-iuchraichean, agus sàorsa a bhaile do dh'Ailbeairt. Dà mhìl thall tha Scàin (àros Iarl Mhansfild), tigh grinn seallar de chloich dheirg.

Chuir Iarl Mhansfild agus a Bhantrach a Bhaniarl fàilt oirnn aig an dorus, agus thug iad sinn d'ar rùmachain a tha ro ghrinn.

Thug sinn ceum mach agus chunnaic sinn an toman air an robh seann rìghrean Albainn air an crùnadh an còmh-nuidh; cuideachd, an seana bhogha le suaicheantas Séumas a Sè; agus an t-seana chrois, a tha dusgadh ro-smuain.

Mu choinneamh na h-uineig againn tha craobh shicamor bh'air a suidheachadh le Seumas a Sè. Bha seann leabhar neònach air a thoirt g'ar n-ionnsuidh bho Pheairt anns am b'e na h-ainmean mu dheireadh an fheadhainn aig Seumas a h-Aon (an Sassun), agus Tearlach a h-Aon, agus bha e air iarraidh oirnn air n-ainmean a sgrìobhadh ann, agus rinn sinn sin. Dhinnse Iarl Mhansfild dhomh an dè gun robh cuid a shluagh am Peairt a bha a caitheamh na ceart éididhean a bh'air an caitheamh an tìm Tearlach

a h-Aon. Aig ann uair diag thog sinn oimn mar bha sinn roimhe. Ghreas sinn troimh pàirt de Pheairt, agus bha sealladh grinn againn air Sgàin. Beagan mhìltean air adhart, chaidh sinn seachad air achadh blàr Luncarti, far an robh, mar tha an aithris a gradh, na Lochlannaich air an ceannsachadh le fear-sinnsear Morair Errol. Chaidh sinn cuideachd, seachad air oighreachd Morair Lìndog. An sin mhùth sinn na h-eich aig an Tigh-sheinnse Ur aig Uachdar-ghamhair. Thainig nis na Garbh-mhonanain gu soilleir san t-sealladh; tha iad da rìreamh nan srèad bheanntain briagh.

Taobh na làimh clì chunnaic sinn Tullaichbhealtuinn, far am bheil e air a ghradh, an robh na Drùidhean a cleachd a bhith ag ìobradh do Bhaal; tha beagan chraobhain air mullach a mhonaidh.

Taobh na làimh clì ach na bu dìrich romhainn chunnaic sinn Birnam, far an robh Coille Bhirnam a tha cho ainmeil ann am Mac Beath, a fàs. Chaidh sinn seachad air Rohallion, àit laghach èunaich le Sir U. Stiùbhard, faisg air bun Bhirnam. Taobh na làimh deis chunnaic sinn an Stòrmonn agus Srath Tadha. Thuirt Ailbeairt mar bha sinn a tìghinn air adhart eadar na monanain, gun robh e air taobh na làimh deas, far an robh e coillteach, coltach ri Thüringen; agus air an làimh chli, na bu choltaich ri Sbhiserlann Tha Mòrlaich is le Uilleam Stiùbhard, air an làimh dheas an suidheachadh ro ghrinn leis an Tadha a lùbadh fo'n mhonadh. Tha na faicinnean àillidh so a marsuinn gu Dunchaillionn. Mharcaich Iarl Mansfild rè an rathaid comhla ruinn. Taobh mach Dhunchaillionn roimh bogha

buadhor, thachair Gàdhaill Morair Ghleann Lìobhan oirn, le tuaghain-catha, agus bha iad nan Géard againn, agus pìobair a cluicheadh air thoiseach oirn. Tha Dùnchaillionn suidhichte bòidheach an gleann cumhann air bruachain na Tadha. Ghreas sinn stigh gu far an robh na Gàdhaill air an tarruinn nàird meadhon an campachadh, agus far an robh bùth air ullachadh air arson gu meadhon-latha a ghabhail ann. Rinn Morair Ghleann Lìobhain,\* an duine bochd an fhaoilt ruinn; ach bha e air fàs dall ris an anamhionaid, ni a tha oilleil dha. Bha a bhean gathoirt mun cuairt; sealladh ro bhronach. Thàinig a dhoille air troimh trom shaothair. Bha a Bhandiuc Banamhorair Ghleann Lìobhan, uailsean Mhansfild, uailsean Chinnàird, uailsean Bhuclìù, agus iomadach eile an sin. Ghabh sinn sràid bhàn rangain nan Gàdhaill, agus an sin fhuair sinn am meadhon-latha, bha am pìobair a cluicheadh, agus dhanns fear de na Gàdhaill “Dannsa a chladheamh.”† (Tha dà chladheamh air an cur crosgach air chéile air an làr, agus tha aig an dannsair ri dannsa thairis orra gun bhean-achd dhaibh.) Dhanns cuid de an fheadhainn eile ruithill.

Ceithreamh roimh cheithir dh'fhàg sinn Dunchaillionn mar thàin sinn, an Géard Gàdhallach a màrsal marruinn gus an do ràinig sinn taobh mach a bhaile. Bha an greasadh làn bhòidheach fad an rathaid gu Beallach.‡ Is

\* Diùc Adhall nach mairionn.

† Tearlach Criosdaidh, nis na stiùbhard aig a Bhantrach Bhandiuc Adhall.

‡ Thug mi an ath sgrìob gu Beallach san fhoghar so chaidh, air an 3s latha de dh'Octobar (an doigh uaigneach), comhla ri Louisa, a Bhantrach Bhandiuc Adhall, agus Mios Nic Griogair. Leis nach b'urrainn

e an dà mhonadh is àirde de'n t-srèad air gach taobh (air an laimh dheis, mar theid thu air adhart an deidh Dunchaillionn fhàgail), Craig na Banrighinn, agus air an laimh chlà, dìreach fos ceann Dhunchaillionn, Craig Bhinnean. Tha Tadha a sniomhadh àillidh sìos, agus na monanain beairteach an coille. Mhùth sinn na h-eich aig Baile nan Gàird (nàò mìl), agus gu ruig an àit so mharcaich an Caiptein Moirreach, brathair Morair Ghleann Lìobhan, marruinn. Dh'fhàs na beanntain na b'airde agus na b'airde, thuirt Ailbeart gun robh e anabarrach Sbhiss coltach ann an cuid phàirtean. Bha beanntain àrd aisneach anns an t-sealladh san astar, na b'airde na gin a bha sinn air fhaicinn fhathast. Bha so dlùth air Obairfealaidh (nàò mìl) a tha an suidheachadh seùnta, agus na beanntain ro àrd. Aig ceithreamh roimh shè ràinig sinn

duinn greasadh troimh nan talamhnain gu chomas iarraidh, agus nach robh againn air bhith air ar faithneachadh, chuir sinn romhainn gun so dheanamh, agus bha e gu leòir leinn tighinn mach aig geata teann air daingneach chrìon, do'n robh sinn air ar treòrachadh le boirionnach bho thigh a gharmlair, faisg air an robh sinn air stadadh, agus aig nach robh barail co bu sinn.

Thàinig sinn mach, agus bho'n mhullach so bheachdaich sinn bhàn air an tigh gu iosal, air do'n cheò falbh gu leòir a leigeadh ris na h-uile ni; an sin, an neo-aithne, tur an uaigneas, sheal mi—cha b'ann gun trom fhaireachdain—air àros ar faoilte ceithir bliadhna fichead air ais, leis an duine ghàolach, Morair Bhraidealhainn, ann an doigh phrionnsail, nach gabh coimeasach am briaghas agus an éifeachd cheolraidheachd.

Cha robh Ailbeart agus mise anns an am ach trì bliadhna fichead, òg agus sonadh. Cia mor th'air siubhal de'n bha marruinn an sin.

Bha mi ro thaingeil cheann fhaicinn rithist.

Bha e gun atharrachadh coltach.—1866.



Beallach. Aig a gheata thachair Gèard Gàdhallach oirn, daoine Morair Bhraidealbainn. Tha Beallach shìos ann an gleann cuairtiche le beanntain ro àrd, coillteach; tha e fuathasach bòidheach. Is e seòrsa de chaisteal tha san tigh air a thogail de chloich ghraineil. Chan urrainnear luaidh iomlan a dheanamh air a bheachd-sùl (*coup-d'œil*) bh'ann. Bha àireamh de Ghàdhail Morair Bhraidealbainn, uile ann am breacan nan Caimbeulach, air an tarruinn nàird air bèulthaobh an tighe agus Morair Bhraidealbainn e fhèin air an ceann; beagan de dhaoine Shir Nial Mèin (am breacan nam Mèinearaich, dearg agus geal), àireamh de phìobairean a cluicheadh, agus còmhlan de'n Réisimeid Ghàdhallach, 92g, anns an fhèile cuideachd. Bha losgadh nan gunnachain, gàir-aighear an dòmhachd mhòr sluaigh, dealbhadaileachd nan éididhean, bòidhichead na dùthcha mun cuairt, agus an cùl-thalamh beairteach de mhonanain coilteach a deanamh suas uile gu leir, àon de na sealladhnan bu ghrinne air am b'urrainn neach smuaineachadh. Bha e mar gum bitheadh e an tìm nan dainghnichean, agus triath mòr, a deanamh fàoilte ris an Uachdarain aige. Bha e prionnsail, allta. Thug am Morair agus Banamhorair Bhraidealbainn nàird an staidhir sinn; an tranns-rùm agus na staidhrichean air an lìnigeadh le Gàdhail.

Tha an t-ionad-staidhreach Godthig de chloich dheirg agus ro ghrinn; tha an tigh uile air àirneiseach as ùr agus fuathasach maiseach. Tha an sèamair-cuideachd baileach briagh. Bho so theid thu stigh do thranns agus do rùm-leabhraichean a tha leth ris na sèamairean uaig-

neach againn. Dh'fhèuch iad dà shrèad shèamairchean dhuinn, agus rinn sinn raghainn de'n fheadhainn sin a bh'air taobh deas an tranrsa no an roimh-rum thun rum nan leabhraichean. Aig ochd fhuaire sinn an dinneir. A fuireach san tigh thuillead oirnn tha uailsean Bhucliù, an dà mhinistear, Bandiuc Sùtharlann, a Bhaintighearna Ealasaid Lìbhison Ghobhar (nis Bandiuc Earraghàdhall, uailsean Abarcorn, uailsean Rogsburi, uailsean Chinn-àird, Morair Làdardail, Sir Antoni Meatlann, Morair Lathuirn (nis Diuc Earraghàdhall), uailsean Fogs Màl, uailsean Bhèulabhuinn, Mgr. agus Banamhgr. Uilleam Russal, Sir I. agus a Bhaintighearna Ealasaid agus na Mioschain Pringle, agus an dà Mhgr. Bàillidh, bràithrean Banamhorair Bhraidealbainn. Tha an sèamair-dinneir na rum grinn anns an doigh Ghodthig, agus cha robh dinneir riamh roimhe air a gabhail ann gus an diugh. Tha na sèamairean againne air an àiteachadh cuideachd, airson na ciad uair. An deidh na dinneireach bha na talamhnain air an soillseachadh fuathasach lònneil,—ann slabhruidh mhòr a lèchranain air adhart air na réithlichean, agus bha e sgrìobhte cuideachd, air an làr ann an lèchranain, “Beatha Bhictòria—Ailbeairt.”

Bha daingneach chrion, a tha ùard anns a choille air a soillseachadh, agus bha teinenean-éibhinn a losgadh air mullach nam beanntain. Chan fhac mi nì riamh cho sìthbhrìdh-coltach. Bha pàirt a dh'oibrichean-teine ro laghach ann, agus thàinig crìoch air an ìomlan leis na Gàdhail a bhith dannsadh ruithlichean, rud rinn iad gu coimhlionta ri fuaim na pìob, agus le solus lèusain,

air bèulthaobh an tighe. Bha éifeachd allta, bhriagh aige.

Beallach, Diordaoine, Septembar 8mh.

Thog Ailbeairt air aig leth deich uairean a dh'èunach marri Morair Bhraidealbainn. Ghabh mise sràid mach comhla ri Bandiùc Norfog air leth-rathad bho am bheil beachd bhàn air Tadha, a tha fuathasach soilleir, a bileadh agus a cobhar thairis air na clachain, na beanntain àrd a deanamh suas a leithid de thalamh cùil beairteach. Fhuair sinn nàird gu rùig an tigh-bainne; seòrsa de bhothan Sbhiss, air a thogail an cloich-theine, fuathasach glan agus grinn. Bh'on mhullach aige tha faicinn ro laghach de Loch Tadha.

Thill sinn dhachaidh air an rathad air an d'thàin sinn. Bha e ris an uisge ré na h-ùine, agus e ro throm car ann tacan. Thill Ailbeairt aig leth ceithir. Bha e air sport gasd a bhith aige, agus bha an fliadhach air a sgàoladh mach air bèulthaobh an tighe,—nào earb diag, na h-uibhir a mhaigheachain agus dh'easagain, trì paidhrichean dh'èoin fhraoich; bha capal-coille ann cuideachd, bh'air a leònadh a chunnaic mi an deidh làimh, èun mòr briagh.

Bha Ailbeairt air bhith faisg air Obairfealaidh, agus bha aig ri bhith a tilg agus a coiseachd fad an rathaid air ais, Morair Bhraidealbainn e fhé a togail na séilg, agus trì chiad Gàdhall mach. Chaidh sinn mach aig còig marri Banamhorair Bhraidealbainn agus Bandiùc Sùtharlann; chunnaic sinn pàirt de Loch Tadha, agus ghreas

sinn air adhart air bruachain na Tadha, fo chraobhain grinn, agus chunnaic sinn an crodh-alluidh Americeanach aig Morair Bhraidealbainn.

Dithaoine, Septembar 9mh.

Ailbeairt air falbh rithist, an deidh nàò, a thilg. Goirid an deidh dha falbh choisich mi mach marri Bhandiuc Norfog a crosgadh na drochaid iarruinn, agus air adhairt air sràid fheòir a tha crochadh stigh fos ceann na Tadha.

Bha dithis de'n Ghèard Ghàdhallach (agus freicheadain dhiubh cha mhòr, aig na h-uile geata sa phàirc), gar leanachad, agus bha e a sealltuinn coltach ris na tìmneain bho shean a bhith gam faicinn, le an claidheamhain ruisgte an tarruinn.

Choisich sinn an sin gu tigh-geata air an ann rathad. Bhuain boirrionnachan crìon reamhar suilbhir, mu dhà fhichead bliadhna dh'aois, beagan a fhùrain an tè dhuinn agus thug a Bhandiuc beagan airgid dhì, a gradh, "Bho A Mòrachd." Chan fhac mi neach riamh a ghabh a leithid dh'iongantais rithe, airson sin, thàinig i nàird gam ionnsuidh agus thuir i gu ro bhlàth, gun robh mo shluagh ro bhuidheach air am fhaicinn ann an Albainn. Theann e ris an uisge anabarracah trom beagan an deidh sin, ach choisich sinn air adhart. Chunnaic sin boirrionnach anns an abhuinn, agus a h-àodach truiste nàird cha mhòr, gu ruig a glùintean, agus i a nìgheadh buntàta.

Sguir an t-uisge dìreach air dhuinn tìghinn dachaidh, ach lean e air ri frasain gu math cumainte. Thàinig

Ailbeairt mu fhichead mionaid do thrì, air dhà obair ro chruaidh a bhith aige feadh nan càr, a dal troimh nam boglaichean, fodha gu ruig nan glùintean, an drasd agus rithist, agus nàò paidhrichean dh'èoin fhràoich a mharbhadh. Ghabh sinn am meadhon-latha; an sin chaidh sinn do'n rum-chuideachd, agus chunnaic sinn bho'n uineig na Gàdhaill a dannsadh ruithlichean, ach gu ro mhì-fhortanach bha e ris an uisge rè na tìm. Bha nàò plòbaircan aig a chaisteal; na uairean h-àon, uairean eile trì a cluicheadh. Bha iad a cluicheadh an còmhnuidh mu thràth diotach, rithist roimh meadhon latha an sin aig a mheadhon-latha, agus cuideachd, uair air bith rachadh sinn stigh no mach. Rithist roimh na dinneir, agus fad na cuid bu mhumha de dh'ùine na dinnearach. Tha sinn le chèile air fàs làn déidheil air a phìob-mhòr.

Aig ceithreamh an deidh chòig ghreas sinn mach marri Bandiùc Bucliù, agus Bandiùc Sùtharlann (Banamhorair Bhraidealbainn bhochd gun bhith gu ro mhath), Morair Bhraidealbainn a marcachd romhainn, fad na h-ùine. Ghabh sinn greasa fuathasach bòidheach, an toiseach air adhart taic pàirt de'n loch agus eadar monanain—a leithid a shealladh nain monadail,—agus bothanain crìon, cho ìosal, cho lan deathaich mòine, agus gur gann a b'urrainn do neach nì fhaicinn le deathaich. Chunnaic sinn Beinn Labhar, anns am bheil ceithir mìl troidh air àirde, gu grinn, agus na b'fhaide air adhart, gu math anns an astar, a Bheinn Mhòr—Gleann Lìobhan, uisge Lìobhan, as iomadh gleann grinn. Bha e dorcha air dhuinn tìghinn dachaidh aig leth ochd. An dinneir aig ochd, Morair

agus Banamhorair Rìbhinn agus Morair agus Banamhorair Dhonncha aice. An deidh na dinnearach thàinig àireamh shluagh, mu cheithir fichead sa deich, agus bha bàll ann.

Bha e air fhosgladh le ruithil ceithir a dhanns mise marri Morair Bhraidealbainn agus Ailbeairt marri Bandiùc Bhucliù. Bha na h-uibhir a ruithlichean air an dannsadh a bha fuathasach taitneach agus laghach ri fhaicinn.

Disathuirne, Septembar 10mh.

Choisich sinn thun an tigh-bhainne agus air ais, a mhad-uinn grinn, soilleir; bha an aimsir an dà latha roimhe air bhith ro mhi-thaitneach. Ghreas mi astar beag comhla ri Banamhorair Bhraidealbainn, an fheadhainn eile a coiseachd, agus an sin thàinig sinn mach, agus shuidhich sinn craobh an urra—tè ghiuthais as té dharaich. Chaidh sinn stigh rithist, agus ghreas sinn suas leis a chòmhlain uile thun an loch, far an deach sinn air bàta. Chaidh Banamhorair Bhraidealbainn, Banndiùc Sùtharlann, agus a Bhaintighearna Ealasaid air adhart air an talamh, ach chaidh na h-uile gin eile ann am bàtachain. Bha Morair Bhraidealbainn, Bandiùc Norfog, agus Bandiùc Bhucliù marruinn; agus bha dà phìobair nan suidhe anns an toiseach agus iad a cluicheadh ro thrì. Tha mi air bhith lèubhadh anns an "*Lady of the Lake*" (Baintighearn an Loch), agus tha an rann so a toirt an ìomradh bh'againn na mo chuimhne:—

“Faic na pìobairean uaibhreach air a bhàta,  
As amhaire sgàoladh briagh nan sròl  
Bho'n seannsairean làbhar uallach bhàn,

A sguab na doimhne chlaiseach, còrr,  
 Mar stiùirear nùll an loch cho grinn,  
 A cleas na seana phuirt Ghàdhallach bhinn."

Bha air n-lomradh, a shé mìl diag, nàird Loch Tadha gu Acha Mòr, tigh th'aig Morair Bhraidealbainn, fagasg do cheann an loch, na nì cho laghach sa ghabhadh tùrs-ainn. Chunnaic sinn na sealladhain grinn fo leithid de cothrom air an dà thaobh. Beinn Labhar agus easain crion sios ri a cliachain am measg monanain àrd coill-teach eile an so agus an sin; as an Ceanamhòr san astar; bha an sealladh, ag amharc ad dheidh, mar tha an loch a camadh, ro bhòidheach. Sheinn fir a bhàta dà iorram cuain Ghàdhallach anabharrach allta, aighearach; a chànain cho sluganach ach airson sin cho mhìn. Dh'fhèuch Caiptein Mac Dhùghaill, Ceann Cinnidh, Chloinn Mhic Dhùghaill, a bha stiùradh, am fir "*bhràisd Làthuirneach*" dhuinn, a bh'air a thoirt le fear sinnsear dha bho Rob Brius aig baiteal. Tha suidheachadh Acha Mòr taghte; na craobhain a cinntinn cho bóidheach bhàn bho mhullach nam beanntain, tur stigh do'n uisge, agus na monanain uile mun cuairt ga dheanamh na spot shèunta. Chaidh sinn gu tìr agus ghabh sinn am meadhon-latha anns an tigh, a tha na àit crion taitneach.

Bha an latha ro bhriagh agus bha na Gàdhaill an sin rithist. Dh'fhàg sinn Acha Mòr mu fhichead mionaid an deidh thrì, air dhuinn a ruigheachd ceithreamh roimh thrì. Bha caoimhneas agus fuireachas a Mhorair, agus Banmhorair Bhraidealbainn (nach eile idir laidir), gun tomhas. Chaidh sinn seachad air Cillinn, far am bheil


allt monaidh a dòrtadh thairis air clachain mòr, agus a deanamh easnain spùtach.

Bha an dùthaich dh'ionnsuidh an d'fhàinig sinn nis ro allta, a tòiseach aig Gleann Dochairt, troimh am bheil uisge Dhochairt a ruith; agus gun nì ach mòinenain agus beanntain ro àrd cragach. Thàinig sinn gu lochan crion, Làraigile, mas math mo chuimhne, measg nan seallanain a b'fhiadhaich, agus bu bhòidhich a bha sinn air faicinn fhathast. Tha Gleann Ògil, nadur de bheallach fad, a toirt gu cuimhne neach na dealbhain th'againn de Bheallach Chìbear (*Kyber Pass*), an rathad car tacan a dìreadh sa tearnadh ri brùthaichean, agus bha an Gàrd a bha romhainn, mar gum bitheadh spotagain crion ann troimh an airde mhòr. Chunnaic sinn Beinn Mhòrlach cuideachd. Mhùth sinn na h-eich aig Ceannloch Èire. Mharcaich Morair Bhraidealbainn rè an rathaid comhla ruinn nàird gu ruig so, agus an sin chuir e an Sèamairlan aige (as e san éideadh Ghàdhallach), nàird air culthaobh a charbad againn. Thòisich e air an uisge, agus bha e ag uisge cha mhòr neart na cuid eile de'n ùine. Chaidh sinn air adhart taic Loch Èire a tha na loch bòidheach fraoidhneasaichte le beanntain àrd, ach gun bhith cho fad na cho mhòr ri Loch Tadha. Dìreach mar bha sinn a tionndadh agus a dal seachad air Nàomh Fàolan bha am beachd air an loch ro ghrinn. Tha cragan mòr an sin leis fhè, guirme ro bhòidheach air, agus e ro thàlaidheach.

Chunnaic sinn Gleann Artni cuideachd, am monadh anns am bheil frìth nam fiadh aig Morair Bhillobi. Chaidh sinn seachad air Dunoighra àit Shir D. Dundas, mus an







Caisteal Dhrúnmaln aig Cráobh.

mhùth sinn an h-eich airson na tarruinn mu dheireadh aig Coimri. An sin seachad air àit Mhgr. Mac Uilleam agus air Uachdair-thìr, àit Shir U. Cìde Moirreach.

Bha boghachain-éibhinn air an cuir nàird ann am mòran dh'àiteachain. Chaidh sinn troimh Chràoi bh, agus beagan an deidh sheachd, ràinig sinn Caisteal Dhrummainn ri dìreadh a bha fuathasach corrach. Rinn Morair Bhilobi faoilte ruinn aig an dorus, agus sheòl e sinn do'r sèamair-chain tha crion, ach ro laghach. Thuilleaid air a Mhorair agus Banamhorair Bhilobi, an da Mhios Bhilobi agus an cuideachd fhè, bha Bandiùc Sùtharlann, a Bhaintighearna Ealasaid Libhison Ghobhar, Morair agus Banamhorair Rìslìù, Morair Osultun, Mgr. Drummad agus Òidhichearain a Ghéard a deanamh nàird cuideachd na dìnnearach.

Caisteal Dhrummainn,  
Dìdòmhnach, Septembar 11g.

Ghabh sinn sràid anns a ghàraidh a tha baileach grinn, leis an talamh air a thogail na leapachain, coltach ris na seana ghàraidhnean Frangach. Tha pàirt de'n t-seana chaisteal agus bògha a gheata nàird.

Aig dà uair dhiag bha ùrnaighean againn anns an t-sèamar-cuideachd, bh'air an lèubhadh le ministear òg a rinn searmoin anabharrach math rithist.

Bha e a dortadh fad an fheasgair, agus, an deidh a bhith a sgrìobhadh, lèubhadh mi do dh'Ailbeart, na trì earrannain toisich de'n "*Lay of the Last Minstrel*," (no Duan a Chlàrsair mu Dheireadh), a thug toile-

achas dhuinn le chèile; agus an sin ghabh sinn sealladh troimh seann dealbhain neònach le Ridinner. Fhuair sinn an dinneir aig ochd. Dh'fhalbh a Bhandiùc Sùtharlann agus a Bhainthearna Ealasaid; ach bha Morair agus Banamhorair Abarcorn, agus Morair agus Banamhorair Chinniùil agus an nighean aca air tìghinn a mhéudachadh na cuideachd.

Diluain, Septembar 12g.

Dh'eirich Ailbeart aig còig uairean gu a dhal mach a shealg an fhéidh. Ghabh mise sràid mach comhla ri Bhandiùc Norfog.

Bha na Gàdhaill uile (muinntir Morair Bhilobi, ciad sa deich an àireamh), air an tarruinn nàird anns a chuir, agus Mgr. Bhilobi òg agus Màidsear Drummach air an ceann, agus choisich mi mun cuairt comhla ri Banamhorair Bhilobi. Buinidh an armachd uile a tha aca do Mhorair Bhilobi; agus bha ann chlàidheamh dà làimh ann; a bha ann am baiteal Bhanogburn. Tha mi a cluinntinn gun robh aig Dunchaillionn fagasg do nàò ciad Gàdhall, còig ciad dhiubh sin daoine Adhall; agus, uile gu lèir, leis na h-uile seòrsa Gàdhall bh'air a Ghèard, bha mìl fear ann.

Mu dheireadh—beagan roimh thrì—gu mo ghreadhnachas—thàinig Ailbeart air ais, eagalach loisgte leis a ghrèin, agus e gu math sgèth; bha e air tilgeadh damh.

Thuir e gun robh an t-saothair agus an doirbheas gailbheach. Fhuair e àodach a mhùthadh aig tigh beag

tuathanas. Tha Gleann Artni deich mìl bho Chaisteal Drummainn; ghreas e ga ionnsuidh. Chaidh Caimbeulach Monfhiadh, duine uasal òg aig am bhcil áit teann air so, marris, agus tha Ailbeairt a gradh gun robh e fuathasach sgairteal. Chum nadur tuaireamais thoirt air an t-seilg neònach so, cuiridh mi sios an so bideag a litir a tha Ailbeairt an deidh sgriobhadh airson a cur gu Tearlach,\* a toirt cunntas goirid mu deibhinn:—

“Gun teagamh,” tha e gradh, “tha faoghaid an fhèidh na sealg cho saothaireachail agus th’ann, ach airson sin tha i fuathasach tàlaidheach agus làn taitneas. Chan eil cràobh no preas ann air cùlthaobh am b’urrainn duit thu fhèin fhalachadh. Uime sin, tha duine an còmhnuidh an eisìomail bhith air fhaicill gu éalaidh mun cuairt daibh. Tha aige cuideachd ri cumail fo bhruthach mach e an gàoth, a smàgail air lamhain sa chasain, agus sgeadaichte bho mhullach gu bonn ann an àodach glas.”

Aig leth còig thug sinn greasadh mach comhla ri Banamhorair Bhilobi as Bandiùc Bhucliù. Ghreas sinn troimh Tùr-na-Ràinnich (is le bantrach a chiad Sir D. Bèaird) far an do stad sinn an carbad; an sin gu Abair-càirni, àit a Mhàidsear Mhoirrich. Thàinig sinn mach tiotan an sin a ghabhail sealladh de’n tigh ro ghrinn a tha e a togail, an sin ghreas sinn dhachaidh rathad Mhonfhiadh (àit Caimbeulach Mhonfhiadh), agus rathad Shir Uilleam Mhoirrich, agus bha sealladh anabharrach grinn againn de na monanain Gàdhallach—latha fuath-

\* Mo leth-bhrathair, Prionnsa Leiningen, a fhuair bàs an 1856.

asach briagh. Fhuair sinn an dinneir aig ochd. Bha uailsean Bhèulabhuinn, Sheafton, Chrèabhan, Caimbeulach Mhonfhiadh, agus atharrach eile a deanamh nàird na cuideachd. An deidh na dinnearach thàinig tuille sluaigh,—na h-uibhir dhiubh anns an fhèile; bha iomadh ruithil air a dhannsa; tha Caimbeulach Mhonfhiadh na dhannsair fuathasach math. Dhanns sinn ann dannsa-dùthcha—mise marri Morair Bhilobi—Ailbeairt marri Baintighearna Charrinnton.

Dlùth, Septembar 13g.

Bha againn ri togail oirnn tràth, agus uime sin dh'éirich sinn dlùth an deidh sheachd uairean; an diot roimh ochd. Aig nàò bha sinn air siubhal. Bha a mhaduinn ro cheòthar, agus crith-theas ann. Chaidh sinn seachad teann air àit Morair Srathaillean agus stad sinn car tiot far an robh an t-seana bhaintighearn, Banamhorair Shrathaillean na suidhe. Mharcaich Morair Bhilobi marruinn fad an rathaid gus an do ràinig sinn so. Dlùth an deidh so thàinig sinn gu campachadh Ròmanach ro chomharraichte aig Ardoch ris an abair iad "*Linndrum*." Chaidh Ailbeairt mach; ach dh'fhuirich mise anns a charbad, agus dh'fhèuch am Màidsear Moirreach dha e. Tha e air a gradh gur e fear de'n fheadhainn is iomlain th'ann.

Fhuair sinn mùth each aig an Lòinig-ghorm, agus chaidh sinn troimh Dhunblàthan. Aig dà uair ràinig sinn Sruithladh, far an robh domhladas eagalach, agus na sràidean cho chumhann, as gun robh e ro oillteil;

agus cha robh ordugh ro mhath air a chumail. Nàird thun a Chaisteal, an rathad no an t-sràid eagalach cas; agus bha srèad-imeachd cois againn fad an rathaid ròmhainn, agus bha e dian theth. Tha suidheachadh a Chais-teil fuathasach briagh; ach is docha leam an t-àit aig fear Dhunéidinn. Mhìnich seann Sir Gillespuig Crìosdaidh na h-uile nì dhuinn gu gasd. Dh'fhèuch iad dhuinn an rùm anns an do mharbh Sèumas a Dhà an Dùghallasach agus an uincag air an deach a thilgeadh mach. Tha am mullach ainneamh. Chan eil ach còig bliadhna fichead air ais bho'n fhuaireas cnaimhean cuirp anns a ghàraidh, agus chan eil teagamh nach b'è cnaimhean an Dùghallasaich bh'ann. Tha an sealladh bho'n dà bharrabhalladh fuathasach farsuinn, ach bha e cho duinnte agus a leithid de chrith-theas ann agus nach b'urrainn duinn na monanain Gàdhallach fhaicinn ro mhath. Dh'fhéuch, Sir G. Crìosdaidh dhuinn Acha Bhanogburn; agus an tölman, stigh dlùth fo bhàllachain a Chäisteil, bho am b'abhuist do na baintighearnain a bhith a cumail beachd air na cäth-chleasachdain; tha bàllachain fàil a champachadh uile làthair. Chunnaic sinn cùpaid Nogs cuideachd.

Chaidh sinn rithist sèachad troimh an Eaglais Bhréac, agus mhùth sinn na h-eich aig Pàire Challandar, àit Mhgr Föirbeis; esan agus Sir Mìcheal Brìus le chèile air marcachd comhla ruinn bho thaobh thàll Shrüithladh. Chaidh sinn seachad air Morair Shêtlann air an rathad mhòr, agus beagan roimh dhuinn tìghinn gu Linnlìdgòbh, far an do mhùth sinn na h-eich, choinnich Morair Öpton sinn. Gu mi-fhörtanach chan fhäc sinn a Phäilios, a tha,

tha iad a gradh rium, math airidh air a fàicinn. Thachair Diùc Bhucliù oirnn goirid an deidh so, agus, an co-chuid-eachd ri àireamh mhòr de na tuathanaich aige, mhàrcaich e comhla ruinn gu Dailcìde. Mhùth sinn na h-eich aig Eaglais-líston, agus mu dheireadh aig iomal-mach Dhun-éidinn. Bha dōrlach math sluaigh air cruinneachahh aig Dunéidinn; ach cha b'urrainn duinn stad. Ràinig sinn Dailcìde aig leth sè.

Bha trì fichead mìl sa còig san turus, agus bha mi ro sgíth, agus fuathasach toilichte gun robh sinn air tìghinn an so tèaruinnte.

Dailcìde, Diciadaoin, Septembar 14mh.

Is e so ar latha mu dheireadh an Albainn; tha e da rìreamh na dhùthaich fìr thàitneach, agus tha mi ro dhuilich a bhith ga fhàgail. Ghabh sinn sràid mach agus chunnaic sinn an tigh-lùibhean ùr a tha an Diùc air togail, uile de chloich, anns an doigh Ath-ùrichte (*Renaissance*). Aig leth ceithir chaidh sinn mach marri Bandiuc Bhucliù, gun againn maruinn ach coirneil Bùbhèri a marcachd. Ghreas sinn troimh Pàirc Mhellbhil agus troimh fear de na bailtean crìon guaillearain (deth am bheil ro mhòran mun cuairt do Dhailcìde), ris an abair iad Lònead, gu Ròslinn.

Thàinig sinn dhachaidh troimh *Bònirig*, fear eile de na bailtean guaillearain, agus troimh Dhailcìde.



Dìrdaoine, Septembar 15mh.

Fhuair sinn an diot aig leth ochd uairean, agus aig ochd thog sinn oirnn, comhla ri Bhandiùc Bhucliù, Morair Libhirpùl, agus Morair Ardbhig gar leanachd. Bha na baintighearnain agus daoine-uailse-nan-each air dal air bòrd na bu tràithe. Bha an latha soilleir agus grinn. Ann Dunéidinn troimh an robh againn ri dhal, bha an t-ullachadh fuathasach rianail, agus bha ordugh gasd air chumail. Thàinig sinn mach as a charbad air a chithe, agus chaidh sinn gun dàil air bord an “Traidinn,” tôteach mhòr is leis an Deneral Stìm Nabhigéasion Compani. Thàinig an Diùc agus Bhandiùc Bhucliù, a Bhaintighearna I. Scôt, uailsean Eamlainn, Morair Chàdor, agus a Bhaintighearna M. Chaimbeul, air bòrd maruinn, agus an sin ghabh sinn cead dhiubh. Thug sinn le chéile taing do’n Diùc agus do’n Bhandiùc, airson an ro chaoimhneas, am fuireachas, agus an àoidheachd ruinn, a bha da rìreamh ro mhòr,—gu dearbh bha sinn gar faireachdain fhé baileach aig an tigh an Daileide.

Mar bha tràighean àluinn Albainn a tarruinn a chuid sa chuid as an t-séalladh, bha sinn faraichdean ro dhùbhach cheann gun robh an turus tâtneach, agus tàlaidheach so thairis; ach cha leig sinn air dìchuimhne a chaidh e.

Air bòrd na “Traidinn” (far an robh a ghairesachd air arson-ne mòran na bu mhùmha agus na b’fhearr, na bha i air bòrd na “Deòrsa Rìoghail,” agus a bha air a cur na h-ùidheam bòidheach,) bha an t-Ard-cheannard, Sir E.

Brèas, seann duine laghach, an Ceannard Bullog, agus trì Òidhichearain eile. Dh'fhalbh an "Radamansus," an ràoir le pàirt a sheirbheisich agus a charbadain, agus an "Séarbhatar" cuideachd, le Morair Libhirpùl agus Morair Ardbhig air bòrd.

Dh'fhalbh an Salamandar (le Mgr. agus Banamhgr. Anson air bòrd), am "Fiarleas" agus a bhìrlinn an "Deòrsa Rìoghail" aig a cheart am ruinne, ach leis a ghaoth a bhith nar n-aghaidh, cha robh sinn ach goirid call sealladh air a bhìrlinn, agus, gun bhith fad an deidh sin air na tòitich againn uile, mar robh am "Monarg" ann, as leis an Deneral Stìm Nabhigèasion Compani, agus aig an robh cuid de na h-eich againn air bòrd. Ghluais i faisg air an ann tùm, agus b'è an t-ann té i a b'urrainn cumail, nàird ruinn. Chaidh sinn seachad air Caisteal Tantallon, seann làrach bhriagh air an tràigh, agus gu math faisg air Craig Bhas, a tha fuathasach grinn, agus gun bhith fad bho a bhith mu choinneamh Tantallon. Bha i gu léir còmhdaichte le fàoileagain agus le geàidh shùlar, a sgàothadh nam mìltean air mhiltean, làn ghealachadh a cliachain, agus ag ìtealaich fos a ceann agus mun cuairt di.

Aig dà uair chaidh sinn seachad air Ceann Nàomh Ab a tha cho ainmeil, agus bha sinn cho déidheil air fhaicinn air ar ciad thurus a dh'Albainn. Léubhadh mi beagan rannain a *Màrmion*, a toirt cùnntas air taisdeal nam ban do'n Eilean Nàomh, agus chunnaic sinn làraichean tigh nam ban-nàomh a th'ann; an sin Caisteal Bhamborò, agus beagan na b'fhaide air adhart Eileanain Fearn. Bha sinn ro dhuilich a chluinntinn gun d'fhuair

Giorsal Dhàrlinn am bàs an oidhche mus an deach sinn seachad a chiad taruinn.

Dìthàoine, Septembar 16mh.

Chual sinn gun robh sinn air dal seachad air Ceann Flamborò aig leth sé uairean sa mhaduinn. Chaidh sinn seachad air an “Iolair Dhubh” an raoir mu leth nàò uairean, agus cha robh nì ach gum b’urrainn duinn an smùid aice fhaicinn air dhuinn tìghinn air an uachdar. Aig leth deich lean mi Ailbeairt thun a chlàr-uachdar; b’e maduinn bhriagh, shoilleir bh’ann. Fhuair sinn beagan coffi agus dh’imich sinn mun cuairt; bha sinn an sin tur mach air a chuan fharsuinn; bha e ro bhriagh ré an latha. Aig còig thàinig sinn dlùth air an “Radamansus” a bha san t-sealladh fad an latha. Bha dinneir chrion anabharrach tàitneach againn air an uachdar, aig leth sé, ann am bùth beag bh’air a dheanamh de bhràtaichean. Chaidh sinn seachad air Iàrmòd mur chéithreamh do shé—fuathasach ìosal—agus a sealltuinn, bha Ailbeairt a gradh, coltach ri baile Dùitseach. Bha sinn coiseachd síos as suas air an uachdar, a deanamh aoibhneas ris an t-solus gealaich briagh a bha a dêarsadh bòidheach air a chuan.

Chaidh sinn an ìochdar aig leth ochd, agus léubhadh mi an ceathramh agus an còigeamh earruinn de *Dhuan a Chlàrsair mu Dhéireadh* do dh’Ailbeairt, agus an sin chluich sinn air a phiàno.

Dìsàthuirn, Septembar 17mh.

Aig trì uairean sa mhaduinn bha sinn air ar dùsgadh le gunnachain làbhar, a bha airson sin nam fuaim glé thàitneach leinn, leis mar bha fhios againn gun robh sinn aig an Nòr, tòiseachadh na h-àbhuinne. Mu shé chual sinn gun robh an “Radamansus” dìreach an deidh dal seachad oirnn, agus bha iad a gradh gun robh sinne air laidh mach bho’n Cheann Deas, los gun leigeadh sinn leis an “Iolair Dhubh” tìghinn nàird. B’e latha ro shoilleir, briagh bh’ann, ged bha beagan crith-theas ann.

Bha na loingisean anns an àbhuinn a sealltuinn ro laghach mar bha sinn a seòladh air adhart. Aig deich mionaidean an deidh dheich fhuair sinn stigh do’n iùbhrach agus chaidh sinn gu tìr. Bandiuc Norfog agus Mios Matilda Paidet agus daoine-uailse-nan-each uile an sin, ach cha b’fhios dhuinn nì mu chàch. Bha Sir Sèumas Clàrc air bhith air bòrd an “Traidinn” marruinne. Ghreas sinn gu ionad-tàmh an rathad-rèithill, agus ràinig sinn Caisteal Bhinnsor aig leth ann uair

## SGRÌOB DO BHLÀR AN ÆDHALL.

---

Diluain, Septembar 9mh, 1844.

DH'EIRICH sinn mur cheithreamh do shé uairean. Fhuair sinn an diot. Thàinig mo mhàthair a ghabhail beannachd leinn; bha Ailis agus an leanabh\* na crèutairean crion air an toirt stigh a ghradh "Latha math." An sin thàinig Beairti † còir bhàn gu'r faicinn, agus thàin Bhigi ‡ anns an t-sèalladh mar bhean-turuis (*voyageuse*), agus bha i làn mhìfhoighidinn gu bhith air siubhal. Aig seachd thog sinn oirnn leithe thun an rathaid-réithill, a Bhaniarl Canninn agus a Bhaintighearna Carolinn Cogs§ anns a charbad againn. Maduinn anabharrach fhliuch. Fhuair sinn stigh do'n charbad rithist aig Padinnton, agus chaidh sinn air adhart gu Bhùlidse, àit a ràin sinn aig nàò Bha Bhigi air a cur tearuinnte anns a bhàta, agus an sin air a giùlan gu cùramach gu clàr na bìrlinn le Ràinbhig, || an seairseann gille-cois, a thug sinn leinn airson a ghnoth-

\* Prionnsa Alfreud, àois chòig sheachdanain san am.

† Ainm Prionnsa Ghàllaobh an còmhnuidh anns an teaghlach.

‡ Bhictoria, a Bhanapriionnsa Rìoghail.

§ Nis a Bhanamhorair C. Courtenai.

|| Nis air leigeil dheth : air àrdachadh gu bhith na dhuine-usal-portair ann am 1854. Seirbhiseach ro mhath ; agus buinidh e do Ghalasils.

aich anns a bhàta. Choinnich Morair Libhirpùl, Morair Obarraidhainn, agus Sir Sèumas Clare sinn air bòrd. Bha Sir Rob Pìl gu dal comhla ruinn, ach cha b'urrainn da, troimh na caileag bheag aige a bhith gu tinn.

Aig sé uairean dh'fheòraich sinn agus dh'innis iad gun robh sinn ann am pòrt Dhundeádh. Chunnaic Ailbeairt na daoine-uailse eile againn, aig an robh ro dhroch aisig dheth. Bha stoirm eagalach aca air oidhche Dìmairt. Is e àit ro mór th'ann Dundeádh, agus tha am pòrt farsuinn, fosgailte; tha suidheachadh a bhaile anabharach grinn, ach chan eil am baile fhé mar sin. Bha am Probhaist agus feadhainn air tìghinn air bòrd, agus bu mhath leo nach d'thigeadh sinn gu tìr gus am bitheadh e na b'fhadalaich, ach fhuair sinn so riaghailteachadh gu an toil. Aig leth nàò fhuair sinn stigh do'r n-iùbhrach le Bhigi, agus le ar baintighearnain as ar daoine-uailse. Bha a mhuir d'earsach, gorm; bha am bàta a dannsadh air adhart gu bòidheach. Bha mu chéithreamh mhil againn ri ìomradh.

Bha ionad-staidhreach, còmhdaichte le àodach dearg, air ullachadh air arson gu tìghinn air tìr, agus bha ro mhòran sluaigh ann; ach bha na h-uile ni air riagailteachadh cho mhath agus gun robh gach dòmhlachadh air sheachnadh, agus cha robh ach na bàillidhean a mhàin gu h-ìosal fo'n lóbhta-amhrac far an robh an sluaigh. Choisich Ailbeairt nàird na stàpain marrium-sa, mise a cumail greim air a ghàirdean agus Bhigi air a laimh, am miadhon glaodh-aighear làbhar an t-sluaigh, ré an rathaid thun a charbad, Bhigi ghàolach againn ga giùlan fhé

coltach ri urra mhór—gun bhith air a cur mun cuairt, fo eagal, no air chrith. Fhuair sinn stigh do'r carbad-turuis, agus aig a cheart am thog Ràinbhig Bhigi nàird na ultaich, agus chuir e anns an ath charbad i comhla ri a banfhoghlumdair agus a banaltrom.

Bha dòmhlachd mór an Dundeádh, ach bha na h-uile nì air riaghailteachadh gu ro ghasd, agus cha bhitheadh dad mùchadh idir ann mur tùiteadh do d'fhichead pearsa na mùr sin ruith air adhart leis a charbad, agus mar so a thoirt air na uibhir eile, a bhith an eisiomail an leanachd an aghaidh an deoin. Mu thrì mìl mach bho Dhundeádh stad sinn aig gèata àit Morair Champerdùn: an so bha bògha buadhor air chur nàird, agus bha Banamhorair Champerdùn agus Banamhorair Dhonncha agus an giulan beag aice, agus feadhainn eile, uile a feitheamh gu fàilte a chur oirn, agus bha iad ro mhòdhail as caoimheil. Bha an giulan crion, is e na uidheam ro bhòidheach anns an éidheadh Ghàdhallach, air thoirt far an robh Bhigi agus thug e dhi basgaid a mheas agus a fhùrain. Thuirt mi ri Ailbeairt gur gann a b'urrainn domh chreidsinn gun robh an leanabh againn air thurus marruinn—bha e a toirt cho mór gu mo chuimhne dar bu mhi fhé a “Bhanaphrionnsa bheag”. Thuirt Ailbeairt gun robh e air a ghradh an còmhnuidh gun robh pàrantain a caithe am beatha thairis rithist ann nan clann, rud a tha na fhaireachdainn anabharrach taitneach.

Tha an dùthaich bho so gu Cùpar Aonghas air a comhachabh anabharrach math, agus chith tlu beanntain anns an astar. Chan eil iad nì ach cruinneachadh an fhoghair-

aidh an ceartuair, tha e anabharrach math; agus na h-uile nì moran na's guirme na'n Sasunn. Cha b'urrainn nì a bhith na bu sàmhaich na an turus againn; agus tha na seallanain cho bòidheach. Tha diubhar mhór eadar e as Sassun: na tighean uile air an togail de chloich; a leithid de dhiubhar air an t-sluagh,—falt gain'eachach, peirceallain àrd, clann le falt fad peallagach, agus troidhean as casain lom; giulanain crion ann am fèiltean. Fagasg do Dunchaillionn, agus cuideachd mar is mùmha a theid thu stigh do'n Gàdhalldachd, tha áodainnean na's laghaich. Tha na deacaidean ud a tha na cailleagain a caitheadh cho laghach; tha na daoine agus na boirionnaich, agus a chlann cuideachd, a sealltainn anabharrach slainnteach.

Is e àit crion th'ann Cùpair Aonghas—bailechan—ceithir mìl diag bho Dhundeádh. An so thig thu stigh air Shiorrachd Pheairt. Chroisg sinn uisge Ile, rud thug air mo smuaintean ruith air ais air "Ila" bochd mo chuilan beag. Chunnaic sinn Coille Bhirnam agus àit Shir U. Stiubhard anns a choire ghrinn ud taobh thàll na h-ábhuinne. Fad an rathaid a leithid de sheallanain briagh, agus Ailbeairt fàotuinn léithid de thaitneas ann—a dean-amh greadhnachas ri maise naduir, sealladh bheanntain agus ris an fhàileadh fhìorghlan.

Bha na dìdeagain air Dunchaillionn, leis an abhuinn Tadha, domhain anns an ìochdar, an sealladh de'n drochaid agus de'n chathair-eaglais, cuairtiche le beanntain àrd coillteach, mar bha thu a dluthachdah orra, fuathasach fhé bòidheach. Fhuair sinn mach aig tigh-séinnse (nach robh ach crion, ach ro ghlan) aig Dunchaill-



ionn, stad sinn a leigeil le Bhigi beagan brôt fhàotuinn. A leithid de shealladh sèunnta bho an uineig! Sheasamh Bhigi aig an uineag agus rinn i a beic ris an t-sluagh. Cha robh a leithid de thaisdealach math rith-se a riamh ann, a cadal anns a charbad aig a h-amanain cumainte, gun bhith air a cur mun cuairt, no fo eagal ri stàirnean no dòmhlachdain; cha chual i riamh an t-acar dal aig an oidheche air bòrd long; ach chadaileadh i cho tróm ri cloich.

Beagan an déidh dhuinn Dunchaillionn fhàgail, a tha fichead mìl bho Bhlàr, agus cóig mìl diag bhò Chùpar Aonghas, thachair Morair Ghleann Lìobhan oirnn agus e ann an carbad; leum e mach agus mharcaich e còmhla ruinn fad an rathaid gu Blàr,—agus is rathad fuathasach bòidheach e. Sé mìl air adhart, anns na coilltean, taobh na laimh clì, b'urrainn duinn Tigh Chinnàird far am abhuist do'n Bhanamhorair Ghleann Lìobhan nach marrionn, (mathair Morair Ghleann Lìobhan; chàochail i bho cheann dà na trì mhìosain air ais) bhith fuireach. An sin chaidh sinn seachad air ruinn Laganràd, far am bheil làraichean seann chaisteal,—an t-seann chuirte bharranachd bh'aig Diùcain Adhall. Aig Muilinnàirn fhuair sinn blasad de'n "*Bhruaist Adhallach*," a thug iad thun a charbad.

Chaidh sinn seachad air Bailechloichri, bailechan crìon, Faschoille, taobh na laimh clì, àit th'aig Mghr. Bùtar agus an sin thàinig sinn thun Beallach Chillchragi, a tha làn mhaiseach; agus tha thu sealltuinn bhàn bho àird mhór coillteach air an dà thaobh, a Ghairri a ruil-eadh sa ghrund. Chan urrainn domh luaidh air innse cè cho bòidheach as tha e. Bha aoibhneas barraichte

air Ailbeairt. Tha Leòid, àit Mhgr. Mac In Ruaidh, taobh na laimh ceart, baileach laghach. Chan eil Blàr Adhall ach eadar ceithir as còig mhiltean bho Cillchragi. Tha Morair Ghleann Lìobhan air deanamh sràid ùr, Is e togail gheal mhór chumainte th'anns an tigh, cuairtichte le beanntain àrd, is urrainn neach fhaicinn bho na h-uineagain. Rinn Morair agus Banamhorair Ghleann Lìobhan, leis a ghiulan bheag aca, faoilte ruinn aig an dorus, agus dh'fhèuch iad stigh sinn do'r rumachain agus an sin dh'fhàg iad sinn.

Caisteal Bhlàir,  
Diordaoine, Septembar 12mh.

Ghabh sinn sràid thaitneach car dà uair. Dìreach dlùth air an tigh tha na seallanain ro fhiadhaich, ni a tha fuathasach toileachail. Cheart cho luath agus a bheir thu cèum mach tha thu faicinn nam beanntain briagh ud uile mun cuairt. Chaidh sinn thun na laimh clìth troimh sheann talamhnain taitneas bh'air an leigeil fàs, agus an sin troimh na coille, air ádhart air rathad fiar, cas, a crochadh stigh air an t-sruth bhrais. Tha na srùthain Albannach so, làn de clachain, agus cho soilleir ri gloin, ro bhòidheach; tha na platha-sheallanain eadar na craobhain, mèud nam faileasain, na clachain còinnich, masgte le sglèat, as corr, a tha còmhdachadh nam bruachain, àillidh; aig na h-uile tionndadh gheibh thu dealbh. Bha sinn ùard fad ach cha b'urrainn duinn dal thun a mhullaich; Ailbeairt na leithid a dh'fhonn; tha e na





Gléann Teilt

shonas a bhith cumail beachd air, tha e cho làn a dheadh mhisneach. Thill sinn air greasadh na b'àird, agus an sin chaidh sinn gu tigh an t-sèamarlain na b'àird fhathastaich, far am bheil Morair agus Banamhorair Ghleann Lìobhan fuireach, air dhaibh Blàr thoirt thairis dhuinne. Choisich sinn dh'ionnsuidh acha arbhair a bha an sin, far an robh an h-uibhir bhoirionnaich buain a chore ("shearing" mar their iad ris air a Mhachair), bho so tha sealladh briagh air na beanntain mu'r coinneamh, cho dùthaicheil coltach agus cho ainneamh, ro mhicholtach ri'r sràid lathail aig Bhinnsor (taitneach agus mar tha i sin); agus tha am mùth so deanamh a leithid de stàth: ag ùrachadh neach mar tha Ailbeart a toirt fainear, car ùine fhad na dheidh. Chaidh sinn an sin stigh do'n gharaidh-chàil, air adhart dh'ionnsuidh sràid ann bho am bheil sealladh fuathasach grinn. Tha am masgadh so de dh'fhiadhaintas mór agus de dh'obair sgil dhaoine na nì iomlan.

Beagan an deidh cheithir uairean greas Ailbeart mach leam anns a charbad-phonnaidh gus an robh e fagasg do shé—a leithid de ghreasadh! Gu f'firinneach, tha, a bhith an cothrom suidhe ann an carbad-phonnaidh neach fhè, agus a bhith faicinn a leithid de sheallanain bòidheach, an ruinn a b'fhaide air falbh mu còig mìl bho'n tigh, na thoileachas ro mhór. Ghreas sinn air ádhart Gleann Teilt, troimh coille a bha crochadh stigh air an abhuinn Teilt, a tha coinneachadh na Garri, agus mar bha sinn a fagail na coille thàinig sinn air leithid de shealladh bòidheach—Beinn Ghlò dìreach romhainn agus—stigh bun nam beanntain àrd so an abhuinn Téilt brùcadh

agus tachrais thair chlachain agus sglèatain, agus na mon-  
anain as na beanntain cearbte mun iochdar le cràobhain  
grinn; agus na h-uile nì soillsichte nàird leis à grèin; agus  
an fhàileadh cho fhìorghlan agus thaitneach; ach chan  
urrainn luaidh sam bith ceartas dheanamh ris, no beachd  
iomlan thoirt air a ghreasadh a bh'ann.

O! ciod a chuirear an coimeas ri bòidheachasain naduir!  
Nach ann annta a tha an toileachas àrd! Tha Ailbeart  
ga mhealltuinn cho mhór; tha e an làn ghreadhnachas  
an so. Tha an gràdh so th'aig do nadur dùchasach  
dhà troimh athair gàolach.

Chaidh sinn cho fad ris an *Tigh Mharbhal*, tigh forsair  
agus thàinig sinn air ais air a cheart rathad.

Diluain, Septembar 16g.

An deidh ar miadhon-latha aig leth ceithir uairean,  
ghreas Ailbeart mise (Morair Ghleann Líobhan marcachd  
comhla ruinn) thun *Easain Bhrùair*. Fhuair sinn mach  
aig an rathad, agus choisich sinn thun an eas as àirde  
agus bhàn rithist air an fhrithrathad air an taobh thall.  
Tha an t-sràid trì mìl mun cuairt, agus dìreadh fuathasa-  
ach cas ann; aig na h-uile tionndadh tha am beachd air na  
h-easain ruitheach ro grinn, agus an sealladh air ais air na  
beanntain a bha cho soilleir agus laiste bòidheach nàird  
agus leis an t-sruth bhrais gu h-ìosal, fuathasach briagh.  
Bha sinn tilg chlachagain bhàn a dh'fhaicinn ciamar  
bhitheadh e anns an uisge. Bha na craobhain a tha a  
cuairteachadh nan n-easain air an suidheachadh leis an

Diùc Adhall nach mairrionn an àontachadh ri “*Iarrtas*” Bhurns.\*

Bha am feasgar bòidheach, agus thug sinn fèille do'r sùilean air na seallanain mùiteach, briagh, a bheanntain agus a ghlìnn mar bha sinn a greasadh air ais. Thuirt Ailbeart gun robh fìr bhòidheachas sheallanain monadail a seasamh anns na mùthnain caochlaidheach so. Thàinig sinn dhachaidh aig sé uairean.

Dimàirt, Septembar 17g.

Mar ceithreamh do cheithir uairean ghreas sinn mach, Ailbeart gam greasadh-sa, agus na baintighearnain agus Morair Ghleann Lìoban ann an carbad eile. Ghreas sinn gu Beallach Cillchragi, a bha ri fhaicinn anns a bhòidhichead as mùmha agus is briaigh th'aig, agus bha e sealltuinn mar gum bitheadh e uile duinnte, air dhoigh agus nach b'urrainn do neach thùrsainn ciamar bha e gu dal troimh. Ghreas sinn null drochaid thun na laimh ceart, far am bheil an sealladh de'n bheallach an dà rathad leis a Gharri a ruith iolar grinn. Fhuair sinn mach beagan thall bho so as choisich sinn car mìl air adhart dh'ionnsuidh *Easain Bhrúair*, an sruth sin a tha cho ainmeil airson a bhradain; ach chan eil na h-easain so idir cho grinn no fagasg do bhith cho àrd ris an fheadhainn aig *Brúair*. Fhuair sinn dhachaidh aig leth seachd; bha an latha a fàilneachadh dlùth, ach bha na solusain àillidh.

\* *Iarrtas* Iorasl Uisge Bhrúar air an Ard Uasal Diuc Adhall.

Dìciadin, Septembar 18g.

Aig nàò uairean thog sinn oirn air na ponnaidhean, gu dìreadh ri fear de na monanain, Ailbeart a marcachd air a phonnaidh dhonn, agus mise air an fhear ghlas, gun ghin nar cois ach seirbhiseach gasd le Morair Ghleann Lìobhan, Sannti Mac Ara, anns an éideadh Ghàdhallach aige. Chaidh sin mach air an taobh chuil tarsuinn air an rathad, agus taobh na laimh chli troimh an àthan Sannti an ceann mo phonnaidh-se agus Ailbeart gar dlùth-leanachd, an t-uisge tìghinn nàird thair glùinntean Shannti. Chaidh sinn an sin nàird ri monadh Tùllach an toiseach nàird dìreach troimh achadh càil fuathasach cas, agus an sin a fiaradh null sa nall mun cuairt, gus an do ráinig sinn am mullach; na ponnaidhean a streapadh suas thair chlachain agus na h-uile dad, agus gun bhith a dal ann stàp fhallsail; agus an sealladh gu leir mun cuairt cho briagh agus cho bòidheach air a shoillseachadh nàird. Chaidh sinn gu ruig a bhinnean as àirde, nach gabh faicinn bho'n tigh no bho iolar; agus bho so tha an sealladh coltach ri dealbh farsuinn: chith thu Easain na Brùair, Beinn a Chait, Beinn Bhracai, Beinn a Ghlà, Beallach Cillchragi, agus ann sreath shlàn de beanntain astarach air an taobh eile nach urrainn neach fhaicinn idir bho iolar. An àirde a Bheallach chith thu Dailnaceardoch, a chiad Ionad-stad bho Bhlàr. Blàr fhè agus na tighean anns a bhaile a sealltuinn coltach ri àilleaganain, leis an àirde mhòr aig an robh sinn. Bha e baileach



ainneamh. Bha sinn an so gun ghin ach an t-ann Ghàdhall so n'ar deidh cumail nam ponnaidhean (cheann thàinig sinn bhàn dà tharruinn agus choisich sinn mun cuairt)—gun tigh, gun chrèutair fagus duinn, ach na càoirich lágach Ghàdhallach, le an àdhaircean agus le an àodainnean dubha, ùard air mullach Tùllach, cuairtiche le beanntain bòidheach. Thàinig sinn air ais air an t-slighe air an deach sinn air ádhart, agus stad sinn aig an àthan a leigeil leis na ponnaidhean deoch òl mus am marcaichadh sinn troimh. Choisich sinn bho thaobh stigh a ghèata, agus thàinig sinn dhachaidh aig leth dà uair dhiag—a mharchachd agus an t-sràid bu mhumha toil-eacheas agus a b'ainneamh a bh'againn riamh. Cha robh mi air bhith riamh roimh nàird a leithid de mhonadh, agus an sin bha an latha cho grìnn. Tha monadh Tullach còmhdaichte le fèur agus tha e cho thaitneach, mhìn ri coiseachd air.

Diardaoin, Septembar 19g.

Thog Ailbeairt air, dlùth an deidh am miadhon-latha a shealg an fhéidh, agus bha mise gu leanachd agus gu feitheamh iolar los gum faicinn na feidh gan ruag sios. Aig ceithir uairean thog mi orm marri Banamhorair Ghleann Lìobhan agus Banamhorair Channinn, Mgr. Osbhall agus Morair Tearlach Bhealeasli a marcachd, rathad iolar Ghleann Téilt. Stad sinn aig a cheann ach cha robh sinn fhathast mach as a choille; bha Sannti a sealltuinn mach air freiceadan. An deidh feitheamh

leig iad leinn tìghinn mach as a charbad, agus thàinig sinn air an rathad far am fac sinn beagan dh'fhéidh air) àodainn a bhrùthaich. Rinn sinn suidhe bhàn air an làr, Banamhorair Channinn agus mise a tarruinn, Sannti agus Mgr. Osbhall le cheile anns an éideadh Ghàdhallach, (an ann seòrsa a tha iad uile a caitheamh an so, sin ri ghradh: deacaid ghlas chlà agus peiteag, le fèileadh agus boineid Ghàdhallach, nan laidh air an fhèur agus sealltuinn troimh ghloineachain. An deidh feitheamh rithist beagan tìm, bha e air innseadh dhuinn an cagar dìomharach gun “robh iad a tìghinn,” agus gu dearbh bha greidh mhòr air tìghinn san t-sealladh ùard air bràigh a mhonaidh agus thàinig iad nan ruith bhàn tacan mhath dar thachair rud bha ro dheireasach; thàinig dà fhear a bha coiseachd air an rathad—nì nach robh gnothach aca a dheanamh—car ealamh san t-sealladh, agus an sin ruith a bhuidheann uile air ais rithist agus bha an sport mìlte. An deidh dhuinn feitheamh tìotan thàoeigin thug sinn an aire do dh'Ailbeairt, Morair Ghleann Lìobhan agus na forsairean air àoduinn a bhrùthaich, agus chaidh sinn stigh do ar charbad, a greasadh tacan ghoirid, agus a dal nùll thair an drochaid, gu far am bheil bothan cibair; agus fluair sinn mach agus dh'fheitheamh sinn riutha gu tìghinn marruinn, nì a rinn iad gun dad moille—a sealltuinn anabharrach dealbhadail le an gunnachain. Cha do thilg m'Ailbeairt bochd ann urchair eadhainn, eagal agus gum milleadh e an gnothach uile, ach bha e air bhith ruith mun cuairt dorlach math. Bha a chòmhlán dh'forsairean agus a chon fuathasach laghach. An deidh comhradh agus

stad tacain chrion, choisich sinn pàirt de'n rathad air adhart, agus an sin ghreas Ailbeairt dhachaidh leinn.

Disathuirn, Septembar 21d.

An deidh na dìotach chunnaic Ailbeairt Morair Ghleann Lìobhan agus thairg e dhà a dhal shealg an fheidh agus gun d'thiginn-sa na dheidh. Mur fhichead mionaid do dh'ann uair diag ghreas sinn air falbh marri Banamhorair Channinn gu gleann Teilt. Bha an latha glòrmhòr agus bhitheadh e na dheireas a chall, ach b'e obair-latha fhad chruaidh bh'ann, ged bha e anabharrach taitneach agus toileachail, agus mi-choltach ri ni sam bith a rinn mi riamh roimh. Bitheadh eadhainn tuile toileachas agam ann nam bithinn murrach air bhith comhladh ri Ailbeairt ré na h-ùine. Ghreas sinn gu teann air tigh Phàr Fhriseil a tha eadar an Tigh Mharbhal agus Tigh na Coille.

An so choisich Ailbeairt agus mise beagan mun cuairt agus an sin chaidh Banamhorair Channinn agus sinne air muin nam ponnaidhean agus thog sinn oirnn air ar turus Morair Ghleann Lìobhan an ceann mo phonnaidh-sa fad an rathaid, Pàrig Friseil an t-ard-fhòrsair (duine mior-bhuilteach foghainteach) a seòladh an rathaid; Sannti agus sè Gàdhaill eile a giùlan ghunnachain agus slàodadh chon, agus an deireadh air a thogail nàird leis an dà phonnaidh againn a giùlan cobhan ar miadhon-latha Bha Làlì Iäger (*no eunadair*) Ailbeairt cuideachd an sin as e giùlan fear de ghunnachain Ailbeairt, agus thilg Ailbeairt am fear eile thair a ghualain dheas fhé, a

dheanamh an rud na b'òtruim do Làli.\* Dh'fhalbh sinn san ordugh so mun cuairt agus mun cuairt ris a mhonadh, agus bha an sealladh dhinn cho dhealbhadaid sa b'urrainn àon thùrsainn. Leithid de bheachd briagh sna h-uile àird, na bu ghlinne agus na b'fharsuinn mar b'àirde bha sinn a dal! Bha an latha grinn; ach a ghrian ro theth. Chunnaic sinn am binnean is àirde de Bheinn Ghlô, nach gabh faicinn idir bho iolar, agus bha an t-sreath bheanntain astarach a bha sinn faicinn bho Thullach air a ciùneachadh fo na chirb a b'òtruim de cheò. Chunnaic sinn Loch Bhac. Bha an rathad anabharrach math agus mar bha sinn a dìreadh bha sinn an iomairt a bhith bruidhinn ann an cagar, ceart mar bha sinn a deanamh cha mhór, rè an latha, air eagal as gun d'thigeadh sinn air fèidh gun fhios. Airson sin, bha a ghaoth ceart, agus is e sin, na h-uile nì an so, airson an fhéidh. Bu thoil leam nam b'urrainn duinn Lannsir a bhith comhladh ruinn a tharruinn dealbh na buidhinn againn, leis an talamh chùil, bha e cho laghach, mar bha cuideachd, gach càochladh "leigeadh analach," as corr, bh'againn. Nan robh agam fhè tìm a mhàin gu an tarruinn!

Stad sinn air mullach Ghrianain bho an seall thu bhàn thair àird fhuathasach. Is ann an so a bhitheas na h-iol-airean a suidh na uairean. Thàinig Ailbeairt bhàn agus sheall e mun cuairt le mór-iongnadh, agus choisich e air

\* Duine ro mhat. Thug an droch shlainte air leigeil dheth bhith na èunadair ann an 1848: bha e an sin air shuidheachadh am Ghille-banrighinn, agus bha e anns a phosd so gus an d'fhuair e bàs, ann Nobh-embar, 1865.

adhart car beagan, agus an sin chaidh e air muin a phonnaidh aig rithist. Chaidh sinn an sin fagasg do mhullach Càrn a Chlamain, agus an so dhealaich sinn, Ailbeairt a dal marri Làli, agus dà fhòrsair eile gu “urchair chiùin” a bhith aca, mar their iad ris; agus chaidh Banamhorair Channinn, Morair Gleann Lìobhan as mise nàird thun an fhìr mhullach a tha tiugh thairis le còinneach. Rinn sinn suidh bhàn an so agus stad sinn car tacan a tarruinn nam ponnaidhean a bha gu h-ìosal; Morair Ghleann Lìobhan agus Sannti a cumail làmh ruinn. Bha an sealladh làn bhòidheach, gun nì ach beanntain uile mun cuairt duinn, agus an aonarachd, an aonarachd làn, ro dhrùidhteach. Chunna sinn sreath Coille Braigh Mhàr agus an t-sreath thall stigh, taobh na laimh clì, a bha a fàilneachadh air falbh bhuainn, mar bha sinn nar suidhe agus ar n-aire ris a mbonadh, ris an abair iad Scarsach, far am bheil Siorrachdain Pheairt, Obairraidhean agus Inbhirnis a coinneachadh. Bha mo phonnaidh air thoirt nàird air mo shon, agus an sin thèarn sinn am binnean so a b'airde, agus chaidh sinn air adhart air an ann ghné leathad a thachairt air Ailbeairt d'on d'thug mi an aire agus e tìghinn an rathad a bha sinne. Choinnich sinn beagan an deidh sin; bha e air ro droch fhortan a bhith aige, tha mi duilich a ghradh. An sin rinn sinn suidhe air an fhèur agus fhuair sinn beagan miadhon-latha; an sin choisich mi tacan comhla ri Ailbeairt agus chaidh sinn air muin nam ponnaidhean. Mar bha sinn a dal air adhart air an rathad dhachaidh bha feidh ri fhaicinn an Gleann Chròine, ris an abair iad an “Nàomh-ionad” no *an*

*Sanctum*; far am bheil e air shàòilsinn gum bheil mòran. Thog Ailbeart air falbh air beagan an deidh so, agus dh'fhuirich sinne air Sròin a Chrò, car uair, tha mi cinn-teach, leis mar thuirt Morair Ghleann Lìobhan ruinn nan deanamaid sin gum fàodamaid na féidh a thionndadh an rathad a bha Ailbeart, an àit nan rachamaid air adhart gun cuireadh sinn luasg fòpa agus gum milleamaid an rud uile gu lèir. Mar so ghèil sinn. Bha Ailbeart a sealltuinn mar shrideag bheag a snàgadh mun cuairt thall air a mhonadh mu' coinneamh. Chunnaic sinn ceithir bhuideannain fhéidh, dithis dhiubh teann oirnn. Bha e na shealladh bòidheach.

An so bha a ghrian a teannadh ri dal fodha chuid sa chuid, agus ghabh mi maoin eagal as gun d'thigeadh an oidhche oirnn, agus ghlaodh sinn iomaganach air Sannti, a bha air dal air falbh car mionaid, e thoirt caismeachd dhaibh gu tìghinn air ais. An sin thòisich sinn air ar tearnadh, fiaradh a mhonadh, na ponnaidhean a dal cho tearruinte agus cho chinnteach as bha comasach. Mar bha a ghrian dal fodha, bhà na seallanain, a fàs na bu bhòidhich agus na bu bòidhich, na spèurain dùbh-dhearg, òir-dhearg agus gorm, agus na beanntain a sealltuinn donn-dhearg agus liath-ghorm, fuathasach fhé maiseach, gus mu dheireadh an deach i fodha agus an dh'fhàs na lùthean na b'fhèitheil anns na speurain agus rùithe nam beanntain na bu ghéuir. Chan fhac mi ni riamh cho grinn. Airson sin, dh'fhàs e ro dorcha glé ealamh.

Mu dheireadh thachair Ailbeart oirnn, agus dh'inns e dhomh gun d'fheitheamh e fad na tìm ruinne, leis mar

bha fhìos aig cia cho iomaganach sa bithinn-sa. Bha e air bhith ro mhifhortanach, agus air call a spòrt, cheann chan fhalbhadh an gunna aige dar dh'fhaodadh e ruadh-bhocain grinn a thilg; ach airson sin bha e cho suilbhir, shunntach agus gar an d'thigeadh nì sam bith na rathad a chur smuairean air. Fhuair sinn bhàn glé thearuinnte thun na drochaid; na ponnaidhean againn a dal ro chinnteach, ged bha an ciaradh ann air dhuinn a bhith aig bun a mhonaidh. Choisich sinn thun an Tighe Mharbhal, agus an sin chaidh sinn nàird do'r charbad-phonnaidh agus ghreas sinn dhachaidh le solus gealaich ro dhealach, rud a bha toirt air na h-uile nì sealltuinn fuathasch àillidh; ach bha an rathad toirt beagan crith air neach.

Chunnaic sinn ealtainn thàrmaichain aig éiridh, le an sgiathain geala, air mullach Sron a Chrō, feadagain, eòin-fhràoich, agus easagain. Bha sinn dhachaidh sàbhailte mur cheithreamh do dh'ochd.

Dimàirt, Octobar 1d.

Aig ceithreamh an deidh ochd thog sinn oirnn, agus bha sinn fuathasach fhé duilich a bhith fagail Blàr agus a Ghàdhalltachd ghàolach! Bha na h-uile rudan fádhar-sach agus na h-uile spot air an robh mi air fàs déidheil, ciùineachd ar beatha agus an t-saorsa, na h-uile nì cho taitneach, agus bha mi air fàs gum bu toil leam cho mhòr na Gàdhaill uile agus an sluagh a bha dal maruinn. O! na beanntain gàolach, dh'fhàg e fuathasach tuiriseach mi bhith gam fàgail nam deidh!

Mharcaich Morair Ghleann Lìobhan comhla ruinn, agus agus chaidh sinn air ais dìreach air a cheart rathad air an d'fhàinig sinn; troimh Cillechragi, Bailechloichri, agus chunnaic sinn Laganràd, as corr. Bha Bàiteal Cillechragi air a chur ann an achadh th'air do laimh chli, mar thig thu bho Bhlàr agus mus an d'fhig thu thun a bheallaich; agus bha Morair Dhundeàdh air thilg anns a ghàraidh dlùth fos cheann an achadh aig Urraird (ris an abaireadh iad roimh Roinn Ruaraidh) is le Mgr. Stiùbhard Urraird; b'fhabhuist do Stiùbhardaich Urraird a bhith fuireach roimhe air Craig Urraird. Ràinig sinn Dunchaillionn aig leth ann uair diag. Bha Mgr. Osbhall agus Mgr. Pàdruig Smàl Cìr an sin, le buidheann de na Ghàdhail. Ghreas sinn nàird dh'ionnsuidh dorus an tìghe aig Dunchaillionn agus fhuair sinn mach an sin. Tha e air shuidheachadh bòidheach, agus tha an tìgh ro laghach, le beachd gasd air an abhuinn bho na h-uineagain. Tha Craig na Bhanrighinn na mhonadh grinn cragach air do laimh chli mar ghreasas tu bho Bhlàr.

Chaidh sinn a ghabhail sealladh de thòiseachadh an tìghe ùr a theann an Diùc Adhall nach mairrean ri thogail, ach a tha air fhàgail gun chrìochnachadh, agus cuideachd de chraoibh bhòidheach learaig, a chiad tè bh'air a toirt do dh'Albainn. Mharcaich mi air ais air "Airghait Bhean"\* airson an tarraim mu dheireadh agus ghabh mi cead dubhach dhe fhè agus de'n ghille dh'leas Sannti Mac Ara. Chaidh sinn cèum stigh do làrach na Caithar-eaglais

\* Bha am ponnaidh so air thoirt dhomh le Diùc Adhall ann am 1847, agus tha e beò fhathas aig Osbornn.



agus do'n phàirt sin dh'i a chuir an Dùc nach mairrion an ordugh airson seirbheis agus far am bheil cist chuimhne ghrinn dha fhè. Chan aithn'inn am feasd na talamhnain aig Dunchaillionn bha a leithid de dhiubhar sealladh dhiubh as dìobhail a chàmpachadh.\* Bòidheach as mar tha, Dunchaillionn cha d'thig e mar astar am fagasg air bòidheachas agus air fiadhaintas Bhlàir.

An deidh dhà uair dhiag thog sinn oirnn rithist, agus gu'r n-iongnadh bha Morair Ghleann Lìobhan sìr chumail ris gun rachadh e comhla ruinn gu ruig Dundèadh, baile a tha lethchiad mìl bho Bhlàr! Mharcaich an Caiptein Moirreach còmhladh ruinn cuideachd bho Dhunchaillionn Bha mi faireachdain muldach a bhith faicinn na dùthcha fàs chuid sa chuid, na bu mhūmha còmhnard. Bha dōmh-lachd mór aig Cùpar Aonghas, agus bha fear móran na bu mhūmha na sin aig Dundèadh, agus bha mùchadh ro mhór air a chithe.

Ghabh sinn beannachd le Morair Gleann Lìobhan le fìr dhuilichinn, bha e mar gum bitheadh e ro thuiriseach san dealachadh. Cha b'urrainn do ghin bhith na b'fhurachail no na bu mùmha caóimhneas na esan.

Bha àt éagalach ann dar chaidh sinn air an iùbhrach gu dal dh'ionnsuidh na bìrlinn.

Dirdaoin, Octobar 3s.


Bha tràigh Shassun sealltuinn fuathasach còmhnard. Bhean e gu mòr ri Mhorair Obair-raidhinn dar dh'inns mi

\* Faic duilleag 19.

dhà gun ro mi cho déidheil air Ghàdhalltachd ghàolach, thàiteach, agus ag ionndraichinn nam bēanntain grīnn cho mhór. Tha rudeigin ro chōmharrachte cēangailte ris a Ghàdhallachd agus ris na Gàdhaill; tha iad nan sluagh cho uaibhreach, ghrinn, cho shùrdail. Bha ar cōmhnaidh nam measg cho taitneach. Thuileaid air na seallanain bòidheach, bha an t-sàmhcharachd, an t-uaigneas, an àlltachd, an t-sáorsa, agus an àonarachd nan nithean sèunta dhuinn.

Bha an latha air sóillseachadh nàird as air fàs briagh, bha e dearsach, ach an fhàileadh ro thróm agus tachdte, diubhar mhór eadar e agus fàileadh a mhonaidh a bha cho fhìorglan, àotrom, bheothail. Ràinig sinn Bhùlidse aig dà uair, agus goirid an deidh sin thàinig sinn bhàr a bhùird. Chaidh sinn air ádhart gun tionndadh thun an rathad-réithill agus ràinig sinn Caisteal Bhīnsor béagan mhionaidean an deidh cheithir.





Osboirnn bho'n Mhuir.

CUAIRT MU THRAIGH NA H-ALBA AN IAR,  
AGUS SGRÌOB DO DH'ARMDHEIRGI.

---

Diciadaoin, Adhgast 11, 1847.

DH'FHALBH sinn bho Chìthe Osbornn air bòrd na bìrlinn. Bha an da leanabh as sîne againn, Tearlach mo bhràthair, an Diúc agus Bandiuc Norfog, Morair Gréadh (Clèirach na Stàid), Banamhorair Dheòslinn, Seänalair Bhìms, Sìr Sèumas Clarc, agus Mios Illiar còmhla ruinn.

Bha na bàtachain-tòit so againn marruinn:—an Iolair Dhubh, a Gharlann, an Unndìnn, an Sìthich (Fèiri,) agus an Sciùrsa (Scáirdse,) (tòitich-chàtha.) Tha an dà dhuine-uasal-nan-each air bord na h-Iolair Dúibh.

Air bòrd an Bhictoria as Ailbeairt,  
an Cäladh Dhartmòd,  
Diciadaoin, Adhgast 12g.

Chan eil mòran agam ri ìnnse. Chan eil an taisdeal againn air bhith mar shonruich sinn, *mais l'homme propose et Dieu dispose*; is e sin; (sonruichidh an duine agus orduichidh Dia): chēann an àit dhuinn bhith aig Falmòd chan eil sinn ach aig Dartmòd! Thog sinn oirnn aig cóig uairean, ach dh'fhairich sinn an sóitheach stad an

ceann goirid, agus air dhuinn faighneachd, chuala sinn gun robh an dàll-cheò cho dùinte agus gun robh e michomasach dal air ádhart. Mu dheireadh bha Caiptein Smidthet air chuir air siubhal anns a Gharlann a ghabhail cunntas mu staid na h-aimsir; agus thill e an ùine ghoirid a gradh gun robh na h-uile ni réidh gu leòir airson dal air adhart tàobh mach Nan Snãthdain (bha sinn an sin an Cãmas Alam). An so thog sinn oirnn rithist, agus, an deidh na diotach, thàinig sinn air an uachdar far an d'fhan mise ag' obair agus a cõmhra; gam fhaireachdain fhé gu làn mhath, ach tãannadh air ànn uair, bha an t-ât-làr air mèudachadh, agus raghuinich sinn rúith stigh do'n chãladh so ànns am bheil sinn an ceatair.

Air bòrd an Bhictõria as Ailbeairt,  
Millforr Abhinn, Gãllaobh Deisair,  
Disãthuinn, Adhgast 14g.

Air ruigheachd so san fheasgar aig cóig. Bheir mi cunntas air na thachair bho'n dh'fhàg sinn Dartmòd. Air feasgar Dirdáoin, an deidh ar dinneir marri Tearlach, chaidh sinn air an uachdar, agus fhuair sinn am baile uile air a shoillseachadh, agus bha sealladh nan taighean àrd aiuneamh aige a ruith bhàn tur stáigh do'n mhuir chiùin, agus i a dearsadh air ais na soillse, àillidh—an oidhche air bhith cho ghrinn, shàmhach.

Dithàoine, Adhgast 13g.

Thog sinn oirnn aig ceithir agus ràinig sinn Eileanain Silli aig trì uairean an deidh a mhiadhon latha; bha e ai



bhith riasgach. Tha na h-éileanain crion do-àireamh, am measg am bheil sinn nar laidh, fuathasach àinneamh.

Ann an Nàomh Màiri, an t-àrd éilean, tha baile beäg, éàglais, agus càladh crion. Direach mu chóinneamh, air éilean Tresco, tha tigh Mhgr. Göbha; tha a ghàbhail de na h-éileanain uile aig-se bho Dhiùchdachd Chòrnghall. Nas fhaide thun na làimh clì tha Nàomh Anna, le táigh-solus agus cragain gun àireamh.

Chaidh Ailbeart (nach robh, e fhé na Tearlach, gu tinn idir ged bha mise air fùlang ro móran,) comhla ri Tearlach agus Beairti a dh'fhaicinn feär de na h-éileanain. Tha a chlàn tìghinn as an tinneas-mara gu math èalamh. Dar thill Ailbeart agus càch, dlùth an deidh chóig, chaidh sinn leis na bàintighearnain agus na dáoine-uailse againn anns an iùbhrach thair a phòrt—far an robh e, gorm agus mar bha a mhuir, car fiadhaich fhathasdaich,—agus chaidh sinn gu tìr air a chithe chrion aig Nàomh Màiri. Tha

an cäladh le sēann dāingneach Chaisteal Réul, a toirt cäladh Nàomh Elié (is e sin St. Heliers) gu mo bheachd. Fhuair sinn stáigh do charbad-ponnaidh le Mgr. Gōbha marri Tearlach agus Banamhorair Dheòslinn, agus ghreas sinn trōimh an àit a tha sēalltuinn coltach ri baile beäg iasgaich, agus an sin mun cuairt air dāinghnichean a chais-teal, far am bheil sràid ro lágach a crochadh stáigh air a mhuir, agus na cragain cōmhdaichte le rainneach, fràoch, agus conasg. Tha an sealladh farsuinn air na h-éileanain agus na cragain mun cuairt ro bhòidheach. Tha am baile air a thogail air stial ro àimhleain thalamhain, le cāmas beäg air gach dal'ach tàobh. Fhuair sinn mach aig an t-seana chaisteal, air am bheil am no ceānn-aimsir nàird ann an linn feär de na h-Eideairdean. Tha an sealladh bho na barrabhàll'ain fuathasach grīnn. Thàinig sinn air ar n-ais air an ann rathad air an deach sinn air ádhart, beagan rōimh sheachd.

#### Disàthuirn, Adhgas 14g.

Thog sinn oirn aig còig, agus an sin thòisich a bhìrlinn air luasgadh agus bogadaich éägalach, agus bha mi gam fhaireachdain fhé ro thīnn rithistich; ach thàin mi air chlär aig trì san fheasgar, bha mhuir an sin coltach ri gloin, agus bha sinn dlùth air tràigh Ghàllaobh.

Tha an caladh so Millfòrr Abhinn briagh; is e am fear as mūmha th'againn; dh'fhàodadh cābhlach laidh an so. Pembrog air ar bèulaobh, ānns an astar. Chan eil na sgòrr-chragain, a tha dearg-dhonn, ro àrd. Chaidh



Ailbeart agus Tearlach anns an “t-Sìthich” gu Pembrog, agus bha mise a tarruinn. Thàinig na n-uibhir bhàtach-



ain mach le boirionnaich Ghàllaobh-  
ach no Bhrëätunnach anns na h-adain  
fir, ard-chrunach neònach aca, agus  
bha glaothaich-aighear mhór ann ri  
Beairti, cheann bha an sluagh colt-  
ach ri mór thoileachasa bhith aca àn  
a bhith faicinn Prionnsa Ghàllaobb.  
Thàinig Ailbeart air ais mar cheith-  
reamh do dh’ochd.

Bha banarach ro laghach san làn éideadh Ghàllaobhach  
air a toirt air bòrd los gun faicinn-s’i. Fhuair sinn Mill-  
forr air a shoillseachadh dar thàinig sinn air a chlàr, agus  
bha teinechean-éibhinn an gâbhail sna h-uile àit.

Didòmhnuich, Adhgast 15g.

Thog sinn oirnn rithist aig ceithir uairean, ach an tarr-  
uinè so bha latha briagh againn, agus a mhuir cho chiùin  
ré an rathaid. Mu ànn uair diag chunnaic sinn tràigh  
monadail Siorrachd Chaitharnàrbhon, tha na monanain,  
ach is e th’annta da rìreamh beàntain ard, borb agus air  
an cumadh grìnn, agus tha Ailbeart ag gradh, gun robh  
iad toirt *Ischia* na chuimhne ro mhòr leis a mhuir ghorm  
dhòmhainn, bhòidheach agus na spèurain soilleir.

Air dhuinn tìghinn gu tòiseachadh Càolasain Mheänai  
thàinig sinn uile mach as an “Bhictoria as Ailbeart” agus  
chaidh sinn air bòrd an “t-Shìthich.” Chaidh an “Bhic-

toria as Ailbeairt” leis an “Iolair Dhubh” (air do’n dà dhuine-uasal-nan-each tìghinn marruinne), an “Undinn” agus an “Sciùrsa” air adhart mun cuairt air Eilean Angilsi taobh a Chinn Nàomh, agus, anns an “t-Sìthich,” an còmpanas na “Gàrlainn,” chaidh sinne do na Càolasain. Mar bha sinn a dal stigh, bha an sealladh de na beàntain grìnn le am fèurach beairteach—Dunsneachda ag éiridh briagh anns a mhiadhon—agus de na h-âchanain agus na còilltean gu h-ìosal da rìreamh glòrmhor. Tàobh na làimh chli tha an dùthaich baileach còmhnard. An sin thàinig Caitharnàrbhon san t-sealladh, le a sheànn Chais-teal maiseach air a shuidheachadh cho grìnn. Rinn sinn stad car tìotan mach bho so, ach cha deach sinn gu tìr. Chaidh sinn seachad dlùth theann air Plas Neuaidh (Plas Newydd) far an do chur sinn seachad sè seachdanain de’r n-ùine còig bliadhna diag air ais. Bha mi faireachdain mar gum bitheadh cuimhne agam air uile gu ro mhath; ach ghabh mi tuille tlachd anns na seallanain na bha mi an duil dheanainn thàobh mo bheachd roimhe.

Chaidh sinn seachad air Cragain Suilli a tha cho ainmeil, agus chunnaic sinn an obairchean (the works) a tha iad cur náird airson pìob an rathadréithill, agus an sin chaidh sinn fo Dhrochaid Mheanai agus stad sinn sa mhionaid air an tàobh eile. Bha dòmhlachdain a shluagh rìoghail ann an tòitich as am bàtachain, agus iad a cluicheadh “Gum bu fada beò a Bhànrighinn,” agus ri aighear gailbheach. Chaidh Ailbeairt agus Tearlach gu tìr agus choisich iad nùll an drochaid. Dar thàinig iad air ais chaidh sinn air ádhart rithist, agus stad sinn

aig spòt fuathasach bòidheach le seallanain Sùisseach chamhór, mu choinneamh Caisteal Peanruinn (Penryn) ait a Choirneil Dhùghlasaich Peanman (a chunnaic mi mus an robh e deas, an tìm an t-sealbhadair roimhe), agus fagasg do Bhangor, le a bhruachain coillteach, troimh am fàod neach an rathad mòr gu Bomàris fhaicinn. Bha na monanain dù-dhearg, leis an fhèurach gu h-ìosal agus a mhuir ghorm, baileach dealbhadail.

Dh'fhalbh Ailbeart agus Tearlach a dh'fhaicinn Peanruinn. Nuair thainig iad air ais fhuair sinn an dinnear iolar anns an "t-Sìthich", agus aig ochd chaidh sinn air ais leis a chlann agus le' muintir uile do'n "Bhictoria as Ailbeart". Bha am feasgar bòidheach agus an latha ro shoirbheach.

Dhùisg sinn dlùth an deidh cheithir, dìreach dar bha iad dal sheòladh, agus chur e òngantas oirnn bhith fair-eachdain na bìrlinn a stad ann bu làgha na ùair na dheidh. Bha nàieigin air dal air àimhreith mun chúidhil-ràmh—dìreach mar thachair an uiridh—agus ghabh e dà uair ga chur ceairt. An sin aig seachd uairean thog sinn oirnn as ùr. Maduinn ghrínn le muir ro chiùin. Roimh leth ann uair diag bha sinn an sealladh Eilean Manna, eilean briagh le monanain borb agus sgòrr-chragain. Dlùth air dà uair dhiag ràinig sinn an ruinn anns a Chamas, air am bheil baile Dhùghlas air a thogail, baile th'ann sùidh-eachadh fuathasach laghach, agus caisteal dealbhadail faisg air an tigh-sholus air an ruinn as fhaide mach anns a chamas. Stad sinn taic so car dheich mionaidean no ceithreamh na h-uair,—bha na cragain còmhdach le

sluagh. Bho Dhùghlas gu Camas Ramsai tha na monanain agus na sgòrr-chragain àrd agus borb; ged tha Ramsai fhé ìosal.

Bha sinn a sealladh tìr car dà uair, agus bha mise ìolar a sgrìobhadh. Dar thàinig sinn nàird air a chlàr aig trì uairean, bha tràigh na h-Alba lāmh rúinn, Maol Ghàll-aobha, agus an sin Siorrachd Bhigduin. Bha Ailbeairt a deanamh mach gun robh e faicinn tràigh na h-Èire, ach cha b'urrainn dōmh-sa a cōmharrachadh. Aig cóig thàinig sinn an sealladh Loch Rúithinn, agus chunnaic sinn Craig Àillsa aig éiridh nàird dìreach as a chuan còrr as mìl troidh. Tha Loch Rúithinn ro ghrínn, agus na bēanntain agus na glinn àillidh, gu sōnruichte Glēann Finnaird. Tha an Loch ro mhór, agus na monanain ro ard agus coillteach. Is e Stronrāthar an t-ainm th'air a bhaile bheag.

Dimàirt, Adhgast 17g.

Aig sè uairean thēann sinn ri carach. Maduinn bhriagh Aig ochd bha sinn dlùth air Craig Àillsa, aig am bheil cruthachd ro ainneamh. Bha mìltean air mhiltean a dh'èoin,—geòidh shùlair,—air a chraig, agus thilg sinn urchair trì tàrruinnean dh'fhéuchainn ri an toirt thàll stigh do'n ghunna—chaidh Ailbeairt agus Tearlach ris ach bu diomhan. Rithist thàinig sinn an sealladh an eilean bhòidhich, Arrain. Tha an ruinn as grinne air dhuit bhith fa chomhair an Eilean Nàomh, as do beachd air sreath bēanntain Gàoth Bhéinn. Tha dà mhìl agus

ochd ciad troidh (2800) san té as aird; tha iad comharr-  
aichte grínn troimh nan rúithenean biorach, borb th'aca.  
Romhpa tha Lamlais. An deidh dal seachad air an Eilean  
Nàomh thig thu gu Camas Bhrodthig a tha bòidheach le  
beanntain ard agus gleánn; mu coinneamh, agus cuairt-  
ichte le coille, tha an caisteal a tha Morair Dhùghlas a  
togail. An ùine ghoirid na dheidh thàin sinn am frádharc  
Eilean Bhòid, agus an sin dh'innthirig sinn a Chluaidh  
dheth am bheil beachd bòidheach bho àit Mhgr. Stiùbhard  
agus bho oighreachd Morair Bhòid: bruachain àrd, coillt-  
each, an âbhuinn fosgladh mach agus fàs nas fharsuinn,  
agus cuairtiche leis na beanntain astarach. Tha àit  
crion tàobh na làimh dhëis ris an abair iad Làrgs ann an  
súidheachadh ro laghach.

Aig leth ann uair ràinig sinn Grianaig, Pôrt Ghlaschu.  
Bha an cìthe agus na lóngain air an dōmhlachadh le  
sluagh: cha robh na bu lágha na nàò tōitich dhiag thair  
fhichead ann (mar chual mi bho sin) agus iad uile luchd-  
aichte thair na còrrach le sluagh, agus a chuid mhór  
dhiubh gar leanachad-ne! Cha robh a leithid a rud air  
fhaicinn riamh roimhe. Cuir ri so tōitich, bátachain,  
agus lóngain de na h-uile seòrsa, a luasgadh sna h-uile  
aird, ach gun bhith dal as an rathad! Airson sin, fhuair  
sinn stigh sàbhailte air bòrd an "t-Sìthich," agus thōitich  
sinn nàird uisge Chluaidh; bha cêathach ann agus cha  
b'urrainn dúinn an t-astar fhaicinn gu math. Chaidh  
sinn seachad air a bhaile chrion Pôrt Ghlaschu, agus  
mar bha e tēannadh dlùth air ann uair bha sinn stigh aig  
Caisteal Dhunbréatunn. Tha an súidheachadh aige ro

ghrìnn, a chraig ag éiridh nàird dìreach as an âbhuinn, na monanain uile mun cuairt, agus baile Dhunbrêatunn air a chùlaobh, ga dhcanamh ro dhealbhadaid. Chaidh sinn gu tìr stigh fo'n Chaisteal, agus dh'fhalbh sinn marri Tearlach agus ris a chlann ann an carbad thun na dāingh-nich. Bha dōmhladas mór ann ach bha ordugh gasd air a chumail. Chaidh sinn thun a bharra-bhàlla ach bha againn ri mòran stāpain a dhíreadh gu faotuinn na ònnsuidh. Bha Bhàllas air a dhuineadh an so, agus b'e fear de na caistealain mu dheireadh e a sheasamh mach an áobhar Bānrighinn Màiri. Bho'n bharra-bhàlla tha sealladh ro fharsuinn de dh'uisge Chluaidh agus de Dhunbrêatuinn, agus bu chòir duinn Béinn Lōmuinn fhaicinn ach bha i fo chèo.

Fhuair sinn air ais do'n "t-Sìthich" roimh leth trì agus thill sinn gu Grianaig, air ar léitigeadh le nàò tōitich dhiag, Thōitich sinn seachad air Grianaig, air ádhart gu Loch Lōng, agus, air an lāimh dheis, a seachnadh Rosnèath far am bheil an Diùc agus a Bhandiùc Earraghàdhall th'ann ceartair a fanachd. Tha Loch Lōng da rìreamh àilleadh, coig mìl diag air fad, cuairtiche le beāntain briagh agus a leithid de rúithenain grīnn, agus ro uaine—uile gu léir cho neocholtach ri tàobh shìos na h-Alba—agus an loch a camadh air adhart fuathasach bòidheach, air dhoigh as gun robh e na uairean coltach ri bhith dùinte uile. Bha Tearlach a gradh gun robh e a toirt Sùissarlann agus an Tìrol na chuimhne. Tha an ruinn as grīnne de Loch Lōng mar theid thu am frádharc Loch Goill. Bha sealladh gasd againn air a mhonadh ris an abair iad

“an Grèusaich;” cheann gum bheil am mullach coltach ri tear as e caramh a bhròig! Aig ceann an loch fhuair sinn pladha de Bheinn Lòmuinn, agus bha sinn, gun teagamh, ro fhagasg do Loch Lòmuinn.


Thàill sinn air an ann rathad air an d’thàinig sinn. Cha robh grian ann agus tarruinn no dithis bha beagan ceò ann; ach airson sin bha e bòidheach. Chaidh sinn air adhart gu Rodthsa agus ràinig sinn e aig ochd uairean, agus an sin stigh gun mhoille air bòrd an “Bhictoria as Ailbeart,” baileach sgíth ach airson sin làn sòlas agus toil-inntinn.

Tha anabhar toileachas-inntinn aig a chlann anns na h-uile nì, agus tha iad a giùlan leis an annas agus an luasgadh th’ann ann an doigh mhiorbhuilteach. Bha an sluagh ri glaodhaich-aighear fhuathasach ri “Diùc Rodthsa,”\* agus glaodh iad airson cuairt do Bhana-prionnsa Bhreatunn. Anns na h-uile àit tha na Gàdhaill ro theò-chridheach. Is e baile beag laghach th’ann an Rodthsa air thogail mun cuairt do camas grinn, le monanain anns an astar, agus le caladh briagh. Dar chaidh sinn air a chlàr-uachdar an deidh na dinnearach bha am baile uile soillsichte ro dealrach, na h-uile uineag an solus, agus bha an sealladh ro laghach.

Maduinn fhionnar bhriagh, na neòil beanachd air éiginn ri mullach nam beann. Aig ochd chaidh sinn uile air bòrd an “t-Sìthich,” agus nàird Càolasain Bhòid, a tha,

\* Onair is leis a mhac as sine aig Uachdaran na h-Alba, agus mar sin a bhuineas do Phrionnsa Ghàllaobh mar mhac as sine na Banrighinn, ionadach seann Rìghrean na h-Alba.

mar theid thu air adhart, a fàs baileach ghrinn, na monanain a laidh cho neònach an darna fear cùlaobh an fhir eile, agus a sealltuinn na uairean, mar gum bitheadh iad a gearradh dheth na h-uile doigh a dhal troimhe.



Chunnaic sinn Arrain taobh na laimh chli, agus e a sealltuinn ro briagh anns an astar. Tha sinn air bhith carchadh air ais agus air adhart dorlach math bho an dé, cheann chaidh sinn an comhair Arrain agus an Eilean Nàomh, agus an sin dh'fhàg sinn Cùmra Beag agus Cùmra Mor air an laimh chli; agus chaidh sinn suas gu Dunbréatun as air ais, rithist air adhart gu Loch Lòg, agus an sin gu Rodhsa, a fagail Arrain air ar laimh chli; an sin an deidh dal seachad air Arrain dh'fhàg sinn Loch Fionn. Ach bha mo ceann-sa goirt, agus le so bha mi an eisiomail dal gam shìneadh fhé iolar, agus cha do rinn mi ach tighinn air a chlàr rithist dar bha sinn mar uair thall-stigh do dh'Inbhiróra; far am bheil an loch a leudachadh agus na monanain air gach dal'ach taobh ro uaine agus stuadhach, ach gun bhith ro àrd.



Tha an dal-stigh gu Inbhiróra loinnreach; tha an loch fuathasach farsuinn; dìreach fo do chòmhair srèad ghrinn a bheanntain soillsichte nàird fuathasach òirdheirce, uaine geal-dhearg, agus liath-ghorm; taobh na laimh chli tha baile beag Inbhiróra: agus fos cheann, cuairtiche le coilltean giùthais, tha Caisteal Inbhiróra na sheasamh, ceithir-chearnach le turraidean air na h-oisinnean.

Bha an fhàoilte air a deanamh ruinn san fhìr fhasan Ghàdhallach. Choinnich an Diùc agus Bhandiùc Earra-ghàdhall (a Bhàintighearna ghaolach Ealasaid Libhison Ghobhar,) sinn marri Bhandiùc Sùtharlann, Morair Staford, a Bhàintighearna Carolin Libhison Ghobhar, agus Uailsean Bhlantàir air an làimhrig a bha uile na h-uidheam le fràoch. Bha an Comunn Gàdhallach, agus nam measg Càimbeulach Ile, a dhà mhac (fear dhiùbh as e air fàs mòr, agus am fear eile, na giulan beag ro laghach), na h-uibhir de na daoine aige, agus Càimbeulaich eile, air an tarrainn uile nàird dlùth air a charbad. Fhuair sinn staigh do charbad marris an dà Bhandiùc, Tearlach as an Diùc air a chobhan (bha sinn air a chlann fhàgail air bòrd an “t-Sìthich,”) agus ghabh sinn greasadh bòidheach measg cràobhain briagh, agus air ádhart gleann far am faca sinn Beinn Shìrar, as còrr. Bha an aimsir comharraichte grinn, agus bha sinn air ar tàladh gu mór le bòidheachas barraichte Inbhiróra; a cur fa chomhair mar tha e a deanamh a leithid de co-àonachadh de choille bhriagh, a bheanntain àrd, agus an loch cho uasal.

Bha na pìobairean ag imeachd roimh a charbad agus na Gàdhail air gach dal’ach taobh, mar bha sinn dlùthachadh

ris an tigh. Mach bha Marcas Làthuirn— aois dha bhliadhna a leanabh—òlachan crion gàolach, geal-bhàn, reamhar, le fàlt buidh-ruadh, ach cruth ro fhìnealta, coltach an dà chuid ri athair as ri a mhathair. Tha e na leanabh beag cho mear, agus cho neo-eisiomaileach. Bha éideadh as decaid de shiòda-molach dubh air, le sporran, brèacan, agus boneid Ghàdhallach. Fhuair sinn am mhiadhon-latha aig dà uair marri'r cinn-uidhe; na daoine-uailse Ghàdhallach le an tuaghain catha nan seasamh san t-sèamair. Chuir sinn fios air a chlann agus thàinig iad dar bha sinn ris a mhiadhon-latha. Dh'fhàg sinn Inbhirhaora roimh thrì, agus thug sinn a chlann leinn anns a charbad. Léidthig Uailsean Earraghàdhall, a Bhandiùc Sùtharlann, agus an fheadhain eile sinn gu bòrd an "t-Sìthich," far an do ghabh sinn beannachd leotha.

Bha an solus air na bēanntain bòidheach mar bha sinn toiteach sios Loch Fìonn. Aig coig ràinig sinn Loch-gìlp, agus chaidh sinn uile air tìr aig Ceannlochgìlp, bailechan crion far an robh dròbhain sluaigh, agus measg chàich Sir Iain P. Orde, a thug dhuinn coingheall ga charbad agus bha baileach modhail. Ghreas sinn fhé as ar cuideachd troimh a bhaile bheag dh'ionnsuidh Canàl Chrìanain, far an deach sinn staigh ann an iùbhrach bh'air a h-uidheamachadh fuathasach uile briagh agus air a tarruinn le trì eich, agus na gilleann marcaich ann an sgàrlaid. Shliob sinn air adhart fuathasach rèith, agus bha seallanain nam beann—sreath Chruachain—da rìreamh grìnn, ach bha t-ana ghlas diag bh'againn ri dhal troimh màirnealach (sàothair ro ainneamh, an toiseach

dal troimh na h-uibhir le bhith ag éiridh nàird, agus an sin troimh feadhainn eile le bhith tearnadh bhàn), agus, an àit do'n aiseag marsuinn uair gu leth, b'ann ghabh e dà uair gu leth, agus mar so bha e teann air ochd uairean air dhuinn Loch Crianan a ruigheachd. Chaidh sinn gun mhoille air bòrd an "Bhictoria as Ailbeart," ach bha e tuille as anamoch airson dal air adhart gu Obain; agus mar so bha againn ri bhith latha na b'fhaide air ar turus, agus chuir sinn seachad an oidhche aig Crianan. Is e spòt ro ghrìnn th'ann, beanntain mun cuairt uile, agus, anns an astar an fheadhainn aig Eilean Iùraidh. Bha aiseag gasd aig a bhìrlinn mun cuairt air Màol Chinntir. Fhuair sinn an dînneir comhla ri Tearlach agus chaidh sinn air an uachdar. Bha buaidh shèunta aig soillse nan teinechean-éibhinn lìonmhor, an leth-ghealach, na rannagain agus sàmhcharachd iomlan na h-oidhche.

Diardáoin, Adhgast 19g.


Latha bòidheach. Dh'fhàg sinn Crianan aig nàò uairean, a dal taobh na laimh dheis nàird beallachain briagh, agus eileanain gun chunntas, agus a leithid de dh'fhaicinnean séunta, as nach urrainn dhomh an aithris. Chaidh sinn an toiseach nàird an Càol Ràsach (Sound of Jura), far an robh dròbhain sluaigh gar coinn-eachadh ann am bàtaichean crìon, bh'air an uidheamachadh le bràtaichean beag; an sin nàird Beallach Chirarra gu Oban, tè de na spòtain as grìnne tha sinn air faicinn le làrach seana Chaisteal Dhunòlla agus srèad a bheanntain àrd san astar. Rathad na laimh chli, an deidh Òban

fhàgail chunnaic sinn Eilean Chirarra, agus air an laimh dheis, Caisteal Dhunstafnais, an t-àit as an d'fhàinig a chlach iomraiteach a tha na steidh aig "Caithair a Chrùnaidh" anns am bheil na h-uachdaranain air an crùnadh aig Abaid Bheasminnsear. Tha e air a ghradh gu bheil Alastair a Dhà air amhlag an so. Chaidh sinn seachad teann air craig chòmhnard ris an abair iad Craig na Bàintighearna, far an dh'fhàg fear a Chloinn Mhic Lèathainn a bhean aige, an duil gum bitheadh i air a sguabadh air falbh (leis an tòn)—ach bha i air a sàbhaladh airson sin.

An sin thàinig sinn stigh do Chàol Mhùile rathad Tobair Mòire, àit beag an suidheachadh laghach, bho sin tha na seallanain leanachd air bhith bòidheach. Aig ann uair bha sinn am fradharc Eilean Rùm, Èig agus Mùig (eileanain car mór bh'air an ceannach beagan bhliadhnachain air ais le Morair Shalisburi). Rithist chaidh sinn seachad air na h-eileanain neònach, còmhnard, fad, Còll agus Tìrì. Gu ro chruaidh-fhortanach, dh'fhuilinn luchd àiteachadh nan eileanain so fuathas, anns a gheamhradh so chaidh, troimh na gainne. Beagan na b'fhaide air adhart air an laimh dheis tha Eileanain Treisinnis, cragain ro ainneamh nan cumadh: their iad Ceap an Dùitsich, ri fear dhiubh agus tha an cumadh as neònaich air, mar so—







Eilean Stafanais.

Aig trì thilg sinn acair dlùth stigh air Staffa, agus fhuair sinn stigh do an iùbhrach san ath mionaid marri Tearlach, as ris a chlann, agus a chuid eile de'r cuideachd agus dh'iomaraich sinn an comhair na h-uamhaidh. Mar bha sinn dal mun cuairt an ruinn thàinig a chruthachd iongantach a ghlas-chrag san fhradharc. Tha an sealladh tha i cur fa chomhair fuathasach ainneamh: agus dar chaidh sinn mun cuairt air an oisinn gu dal stigh do *dh'Uamhaidh* chliùteach *Fhinn* bha am beachd briagh, mar rathad farsuinn stigh do thalla bôgha-chlisneach: bha e sealltuinn uamhalta cha mhòr mar bha sinn ag innthirig agus bha an iùbhrach sa bhogadanaich nàird as a bhàn air bòcadh a chuain. Tha i fuathasach àrd ach gun bhith nas fhaide na 227 troidh, [dà chiad, dà fhichead (troidh) sa seachd], as nas aimhlein na bha barail againn, gun bhith ach 40 troidh (dà fhichead) air lèud. Tha a mhuir eagalach domhainn anns an uamhaidh. Bha na cragain fò'n uisge air na h-uile dath—geal-dhearg, gorm agus uaine—agus bha e tilgeadh sealladh ro bhòidheach, mùiteach. B'e so a chiad tarrainn riamh bha a Bhràtach Bhrèatunnach, Banrighinn nan Trì Rìoghachdain, an duine aice, agus a clann air innthirig do *dh'Uamhaidh Fhinn*, agus leig na daoine trì gladhain-aighear as, agus bha an fhuaim ro dhrùiteach an sin. Chaidh sinn air ais an comhair chùil, agus an sin chaidh sinn air adhart beagan na b'fhaide a ghabhail sealladh de'n uamhaidh eile nach eil de'n chruthachd ghlas-chrag, agus ris an abair iad *Am Buachail*. Bha an làn-mara ag eiridh, agus theagamh ann an ann uair na b'fhadalaich nach fhaitheamaid stigh idir.


Thill sinn dh'ionnsuidh na bìrlinn ach chaidh Ailbeairt agus Tearlach gu tìr rithist air Staffa. Thàinig iad air an ais an ceann trì cheirea'nain na h-uair, agus chaidh sinn an sin air adhart gu I (Iòna); an so chaidh Ailbeairt as Tearlach gu tìr agus bha iad air falbh car uair. Bha mise agus na baintghearnain a tarruinn. Bha sinn faicinn làraichean seana chaithar-eaglais an Naoimh Oran bho'n bhìrlinn. Dar thàinig Ailbeairt agus Tearlach air ais bha iad ag innseadh gun robh na làraichean baileach iongantach, bha dà thigh Mhanaich air bhith ann, agus tha seana chroisean agus clachain-cuimhne a rìghrean bho shean ri fhaicinn fhathast. Air do dh'Ailbeairt tilleadh chaidh sinn air adhart rithist, agus ráinig sinn Tobair Moire aig nàò. Bha an t-àit air a shoillseachadh.

Dithàoine, Adhgast 20mh.

Maduinn fhliuch dar dh'èirich sinn aig leth ochd uairean, agus an t-uisge tròm ann dar ràinig sinn Tobair Moire aig leth nàò. Chaidh mi bhàn agus bha mi tarruinn agus dathadh dhealbhan. Thog an latha mu ann uair diag agus thàinig mi air a chlàr-uachdar. Bha na faicinnean an Loch Lânne àillidh—leithid de mhonanain bòidheach. Bho Loch Lânne dh'innthirig sinn do Loch Eil, as chaidh sinn seachad air tòiseachadh Loch Liobhan taòbh na laimh dheis, agus aig a cheann aig-se tha Gleann Còmhan, a tha cho iomraiteach, airson beachdain bòidheach, agus mùrt oillteil Chlànn Dòmhnuille (Cloinn Mhic Iain) ann an linn Uilleam a Trì.







Gearasdan Innir Lóchadh agus Bèinn Niveis.

Beagan roimh ann uair ràinig sinn Brùthach Màiri, no an Gearrasdan (Fort William) àit fuathsaach crìon. Bha am feasgar ro shoilleir agus na seallanain grìnn. An deidh am miadhon-latha thog Ailbeairt agus Tearlach orra anns an t-Sìthich a dh'fhaicinn Gleann Còmhain. Thill iad fichead mionaid an deidh sheachd, agus bha Ailbeairt am barail gum bheil Gleann Còmhain ro ghrìnn, gar an d'fhàinig e tur nàird ris na bha na bheachd. Ghreas iad ann an carbad fuathasach ainneamh, le suidh-eachanain airson deich thair fhichead. Bha an sluagh, a bha faithneach Ailbeairt, cho ròghail agus gun d'thug iad na h-eich as a charbad, agus gun robh toil aca gun tàrrruinneadh iad fhé e.

Bha am feasgar fuathasach fuar, is e frasach.

Tha mi fir dhuilich gu bheil againn ris a bhàrlinn, anns am bheil ar fardach air bhith cho garail, fhàgail màirich agus gu bheil an taisdeal taitneach so agus an turus am measg nan Lochain agus Eileanain an Iar aig an ceann, tha iad cho bòidheach,—cho làn a bhàrdachd agus a sgéulachd, shean-aithris, as cho so-ghleacta ri eachdruigh.

Ardmheirgi, Loch Lagan,  
Disàthuirn, Adhgast 21d.

Mo thruaigh! maduinn fuathasach fliuch. Bha sinn deas fad roimh nàò uairean, ach bha againn ri feitheamh, leis nach robh ar carbadain an ordugh. Mu dheireadh chaidh sinn uile gu tìr aig a Ghearrasdan, far an robh cruinneachadh mòr de Ghàdhail, anns na h-uile mùth breacan th'aca agus Morair Lobhat agus Mgr. Stiùbhard

Mac Coinnich air an ceann. Fhuair sinn staigh do'n charbad againn marri Tearlach agus an dithis chloinne; bha domhlachd mór ga'r faicinn air siùbhal. Ghabh sinn rathad fuathasach fiadhaich, ònrachdanach, agus a chuid mu dheireadh dheth baileach grínn, le beanntain a bha toirt Gleann Téilt na'r cuimhne. Cha do mhùth sinn na h-eich ach an ann tarruinn, agus mu dheireadh thàinig sinn an sealladh Loch Lagan. Is e loch bòidheach th'ann (crìon an coimeas ris na tha sinn air faicinn) cuairtiche le beanntain ro ghrínn: tha an rathad ri a thàobh baileach laghach. Chunnaic sinn Ardmheirgi, taigh Morair Abaircorn, fad mus an d'thàinig sinn ga ionnsuidh. Chan eil aig Lagan ach taigh beag seinnse, agus aig ceann an loch, iomarach no pôrt bàta. An so, a dh'aindeon an uisge a bha dòrtadh, bha na h-uibhir Ghàdhail air cruinneachadh, agus Mac Phearsan Chluani (ris an abrar an còmhnuidh Cluani Mac Phearsan) agus trì giulanain beag gàolach leis, Mac Dhaibhidh na Tùllaich, agus fcahdainn eile, còmhlara ri Morair Abaircorn, anns an làn éideadh Ghàdhallach. Thàinig sinn mach as a charbad agus sheasamh sinn air drochaid-shnàmh, agus mar so chroisg sinn ann an dà na trì mhionaidean. Ghreas sinn an sin air adhart, anns na carbadain-ponnaidh, gu Ardmheirgi, agus ràinig sinn e an ceann fhichead mionaid, na mur sin. Tha e dlùth-theann air an loch, agus tha an sealladh bho'n uineig mar tha mi sgrìobhadh nis, ged tha e dorcha leis an uisge, ro bhòidheach, agus baileach fiadhaich. Chan eil baile, tigh, na bothan thall stigh do cheithir na còig mhiltean dà: chan fhaighear na ionnsuidh ach leis a phòrt, neo le ìomaradh





Eòghan Mac Pheàrsain—Dealbh rinn a Bhanrighinu.

null an loch. Is e tigh-èunaich garail th'anns an tigh, air thogail de chloich, agus iomadh rùm taitneach ann. Tha cròcain féidh air an cur suas air adhart air an tàobh mach agus anns na trànsachain; agus tha bàllachain an t-sèamair-chuideachd agus an roimh-rùm air an cur an ordugh le dealbhain bòidheach féidh bh'air an tarrainn le Lannsir.

Chan eil mòran ri ghradh mu'r tuinneachas an Ard-mheirgi; tha an dùthaich fuathasach grinn, ach bha an aimsir oillteil.

Air an ochdamh latha fichead (28d), ghreas Ailbeart mach leam mu chòig uairean, null an t-aiseag, agus air adhart air rathad Chinnghiùsaich, agus bh'uaith so bha na seallanain briagh: monanain borb ard, le dorlach math coille; glinn, agus a Phâtog, agus eas crion; na lòintean an an so as an sin, an sluagh ris an t-sáidhe, agus bothanain sgapte nan suidhe an corra àit, a toirt Thüringen gu mòr na'r cuimhne. Ghreas sinn thun tuathanas beag far am bheil Coirneil Mac Phearsan a fanachd an drasd, ris an abrar Srathmhàshi, agus air ais rithist—sè mìl diag uile. Bha toileachas mòr againn anns na seallanain, tha iad cho comharraichte bhòidheach, fiadhaich agus allta, —agus a leithid de choille ghrínn mun cuairt daibh, nà tha mèudachadh bòidheachas lainntir ro mór.

Diordáoine, Septembar 16g.

Dh'fhàg Ailbeart sinn aig sè uairean sa mhaduinn an diugh gu dal do dh'Inbhirnis, agus a dh'fhaicinn a (*Chaledonian Canal*).

Dithàoine, Septembar, 17g.

Dh'fhàg mi Ardmheirgi aig dà uair leis a chlann, agus ràinig sinn an Gearrasdan aig leth seachd, agus bha an toileachas agam tachairt air Ailbeairt air bord na bìrlinn. Bha na h-uile nì air dal gu math; ach bha an aimsir air bhith ro dhona. Bha Ailbeairt a gradh gu bheil Dochfùr fìr bhòidheach; agus an taigh ùr fuathasach eireachdail, le gàraidh grìnn, agus am Mgr as Banamhgr Deòrsanna nan sluagh ro laghach.

Bha aig Ailbeairt ri dal dh'Inbhirnis, agus feitheamh ri bàl bha gu bhith aca. Chunnaic e Easain Fòighear, a tha, tha e ag ìnnse dhomh, dà rìreamh baileach briagh, agus a dh'àirde mhór; agus tha e gradh gur e obair ana-bharrach chomharraichte th'anns a *Chaledonian Canal*.

Loch Rùithinn,

Disàthuirn, Septembar 18g.

Dh'fhàg sinn an Gearrasdan aig cóig uairean. Mad-uinn car briagh, ach iomaghaoth mhór ann, agus a mhuir fuathasach fiadhaich, eadhainn far an robh sinne. Dar thàinig sinn air an uachdar bha sinn dlùth air Eilean Iùraidh, aig am bheil a leithid de ruithinean maiseach, borb. Chaidh sinn air ádhart Loch Crianan far an deach sinn staigh do'n iùbhrach. Bha an latha eagalach fiadh-aich, an t-uisge a tàomadh, cho ro neo-choltach ris an fhcasgar bhòidheach bh'againn an so roimhe bho chean mìos air ais. Chaidh sinn gu tìr aig Crianan. Rinn Mgr Calum, aig am bheil a chaisteal dìreach thàll mu



choinneamh, fàoilte ruinn an so, agus chaidh sinn staigh do bhàta a chanàil aig deich. Fhuair sinn air ádhart na bu luaithe an tarruinn so; agus bha an sluagh a dian ruith nar taic mar rinn iad roimhe, agus bha pìobair aig na h-uile glas is e a cluicheadh. Bha e ag uisge neart na h-uine. Ràinig sinn Ceannlochgilp aig dà uair dhiag, as e tàomadh, agus sinn dal air bord na “h-Iolair Dhuibh.” Bha a bhìrlinn air dal mun cuairt air Mòl Chinntìr, agus thachair i oirnn aig Baile-nan-Càimbeulach. Bha a leithid de dhiubhair air an aimsir seach dar thàinig sinn.

Fhuair sinn fo sheòl, agus chaidh sinn air adhart rathad Càolas Chillbhranain agus Arrain. Thàinig sinn air a chlàr-uachdar car tacan, ach bha sinn air ar ruagadh sìos leis an uisge; ach mu dheireadh, bha e comasach cumail air a chlàr. Rainig sinn Bàile nan Càimbeulaich, àit crìon agus gun bhith laghach, aig iomal Chinntìr, mur fhichead mionaid do choig. Mun cuairt do lethuair an deidh dhuinn ruigheachd thàinig a bhìrlinn stigh, leis a “Gharlann,” an “t-Sìthich,” agus an “Sciùrsa,” agus chaidh sinn gun dail air bòrd. Bha iad air ro dhroch aiseag a bhith aca, agus bha Caiptein Crispinn a gradh gun robh e ro thoilichte nach robh sinn air bòrd “an Bhictòria as Ailbeart.” Chuir so beagan cùram oirnn airson taisdeal an latha maireach, agus sin nas mùmha, leis mar bha a ghaoth sgiabach agus na spèurain ro ghruamach.

Bha combhairle fhad ann mu dheibhinn cìod a dheantar, agus mu dheireadh chuir iad romhpa gun siubhlamaid aig ceithir sa mhaduinn, agus nam bitheadh e ro fhiadhiach, gun rùitheamaid stigh do Loch Rùithinn,

Màl Ghàllaobha, do Bhágh Ramsai, no do Dhùghlas an Eilean Manna.

Loch Rùithinn,  
Didòmhnuich, Septembar 19g.

Thog sinn oirnn aig ceithir uairean, a bhàrlinn a luasgadh gu mór; ach ghabhadh e cur nàird leis; airson sin aig seachd thàinig iad bhàn a dhuin nan tùill-pùirt, an duil ri muir gharbh, agus chunnaic Morair Adolphus Ailbeairt a bha dìreach an deidh éiridh, agus thuirt e gum bitheadh e fuathasach fiadhaich; mar so bha e air shònrachadh dal air ais beagan agus dal staigh do Loch Rùithinn; agus a rinn sinn a réir so, agus thilg sinn an t-acair an sin aig leth nàò uairean—a leithid de latha le uisge as gaillionn; is gann a b'urrainn do neach an rud bha cho grinn, dar bhla sinn staigh an so mu dheireadh, fhaithneachadh.

An dà chuid an dràs, agus an tìm roimhe dar bha sinn an Loch Rùithinn, chuir Morair Orchedni, gu fuathasach modhail, sìthionn agus na h-uile seòrsa rud nar n-ionnsuidh.

Aig dà uair dhiag lèubhadh Morair Adolphus an t-sheirbhis ghoirid mara. An sin bha còmhra ann mu'rturus; agus mu ciod a ghabhadh deanamh;—bha an latha eagalach musach, a tàomadh le uisge, agus séideadh fuathasach ann. Mu dheireadh chuir iad romhpa togail orra aig trì, agus fhàotuinn am feasgar so, gu ruig Màl Ghàllaobha, rud a dheanamaid mach ann an trì uairean, ged bhitheadh e theagamh fiadhaich. Cho luath sa bha sinn as an loch, thoisich a bhàrlinn air tilgeadh, agus bha mhuir eagallach garbh. Bha mise fuathasach dona.

Sheasamh Ailbeart ris airson sin gu baileach, agus a chlann an iarruidh mhath. Anns an ath mhionaid thàinig sinn am fràdharc Mòl Ghàllaobha, craig mhòr agus taigh-solus oirre;—as b'è so am plàdha mu dheireadh bh'againn de dh'Albainn gàolach.

Diluan, Septembar 20mh.


Fhuair sinn fo sheòl aig sè uairean, agus an dèidh “luasgadh” math, a lean air car dà uair, bha sinn dlùth air Eilean Manna, ann an uisge ciùin, agus aig leth nào uairean thilg sinn an t-acair ann am Bágħ Ramsai.

Chaidh Ailbeart gu tír, agus fhad sa bha e air falbh thàinig Easpuig Shodor as Mhanna agus feadhainn eile air bòrd. Bha Ailbeart air ais aig dà uair diag. Aig ann uair thog sinn oirnn. Bha againn ri dal air ar sochdair an toiseach, leis mar chaidh a chuidheal-ràmh air aimhreith a rithist, agus cuideachd, cheann nan deanamaid atharrach, gun ruigeamaid mus bitheadh dùil aca ruinn.

Dh'acraich sinn aig seachd an Cäladh Fhlìtbhùd; bha an innthirig baileach aimhleathan agus drághail. Bha sinn air ar teaghrachadh dlùth ris a chithe, gu'r cumail eagal as gum faodamaid bhith air ar tionndadh leis an làn; agus nuair chaidh mi air a clàr-uachdar bha luasgan mór ann, leithid a ruith sa ghlaodhaich, sa a dhrághadh air tàodain, as còrr. B'è oidhche mhùladach bh'ann, agus an séideadh fuathasch.

Dimàirt, Septembar 21d.

Chaidh sinn air tír aig deich uairean, agus air adhart leis an réithill gu Lûmainn.



Suaicheantas Albainn.

# A BHEATHA ANNS A GHÀLLTACHD,

1848 GU 1861.


---

Thìr an fhraoich dhuinn ; thìr choillte' nan dos,  
Thìr nam beànn as nan tuilte' gun chlos—  
Tìr mo shinnsear ! nìr fhaicear an lamh  
A shìnteadh am feasd a charach na bann  
Tha tiomadh mo ghràdh ri do gharbhach cho teann !  
Th'air leam, as mi fràdharc do bheachdean bha'm eòl,  
Mo smàointean mar tha, as mar bha e an tòs,  
Iad uile, a bhith nis air dal tharad air chall,  
Mach bho'n choille, as na h-uillt ud thall—  
Saor chàirdean gun atharrach tha fhathast ad chòir—  
Sìor beothachadh mo ghràdh-sa ad chruathas nas mò.

*Duan a Chlàrsair mu Dheireadh.*







Sean Chaisteal Bailmhorail



## A CHIAD BHARAIL DE BHAILMHORAL.

---

Bailmhoral,  
Disàthuirn, Septembar 8mh, 1848.

RAINIG sinn Bailmhoral aig ceithreamh roimh thrì. Se caisteal beag lághach san t-sean fhasan Albannach th'ann. Tha tùir dhealbhadhail, agus gàraidh air a bheulaobh, agus monadh àrd cóillteach; air a chùlaobh tha coille bhàn thun na Dé; agus tha na beanntain ag éiridh nàird sna h-uile cuairt.

Tha tàlla beag taitneach ann, agus sèamair-bùill; agus leth ri so tha an sèamair-dînnear. Urad an staidhir (agus an dal nàird air ionad-stàidhreach farsuinn, gasd) dìreach taic na laimh deis, agus fos ceann an t-sèamair-dînnear, tha an rùm-suidhe againn (an rùm-cuideachd roimhe), rùm mór briagh—agus leth ris tha an sèamair-lèapa againn a fosgladh do shèamair-ùidheamach crìon th'aig Ailbeairt. Mu choinneamh so, beagan stàpain bhàn tha na trì rumachain aig a chlann agus Miös Illiar. Tha na bàintighearnain a fuireach iolar, agus na dáoine-uailsc ùard an staidhir.

Fhuair sinn am miadhon-latha sa mhionaid, agus aig leth ceithir uairean ghabh sinn sràid mach, agus dhìrich sinn gu mùllach na beinn chóillteach a tha mu choinn-

eamh nan uinneagain againn, far am bheil càrn agus frìrathad làghach a fiaradh nàird ris.

Tha an sealladh bho so, a sèalltuinn bhàn rathad an taigh, sèunta. Tàobh na làimh clì tha thu a faicinn nam beanntain bòidheach a tha cuairteachadh Loch na Gäraidh, agus tàobh na laimh deis an cōmhair Bhailatar, an gleann (no an coire) trōimh am bheil uisge Dé a lùbadh, le monanain grīnn cóillteach, a bha toirt Thüringerbald ro mhór gu ar cūimhne. Bha e cho sàmhach, agus cho àonarach, agus bha e a deanamh stàth do neach mar bha e beachdachadh mun cuairt; agus bha fàile ghlan a mhonaidh a toirt ùrachadh fuathasach. Bha na h-uile nì mar gum bitheadh e brùcadh mach sàorsa as sìth, agus a toirt air neach a bhith dichūimhneachadh an t-sòghail agus a shàrachadh gràineil.

Tha na scallanain àlta ach gun bhith fàsachail; agus tha na li-uile nì a sealltuinn mòran nas soirbhich agus nas mùmha comhachadh na aig Lagan. Rithist tha an talamh tioram taitneach. Ghabh sinn sràid taic uisge Dé, srùth bòidheach, brais, a tha stáigh dlùth air cùlaobh an taigh. Tha na beanntain rathad Innirchällaidh ro briagh.

Dar thàinig mi stáigh aig leth seachd, chaidh Ailbeairt mach dh'fhèuchainn ri fhortan air beagan dhaimh a bha nan laidh shiös dlùth oirnn anns a choille, ach cha deach an t-sealg leis. Thig iad bhàn air cuid a dh'òidhchenean glé theann air an tigh.





Loch na Gàraidh.

## A CHIAD DÌREADH RI LOCH NA GARaidH.

Disàthuirn, Septembar 16g, 1848.

AIG leth deich uairean, thog Ailbeairt agus mise oirnn ann an carbad-puist, agus ghreas sinn gu drochaid th'ann an coille a Bhàlloch Bhuidh, mun cuairt do chóig mìl bho Bhailmhoral, far an robh na pònnaidhean agus a mhùinntir againn. An so chaidh sinn air mun nan each, agus bha forsair th'aig Mghr. Mac Fhearchair g'ar frithealadh mar threòraich, Mac Dhòmhnuil\* —a bha coltach ri dealbh na dheacaid èunaich agus san fhéile aige—an Gränntach†

\* Eunadair (Jäger) th'aig a Phrionnsa, a thàinig bho Chillechuimean, san Aird-an-iar: bha e còmharrachtaichte ard, eireachdail. Fhuair an duine bochd bàs leis an tinnneas-càith aig Bhìnn-sor, am Maigh, 1860. Bha a mhàc bu shine na Fhear-cuideachd leis an Teachdaiteachd Bhrèatunach ann an Iapan. Fhuair e bàs ann am 1866. Tha an treas mac, Gilleaspig, na Eunadair (Jäger) aig Prionnsa Ghàllaobh, agus bha e car bliadhna aig a Phrionnsa ghàolach.

† Ard-fhorsair. Bha e air bhith fagasg do dh'fhichead bliadhna aig Sir Rob Gordan, nào dhiubh mar fhorsair; rugadh e am Braigh Mhàrr, anns a bhliadhna 1810. Tha e na dhuine gasd, ro earbsach, agus còmharrachtaichte gèur, agus tùrail, agus taobh shònruichte aig ris a Phrionnsa agus rium fhé. Tha gnuis chiallach ghrinn aige. Bha am Prionnsa ro deidheil air. Tha seathnar mhàc aige—tha an dara fear, Allai, na ghille sèamair-éideadh aig Leopald am mac againn: tha iad uile na gillean math, giùlanach orra fhe, agus fàotuinn air ádhart gu gasd anns na h-uile gné deannaich sam bheil iad. Tha am màthair, seann bhoirionnach grinn, slàn, ceithir fichead bliadhna dh'òis, a fanachd ann am

air pònnaidh, leis a mhiadhon-latha ann an dà bhasgaid, agus Batterbùri\* air pònnaidh eile. Chaidh sinn úibhir ri astar mìl air adhart nis troimh na coille bhòidheach sin, agus an sin thìonndadh sinn agus thòisich sinn ri dìreadh chuid sa chuid, agus na seallanain sìr fhàs na bu ghrinne, gun rathad ach an talamh lóm, gun bhì dona—còinneach, fràoch, as clachain. Chunnaic Ailbeairt feidh air dhuinn bhith mach mu thrì cheir'nean na h-uair, agus rúith e a shealg orra, fhad sa bhithinn-se a leigeadh m'anail; ach bha e mionaid tuile's fadalach. Dh'fheith e rium-sa air tàobh thàll àltan beag clachach, a chroisg mi air mo phònnaidh, an deidh do'r Gàdhail dhìleas pàirt de na clachain a charrachadh as an rathad, los gum bitheadh e na b'fhasa. Chaidh sinn air adhart beagan astair agus thàinig mi bhàn a choiseachd bideag, agus an deidh so chaidh mi nàird rithist agus Mac Dhòmhnuil an ceann mo phònnaidh. Bha an sealladh de Bheinn a Bhùird, agus de na h-uile nì mun cuairt cho mhath sin ro bhòidheach, ach mar dhìrich sinn na b'airde chunnaic sinn cèo air Loch na Garaidh. Dh'fhàg Ailbeairt mi gu dal an deidh tàrmaichean, agus chaidh e air adhart marris a Ghrànntach, am feadh sa dh'fhuirich an fheadhainn eile còmhla rium-sa, a gabhail ro mhòran cùram dhiom. Is e duine còir fìrinneach th'ann Mac Dhòmhnuill, agus

bòthan beag thog am Prionnsa dhi anns a bhaile againn fhé. Tha e fhé a fuireach ann an Taigh-gèata làghach ris an abrar a Chrúight, mu mhil bho Bhailmhoral, a thog am Prionnsa dhà.

\* Gille-each (nis marbh na h-uibhir bhliadhnachain) a bha gam leanachd na àodach cumainte, le bòtain tana agus moganain, agus bha fada bho bhith toilichte. Is gann fhritheil e mi riamh tuile an deidh so.



I. Grannt—an t-Ard Fhorsair.





chan fhaithtear fàilinn annsa, agus bha Batarburi bochd ro thaitheamach cuideachd.

Chunnaic mi tàrmaichean ageiridh, agus Ailbeairt a tilg—chaidh e an sin as mo shealladh, agus mharcaich mi air adhart. Dh'fhàs e fuar, ceòthar dar bha sinn air Loch na Garaidh. An ceann leth uair, na beagan na bu lágha, thàinig Ailbeairt far an robh mi le dà thàrmachan air dha tighinn nàird rathad aithghearr.

An so bha e làn shochrach, a coiseachd glè fhurasd, agus sinn sealltuinn bhàn air dà loch chrion ris an abair iad (Lochain) nan Ian, a bha ro neònach, leis mar bha iad cho àrd anns na monanain. Bha Ailbeairt air fàs sgìth, agus chaidh e air muin a phònnaidh rithist; bha mise air a bhith coiseachd beagan cuideachd. Thòisich an dìreadh, agus còmhla ris cèò anabarrach tiugh, agus dar bha sinn dìreach thun bhìth aig mùllach Loch na Garaidh, theann an cèò ri cruinneachadh na neòil thiugh air chor as gun robh e falach na h-uile nì nach robh thàll stáigh do chiad slat dhuinn. Fagasg do'n fhìr bhinnean (an rúinn ghrìnn de'n bheinn tha ri fhaicinn cho mhath bho a bhràigh táigh a Ghrànntaich) thàinig sinn bhàn agus choisich sinn, a stréapadh nàird ri scàirneach chlachain dh'ionnsuidh àit far an d'fhuair sinn súidheach-an ann an còs chrion, agus bha beagan miadhon-latha againn. Bha e dìreach dà uair, air chor as gun do ghabh sinn ceithir uairean dal nàird.

Ach, mo chreach! gun nì ri fhaicinn; agus bha e fuar, fliuch, agus arsnealach. Mu fhichead mionaid an deidh dhà thog sinn oirnn ris an rathad bhàn, a ghaoth

seideadh doinionn, agus an ceathach mar gum b'uisge bh'ann, agus na h-uile nì fìr dhorcha. Bha Bòman (forsa-air Mhgr Mhic Fhearchar), agus Mac Dhòmhnuille, a bha air thoiseach oirnn, a sealltuinn mar gum b'e tannasgain bhitheadh annta. Choisich sinn tacan an rathad gus an robh mise air càll m'anail baileach, agus an deach mi nàird air mo phònnaidh rithist as mi air mo dheádhd phasgadh mun cuairt le breacanain; agus thàinig sinn bhàn air an rathad air an deach Ailbeairt nàird a tha nas giorra ach nas corraich; dh'fhalbh an pònnaidh gu fònnar ach bha mi gam fhaireachdain fhè arsnealaeht leis a ceò. Chum Ailbeairt air thòiseach oirnn car tacan bheag, airson tàrmaichean, ach leig e dheth e rithist. Dar chaidh sinn air adhart car uair as ceithreamh no mu uair gu leth, theich an cèo air falbh mar gum bitheadh drúidheachd ann, agus bha na h-uile nì fo dhealradh grèin iolar fòdhainn, agus theirinn, mu mhìl troidh bho'n mhùllach. Fuathasach farranach! airson sin, bha neach toilichte a bhith faicinn sóillse gréin as solus lâtha ann uair eile.

Tha am beachd, mar tha urra tighinn bhàn, thair Inbhìrchàllaidh agus a choille ris an abrar am Bälloch Buidhe fuathasach àillidh. Chunnaic sinn féidh anns a choille gu h-iosal. Mharcaich sinn air adhart gus an dh'thàinig sinn thair an àllt, agus an robh sinn thun a bhith aig a choille. Thàinig sinn bhàn rathad eile ach air lorg móran na bu chlachaich; agus an sin choisich sinn bho'n rathad anns a choille nàird dh'ionnsuidh easain a Gharbhúillt a tha bòidheach. Tha na cragain ana-bharrach briagh, agus an sealladh bho'n drochaid, agus





cuideachd bho shúidheachan beagan nas ìllse, fuathasach lágach. Fhuair sinn ar carbadain air an rathad mhór, agus ghreas sinn dhachaidh mu shè uairean.

Thachair sinn air Caiptein Gordan, agus an sin air Mórair Iain Rosel agus Sir Sèumas Clàrc. Bha iad air tìghinn mach a shealltuinn air ar son, agus dar thàinig sinn thun an taigh fhuair sinn an dà bhāintighearn aig an doras agus iad ro iomaganach a feitheamh rúinn.

## “GREASADH” SA BHALLOCH BHUIDH.

---

AIG ceithreamh an deidh dheich thog sinn oirnn ann an carbad-púist le Běairti, a greasadh gu seachad air táigh forsair Mhgr. Mhic Fhearchair sa Bhálloch Bhuidh. Anns an àit so chaidh sinn air mun nam pònnaidhean againn, Běairti san dlòlaid-fheidh air pònnaidh a Ghrànntaich, gille na chēann, as an Grànntach e fhé a coiseachd ri thàobh. Bha Mac Dhōmhnuill (sealgair le Inbhirchallaidh), as na h-úibhir ghillean marruinn, agus bha Bòman as sēann Artair Mac Fhearchair air thoiseach oirnn. Thug iad nàird sinn air lethrathad bòidheach, a lùbadh feadh nan cràobhain agus an fhràoich anns a Bhálloch Bhuidh; ach air dhúinn bhith air dal mu mhìl na tuille thàinig iad air feidh. Bha “cōmhairle chatha” air a cumail ann an cagar, agus thill sinn air ar n-ais, dal bhàn na h-uile céum an rathad rithist, agus mharaich sinn leinn fhé air adhart gu táigh an fhorsair, far an do tionndadh sinn nàird dlùth stáigh fo Chraig Dāign, trōimh mirgrinn de’n choille, agus chum sinn air an lúirg gu rúig bun na craig far an d’thàinig sinn uile bhàn,

Strēap sinn suas ri àit bha, cha mhór dal dìreach nàird as d’athar, gu far an robh bōthan(*bocsa*) crion, mu chòig





Mac Dhòmhnall am fàth air na Féidh—Dealbh rinn Prionnsa Ailbeart.




troidhean air àirde, air a chur suas de chliathain air am fitheadh mach sa stáigh le barrach giuthais agus fràoch.

Rinn sinn súidh an so le Bëäirti, agus Mac Dhõmhnuill na shìneadh san fhràoch tèann oirnn, cumail faire as e làn fhàlaichte; bha cuid air dal mun cuairt a thogail na fáoghaid, agus bha cuid eile rithist a fèitheamh tâcain as. Bha sinn nar suidh baileach sãmhach agus a tarruinn beagan; mise a deanamh na tìr agus cràobhain, Ailbeairt a tarruinn Mhic Dhõmhnuill mar bha e na laidh an sin. Lean so car uair, dar shàoil Ailbeairt gun robh e cluinn-tinn fuaim san astar, agus, ann am beagan mhionaidean, rinn Mac Dhomhnuill cagar gun robh e faicinn dāimh agus gum bu chòir do dh'Ailbeairt fritheal agus āmharc chinnteach a ghabhail. Chual sinn iad tighinn seachad. Cha robh Ailbeairt sealltuinn thair a bhócsa ach trõimh, agus leig e urchair trõimh nan slàtain agus an sin rithist thair a bhócsa; chaidh na féidh air ais ach bha Ailbeairt ion as cinnteach gun do bhean e do dhāmh. Ruith e nàird far an robh na forsairean, agus anns a cheart mhionaid ghlaodh iad bho's an ìosal gun "d'fhuair iad e", agus rúith Ailbeairt air adhart a dh'fhaicinn. Dh'fheith mi car mionaid; ach ghrad streäp mi air adhart le Bëäirti agus Mac Dhõmhnuill gam chõmhnadh; agus thàinig, Ailbeairt gun dàil far an robh mi agus chaidh sinn uile agus chunnaic sinn dāmh briagh, "fear ròghail," bh'air tuiteam, beagan an deidh do dh'Ailbeairt beanachd dhà, aig casain fear de na daoine. Bha an t-sealg sóirbheach, agus na h-uile duine toilichte,—Mac Dhõmhnuill gu sòn-ruichte agus na forsairean;—esan a gradh "gum b'ann le

a Mórachd a thighinn mach bha an sóirbheas math air a thoirt nan cäraibh". Bha e air shàolsinn gun robh "cas chòdhalaich mhath" agamsa, nì de am bheil na Ghàdhail a gabhail móran aire. Choisich sinn bhàn thun an àit bho'n d'fhàinig sinn nàird mu dheireadh, chaidh sinn sa charbad, agus bha sinn dhachaidh aig leth trì uairean.





Airidh Allt na Gàithasach.

## A CHIAD TUINEACHAS AIG ALLT NA GIUTH- ASACH.

---

Adhgast, 30d, 1849.

AIR dhuinn ar litrichean a sgríobhadh, thog sinn oirnn air na pònnaidhean, le Miös Dàson, Mac Dhömhnuill, an Gränntach, Batterburi, agus Séumas Cùtse; is e Shéumais a Ghàidhlig aig Séumas, agus is e am fuaim aig 'Hémis.'\*

Tha an rathad air a leasachadh bho'n uiridh, agus ged tha e car garbh fhathast, chan eil àthnachain ri chrosg no fìr dhuilichinn sam bith ann tuille. Mharcaich sinn ré an rathaid, cha do rinn Ailbeairt a choiseachd ach an dà mhìl mu dheireadh. Ghabh e leasan Gàidhlig air ar siubhal, as e a fòighneachd fhacail de Mhac Dhömhnuill aig am bheil Gàidhlig anabharrach glan, agus a toirt air a bhith ga brúidhinn ri Séumai Cùtse. Tha Ailbeairt air togail iomadh facal cheana; ach is e cāinnt ro dhuilich th'innte, oir tha iad ga fuaimneach ann am muth doigh uile gu leir seach mar tha iad ga sgríobhadh.†

Ràinig sinn ar "böthan" crion aig dà uair, agus chuir an

\* Tha a Mórachd a ciallachadh an dòigh san abradh tu an t-ainm aig Séumas nam bitheadh tu ga gáirm na d ionnsuidh, no a tarruinn aire gu nì sam bith. Ea.

† Tha a Mórachd gle fhior an so; cheann is tric le coigrich bhith

t-atharrachadh th'ann iongantas oirnn. Tha dà tháighean ann, agus tha mir air chur am fiodh ris an fhear sam bheil sinne a fuireach. Tha rûm-dinnear crion seunta againn, seämar-leapach, agus rûm-uidheamachadh, uile *en suite* (an rúith cheile,) agus tha seämar crion ann far am bheil Seàrlat Dàson (a Mhaidean-Onair) a cadal, fear airson a searbhanta, agus biatach chrion. Anns an táigh eile nach eil ach slät na dhà as, tha an cidsinn, far am bheil an sluagh suidh an cumantas, rûm crion far am bith na seirbhisich gabhail an dinnear, agus fear eile, a tha na nadur rûm-stòir, löbhata fos a cheann far am bheil na fir a cadal. Is e Mairearad Fhrängach (an t-searbhanta agamsa), searbhanta Seàrlat, Löhlein\* (gille-pearsa Ailbeairt), còcair, Seachal,† Mac Dhömhnuill, na tha a mhüinntir cömhla ruinn san táigh, mar eil seann Iain Gordan sa bhean ann. Tha na rûmachain againn air am paipéarach gu taitneach, na clisnichean múllaich cho mhath ris na ballachain, agus air an airneiseach grinn. Fhuair sinn am miadhon-latha cho luath agus a ràinig sinn, agus aig trì choisich sinn sìos (sràid a dh'fhichead

stàile fuaim nan litrichean aca fhé an co-ghleachd ris a Ghàidhlig; ach is còir a fuaimneach an còmhnuidh le cumhachd a h-aibidil fhé, agus an sin chith neach gle luath gur ainmig gheibhar càinnt th'air a lathail-teachadh an litir cho scólta agus cho cinnteach ris a Ghàidhlig. Ea.

\* Dh'eiridnich an gille-pearsa firinneach, dileas so a mhaighstear gàolach na thínneas tùrsach an Deseämbär, 1861, le cáoimhneas teò-chridheach agus tha e nis an còmhnuidh marrium mar mo gille-sèamarchain fhé, no gille-pearsa. Thug mi dhà táigh dlùth air Caisteal Bhinnsoir far am bith e fuireach dar bhitheas a chùirt aig Cöburg. Tha athair air bhith lethchiad bliadhna na Fhòrsair aig Fülbach an Cöburg.

† Bha e anabharrach sgairteal agus comasach. Tha e nis na ghille-bànrighinn.

mionaid) thun an loch, ris an abrar “Muich”; a tha, tha iad a gradh, a ciallachadh “dùbhachas”, no “bròn”. Fhuair sinn bàta mòr an so ann san deach sinn uile stáigh, agus dh’iomairich Mac Dhómhnuill, Donnacha, an Gránntach, agus Cútse; agus bha seann Iain Gordan agus dithis eile, air dal ann am bàta eile leis an lìon. Dh’iomairich iad nàird gu ceann ùard an loch, gu far am bheil a Mhuich a ruith bhàn as an Dù Loch, a tha air an tàobh eile.

Tha na fàicinnean aig an àit so bòidheach, cho àlta agus cho briagh; fìr fhaicinnean dùr Albannach agus cràobhain anns a ghlaic. Bha stréap na dhà againn mach sa stáigh air a bhàta agus air adhart air an tràigh, agus chunnaic sinn trì seobhaic, agus ghlac sinn trì fichead breac sa deich. Bhithinn toilichte nan robh fear-tarruinn an sin, a dheanamh dealbh de’n t-sealladh; bha e cho dealbhadail—am bàta, an lìon, an sluagh anns na féiltean, san uisge, agus air an tràigh. San dal air ais dh’iomairich Ailbeart, agus stiùir Mac Dhómhnuill, agus bha na sóillsean bòidheach.

Thàinig sinn dachaidh beagan an deidh sheachd. Aig ochd fhuair sinn an dinnear; Löhlein, Mac Dhómhnuil agus Seachal gar frithealadh. An deidh na dinnearach chluich sinn air cairtean còmhla ri Searlat Dàson air *bhíst* agus *dùmmi*, agus an deidh sin shràidimich sinn mun cuairt an gàraidh. Bha an t-sàmhcharachd agus an àonarachd, bh’air am bristeadh a mháin le luasgadh nan cràobhain giuthais, ro shòlaimte agus drúidhteach.

## RUAIG ANN AN COILLTEAN OBAIRGHEALLAI.

---

Septembar, 3s, 1849.

AIG ceithreamh an deidh ann uair diag, ghreas sinn (as an triùir dhaoine uailse a dal ann an carbad eile,) a dh'ionnsuidh an rathaid air an deach sinn air adhart mar ri Mórair Pörtman an latha roimhe, agus nàird gu rúig frithrathad crìon, far an deach mi air mun mo phònnaidh, Ailbeairt agus an fheadhainn eile a coiseachd, Thàinig sinn gu Ceann-na-coille, agus bha Ailbeairt air thogail ro mhór ris an t-sealladh ghrinn. Bha na sóillsean baileach briagh, ach an teas clàoidhteach, agus a ghrian loisgeach.

Thionndaidh sinn thun na làimh deis dar fhuair sinn mach air na mòininean, far an d'fhàinig mi bhàn agus an do choisich mi; agus rinn sinn súidh cùlthaobh cloich mhór gun ghin marruinn ach Mac Dhómhnuill a lion nan gunnachain, agus aig ìnnseadh dar bhithheadh nì sam bith air fhaicinn, mar bha e na shìneadh air an talamh. Bha na daoine uailse gu h-ìosal air an rathad; chaidh a choille a ruagadh ach cha d'fhàinig nì, an sin choisich sinn air adhart agus thàinig sinn bhàn gleann bòidheach tiugh-chóillteach; agus an deidh dorlach math strëäpadh gu fàotuinn nàird ri darna tàobh a ghlìne, rinn sinn súidh bhàn rithist. An sin strëäp sinn nùll thun na tàobh thàll



far an d'fhalaich sinn sinn fhé tarruinn eile. Air an ruaig thilg Ailbeart earb, agus b'é mo bharail gun tilgeadh e tuille air bhith gun do theich iad air ais, leis mar thuit do sheann bhoirionnach tighinn cabhagach san t-sealladh agus i a sealltuinn coltach ri buidseach, a falbh air dà lorg ghailbheach, a dal air adhart troimh na coille agus chuir i luasg fo'n rud uile. Mharbh Ailbeart an earb dìreach mar bha ise a tighinn air adhart agus thug an urchair clisg ro mhór oirre; bha e air iarraidh oirre tighinn bhàn, rud a rinn i, agus shúidh i ìolar an ìochdar a ghlinne, gun charachadh, agus i air a cēann a chōmhachadh le a nèapuis. Dar thàinig dithis de luchd na ruaig bhàn agus bha e air iarraidh orra dal agus an earb a thoirt nàird, b'é so a chiad sealladh dhaibh-se de'n t-seana chaillich agus chlisg iad agus sheall iad le óillte—rud bha aighearrach ri fhaicinn. Mharcaich mi car tacan an deidh so, as an sin shúidh sinn cùlaobh pris, deireadh na coille, fagasg do'n táigh-tharruinn; ach cha d'thàin dad as an ruaig so. Mharbh Ailbeart, coileach dùbh mus an d'thàinig sinn a dh'ionnsuidh na dara ruaig. Bha sinn dhachaidh aig ceithreamh an deidh thrì uairean.



## SGRIOB GUS AN DU LOCH, AGUS CÖRR.

---

Septembar 11g, 1849.

Bha a mhaduinn anabharrach briagh. Chual mi a chlann a gradh beagan bardachd Ghiarmailteach bharr an teangaidh, agus an sin thog sinn oirnn aig deich uairean marri baintighearna Dhùro\* anns a charbad againn, agus ghreas sinn air adhart gu tàobh Innse Bobard, mùthadh nan each dlùth air Torrbheatha, agus a stad car mionaid aig Linne na Muich; fhuair sinn na pònnaidhean an so, agus chaidh sinn air am muin, a crosg àthan na h-âbh-uinn, agus an sin, cha mhòr, nach robh sinn san ath char aig a bhòthan. Cha do stad sinn an sin ach car mionaid agus chaidh sinn nàird air na pònnaidhean rithist gun dàil; an Grànntach, Mac Dhõmhnuill(bha an ceann mo phõnnaidh-se rè na h-ùine, agus a bha baileach úiseil agus furachail), Séimai Cùtse (an ceann fear Baintighearna Dhùro), Tearlach Cùtse, agus Iain Brùnach dal marruinn: agus seann Iain Gordan a seòladh an rathaid. Bha e leth ann uair air dhuinn tòiseach air an dìreadh ris a mhonadh bho chùlthaobh an taigh a dal air adhart th'air nam beann, gus an do ràinig sinn àirde mhór. Bho so bha am

\* Nis Bänndiuc Bhellington.

beachd fuathasach grinn, as e crochadh staigh tur air an loch, agus sealladh farsuinn aig air Gleann Muich thall air an taobh eile. Bha an rathad sìr dhal na bu mhiosa. Dh'fhàs e anabharrach olc dar bha againn ri dal troimh a Ghlasúillt a tha tuiteam san loch, agus a bha baileach làn. Bha a leithid a dh'uisg air bhith ann, agus gun robh na h-ùillt agus na h-âbhuinnichean fuathasach mór, agus an talamb fìr bhóg. Mharcaich sinn th'air Monadh na Sròin agus bha a ghàoth a séid eägalach làidir air dhuinn am mùllach a rúigheachd. Bha Ailbeart a coiseachd cha mhòr bho'n an chiad dal mach, agus thilg e maigheach agus èun-ruadh; chuir e luasg fo dhorlach math dhiubh; choisich sinn gu glaic bheag fo's ceann an Dù Loch, agus aig leth ceithir uairean rinn sinn súidh an sin, agus, cha b'ann gun fhéim againn air, fhuair sinn beagan miadhon-latha. Chan eil an loch ach mu mhìl air fad; agus tha e fuathasach fiadhaich agus na monanain, a tha ana-barrach ard, ag eiridh nàird dìreach as d'athar.

An ceann lethuir thòisich ar turus dhachaidh. Thèir-eann sinn sìos foir na Muich a tha ruith cho bòidheach thairis air na cragain agus na clachain anns a ghleann. Mharcaich sinn bhàn, agus cha robh againn ri tighinn bhàrr nan eäch ach a chrosg a Ghlasúillt tha na àthan car tuathal ri spreòchadh thairis air. Bha an rathad garbh, ach airson sin cha ròbh e idir cho bóg na cho neo-thait-neach ris an fheàr air an deach sinn ar adhart. Mharcaich mi air "Lochnagarai" sa chiad dal mach, ach mhùth mi e airson pònnaidh a Choirneil Gordan, leis mar bha mi sàoilinn gun robh e gabhail eagal roimh nam

bôbhtain; ach bha briste-analach air fear a choirneil, agus bha e ri strith ghailbheach anns na talamhnain bóg, rud a bha fuathasach mi-thaitneach.

Cha do ghabh sinn ach mu uair tìghinn bhàn thun a bhàta. Bha am feasgar anabharrach briagh, ach bha seideadh fuathasach ann air an loch agus cha b'urrain do na daoine óibreach, agus ghabh mi leithid de mháoim agus gun do ghuidh mi orra dal gu tìr, agus bha Bãin-tighearna Dhùro de mo bharrail-sa gum bitheadh e móran na b'fhèarr a dhal mach. Mar so chaidh sinn gu tìr, agus mharcaich sin air adhart dhachaidh air lorg chàorach foir an loch, a chum sinn car trì cheir'nean na h-uair de' r n-ùine. Bha e anabharrach garbh agus ro chūmhann leis mar tha am monadh ag eiridh cho brais bh'on loch; bha e seachd ciad troidh fo's ar ceann, agus shàoilinn gun robh mu chiad troidh fòdhainn. Airson sin, ràinig sinn am bòthan slàn, fichead mionaid rōimh sheachd, tãingeal gun d'fhuair sinn troimh gach dèuchainn agus fèuchainn bh'againn—nì a tha an cōmhnuidh ro thaitneach ann bhith beachdachadh air ais air an deidh laimh.

Fhuair sinn an dīnnear beagan rōimh ochd marri Bãin-tighearna Dhùro agus chluich sinn dà cuairt air *bhist*.

Thug seann Iain Gordan gàire air Ailbeairt le a ghradh, ann an seánachas mun droch rathad bha sinn an deidh dhal, "Tha e rudeigin cas agus rudeigin garbh," agus "is e an t-ànn fhèarr as fhèarr th'ann e," a ciallachadh gun robh e *ro dhona*,—freagairt lathailteach dhàsan.

## DIREADH BEINN A BHUIRD.

---

AIG leth ann uair diag thog sinn oirn cōmhladh ri Bāintighearna Dhùro agus Earneast Léiningen, agus ghreas sinn gu Inbhirchallai, trì cheir'nean mhìl seach an táigh, far an d'fhuir sinn ar mūinntir agus na pōnnaidhean againn, marri Artair Mac Fhearchair, Sìuinn, agus feadhainn eile. Choisich sinn an sin car tacain, agus an sin chaidh sinn air muin na pōnnaidhean agus thòisich an dìreadh ri Bēinn a Bhùird; Mac Dhōmbnuil an cēann mo phōnnaidb-sa, "Lochnagārai" beag, math, as Sēumas Cūtse an ceann an fhir aig Bāintighearna Dhùro. Tha lethrathad gasd, rathad-mór cūmhann dh'fhàoidte a ghradh, air dheänamb nàird gu rúig an dà mhìl-guleth mu dheireadh, a tha fuathasach cas, cragach. Tha na faicinnean bòidheach. An toiseach mharcaich sinn nàird gleann far am bheil clach de'n taigh anns an do rugadh Fionnlath, a chiad fhear de Chloinn Mhic Fhearchair, air a cōmharrachadh mach fhathast, agus troimh am bheil an Glasallt a ruith. Na's fhaide air adhart tha gleann anabharrach cūmhann, cragach, cas, a tòiseach, ris an abrar an Slugan a ciallachadh "slúig," na "slugadh." Bēägan beäg astair an deidh so tha an dùthaich a

fosgladh mach farsuinn rōmhad, agus Bēinn a Bhùird aig éiridh tàobh na laimh clì; agus an sin tha thu ag inn-thirig do Choille Bhraigh Mhàrr, th'aig Diùc Lìds airson màil bho Mhorair Fhìobha. Tha táigh beag èunaich ro laghach ris an abair iad Táigh an t-Slugain, leth rathaid eadar Inbhirchallai agus mhùllach Bēinn a Bhùird. Fo so tha an àbhuinn Cuaich trōimh an deach sinn air àthan. Is e dìreadh fad, corrach th'anns a bhìdeag mu dheireadh de'n fhìr rathad air àodain a mhonaidh ris an abair a' "Craig na Fiacail." Bha Mac Dhōmhnuill ag innseadh brìth na h-ainmean uile. Tha an dìreadh, air do'n rathad teireachduinn ro clachach gun nì, fàodaidh mi a ghradh, ach an graineal lòm. Bha Ailbeairt air deanamh dorlach mór coiseachd, agus thàin sinne, na bāintighearn-ain, bhàrr nan each dar d'fhàs e na bu neo-rèidh, agus sinn thun bhith air a mhùllach. Thàinig sinn air lòd de "chùirngorm," thòisich sinn air an tional agus fhuair sinn cuid ro bhòidheach. Aig a mhùllach, a tha baileach cōmhnard, tha an talamh gu léir air dheanamh nàird de chlachain, neo de bhoglach còinnich fhliùch, agus an graineal mar gum bitheadh e teireachduinn shìos beagan thròidhean bho'n bhàrr. Rinn sinn suidh aig càrn agus ghabh sinn ar miadhon-latha. Bha a ghàoth eagalach fuar, ach cho luath agus thàinig sinn san fhasgadh, bha an fhàileadh fuathasach teth. Bha sealladh briagh bho'n mhùllach agus e anabharrach farsuinn. Tha Beinn a Bhùird trì mìl, nào ciad agus dà fhichead troidh air àirde. Chunnaic sinn Beinn a Ghlò ro shoillear, an Càrn Gorm agus Beinn Mhuich Dhúi fìr theann oirn ach ann an

àirde eile ; an Càolas Moirreach, agus troimh na glòine ghàbhadh lònghain còmharrachadh ; agus air an tàobh eile bha Loch na Garaìdh, ag éiridh sèud nam beanntain an so uile fhathast.

An deidh am miadhon-latha theann sinn ri'r dal sìos agus chòisich sinn na h-uile cèum de'n chuid chas gus an do ràinig sinn an rathad ; thàinig sinn bhàn fuathasach ealamh, agus mo phònnaidh-sa na ro chabhaig, ged bha e mar gum bitheadh e dal thòmhadh ri breäbadh. Fhuair Ailbeairt beagan chriostalain-craige crion, bòidheach anns an t-Slùgan, agus choisich e a chuid eile de'n rathad. Dhealaich sinne, na baintighearnain, ri'r n-eich mu cheithreamh mhìl mus an do chòinnich sinn an carbad. Tha nâo mìl san astar uile eädar Inhbirchallai agus müllach Beinn a Bhùird ; air chor as gum féümamaid air chuid bu lágha, eadar mharcachd agus choiseachd, ochd mìl diag a dheanamh. Is e turus taitneach bh'ann. Bha e sè uairean air dhúinn an carbad a rúigheachd, agus bha sinn dhachaidh beägan an deidh sheachd.

## AN CRUINNEACHADH.

---

GHABH sinn am miadhon-latha trath, agus an sin aig trì uaircan, chaidh sinn leis a chlann agus le' r cuideachd uile, ach Baintighearna Dhùro, dh'ionnsuidh a chruinneachadh aig Braigh Mhàrr, mar rinn sinn an uiridh. Bha na Dúifich an sin, Clann Mhic Fhearchair, Uailsean Lìds agus an fheadhainn a tha fuireach marriu agus an Caiptein Foirbais\* agus dà fhichead fear† ga dhaoine a bha air tìgh-inn nàll bho Shrath Dhôn. Bha cuid de'n mhuinntir againn an sin cuideachd. Bha na cluichnean as abhuist ann, "cur na cloich neart," "tilg an uird," as "tionndadh a chabair," agus stèudadh suas ri Craig a Chèunaich, rud bh'air dheanamh mach ann na bu lagha na sè mionaidean gu leth; agus sinn uile ro thoilichte a bhith faicinn an gille againn, Dönnacha,‡ duine eireachdail, og, sgairteal, a

\* Nis Sir Tearlach Folrbais, a Chaisteal Niù.

† Tha leabhar gu bhith air chur mach an ùine ghoirid leis an Fhearsgèith, Coinneach Mac Lea, R.S.A. anns am bheil dealbhan gasd de chuid dh'fhir as na fineachain so agus a fineachain cothromach Gàdhallach eile, cho mhath ri cuid a Luchd-taic na Fardaich Rìoghail.

‡ Fear de na forsairean bho 1851 : duine ciallach gasd, as ro thoil leis a Phrionnsa. Coltach ri iomadach eile, bha e cur mach fala an deidh na réis nàird ris a mhonadh chas sin, anns an ùine ghoirid so, agus chan eile e cho laidir riamh bho sin. Tha stad air chur san rúith ris a mhonadh troimh so. Tha e fuireach cùlthaobh Craig Ghòbhain ann an taigh a thog am Prionnsa dhà ris an abrar Robreach (bho am bheil sealladh cothromach).





*McClure & Co.*

**An Cruinneachadh.**







Gádhall ruith na Réis.

coisinn. Bha e fad roimh chàich rè an rathaid. Is e sàothair chruaidh th'ann. Thug Mghr. Mac Fhearchair far an robh mise e an deidh sin. Chaidh ochd na nàò diag ris an réis, agus b'e sealladh ro lághach bh'ann bhith gam faicinn falbh nam féiltean de na h-uile seòrsa dhath-ain, agus nan léintean geala (tha iad tilg dhiùbh na deacaid aig na h-uile cluich,) agus spreòchadh nàird troimh na coille gus an d'thig iad mach, chuid sa chuid, aig an fhoir eile, agus an streap iad ris a mhonadh.

An deidh so chaidh sinn staigh do'n chaisteal, agus chunnaic sinn dannsa; b'e am fear bu láighich bh'ann ruithil le clann Mhgr. Mhic Fhearchair agus clann thàobh-eigin eile, agus "Gille Callum" a bha air a dhannsadh grinn le Iain Adhall Mac Fearchair, an ceithreamh mac. Bha an dà dhuine dhiag cloinne an sin, le bhith cunntadh an leanabh as òige, àois dhà bhliadhna.

Bha mo mhàthair, Tèarlach, as Eärneast cuidruinn aig Braigh Mhàrr Tha mo mhàthair fàtuinn mor thoil-eachas anns na h-uile nì: is e so chiad sgrìob dhith-se dh'Albainn. Thog sinn oirnn dar sguir an dännsa.

## MORGHATHADH A BHRADAIN.

---

CHOISICH sinn cõmhladh ri Tearlach, agus na giulanain agus Bhigi gu foir na h-âbhuinne, táobh uard na drochaid, far an robh na h-uile gin an tuath againn cruinn le cabair agus sleaghain, no “morghathain” (pro. *mo-ro-ain*) airson glacadh a bhradain. Chaidh iad uile staigh san abhuinn, a siubhal nàird troimhe agus an sin air ais rithist, a brogadh mun cuairt fo na clachain a thoirt an iasg air adhart far an robh na fir nan seasamh leis an lion. Bha an sealladh ro àinneamh; mu chiad fear a dal troimh na h-âbhuinne, cuid ann am féiltean le cabair agus le morghathain, agus iad uile fo luaim fhuathasach. Cha deach leinn sa chiad fhèuchainn, agus chaidh sinn na b’fhaide nàird, a carachadh gu trì na ceithir mhuth àit-chain, ach cha d’fhuair sinn bradan sam bith; ged chaidh fear na dithis as. Bha Ailbeairt na sheasamh air cloich agus bha Coirneil Gordan agus am Morair Séumas Moirreach a dal troimh mun cuairt rè na h-uine. Bha Donnacha, gun smuain air na h-uile strith bh’aige an dé, agus thuilead, air a choiseachd thun a chruinneachadh as air ais bh’uaith, anns an uisge fad na tìm. Beagan bho’n táigh nìgheachan bha fèuchain eile, agus an so fhuair sinn eagal mór thìghinn oirnn. Ann an ànn àit tha pòll



Morghathadh a Ehradain.





ro dhōmhain agus chaidh dà fhear an dòigh aimaidéal, stáigh ann as cha b'urrainn do dh'fhear dhiubh snámh; chūnnaic sinn iad dal fodha grad, agus ann an tíota bha e mar gum bitheadh iad gam bāthadh, ged bha iad cuairtiche le sluagh. Bha gláodh airson cōmhnaidh, agus na h-uile gin a ruith, agus Ailbeairt nam measg, thun na spôt, chuir so leithid dh'eagal orm as gun do rinn mi greim an déisinn chruadh air gáirdean Morair Charláill. Ach shnámh an Doctair Robstan\* stáigh agus tharruinn e mach am fear, agus bha na h-uile nì seachad sàbhailte; ach b'è mionaid oillteil bh'ann.

Bha bradan air mhōrghathadh aig an àit so le fear de na dáoine agus an deidh so choisich sinn thun an àthan, far an d'thainig soirbheas math n'ar caramh leis an robh seachd bradain air bhith air an glacadh, cuid leis an lion agus cuid air am mōrghathadh. Bha Ailbeairt na sheasamh air cloich anns an uisge car treis ach cha do ghlac e nì. Bha an sealladh aig an spôt bhòidheach so fuathasach luaimneach agus baileach dealbhadail. Bu mhath leam nan robh peänsal Lannsir agam. Bha a ghrian eagalach teth. Cha d'fhuir sinn air ais gus an robh e an deidh thrì uairean, agus an sin ghabh sinn am miadhon-latha. Thàinig Bandiuc Ghordan g'ar faicinn an deidh lāimh; agus fhad sa bha i marruinn, thàinig Caiptein Foirbais (agus comas aig sin dheanamh)

\* An duine uasal aig am bheil na h-uile riaghladh air bhith bho thoiseach mu'r n-òighreachd aig Baimhoral, as an còrr. Is e duine mór fhiachail th'ann, baileach suairce, agus ghiùlan e air àdhart na h-uile nì gu ro ghrinn gu toil a Phrionnsa agus mo thoil fhé.

as e a màrsal a chuid dháoine troimh nan tálamhnain againn, agus 'na pìopairean air thoiseach. Rinn iad stad, agus leig iad gláodh-aighear as trì tǎrruinnean a tilgeadh nàird am boineadain as d'athar. Mhàrsalaich iad an sin air falbh; agus chum sinn cluas le tǎitneas ri an iolach astarach agus ri fuaim na pìobaireachd.

Chual sinn an deidh lǎimh gun do ghiùlan na fir againn na dáoine aig Caiptein Fóirbais air am muin th'air an àbhuinn. Chùnaic iad an t-iasgach dal air ádhart agus thàinig iad sìos gu foir na h-àbhuinne air an tòbh tháll; agus air do an fheadhainn againn am fàilteachadh, thuir iad gun d'thigeadh iad thairis, agus ann an tìota chaidh an fheadhainn againn nùll agus ghiùlan iad thairis iad,—Mac Dhòmhnuil air thoiseach is e a giùlan Caiptein Foirbais. Bha so anabharrach suairce agus ro choltach ti tìmnean nan tréun.





Iain Mac Ghille Dhuinn (John Brown), no In Brùnach.

## LOCH MUICH.

---

Septembar 16g, 1850.

RAINIG sinn am bòthan aig trì uairean. Aig leth coig choisich sinn sìos, agus chaidh sinn stáigh do'n bhàta le'r cuid muinntir : Donnacha, I. Brùnach,\* P. Cùtse, agus Léis ag iomaradh. Dh'iomairich iad rathad tàobh thàll


\* Am fear sin theann, anns a bhliadhna 1858, air bhith na fhear fritheal againn mach an còmhuidh, sna h-uile àit, anns a Ghàdhalltachd-Thòisich e na ghille am 1849. Rinn Ailbeairt agus mi fhé rághann deth gu dal le mo charbad. Ghabh e muinntearas buan againn sa bhliadhna 1851, agus thòisich e le bhith dal an ceann mo phònnaidh-sa, ag eiridh stàp air an stàp troimh a dheagh ghiùlan sa thuigse. Cha ghabh barr toirt air fhurachas, a chùram, agus a dhillseachd; agus tha staid mo shlaint-se, a tha air bhith fo mhor-dhéuchainn agus air a h-anfhannachadh anns na hliadhnachain so a tha seachad, a deanamh buaidhean de'n t-seòrsa so ro luachmhor, agus da rireamb eiseamalach, ann an neach a tha gu bhith dáonnan na fhear frithealadh.

Tha e bho sin (Diseambar, 1865,) air àrdachadh, troimh a mhath ùr-idheacd gu bhith na sheirbheasach uachdarach, agus na fhear-fritheal pearsa buan dòmh-sa. Tha gach uile cheannas agus faireachdain uuibh reach aige a tha dùchasach do na Gàdhail, agus tha e baileach dìreach na ghiùlan, socharach, càirdeal, agus stuama; an comhuidh deas gu còmain ghabhail sa thoirt; agus airson tìr no ciall is ainmig a thachrar ri e chòimeas. Tha e nis thair an dà fhichead. B'e tuathnach beag a bhà na athair a bha fuireach aig a Phreas (the Bush) mu choinneamh Bailmhoral. Is e an dara fear e de naonar bhràithrean. Tha triuir air faotuin a bhàis—dithis an Astralia agus an Niusilan, agus dhà a còmhuidh an coimhearsnachd Bhailmoral; agus tha am fear as òige Gilleasp (Gilleaspuig,)—duine òg, earbseach, gasd— na ghille-pearsa aig ar mac Leòpold.

an loch sa chuid bu mhùimha, agus tha e dà rìreamh fir bhòidheach na sgriodanain dōmhainn leis a bheum-sléibh, trōimh so tha glínn agus coirechean ānn far am bheil cròbhain beatha agus feārn a fàs bhàn gu foir an uisge. Chaidh sinn tìr air àit gain'eachach, aig iochdar glēann grínn, troimh am bheil an t-Allt Dùbh a rúith. Bha e fuathasach tioram an so; airson sin baileach dealbhadaid, le feārn agus còrunn fo làn mheas lùbadh thairis air. Chaidh sinn rithist tìr aig an àit sam bu cleachdadh leinn, cēann ūard an loch, a tha fuathasach briagh; agus mharcaich sinn air ais. Tha rathad ùr air a dheanamh agus tha e anabharrach gasd, a caradh air ádhart fo's cēann an loch.

Bha a gealach air éiridh, agus i dearsadh fuathasach bòidheach air an loch, agus bha an loch fhé le a mhonain cas, gorm, a sealltuinn àillidh. A mhèudachadh grinneas, ceòlraidheachd, agus fiadhantas an t-seàllaidh bha Cùtse a cluich anns a bhàta; agus na fir, a tha nis ag iomaradh clis as math, a leigeil gláodh iolaich as an dràs sa rithist dar bhitheadh e cluich pôrt dânnsaidh. Bha e a toirt nam chūimhne nan rānnain so aig Sir Bhaltair Scòt ann "*Am Bàintighearna an Loch*", no (*d'thi Léid'thi obh d'thi Lèig*) sa Bheurla.

“ Na b'airde am fuaim, mar rinneadh seòl,  
 Na b'uaibhraich àrd a phìobaireachd mhòr,  
 An nualan an tùs tìghinn tiabhaidh grínn  
 Thair an uisge chiùio, as trōimh an astar bìnn,  
 Sa mhāinn, mun cuairt do rútha as cāim,  
 A càoidh air falbh gach doirbh as grēann.”



Loch Muich.





Bha sinn dhachaidh beagan an deidh sheachd; agus bha e cho sãmhach agus cho bhòidheach mar bha sinn a dal stáigh do'n choille, agus sinn faicinn an t-soluis a deãlanaich bho ar dachaidh bheag iorasal.

## BÀL AIG COIREMHULSI LE SOLUS LÈUSAIN.

---

Septembar 10mh, 1852.

FHUAIR sinn an dinnear aig ceithreamh an deidh shé agus sinn ann nar gùnntain maduinn (chan e an seòrsa cumainte ach an seòrsa thatar caitheamh aig an “diot”.) Aig seachd dh’fhalbh sinn gu bál a bha gu bhith mach le solus léusain, aig Coiremhulsi. Bha mise agus boneid gheal orm, gùn glas de shìoda ùisgichte, agus mo bhreacan, anns an fhasan Ghàdhallach, th’air mo ghualain. Bha Ailbeart san éididh Ghàdhallach tha e an còmhnuidh a caitheamh san fheasgar. Ghreas sinn ann an carbad mor; leis an dà bhäintighearna, Morair Dheärbi agus an Coirneil Gordan an carbad eile. Bha am feasgar ciùin ged bha e a bagradh ach gu ro fhortanach lean e air bhith grinn. Rainig sinn sin aig leth nàò uairean, agus ceart mar shòladh neach bha e làn dhorcha aig an uair so.

Rinn Mghr. Dúif \* agus a Bhanamhorair Anna fàilte ruinn aig an dorus, agus an sin thug iad sinn gun mhoille troimh an taigh d’ionnsuidh an àit fhosgailte anns an robh am bàl ga chumail. Cha robh e air fhèuchainn

\* Nis Iarla agus Ban-Iarl Fhìobha.



Dănsa le Lăuşain aig Coiremhăisi.



dhúinn an toiseach gus an rachadh na cúirteanain a chur gu tàobh. Bha e da rìreamh na shealladh anabharrach bòidheach, neo-chumainte. Bha a chòmhlán uile cruinn. Bha an t-àit mu chiad troidh air fad agus mu thrì fichead air lèud, as e air ùrlarach le bùird, agus Gàdhaill mun cuairt da uile, agus na h-uile feàr as léus na làimh. Bha na léusain air an stalc ann an sùic, agus iad an gan sìr leasachadh. Bha seachd pìobairean ann agus iad uile a cluich còmhlá, as Mac Àidh\* air an cēann. Chuir iad fàilte oirnn anns an doigh aca fhé a togail trì gláodh-ain-aighear agus a leigeil as “Nis! nis! nis!” (an “Hip hip! hip!” aig na Sasunnaich;) agus an sin an gláodh; an so thóisich rúithil fuathasach cridheil. Bha còrr as trì fichead pearsa ann thùilead air na Ghàdhaill agus bha trì fichead ann diùbhsa cuideachd; agus bha na h-uile duine-uasal Gàdhallach, agus gin eile sam bith a bhuineadh idir do dh’Albainn, anns na féiltean; agus na bāintighearnain nan úidheam feasgair. Bha a chòmhlán agus na Gàdhaill ro thēann air bhith dannsadh tarraun mun seach. Bha Dānnsa-chlaidheamh ann dà na trì uairean. Bha sinne air stāp-ārradh (*haut pas*,) agus cainb fo’s a cēann. Bha e uile gu leir baileach coimhlionta, agus bu mhath b’fhiach e fhaicinn. Bha Ailbeairt làn thoilichte leis. Chan fhàod mi di-chuimhneach innseadh gun robh

\* Mo phìobair bho’n bhliadhna 1843, agus air a chūntadh cha mher mar a chiad fheàr an Albainn, bha tēisteanas air thoirt air am Ionnsuidh-sa le Marcus Bhraidalbainn. Chaill e a chial (léisgeul dha fhé e!), sa-bhliadhna 1854, agus chrìoch e am 1855. Bha brathair dha na Phìobair aig Diùc Shūsags.

rúithill air dhànnsadh le ochdnar Ghàdhall as lèusan aca.

Dh'fhàg sinn aig leth deich uairean, agus bha sinn dhachaidh beagan an deidh ann uair diag. Astar fad cìnnteach, (ceithir mìl diag tha mi creidsinn).

## NAIGHEACHD BÀIS DHIUC BHELINGTON.

Alt na Giùthasach, Dirdáoin, Septembar 16g, 1852.

BHA clisg air chur oirnn trath sa mhaduinn an diugh, aig seachd uairean, le lítir bho'n Chòirneil Phipps anns an robh sgrìobha-astair (*telegram*) air fhilleadh stáigh bho'n t-seathamh cur-mach (*edition*) de'n Ghrèin (*Sun*) mu bhàs an Diùc Bhellington air a bhò'ndé, ach, airson sin cha robh sinn idir toileach a chreidsinn. Nan leigeadh Dia gun robh sinn ceart! agus nach robh an latha air a dheanamh cho dùbhach, chràiteach dhùinn san fheasgar.

Ghabh sinn an diot còmhlairi Miös Seimùr;\* agus an deidh bhith sgrìobhadh agus lèubhadh, dh'fhalbh sinn mar cheithreamh do dh'ann uair diag marrith-se agus ri' còmhlair Ghàdhallach. Cha robh an latha fuar agus cinnteach bhitheadh e baileach briagh air bhith gun robh frasain àotrom tighinn dlùth an deidh cheile, agus nà neòil tuíteam. Choisich sinn air adhart taic an loch: tha an rathad nàird ga iònnsuidh gasd. Tha e air dheanamh nas fharsuinn, agus dh'fhàodadh carbad dal air. Ràin sinn Allt-na-Dearg, càochan agus eas, a tha anabharrach

\* Nis an Urramach Baintighearna Bhidulph.

grinn agus brais. Nàird an car so tha rathad lùbach air dheanamh, air an do mharcaich sinn; ged a tha cuid deth corrach gu leòir airson marcachd. Tha an t-àllt a ruith thair craig ghràineil dearg; agus anns an lag tha beatha, càorn, agus fearn a fàs. Thàinig sinn bhàn agus choisich sinn astar math fad air mùllach nam monanain ro chorrach sin a tha crochadh stáigh air an loch, thun na Sròine agus Mòine Monadh Eàlpi, bho am bheil sealladh agad thairis air an dùthaich as le Morair Phanmùir, Monadh Cinn, Monanain Ogilbhi, agus an còrr. Rinn sinn stad tacan—ged tha a choiseachd gasd, cho chruaidh, thioram a leig na h-ànalach air binnean bho am bheil beachd air àiridh a Ghlasùillt, agus air cēann an loch. Dh'ionndraich mi m'uaireadair car ealamh aig an àit so, am fear thug an seann Diùc gàolach dhomh; agus, leis nach robh mi cinnteach co aca a chuir mi orm e na nach do chuir dh'iarr mi air Mac Coinnich\* e a dhal air ais a dh'fhoighneachd. Choisich sinn air adhart gus an d'thàinig sinn a dh'ionnsuidh a mhìr a b'airde de'n Ghlasàllt, a chroisg sinn air chois. Chaidh sinn air adhart air mullach nam-beanntain so air ar sgrìob gus an Dù Loch; a thrì bliadh-an an àma so, dàr bha an talamh cho bog, agus gur gann a b'urrainn do phònnaidhean dal air adhart air, bha na rathaidean cho anabharrach olc.

An sin thòisich sinn air tearnadh a Ghlasùillt, an taic ris am bheil lethrathad eile air a ghearradh anabharrach grinn, bho so tha e làn bhòidheach, cho fiadhaich agus

\* Fear de na forsairean againn agus duine ro mhath; tha e fuireach aig Allt na Giùthasach.





Airidh a Ghlas Uillt.



cho bhriagh. Tha na h-easain cōmhada ri Eas Bhrūar aig Blàr, agus tha iad ciad gu leth troidh air àirde agus tha an àirde uile gu leir gu ruig ceann iolar an loch uibhir ri coig ciad troidh. Bha e sealltuinn anabharrach dealbh-adail a bhith faicinn nan Gàdhall agus na pōnnaidhean a fiaradh air adhart. Thàinig sinn bhàn gu Àiridh a Ghlasúilt, th'air a togail bho chēann ghoirid, agus anns am bh eil rùm sèūnta air ar son-ne agus sealladh àillidh bh'uaith air an loch. An so ghabh sinn am miadhon-latha fuar a bh'againn air ar siubhal; agus an deidh sin chaidh sinn air muin nam ponnaidhean, agus mharcaich sinn air adhart thun an Dù Loch air rathad bòidheach a tha cumail mach ùard gu math fo's ceann an úilt, a tha brùcadh thair leacain mor cōmhnard. Tha na faicinnean maiseach. Chaidh sinn seachad air eas crion ris an abrar Allt an Spùillean ("spùd"). An ceann lethuir na trì ceir'nean na h-uair ràinig sinn an Dù Loch a tha cho àllta agus cho dealbhadail.

Cha robh sinn ach air tìghinn bhàrr na pōnnaidhean, agus mi air sùidh bhàn a tharruinn, dar thàinig Mac Còinnich air ais ag ìnnseadh gun robh m'uaireadair aig an táigh tearuinnte, agus litrichean aige: nam measg té bho Mhorair Dhearbi a shrac mi fosgailte, agus mo thruaigh! bha i deanamh cinntealachd san naigheachd bàis: a dearbhadh nach bu bheò uabhar Shàssun, nì h-e uabhar Bhrèatun, a glòir, a gaisgeach, an t-ànn duine, bu mhùmha bh'aice riamh! An latha dùbhach! Càll rìoghachd, agus chan fhurast a leasachadh!

Chuir Morair Dhearbi sreath na dhà stáigh innte bho

Mhorair Tearlach Bheallasli, ag innseadh gun d'fhuair athair mór, gàolach am bàs air Dimàirt aig trì uairean, an deidh beagan dh'uairean tînneas agus gun dad fulang. Toil an Athair Bheannaichte gun robh deainte! B'éiginn d'on latha tìghinn: bha an Diùc ceithir fichead sa trì. Bu bùidhe dhà e bhith air thoirt air falbh, fhad agus bha e fhathastaich an seilbh inntinn mhór, agus gun tînneas fad, ach a leithid de *chàll*! Chan urrainn do neach a bhith smuaineach air an dùthaich as dìth an "Diùc" —ar gaisgeach neo-bhàsmhor!

Cha mhór nach robh na h-uile onair thàlmhaidh ghabhadh buileachadh air iöchdaran, a còinneachadh annsan. Bha a staid na b'airde na bh'aig iöchdaran riamh,—fos cēann buidheann,—na h-uile a sealltuinn suas ris,—an urram leis an rìoghachd gu leir,—caraid an Uachdarain; agus e giùlan nan onairean so cho suairce! Bha togradh a chridhe an còmhnuidh glan, a ghiùlan cho dìreach, agus a mhisneach cho mór anns gach gluasad-inntinn a bha ga stiùradh ann na ghniomharain. Cha robh aig a Chrùn riamh,—agus tha mi gabhail eagal nach bith *tuille*—iochdarain cho *tairiseach*, rìoghail, agus cho dileas, agus cul-taic cho dāingeann! *Dhúinne* (a tha mo thruaigh! air càll nis, a lion uibhir de' cairdean fiachail agus dearbhata,) tha an càll so *do-leasachadh*, cheann bha e cho deas gu'r còmhnadh agus gu'r còmhairleachadh, nam b'e as gum bitheadh sin gu stàth dhuinn, agus cho fòghainteach gu buadhachadh thair dhèuchainnean, agus gun robh e gun chóimeas ann dà. Do dh'Ailbeart bha e fèuchainn gach caoimhneas bu mhūmha na chéile agus cur

lànachd earbsa ann. Bha a thuigse agus fhiosrachadh mu na h-àmānain a bhà cho barraichte cuideachd ; bu dūl e a bha gar cēangal ris na tīmēnean a tha seachad, ris a chiad a chaidh. Cha bhith sūil tioram san dùthaich.

Rinn sinn cabhag air chois sios gu ceann Loch Muich agus an sin mharcaich sinn dachaidh, fo fhras throm, gu Allt na Giùthasach. Bha ar toileachas gu leir air a mhīleadh ; laidh dûbhachas oirnn uile.

Sgrìobh sinn gu Morair Dhearbi agus gu Morair Tearlach Bheallasli.

## TOGAIL A CHUIRN AIR CRAIG GHÒBHAINN, AGUS CORR.

Diluan, Octobar 11g, 1852.

Is e latha ro shonadh th'air bhith ann an diugh, latha sealbhach, latha cuimhne—ar latha deirreanach! A mhaduinn grinn.

Bha aig Ailbeart ri Mghr. Bhälpòl fhaicinn agus mar so bha e tèann air ànn uair diag mus an d'fhuair sinn dal nàird gu mùllach Craig Ghòbhainn, a dh'fhaicinn a chùirn ga thogail, a tha gu bhith mar chúimhneachan air sìnne a ghabhail sealbh san àit ghàolach so; agus an sèann charn air bhith air thoirt bhàn. Dh'fhalbh sinn leis a chlann as leis na Baintighearnain, na daoine-uailse, as pàirt de na seirbhisich nach robh air dal nàird fhathast agus nam measg Mac Dhòmhnuille as an Grànntach; agus aig an Táigh Chòinnich, leth rathaid, thachair Mac Aidh oirn, agus e dal rómhainn a cluicheadh, Donnacha agus Dòmhnall Stùbhard\* a dal roimh-se, thun a bhinnean a b'àirde de Chraig Ghòbhainn; far an robh na seirbhisich uile agus an tuath air cruinneachadh, le am

\* Fear de na forsairean, a fhuair sinn an so, am 1848. Is e duine gasd th'ann, agus bu ro thoil leis a Phrionnsa e; bha e an còmhnuidh leis na coin dar bhitheadh am Prionnsa ri fáoghaid. Tha e a fuireach anns an Táigh-gèata Shuas làmh ri táigh a Ghrànntaich, thog am Prionnsa dha.

mnàthain as an clann agus an seana chairdean. Bha na cairdean òg againn uile an sin: Mairi Shìman agus Ealasaid Stiùbhard, a cheathrar Ghrànntach agus na h-uibhir eile.

Shuidhich mise a chiad chlach, agus shuidhich Ailbeairt an ath thé, an sin a chlann, reir an àois. Chuir na baintighearnain agus na daoine-uaillese té an urra ann, an sin thàinig iad uile air adhart còmhladh, agus na h-uile urra agus e a giùlan cloich as ga cur sa chàrn. Bha Màighstear Mac Aindra as a Bhean an sin; Mac Aidh a cluicheadh; agus fhuair iad uile uisge beatha. Ghabh e, tha mi cinnteach, uair ga thogail; agus fhad sa bha e dal air adhart, bha ruithilchean cridheal gan dannsadh air cloich thàll mu choinneamh. Bha an sèann sluagh uile a dannsa (seadh, bean a ghairnealair bho Thàlla Chorbi dlùth air Obairgeallaidh;) agus bha móran de'n chlann a dannsadh cho grinn; gu sònruichte Mairi Shìman agus Ealasaid Stiùbhard—Béati sa fàlt uile an crochadh bhàn. Bha sèann "Mhonc" bochd, an seana chù dileas aig Sir Rob Gordan, na shuidh an sin nar measg uile. Mu dheireadh, dar bha an càrn a tha, tha mi am barail, seachd na ochd throidhean air airde, tèann air bhith deas streap Ailbeairt suas air a mhùllach agus chuir e a chlach mu dheireadh ann; agus an sin leig iad trì gláodhain-aighear as. B'e sealladh aoibhneach, lágach bh'ann, a beanachd ris a chridhe; dhùraiginn gal. Bha am beachd cho bòidheach thair nam monanain gàolach; an latha cho grinn as a leithid dh'fhaireachdain-cridhe (*gemüthlich*) leis uile. Gum beannaichadh Dia an t-àit so, agus gun

leigeadh e dhúinn fhaicinn fhathast agus a mhealladh car iomadh bliadhna fhad !

An deidh am mìr miadhon-latha, shònruich Ailbeairt dal tròimh na cóille airson na tarruinn mu dheireadh, los cothrom deirreanach bhith aige, agus leig e le Bhigi agus leam-sa dal marris. Aig leth ceithir uairean thog sinn oirnn, fàotainn mach aig táigh a Ghrànntaich agus a cois-eachd nàird pairt de Charrob, sònrachadh dal air adhart air an fhrithrathad ùard; ach air dhuinn bùirich féidh a chluinntinn thionndadh sinn uile stáigh do'n chóille a snàgadh air adhart thun an rathaid mhiadhonach. Ghrad dh'fhàg Ailbeairt sinn gu dal na b'illse, agus shuidh sinne bhàn a dh'fheitheamh ris; agus an tiot chual sinn urchair —an sin bha sàmcharachd iomlan ann—an deidh stad beag thàin trì urchairean eile. An so làn shàmcharachd rithist. Chuir sinn cuideigin a ghabhail sealladh agus thàll iad an ceann beagan a gradh gun robh e air beanachd do dhāmh dà uair agus gun robh iad na dheidh. Dh'fhalbh an sin Mac Dhómhnuill agus ann mun cuairt do cóig mionaidean chual sinn “Solomon” toirt teangaidh, agus thúig sinn gun robh dāmh air tionndadh. Dh'eisd sinn car tacan agus an sin thēann sinn ri carachadh bhàn, an dùil gun ruigeamaid an am; ach bha an tâbhunnaich air sgur agus an dāmh air a marbhadh cheana le Ailbeairt; agus bha e na laidh air an rathaid, beagan seachad air Obair-gheailldair—an t-àille a bha sinn cliùthachadh an dé san fheasgar. B'e beothach briagh bh'ann, agus shuidh mi bhàn a sgròbadh dealbh beag dheth sìos air bideag de phaipear bh'aig Mac Dhómhnuill na phùidse—ga chur



air cloich— fhad agus bha Ailbeairt as Bhigi, agus an



fheadhainn eile a togail càrn crìon a chōmharachadh na spòt. Chual sinn, air dhōmh bhith cùidhtse mo sgròban agus an carbad air tìghinn, gun robh dāmh eile air fhaicinn fagasg do'n rathad; agus cha robh sinn air ruigheachd nan "Iarnainn"\* mus am fac sinn feàr tàobh iolar an rathaid as e sealltuinn cho eireachdail. Léum Ailbeairt mach agus thilg e—thuit an t-ainmhidh, ach dh'eirich e rithist agus chaidh e air adhart tacan, agus Ailbeairt a leanachd. Ach ro ghoirid an deidh so, chual sinn gláodh rithist, as rúith sinn bhàn agus fhuair sinn an Gránntach as Dōmhnall Stiùbhard a slàodadh nàird dāmh agus cēann ro lágach air. Dh'fhalbh Ailbeairt marris a Ghránntach

\* Is e th'anns na "Iarunnain" so gādain seana mhuillean sàbhaidh bh'air leigeal, eadar deich bliadhna fichead agus da fhichead bliadhna air ais, agus tha iad air am fàgail riamb bho sin gu bhith air an reiceadh, ach gun e bhith air a chùntadh na luach-sàotrach an reiceadh leis an dràgh bhitheadh ann nan toirt air falbh.


agus dh'fuirich mise as Bhigi nan deidh, marri Dõmhnuaill Stiùbhart, an dām, agus na coin. Rinn mi suidh bhàn gu tarrainn, agus thuit do Bhigi bho chd gu mi-fhortanach suidh air nead cõnnspeach, agus bha i air a stang gu dona. Theasraig Dõmhnuaill Stiùbhard i, chēann bha tuile's chòir dh'òillt ormsa mi-fhè gum b'urrainn mi idir a cõmhnadh. Thàll Ailbeart, an cēann fhichead mionaid na mur sin agus e gun fhios aige gun robh e air marbhadh an daimh. A leithid a lâtha tãitneach! Mo thruaigh gum b'fhéudar gum b'e ar lâtha deirreanach bh'ann! Bha sinn dhachaidh aig leth seachd; Fhuair sinn ar dām bòidheach air tìghinn, agus ghabh sinn meas ro mhòr dheth.



Domhnúll Stiúbhard as an Dámh.







Caisteal Bailmhorail, bho'n an taobh deas shios.

## SUIDHEACHADH NA CLOICH BHUIN AIG AN TIGH NODHA AGAINN.

---

Septembar 28, 1853.

MADUINN ghrinn muchrath, ach dar choisich sinn mach aig leth ann uair diag, thēann e ris an uisge, agus an ùine ghoirid bha e a dòrtadh gun stad. Gu ro fhortanach thog an latha rōimh dhà uair, agus bha a ghrian a dealradh gu soillear airson an ùllachadh a leigeil na cloich bhuin aig an táigh nōdha. Bha mo mhàthair agus a cuideachd uile air tìghinn bho Obairgheallaidh, beagan rōimh thrì. Cuiridh mi sìos an so Ordugh an Ullachaidh, a bha air a ghiùlan mach gus an t-iomlan, agus a bha da rìreamh baileach taitneach.

### AN T-ORDUGH.

Dar bhitheas a chlach deas agus i air a cur an crochadh fo's cēann na té air am bheil i gu laidh, (anns am bith tōll airson a bhōtuil a tha cumail a chràicinn agus na cūinnean);

Bithidh an luchd-óibre air an súidheachadh nan leth chuairt tãcan mach bho'n chloich, na boiriōnnich, agus seirbhisich an taigh an leth chuairt na's fhaide stáigh.

Thig an sin A Mórachd a Bhānrighinn, agus Ardachd Rìoghail am Prìonnsa, an cōmunn na Cloinn Rìoghail. A h-Ardachd Rìoghail Bāndiùc Chāinnt, cōmhladh ri àidhean as leanailt A Mórachd, mach bho'n táigh.

Seasaidh A Mórachd, am Prìonnsa, agus an Teághlach Rìoghail, tàbh deas na cloich, an leanailt air cùlaobh agus air gach taobh do'n chuideachd Rìoghail.

Nì an Naomhair Mghr. Mac Àindra\* ùrnaigh a gúidh beannachd air an obair. Cuiridh a Mórachd a h-ainm air a chràicionn a cur sìos an latha air an deach a chlach bhuin a shúidheachadh. An deidh ainm a Mórachd thig ainm a Phrìonnsa agus ainmnean na Clóinn Rìoghail, ainm Bānndiùc Chāinnt, agus gin sam bith eile as math le a Mórachd orduchadh, agus bithidh an cràicionn air a chur anns a bhötul.

Bithidh cūinn de gach seòrsa tha falbh san rìoghachadh th'ann an ceartair, air an cur anns a bhötul cuideachd, agus dar bhitheas e air chéireadh nàird, cuirear am bötul san tòll. Sìnear an trùan an sin do a Mórachd le Mghr. Gòbha bho Obairraighainn, am fear dealbhaidh, agus air do'n mhùrtal a bhith air a spréid leigear bhàn a chlach.

Dar bhitheas a chōmhnhard agus a cheárnach air an cur rithe agus chithear gu bheil i dìreach, bheirear am fàirche do A Mórachd le Mghr. Stiùbhard (cléirach nan óibrean); an sin bheir A Mórachd buille do'n chloich, agus fóillsichidh i gu bheil i air a súidheachadh. Bithidh ádharc a

\* Ministear a Chrad'thi a fhuair bas an Nobhembar 1866.



phàilteas air a cur air a chlóich, agus dòrtar mach an t-ùilidh agus am fion le A Mórachd.

Tòisichidh a phìob air cluicheadh, agus fàgaidh A Mórachd maille ris an Teáglach Rìoghail.

Cho luath an deidh so sa ghàbhas i bhith deas, theid an luchd-óibre thun na dinnear. An deidh na dinnearach bithidh na deochain-slàinte so air an gábhail, mar bhith-eas iad air an toirt mach le Mghr. Góbha :—

“A Bhànrighinn.”

“Am Prìonnsa agus an Teáglach Rìoghail.”

“Sóirbheas leis an táigh, agus sonas le luchd-còmhnuidh Bhailmorail.”

Fàgaidh an luchd-óibre an rùm-dinnearach an sin, agus theid iad ri eàlaidh air a ghrìn, ri cluichnean gus am bith e seachd uairean, dar thòisicheas dānnsa anns an rùm bàil.

Choisich sinn mun cuairt a dh'ionnsuidh na spòt, Mac Aidh a dal rōmhainn. Rinn Mghr. Mac Aindra ùrnaigh ro fhreàgrach. Bha a ghàoth fuathasach ard, ach airson sin bha na uile nì cho mhath sa ghàbhadh iarraidh.

Leig an luchd-óibre agus an sluagh gláodh-aighear as dar bha na h-uile nì crìochnaichte. Thug sinn car stáigh an cēann trì cheir'nean na h-uair a shealltuinn air an t-sluagh ri'n dinnear; an peidh so choisich sinn nùll gu Craig Ghōbhainn gus am faigheadh Ailbeairt cothrom air na cóilich dhùbha.

Chuir sinn sinn fhé n'ar n-úidheam tràth, agus chaidh sinn car fhichead mionaid rōimh na dinnear a dh'fhaicinn an t-sluaigh a dannsadh ann an rùm a bhàil, rud a bha iad a deanamh le móran crídhealas.

## AN CLÀCHAN.

---

October 29d, 1854.

CHaidh sinn do'n Chlachan, mar a b'abhuis, aig dà uair dhiag B'e an Nàomhair Tòrmaid Mac Leòid, bho Ghlaschu, mac an Dòctair Mhic Leòid, bha ris an áoradh agus nì bu ghrìne cha chual mi riamh. Bha an t-sèarmoin, a bha uile gu leir bh'arr a theangaidh, fìr bhriagh; cho furasd, airson sin cho deas-bhriathrail, agus air a rèisonach agus air a riaghailteachadh cho taitneach. Thug e an cèann-teàgasg as a chùntas mu theachd Nicodémus anns an óidheche dh'ionnsuidh Chrìosd; an trèas caibdeil de Shoisgeul Eòin. Dh'fhéuch Mghr. Mac Leòid anns an t-sèarmoin mar bha sinn *wile* ag óidhirpeachadh sinn *fhé* a thoileachadh, agus a tighinn beò airson *sin*. agus trōimh bhith deanamh so nach eil sinn fàotuinn fois. Gun d'fhàinig Crìosd, nach b'ann a mhàin a bhàsachadh air ar son, ach a chur rōmhainn an doigh sam bu chòir dhuinn bhith g'ar giùlan fhé fhad's tha sinn beò. Bha an dara ùrnaigh a beanachd ris a chridhe; na thuirt e m'ar deibhinn-ne cho sìmplidh, agus e a gradh, an deidh sin, "beannaich an clann." Thog e mèall nam àmhaich, agus cuideachd, dar rinn e ùrnaigh airson an t-sluaigh a bha

“ris bhàs, an dream a bha leòinta, a bhàntrach, agus an dilleachdan.” Dh’fhàg na h-uile duine fo làn áoibhneas; agus nach taitneach nì a bhith tighinn air ais le leithid so a dh’fhaireachdnain bho’n eàglais! Bha na seirbhisich agus na Gàdhaill—*uile*,—cho toilichte.


## TEACHD DH'IONNSIUDH A CHAISTEAL NÒDHA AIG BAILMHÖRÀIL

---

Septembar 7mh, 1855.

CEITHREAMH an deidh sheachd uairean ràinig sinn Bailmhorail gàolach. Leam-sa bu neònach, bu ro neònach am faireachdain a bhith greasadh seachad air an t-sèann táigh, seadh *troimh*, bha an dealachadh bh'eadar e agus na h-òidhichean air a bhristeadh sìos. Tha an táigh nòdha sealltuinn bòidheach. Chan eil an tùir agus na rùmachain anns a phàirt tha còinneachadh, ach bláigh deas fháthast: agus tha na h-òidhichean gun togail idir trōimh so tha na dáoine-uailse (mar eil am Ministear\* ann) a fuireach anns an t-sèann táigh, agus cuideachd, a chuid mhór de na seirbhisich; tha eächlais fhad de dh'fhiodh a ceāngal an táigh nòdha ris na h-òidhichean. Thilg iad sēann bhròg stáigh nar deidh, airson sóirbheas, dar bha sinn ag innthirig tälla an taigh. Tha an táigh sèunta; na rùmachain taitneach, an áirneis, am paipear agus na h-uile nì iomlan.

\* Tha Ministear Cómhairl an còmhnuidh am fritheal leis a Bhánrighinn, dar bhitheas i a fanachd am Bailmhorail.



Caisteal Bhailmhorail bho'n taobh tuath shuas



## SMUAINTEAN AIR A CHAISTEAL NODHA.

---

Septembar 8mh, 1855.

THA an sealladh bho ùinneagain nan rùmachain againn, agus bho an rùm-leabhraichean, an sèamair-cuideachd, as an còrr, fòdhpà, air gleānu na Dé, agus nam monanain sa chùl-thalamh nach b'urrainn do neach fhaicinn am feasd bho'n t-sèann táigh, làn bhòidheach. Choisich sinn mun cuairt, agus air adhart taic na h-àbhuinn a gābháil sealladh de na h-uile nì tha ùllamh cheana, agus smuaineach air mhèid sa tha ri dheänamh fhathast. Chaidh sinn nùll an deidh làimh dh'ionnsuidh an t-sèann taigh bhòchd gàolach, agus na rùmachain againn; agus bha e glé bhrònach a bhith gam faicinn air an tréigsinn cho mhór. Thug sinn ordugh mu rudain a bhith air an toirt nàll.

## NAIGHEACHD AIR TUITEAM SHEBHASTAPOL.

---

Septembar 10mh, 1855.

THA mo mhàthair, agus a baintighearn agus a duine-uasal air tìghinn gu'n dinnear.

Bha sinn uile agus dùil againn na h-uile mionaid ri tuille a sgrìobhaichean-astar. Thàinig dithis aig leth deich uairean—feär am ìonnsuidh-sa, agus fear gu Morair Ghrànnbhill. Thòisich mise air léubhadh m'fhir-sa, a bha bho Mhorair Chlarendon, agus cünntas mionaideach ann bho Mhàrsal Péliissier mu bharrachd milleadh air Ióingear-ain nan Rùssianach; agus thùirt Morair Ghrànnbhill, “tha naigheachd agam-sa nas fhearr na sin fhathast;” agus an sin léubhadh e mar so, “Bho Sheanlair Mac Shìm—*Tha Sebhastapol an lamhain nan Dàimhich.*” Cliù do Dhia air a shon! Bha ar n-aoibhneas mòr; ach bu ghann a b'urrainn dúinn an naigheachd math a chreidsinn, agus tròimh bhith cho fad, agus cho iomaganach na dhùil, cha b'urrainn do neach an fhìr fhìrinn a ghabhail staigh.

Thùirt Ailbeart gun rachadh iad gun dàil chur an gäbhail an teine-éibhinn bh'air ùllachadh an uiridh, dar bha an sgéul fällsail air tìghinn mu thùiteam a bhaile, agus bha air seasamh riamh bho sin, feitheamh ri chur an gäbhail. Air a 5mh làtha de Nobhembar, làtha bàiteal







An Rósach—am Piobair.

*Incirman*, leig a ghàoth e, rud bha neònach ; agus rithist nis fuathasach neònach, is ann bhà e mar gum bitheadh e feitheamh ri sìnne a thilltinn gun chur an gäbhail.

Tha an táigh nôdha mar gum bitheadh e da rìreamh sealbhach ; chēann, bho'n chiad mhionaid gar teächd, tha naigheachd math air bhith againn. Am mionaid na dhà, bha Ailbeairt agus na daoine-uaillese, anns na h-uile seòrsa clùthachadh, air togail orra mach, agus iad air an leanachd leis na h-uile gin de na seirbhisich, agus chuid sa chuid, le mūinntir a bhaile uile—forsairean, gillean, agus luchd óibre— mach ūard gu mùllach a chùirn.

Dh'fheith sinn gus am faiceamaid iad cur an gäbhail an teine-éibhinn ; agus iad ri gláodhaich-aighear thàll thairis. Las e suas sóillseach, agus b'urrainn duinn na h-uile àogas lionmhor bha mun cuairt dá fhaicinn—cuid a dānsa agus cuid a gláodhaich ;—agus an Rösach\* a cluich na pìob, an Grāntach as Mac Dhōmhnuill, a tilg urchaircean gun stad, aig a cheart am bha seann Fhrançois d'Albertançon† bochd as e cur an gäbhail bhos diorsanain-fùdair ach chan fhalbhadh a chuid bu mhūmha dhiubh. An ceann trì cheir'nean na h-uair na dheidh, tháinig Ailbeairt bhàn agus bha e ag ìnnseadh dhuinn gun robh an sealladh àllta agus luaimneach thair tōmhas. Bha an sluagh ag òl deochain-slāinnte an uisge-beatha, agus iad fo thogail ro mhór Bha an táigh uile gu leir mar gum bitheadh e fo

\* Mo phiobair bho 1854 ; bha e air bhith seachd bliadhna diag anns an Reiseamaid Dhúbh(42a)—duine measail, math.

† Seann seirbheasach le Sir R. Gordan, air an robh cùram an taigh, agus rugadh e an Alsas ; fhuair e bàs am 1858.

bhùrach ìongantach. Is gānn a ghǎbhadh na giulanain dùsgadh agus mu dheireadh dar bha iad air faireach nàird ceart bha iad sireadh comas dal suas gu mùllach a chùirn.

Dh'fhuirich sinn gus an robh e mur cheithreamh do dhà uair dhiag; agus dìreach mar bha mi deanamh deas gu dal laidh, thàinig an sluagh uile bhàn stáigh fo na h-úinneagain, leis a phìob a cluicheadh, an sluagh sēinn, a tilg urchair'ean, agus a togail gláodhain-aighear—an toiseach air mo shon-sa, an sin airson Ailbeairt, airson Iompair ear na Fráinge, agus airson "túiteam Shebhastapol."

## GÀRAIDHNEAN, AGUS AN CÒRR, MUN CUARIT DO'N CHAISTEAL NÒDHA.

---

Adhgast, 31d, 1856.

CHOISICH sinn air adhart taic na h-âbhuinne agus tàobh mach an taigh. Tha na h-òidhichean nòdha agus a chùirt còmharrachta grinn; agus tha an gàraidh beag air an tàobh shuas, leis an fhùaran-iolair a fhuair mi bho Rìgh Phrussia, agus a b'âbhuist a bhith anns an táigh-luibhean aig Bhìnnsoir ro lághach; mar tha cuideachd leapachain-fhlùr a tha fo bhàllachain an tàobh a tha sealltuinn ris an Dé. Tha suaicheantasain snaighte, agus iad air an gealachadh, air gach àtharrach sgiath agus tha lóinn bhòidheach aca; agus tha snaigh-lochdar (*bas-relief*) fo na h-ùinneagain againn—gun ghealachadh—sàmhachadh an Nàomh Ubeàirt, leis an Nàomh Aindra air an darna tàobh agus an Nàomh Deòrsa air an tàobh eile: as e an obair aig Mghr. Mac Thòmais\* th'ann uile.

\* Fhuair e bès anns a Mhàrt, 1862. Bha barail mhór aig a Phrionnsa air a sheòltachd.

## CĒANGAL PÒSAIDH NA BANA-PHRÌONNSA RÌOGHAIL.

---

BHA ceāngal-pòsaidh air a dheanamh an diugh eadar a Bhana-phrìonnsa Rìoghail as Freädirig Uilleam Prionnsa Phrussia, a tha air bhith air chuairt marruinn bho an 14g. Bha e air brúidhinn rúinne a cheana mu a mhiann, air an 20mh latha; ach bha sinn an ìoma-chòmhairle, leis cho ro òg agus bha i, co-aca bu chòir dha-fhè brúidhinn ri na dàil chuir ann gus an d'thigeadh e air ais rithist. Smuainich sinn airson sin gum bitheadh e na b'fhearr nan gābhadh e fhein an gnōthaich fos lāimh, agus air a mharcahd bh'againn nàird Craig na Ban anns an fhéasgair an diugh, bhuaib e gáisean de fhràoch geal, (sāmhlahd "an deagh shealbh,") agus thug e dhí e; thug so cothrom dhà gu fābhàr a thoirt dì mu a dhòchas agus a mhiann, mar bha iad a marcach bhàn Gleann Gairnoch, agus thug e mun cuairt an cordadh sonadh so.



An Gäisean Fraoich,





## FÀOTUINN AN SÈANN CHAISTEAL AIR FALBH

---

DAR ràinig sinn Bailmhorail aig seachd uairean san fheasgar, fhuair sinn an tùir deas cho mhath ris na h-òidhichean, agus an seànn táigh bochd air siubhal. Tha am beachd de na h-uile nì th'ann ro ghrinn.

## AN CLACHAN.

---

CHÀIDH sinn do'n Eäglais aig dà uair dhiag. B'e an Nàomhair I. Ceaird, fear de na searmoinichain as ainmeil an Albainn a bha ris an t-seirbheis, agus chuir e luasg fo chridhe na h-uile gin a bha sa cho-thional, leis an t-searmoin mhaiseach, bhriagh a rinn e. Lean e air car uair agus chum e suas aire na h-uile neach ré na h-ùine Thug e an ceann-teagasg as an dara caibdeil diag de na Ròmanaich agus an ann rānn diag: "*Gun bhith leasg ann an gnothuichibh; dúrachdach 'nur spiorad; 'a deanamh seirbhis do'n Tighearna.*" Mhìnich e, anns an doigh bu bhòidhich agus bu shìmplidh, ciod th'air a chiallachadh le fir chreideamh; agus ciamar bu chòir dhì a bhith air a faicinn an co-ghleachd ri uile ghnìomharain ar beatha; nach e rud airson Dìdòmhnuich a mhàin th'innte, na airson an t-seämail; na nì gu'r greasadh air falbh bho'n t-sàoghal; na "*türra-chadal an cõmhnuidh thair leabhra-chain 'math,'*" ach "*a bhith math sa deanamh math;*" "*a leigeil leis na h-uile nì dal air adhart le inntinn Chrìosdail.*" Bha i cho grinn ri searmoin Mhgr Mhic Leòid an uiridh, agus chuir i dhachaidh sinn air ar mór-theagasg.

## AN DEIDH AIR BAILMHORAIL.

October 13g, 1856.

THA mo chridhe a dlùthadh nas tìnne agus nas tìnne ris an Fhlathìnnis ghàolach so na h-uile bliadhna, agus so gu mór nas mùmha nis, bho'n is e crùthachadh m'Ailbeairt fhé th'anns na h-uile nì; obair fhé; a thogail sa dhealbh-adh fhé; ceart mar aig Osboirn; agus tha a sheòltachd fhìnealt, agus ail a làimh ghàolach ri fhaicinn anns na h-uile cuairt. Bha e baileach bìsi an diugh ag ùllachadh agus a cur an ordugh iomadh nì airson an ath bhliadhna.


## FOSGLADH NA DROCHÀID NÒDHA THAIR LÌNNE NA DÈ.

---

Septembar 8mh, 1857.

AIG leth dà uair thog sinn oirnn ann an “Stàid Gàdhallach,”—Ailbeart as e ann am breacan de thàrtan rìoghail nan Stiùbhartach, agus mise as na caileagain ann an sgiortain de’n ann seòrsa,—gu dal dh’ionnsuidh Lìnne na Dé. Bha na bàin-tighearnain (nach do thíll bho’n bhàl aig Lóidse Mhàrr gus an robh e céig uairean muchrath) as na dáoin-uailse dal còmhla ruinn. Bha an glèann a sealltuinn bòidheach, agus an rathad air a lìnic leis na Dúifich. Bha bògha-buadhor air a thogail, far an robh Morair Fhìobha agus Mghr. Brug feitheamh rúinn agus choisich iad taic a charbad, agus na plòbhairean a cluicheadh. Aig an drochaid bha Banamohrair Fhìobha a feitheamh ruinn agus dh’òil sinn “Soirbheas leis an drochaid” ann an uisge-beatha. Tha an sealladh uaipè dheth an Lìnne anabharrach bòidheach.

Bha a chuideachd uile agus còisir-ciùil aig tàobh mach bùth air a bhruaich tha sealltuinn bhàn air an drochaid. An so fhuair sinn tíí, as chum sinn còmhra ris an t-sluagh, agus an sin ghreas sinn air ais rathad Lóidse Mhàrr, agus



Linne na Dúil.



chaidh uaillesean Fhìobha rōmhainn gu ceann nan tälāmhnain. B'e an ann sluagh bha an so as aig na cruinnichean, b'e sin uaillesean Chäimbdean, Eärrail, Eärli, an t-seana Bhana-mhorair Dhúif, agus am Mäighstear as a Bhana-mhorair L. Brùg, agus feadhainn eile. Bha sinn aig an táigh aig leth sé, cha b'ann gun uisge air an rathad.

## SGRIOB THUN NAN SEANA MHNATHAIN.

---

Disàthuirn, Septembar 26d, 1857.

DH'FHALBH Ailbeairt marri Alfreid chur seachad an latha, agus chaidh mise mach a coiseachd marri Banamhorair Thorcuill. Rinn sinn stad aig an t-siop deanamh beagan céannachd airson an t-sluaigh bhoichd agus feadhainn eile. Ghreas sinn an sin car tãcan rathaid, ach thàinig sinn mach agus choisich sinn nàird am brùthach gu Bail na Cráight, gu táigh Bean Mhic Fhearchair, agus thug ise céum mun cuairt cuid rúinn a dh'fhéuchainn dõmh-sa nan taighean anns an robh an sluagh boichd a fanachd, agus a dh'innse dhaibh co bu mhì. Mus an deach sinn stáigh do ghin idir, thachair sinn air seãnn bhoiriõnnach a bha, bha Bean Mhic Fhearchair a gradh, baileach boichd agus ceithir fichead bliadhna sa h-ochd dh'àois, agus b'e màthair a ghrùdair a bha an so rõimhe b'innnte. Thug mi dhì còta blàth, agus bha na deoir a rúith bhàn thair a seana ghruaidhean, agus chrath i mo lãmhain, a gúidh ri Dia mo bhêanachadh: bhean e gu mór ri mo chridhe.

Chaidh mi stáigh do chrùban beag le seãnn Cheiteag Chiar a tha ceithir fichead bliadhna sa sè dh'àois—agus i cho dìreach fhathast: chuir i fãilte oirnn le giùlan ard





A Bantrach Ghrannt.



uasal, agus rinn i súidh bhàn gu snìomh. Thug mi dhì còta-bàn blàth cuideachd agus thuirt i! “O gun robh an Tighearna am feasd gar gleidheadh fhéin agus an fheadhainn as càire duibh nis agus an deidh làimh; gun robh an Tighearna na thredraich agaibh, agus gun gleidh e sibh bho na h-uile olc.” Bha moran iongantais oirre ri Bhigi a bhith air fàs cho ard! tha toil mòr aca innt-se.

Chaidh sinn air adhart gu bōthan (bu le Sìne Ghordan rōimhe), a dh'fhaicinn na seana bhantrach Shìmanach, a tha thairis air “a cheithir fichead,” le h-àodainn ghrinn ròsach, ach bha i air cromadh dùbailt; bha i ro chàirdeal, a toirt crathadh an laimh dhuinn thàll thairis, a fóighneachd co bu mhise, agus sìr ghuidhe moran bhéannachdain: “O gun robh an Tighearna maille rúibh le sùgradh agus sùbhachas; O gun robh Esan maille rúibh anns an t-sàoghal so agus dar dh'fhàgas sibh e.” Ri Bhigi, air dhi chluinntinn gun robh i dal bhith pòisd, thùirt i, “Gun robh an Tighearna na fheär-trediraich dhuibh san tìm a tha agus tha ri tíghinn, agus gun robh na h-uile sonas gar leanachd.” Bha i ro brúidhneach; agus dar thuirt mi gun robh mi an dòchas gum faicinn fhathast i, leig i ris dhōmh a dùil “gum fàodadh i a bhith air gairm air falbh latha sam bith,” thuirt Ceiteag Chiar a leithid eile.\*


Chaidh sinn stáigh do thrì taighean eile: do tháigh Bean an t-Sìmanaich (nighean cheile na seana bhantraich a tha fanachd san ath dhorus), aig an robh giulan tinn; an sin crosnach air àllt erion gu táigh sēann bhoiriōnnach

\* Fhuair i bàs san Iànuair sa bhliadhna 1865.

eile ; an sin chur sinn dìdeag stáigh air a Bhlàrach am fìdhlear. Ghreas sinn air ais, agus thàinig sinn mach rithist a dh'fhaicinn seann Bhean a Ghrànntaich (màthair a Ghranntaich), a tha cho cearmant as cho ghlan ; Thug mi dhì-se gùn agus nèapuig agus thuirt i, “Tha sibh “tuille’s cáoimhneil riumsa, tha sibh thair tomhas cáoimh-“neil rium, tha sibh toirt domh am mùmhaid na h-uile “bliadhna, agus mise na h-uile bliadhna dal nas sine.” An deidh còmhradh car treis ri, thuirt i, “Tha mi buidh-“each air ur faicinn a sealltuinn cho grinn,” Bha deòir air a sùilean, agus am brúidhinn air Bhigi a bhith falbh, thuirt i, “Tha mi ro dhuilich, agus tha mi smuaineach gu “bheil i fhé duilich ;” agus an deidh a ghradh gun robh i gabhail eagal nach fhàodadh i a faicinn rithist, thuirt i : “Tha mi ro duilich gun d’thuirt mi sin, ach cha robh “mi ciallachadh nì sam bith as an rathad leis ; bithidh “mise an còmhnuidh a gradh an rud bhitheas ann am inntinn chan e an rud a bhitheas freagrach.” An t-sèann bhean-uasal ghàolach ; tha i na créutair cho tàitneach.

Da rìreamh tha gràdh an t-sluaigh mhath so, a tha cho fònmhor agus cho greadhnach ri d’fhaicinn, agus a tha gabhail toil-inntinn anns na h-uile nì, a beanachd gu ro mhor ris a chridhe agus sòlasach.





An Campachadh aig Feithort.

## SGRÌOB GU CAMPACHADH A PHRIONNSA AIG FEITHOIRT.

---

Dimàirt, Octobar 6mh, 1857.

AIG dà uair dhiag ghreas sinn air falbh leis an dà chaileag thun nan „Iarunnain,” far an deach sinn air muin nam pònnaidhean againn, (am Brùnach agus an Robstanach am fritheal, g'an cóis.) Mharcaich sinn nàird an Coire Buidh air adhart air an fhrithrathad ùr lágach tröimh Feithlúi gu bun dìreadh Feithoirt a tha ro chas. An so thàinig sinn bhàn a choiseachd nàird—agus ann an tiot, dar bha sinn fagasg do mhùllach an fhrithrathaid thàinig sinn air champachadh bheag aig Ailbeairt, dìreach taic an rathaid lùbach.

Cha robh Ailbeairt air tìghinn dachaidh fhathast air dhà dal mach aig sé uairean muchrath, ach bha Löhlein agus feadhainn de na gillean an sin. Cha robh an táigh-eam beag le sgeilpean airson bhocschain, agus bocsa-teine duinte, (ach gun chathair ann,) idir mi-ghóireasach; airson sin bha a ghàoth eagalach ard, as i seideadh stáigh. Dh'fheith sin car cheithreamh na h-uair agus an sin thàinig Ailbeairt; agus le bhith mach bho shé uairean thilg e trì daimh, agus cha robh ach an ann fhear dona nam measg. Thug am fear briagh fhuair e san fheasgar

an ráor drágh mór dhà. Bha an óidhche air bhith bail-each fuar, gàothair; ach fhuair e cadal. Fhuair sinn am mìr miadhon-latha san táigh bheag aig an dorus fhosgailt. Bha an t-ath bhöthan ann airson na mūinntir. Dar bha am miadhon-latha thairis, choisich sinn bhàn as chroisg sinn a chuid bu mhūmha de'n Bhälloch Bhuidh, a dal air muin nam pōnnaidhean againn thair àit sam bith a bha fliuch. Chūnaic sinn feidh dar thàin sinn bhàn na b'illse, agus ann am brisg bha dāmh air fhaicinn dìreach staigh taic an rathaid; loisg Ailbeart air, agus thuit e sa mhionaid. Bha cròcain anabharrach grinn air, agus té dhiubh rìoghail air an darna tàohh,

An sin ruaig iad nàird gu ruig Craig Däign. Bha Ailbeart bochd gu math sgìth, agus bha aige ri coiseachd fad na tìm, leis nach robh pōnnaidh aige; mharcaich sinn pàirt de'n rathad. Ghreas sinn a chuid a b'illse. Mar bha sinn nar súidh fo chràuibh taic Ailbeart thàinig dāmh mach, agus mharbh Ailbeart e le ann urchair.

Làtha briagh, ged bha e air uairean baileach fuar; bha sinn dhachaidh aig leth seachd.



## CUR SNEACHDAIDH.

---

Mo thruaigh! ar lâtha deireannach! Dar dh'eirich sinn bha an aimsear gun dad misnich dhuinn. Na h-uile nì geal le sneachd, na laidh, air a chuid bu lagha, tiúghaid oirleach air an làr, agus lean e air an t-sneachd gu tróm, mar bha e a deanamh bho chóig uairean muchrath. Bu math leam nam bitheamaid air ar dúnadh nàird leis an t-sneachd, agus nach gabhadh carach. Is mi bhitheadh toilichte nan robh e mar sin. Lean e air an t-sneachd gus an lethuir an deidh dheich, na gu ann uair diag, agus an sin shoilleirich e nàird. Bha na beanntain glé gheal; ach bhoilsg a ghrian mach briagh. Bha Ailbeairt dal ruag Coilltean Charrob,—do'n e an t-ainm ceart Coilltean Garmadi,—ach bha aig an toiseach ri dal mun cuairt Craig Ghobhainn marcachd cõmhla ris an Doctair Robstan, a dh'fhaicinn an àit sam bheil an táigh nòdha aig Dõnnacha gu bhith air a thogail, a tha fos ceann a bhaile, mu choinneamh Craig Luraghain le beachd fuathasach briagh bh'uaith; agus bha mise gu choinneach aig táigh a Ghrànntaich.

Dh'fhàg mi aig ann uair marri Ailiös agus Leänchein\*

\* A Bhanaphrionnsa Eilina.

airson táigh a Grāntach, far an do thachair sinn air Ailbeart, agus an d'thàinig e stáigh do'n charbad cõmhla ruinn: bha an latha da rìreamh briagh. Fhuair sinn mach aig an âbhuinn, agus mar bha sinn dal bhàn gu Neliõs Bush (Preas Eili,) bha dāmh air a chluinntinn a bùirich ro theann oirnn; an so bha againn ri stad, agus le'r breäcanain agus ar cleòcain a suidh orra, gun teagamh sheachuinn sinn gun mhoran fliuchadh fhàotuinn. Dh'fheith sinn gus an robh Ailbeart teann air an dāmh, agus am fac sinn e a carach, as an cual sinn Ailbeart a tilg dà tharruinn, agus an damh a tìonndadh sa stad, agus an sin dal as an t-sealladh. Thilg Ailbeart rithist, ach bha an damh air crosg na Dé; mar so th'ill sinn nàird as stáigh air an rathad, as chaidh sinn staigh do'n t-seann Choire Bhuidh ghàolach; agus thìonndadh Ailbeart air falbh dh'fhaicinn an robh tuille a dh'fheidh mun cuairt am feadh sa bha sìnne a feitheamh ris. Thàinig sinn an sin a dh'ìonnsuidh àit tha an cõmhnuidh fliuch, ach bha baileach olc an deidh an uisge agus an t-sneachd bh'ann mu dheireadh. Cha robh pònnaidh ann air mo shon-sa gu fàotuinn air adhart; agus leis nach robh mi toileach mo chas, ain a fhliuchadh a coiseachd feadh an fheòir fhad shõnruich Ailbeart gum bìthinn air mo ghiùlan thairis ann am breäcan, agus bha Leänchein air a giùlan thairis an toiseach; ach bha e air chumail tuille's ìosal, agus bha a casain a slàodadh; mar so chõmhairlich Ailbeart gun bitheadh am breäcan air a chur mun cuairt do ghuaillean nan dáoine, agus gun deanainn-sa súidh air; b'e am Brùnach agus Dõnnacha, an dà fhear bu treise agus bu

lámhchair, an dithis a ghabh fos lámh e, agus, mo shuidh le mo ghàirdean air guallainn gach fear bha mi air mo ghiùlan thairis tearuinnte. Tha leithid de thoileachas-inntinn anns na Gàdhaill uile, agus tha e dà rìreamh cho taitneach agus cho ciallach a bhith cumail còmhradh riutha—na boirionnach cho mhath ris na daoine,—agus iad so cho mhor a choslas dhaoine uaisle. Bha urchairean

\* Tha beachd de'n ann seorsa sa tha san teagasg air a liubhairt ann an doigh choimhlionta leis an Nàomhair Freàdirig U. Robstan, ann na "Leubhaidhean mu Nithean Ionnsachaidh agus Comunn,"—(Literary and Social Subjects.) agus tha a chùntas air an Tìralach nas freagraich eadhainn do'n Ghàdhall.

Bu chompanach dhomh sealgair gabhair-shamaidh, Tìralach, duine ionan inbhe ri fear na h-obair latha an Sassun. Ach is eagal leam gum bitheadh e duilich companas mar so a dheanamh soirbh agus taitneach do'n da chomunn an Sassun; bhitheadh strìochdadh cràiteach, air-neo atharrais dhan, air an darna taobh, agus bacadh air an taobh eile. An so cha robh nisam bith deth an t-seòrsa sin. Bha sinn an da chuid a coiseachd, agus aig itheadh comhla. Bha na h-uile uail annsa a tha dùchasach do mhac an duine; ach b'aithne dha am modh sin a bha dligheach do choigreach; agus dar dhealaichmead car na h-òidhche ghabhadh e a chead dh'iom le modh agus uailse nach bitheadh na thair do'n duine uasal as finealta na bhéusain. Bu réusan do so mar is urrainn domhsa thùrsain, gun robh a ghiùlan air a dhealbhadh ri ard bhriaghas nan samhraidhean folaiseach nadurail sin measg an robh e a combnuidh. Bha e mi-comasach bhith faicinn nan neoil a càbhlachadh san doigh allta neonach aca fhé mun cuairt do bhinneanain nam beann, gus am fasadh na monanain nan nithean uamhannach, luaisgte le beatha—bha e mi-chomasach a bhith siubhal mar bha sinne a deanamh na uairean, car uair na dithis roimh eiridh grèin, agus bhith faicinn gathain na maduinn a gealachadh le an solus fìorghlan na barranain àosda briagh air taobh eile a ghlinne, agus sinne sinn fhé anns an dùbhar bu doimhne, agus beachd ghabhail air an duine le a shealladh uile an co-chordadh ris gach ni mun cuairt da, agus le a shuil chùin a laidh air an fhaicinn iongantach sin, gun fhaireachdain gun robh a pairt fhé aig na nithean sin uile ann na dheanamh an rud a bha e, agus gun robh thu ann an dùthaich far am bheil eisiomail air duine a bhith modhail, seadh, cha mhor bhith nas fhearr gnè na ann an aitechcan eile.

Ailbeairt air an clūinntinn dlùth oirnn fhad sa bha sinn ris a miadhon-làtha : agus bha sgapadh thàll thairis san t-sluaigh. Chòdhaillich sinn Ailbeairt goirid an deidh so; bha e air sàrach mor a bhith aige an sealg a dhaimh—air dhà bhith na dheidh na h-uibhir làthachain—ach mu dheireadh mharbh e e le ann urchair, Thàinig iad far an robh sinne leis gus am faiceadhmaid e; b’e fear de dhath àotrom bh’ann; le ádharcain grinn, dìreach, agus de tbiúighead fhuathasach. Coisich sinn an sin air adhart airson ruaig mun cuairt do Charrob uile; agus bha an sealladh òirdhearg! Bha na beanntain còmhdachichte le sneachd, agus na cràobhain beatha air na monanain dòn gu h-ìosal, buidh mar an t-òr; agus spéir shoilleir an fheasgair fo bhòidhchead nach gabh luaidh. Tha na sreathain so a leanachd a tilg dearsadh air a bheachd bha romham anns an t-sealladh ud.

“Octobar oirdhearg briagh,

Frithchnoc fo chàochladh snuadh, blathain an fhraoich air searg,  
An drnim cnotal fraoich as rainich na craobhain uaine boidheach,  
Am fearn san darach uaine, sgarlaid as buidh an caorn;  
Aon bhóilsg oir leathainn mhor an criothann—  
Séudainn oir sinnte an ciabhain na craoibh beatha bhan,  
Ag udlan an sin as an so, a cù, a paidrean as a cluas-fhàinean.  
Sgith, agus trom airsneulach, tha i nis gan sgapadh bh’uaipe.”

Bèthan Tobair na Fualaich. Le Artair Eòbhan Cloch.

O! mar bheachdaich mi rithist sa rithist agus le cridhe dùbhach air oibrean glòirmhor Dhé, leis mar b’e an tarruinn mu dheireadh bh’ann, agus mar dh’oidhirpich mì an sealladh a ghiùlan air falbh air a deadh phlanntach-agus air a shúidheachadh ann am ìinntinn, chēann chan

fhaichear an àthailt so leis an t-sneachd ach ro ainmigh rithist. Chùnaic sinn mar so e ann uair eile am 1852; ach chan fhac sinn bho sin e, ged bha iomadh stoirm shneachdaidh ann agus frasain le beagan sneachaidh a laidh air mùllach nam bēanntain.

## DIREADH RI MÒRBHÈINN.

---

Septembar 14g, 1859.

BHA mi gam fhaireachdain fhé ro dhùbhach bho'n bha aig m'Ailbeairt gàolach ri'r fàgail aig ann uair a dhal do dh'Obair-raighainn gu bhith na shúidh air ceann na Còmunn Bhrëätunnach.

Dh'fhàlbh mi marri Ailiös, agus an dà baintighearn, ri Morair Tearlach Fhìdsruaigh, agus am Brùnach beägan röimh sin gu Morbhèinn. Fhuair sinn éich-dhuais aig Gairn, agus ghreas sinn nàird an glëann, tàobh na làimh deis, air rathad nòdha math, a seachuinn an àthan, agus air cheann da bhith leth trì uairean bha sinn aig bun na Mhorbhèinn, agus gun bhith fad bho'n an táigh-èunaich an sin. Chaidh sinn air muin nam pònnaidhean an so, agus theann air srèad-siubhail ri carachadh leis na gillean — Séumai Cùtse, seann fhear eòlais, nis a cumail na lóidse, a ceännadh an rathaid. Mu leth slìghe rinn sinn stad tàobh àllt, a suidh bhàn air na breäcanain againn air fòid ghrìnn, shòghail, agus ghabh sinn am miadhon-làtha; an sin a sràideamach mun cuairt, agus a tarruinn. Chaidh sinn air muin nam pònnaidbean rithist as mharc-aich sinn nàird thun a mhùllaich, a tha car corrach agus

bog, làn còinnich. Bha mo phònnaidh crìon san t-séid-eil eagalach leis cho reamhar sa tha e. Tha 2,700 (dà mhìl agus seachd ciad) troidh air àirde am Morbheinn, agus an sealladh bh'uaipe nas briaigh na ghàbhas cur an céill, cho farsuinn agus airson sin coltach bhith cho teann ort air na h-uile nì, agus a leithid de chuan a mhònanain le solasain gorm, agus an dath cho ìongantach bòidheach. Bha sealladh againn bhàn air fearann Dhiùc Ridsmonn, agus chùnaic sinn am monadh ris an can iad Boc a Chabraich agus nas fhaide air adhart fhathast nam Monanain Sglèät; air an tàobh shìos, Obair-raighainn agus a mhuir ghorm, agus b'urrainn duinn eadhainn na lóingearainn fhaicinn le sealladh na súil: an còmhnard-thalamh eadar Tarrlann agus Bàiladair; agus a sgàoladh mach fòdhainn, dìreach gu deas, Monadh Cian. Gu tuath shuas, Loch na Gàraidh; shuas Bèinn Àthan agus Bèinn a Bhùird,—“talamh na Gàirn,” mar their iad ris, agus Mùich; agus Srath Dé san talamh-bhedil. Bha e sèunta! Choisich sinn bhàn gu far an robh mìr miadhon-lâtha againn, agus mharcaich sinn thun an ìochdar. An so fhuair sinn teine, tìl cuideachd agus bònnaich, agus còrr, bh'air a chur an úidheam air arson le bàintighearn agus duine-uasal, an nìghean agus am mac aig Sir I. D. Radlif, a tha fuireach anns an táigh-èunaich. Dh'òil sinn an tìl, agus dh'fhàg sinn anns a charbad aig leth seachd uairean, rúigheachd Bailmhorail aig leth ochd. Ach cia cho dùbhach gun m'Ailbeart fhàotuinn aig an táigh.

## TILLEADH A PHRIONNSÀ BHO OBAIRÀIGHAINN.

---

Septembar 15g, 1859.

CHUAL mi an ráor tróimh sgrìobhadh-astair gun deàch fáoilt anabharrach thàitneach a dheanamh ri Àilbeairt, agus gun robh na h-uile nì dal air adhart cho math sa ghàbhadh bhith. Tàing do Dhia. Dhìrich mi Loch na Gàraidh marri Ailiös. Eilina, agus Bearti, Banamhorair Thorchuill, an Coirneil Brùis, agus an luchd frithealadh as àbhuist, pilleadh aig sé uairean. Thàinig m'Àilbeairt aig deich mionaidean an deidh sheachd. Bha na h-uile nì air dhal troimh fuathasach grìnn; Chūnnaic e móran de shluagh ionnsuichte; agus bha na h-uile gin an greádh-nachas ard ris an òraid aige; agus bha móran toileachas aige san fhàoilt fhuair e. Bha Táigh Bhanchori(àit a Mhgr. Mac Thòmais) far an robh a chàirtealain (ceithir mìl bho Obair-raighainn), bha e a gradh, anabharrach góir-easach.







Fódha-shnaigh am Marbhal. (Bas-relief).

## FLEÁGH DO LUCHD-BUIDHEANN NA CÖMUNN BHRĒATUNNACH.

---

Septembar 22d, 1859.

CHAMHANAICH a mhaduinn dealrach. Dh'èirich a ghàoth anabharrach ard fuathasach ealamh agus bha sinn ag óillteach, ach airson sin bha e a sealltuinn soilleir, agus bha sinn an dòchas gun cumadh a ghàoth air falbh an t-uisge ; ach an deidh na diotach, mar bha sinn cumail beachd air an ùllachadh, thòisich frasain, agus bho leth dà uair dhiag bha dortadh eagalach ann, leis a choslas geal-chùirteanach sin a tha cho óillteil ; agus lean e air mar so gus an robh e leth ann uair. Bha mi an déisinn ; ach mu dheireadh theann e ri àotromach dìreach mar bha na cōimhearsnaich agus na teaghlaichean aca air tìghinn, agus cuid de na tuathanaich mur coinneamh (clann Mhic Ara, clann Dōnacha, athair agus bràithrean Mac Ghille Dhúinn (Brown) agus an sin thàinig carbadain-fad gäilbheach luchdaichte le "drúidhean". Aig dà uair bha sinn uile deas. Bha Ailbeairt agus na giulanain anns na féilltean aca, agus mise agus na caileagain ann an sgiortain Stiùbhartach rìoghail agus seàlchain thair cuirp de bheàlbheat dhùbh.

Bha e na shealladh bòidheach dh'aindeoin nam frasain àotrom tric a bha gar cràdh an toiseach, agus a ghàoth

fhuar anabharrach ard bh'ann. Bha plâthachain gréin ann, agus leis na Gàdhaill nan éididhean loinnreach, agus dealbhadail, leadanain àllta na pìob, 'a choisir-chiùil, agus an cul-thalamh bòidheach mhònanain, bha an sealladh àllaidh agus ro dhrúidhteach. Bha clann Mhic Fhearchair agus an Coirneil Mac Fhearchair air an ceann; na Dúifich agus Morair Fhìobha, agus na Foirbaisich le Sìir Tearlach Foirbais, air màrsal bhàn air an talamh mus an d'thàinig sinne mach, agus bha iad air an tarruinn nàird thàll dìre each mu'r coinneamh, agus an luchd amhrac (mūinntir na dùthcha) air an cùlaobh. Rinn sinn seasamh air an àrr-thalamh, leis a chuideachd lāmh ruinn agus na "*savants*," (dáoine-ìonnsuichte,) cuideachd, air gach dälach tàobh dhinn agus air adhart na leathadain, air na tälamhnain.

Tòisich na cleasachdain mu thrì uairean :

"1. Tilg an ùird."

"2. Tìonndadh a chabair."

"3. Cur na cloich neart."

Thug sinn geallanain do'n triùthair b'fhearr sna h-uile cluich. Dh'fhalbh sinn an sin air adhart an t-arr-thalamh thun a phàillion mhor, a còmhradh ris an t-sluagh, gu far an robh na fir cur na cloich. An deidh so phill sinn thun an arr-thalamh ùard, a dh'fhaicinn na réis, sealladh àllta lágach; ach bha na fir a sealltuinn fuathasach fuar, gun dad orra ach an léintean agus am féiltean; Ruith iad gu grinn. Ròbhaig iad breacanain mun cuairt daibh fhé, agus thàinig iad dh'fhaighinn nan geallanain bhuam-sa. Mu dheireadh uile thàinig an dānnsa—rúithilchean agus "Gille Cállum." Cha robh na britheanain cordadh mun



“Tionndadh a Chabair.”



fhear so mu dheireadh ; agus bha e air dhānns thairis as thairis ; agus an deidh uile chur iad an dānnsair b'fhearr as an dèuchainn ! bha e dānnsadh “tuille as math” bha iad a gradh ! Dar bha an dānnsa ùllamh, thog sinn oirn am miadhon gláodh-aighear an t-sluaigh. Bha e an sin mu leth sé. Bha sinn cumail beachd air na Gàdhaill bho an uinneig agus iad a màrsal air falbh, na h-uile mùth sluagh coiseachd mach, agus ceithir charbadain tòmadaich fad lionadh leis na fir-eòlais. Chünnaic sinn, Profeäsair Ôbhainn, Sìir Daibhidh Bròbhistair, Sìir Iain Bòbhrinn-Mghr. I. Ròscò, agus Sìir Iain Ròs, agus bha sinn a còmhradh riubh.\*

Dar bha iad thun bhith uile air falbh, ghabh sinn sràid ghoirid mach gu'r deanamh fhé blàth. Bha sinn ro thoilichte gun robh na h-uile nì thairis cho reith. Bha Diùc Ridsmonn, Sìir R. Mac Mhùrchaidh, Seanlair Sàbinn, Mghr. Mac Thòmais, bho *Tháigh Bhanchori*, agus Profeäsair Philips, Cleireach na Comunn, a bha uile air cadal an so, a mèudachadh còmhlàn na dinnearach. Bha mise am shuidh eadar mac peathar mo mhàthar, Philip (Diùc Flännrais) agus Diùc Ridsmonn. Bha na daoine-uailse uile a brúidhinn an teirmnean ard air an òraid bhriagh bh'aig m'Ailbeart gàolach, an stàth a tha i air dèanamh, agus an toilicheas farsuinn bha i toirt.

B'urrann duinn teine campachadh nam Fóirbaiseach fhaicinn air an tàobh thàll.

\* Chual sinn aig a Chuirn, bho Shir R. Mac Mhùrchaidh (no Calman,) agus feadhainn eile, gun robh naigheachd air tighinn anns a mhaduinn an diugh gun d'fhnaireas na rudain aig Sir Iain Franclinn bochd—neo, is e b'fhearr a gradh, na rudain aig fhé agus aig a chomblain aige.

## CUAIRT GU INNSE-RUARAIDH.

---

Septembar 30d, 1859.

THOG sinn oirnn aig fichead mionaid an deidh ann uair diag marri Eilina agus Liùsa anns a charbad-teághlach, agus an Gränntach air a bhócsa, gu dal gu Loch Builg, a dal seachad air tuathanas Bhlàirghlas agus Dhail Dùni, agus an táigh-èunaich aig Corndäbhuinn, deich mìl air astar. Fhuair sinn na pònnaidhean an so (b'e m'fheär-sa "Bhictoria"), agus mharcaich sinn air adhart air bruach an loch, nàird glèann bòidheach air rathad a bha caradh air adhart troimh a choire, a bha iomadh uair sealltuinn mar gum bitheadh e dùinte. Mharcaich sinn an sin air adhart äbhuinn bheag no ällt, do nach b'aithne do ghin an t-ainm; leis nach robh gin de'n chuideachd againn an sin riamh roimh. Bha cràobhain beatha thàll sa bhos air na monanain agus fèur sa choire gu h-ìosal: chünnaic sinn féidh. Mar bha sinn a dlùthadh air Innseruaraidh (táigh-èunaich le Morair E. Bhēanntinn) bha na seallanain sìr fhàs na bu ghrinne agus na bu ghrinne, a toirt Glèann Tèilt gu'r cūimhne, agus bha e fuathasach bòidheach aig Innseruaraidh, leis an uisge leathainn ghrinn aig Abhainn a srùthadh bhàn bho na beanntain.



Dh'fheòraich sinn de mhūinntir Innseruaraidh an robh doigh air fàotuinn mun cuairt thair na monanain rathad Airidh Ghàirn, agus thuir iad rinn gun robh; ach gun robh ana mìl diag dh'astar ann. Cha robh ana chuid an Grāntach no am Brùnach air bhith an rathad rōimhe. Rinn sinn nàird air n'inntinn a dhal ris gun mhóille, agus bha mi tōbhach a falbh à *l'improviste*, (gun rōimh-eòlas,) a siubhal mun cuairt anns na monanain sèunta so anns an áonaranachd, gun againn marruinn ach ar Gàdhaill chòir nach eil am feasd a faicinn cruaidh-chàs, ach a tha an cōmhuidh suilbhir, agus sonadh, agus cridheal, agus deas gu coiseachd, agus gu ruitb, agus gu nì sam bith a dheanamh. Mar so chaidh sinn air adhart a tionndadh nàird fos cēann Innseruaraidh air rathad carach eadar chnōcanain agus bho am bheil sealladh òirdhearg air tàobh Laganābhuill. Aig an àit so, air tōman crion fèurach, fhuair sinn ar mìr miadhon-latha ann an suidheachadh àluinn.

An deidh ar miadhon-latha, agus coiseachd car tãcan an rathad, chaidh sinn nàird air na h-eich rithist, agus air adhart rathad na "Bò Dhúinn" mar their iad ris, (b'ann air an tàobh eile aige bha sinn air greasadh), thair sliabh-mhòin, a tachairt air clobair, as nach b'urrainn do'n Ghrāntach dad foirais a tharruinn. Thàinig sinn an ùine ghoirid dh'ionnsuidh achanain arbhair anns a ghleann; chaidh sinn seachad air Fàth-bhan-sìth agus air Innsemor agus fhuair sinn stáigh air rathad math, air an do rinn am Brùnach as an Granntach "coiseachd" le céum uamhraidh, tuille agus coig mìl san uair gun stad; agus am

Brùnach cho sgairteal, àotrom, shùbailt ann na céum as gun robh e làn iongantach. Chaidh sinn seachad air Airidh Dhail nan Damh (táigh-èunaich le Sìir Tearlach Fóirbais); agus chaidh sinn air adhart air an t-seann “rathad shaighdearain,” a fàgail Drochaid Choilleach, bailechan beag sgàoilte, th’air an rathad gu dh’Innbhinnis, air ar làimh chli, agus seana Chaisteal Choirghairbh air ar làimh dheas. Bha sinn a sealltuinn stáigh thairis do Shrath Dhômhainn. Dh’fhàg sinn an rathad an ùine ghoirid airson fear monaidh, fos ceann fear de dh’úilt na Dômhainn, agus bha e fiadhaich agus aonarach; chaidh sinn seachad air Dail Chùpair agus air Dail Mhòin, agus mar bha sinn a dal mach ùard, chùnaic sinn Tor na h-Oisg, san astar tàobh na làimh chli. An deidh dal air adhart air an lorg-mhonaidh so, thairis air na h-úibhir dhrochaidean truagh, brionglaidheach, thàinig sinn stáigh air an rathad air an robh sinn greasadh gu Tor na h-Oisg. Bha e fàs dorcha, ealamh, ach bha e anabharrach grinn. Thàinig mise as na caileagain bhàn a choiseachd luath tãcan. Bha Ailbeairt air coiseachd na b’fhaide air adhart, agus an Grãntach car na h-ùine a marcach air a phònnaidh aige. Bha P. Robstan as an Cinnaideach, thuilleaid air an fheadhainn a dh’ainmich mi, a giùlan na basgaid tarruinn mun seach.

Chaidh sinn air muin nam pònnaidhean againn rithist, leis a Bhrùnach an cèann m’fhir-sa le céum uamhasach, nàird Monadh Ghlaschoill, agus ràinig sinn mu dheireadh Airidh Ghàirn aig seachd, agus e làn dorcha. An sin, aig an táigh sheinnse beag, fhuair sinn ar carbad, as ghreas sinn air falbh cho luath sa b’urrainn duinn; bha na pòn-

aidhean gu bláigh lòn fhaighinn, agus an sin gu tìghinn air adhart. Bha againn ri greas dhachaidh anabarrach-sochdrach, leis nach eil an rathad math, agus gu bheil e ro chas ann an cuid dh'àitechean.

Bha an óidhche fèitheil. Bha sinn dhachaidh aig deich mionaidean an deidh ochd, air ar sèunadh leis an latha bh'againn. Cia mar bu mhath leam gum b'urrainn duinn a bhith an còmhnuidh dal mun cuairt anns an doigh so, agus a faicinn na h-uile spòt fhiadhaich th'anns a Ghàdh-alltachd! Bha sinn air dal cóig mìl diag air fhichead, (35 miles), air dhuinn marcachd nàò mìl diag gu leth! Bha na caileagain beag an sunnt mór rè na h-uine.

## DÌREADH RI BÈINN MUICH DHUIBH.

---

Dithàoine, October 7mh, 1859.

AN diot aig leth nàò. Aig deich mionaidean an deidh nàò thog sinn oirnn, anns a charbad-teághlaich, le Beairti agus Ailiös agus an luchd fritheal as àbhuist. Ghreas sinn air adhart tàobh thàll na h-àbhuinn. Bha an latha fuathasach fèitheil agus a gealltuinn bhith grinn, ged bha e car trom fos ceann nan monanain, air an robh sinn cumail faire iomaganach. Aig Bail a Chaisteil fhuair sinn ceithir eich-puist, agus ghreas sinn gu Àiridh na Dóire, an spòt bhòidheach san robh sinn an ùiridh—nach fhac Ailbeairt riamh—agus ràinig sinn sin dìreach roimh ann uair diag. Bha na pònnaidhean againn san àit sin leis a Chinnaideach, an Robstanach, agus Sèumai Gòbha. Bha ana phònnaidh a giùlan bascaidean a mhìr miadhon-latha. An deidh do na cleòcain, agus an còrr, a bhith air an cur air na pònnaidhean, no air an giùlan leis na daoine, chaidh sìnne nàird agus thoisich sinn air ar “turus”. Bha mise air “Bhictòria,” agus Ailiös air “Dobinns.” Bha Deòrsa Mac Ceairdi a seòladh an rathaid;—is e th’anns-sa seann duine do’n aithne an dùthreich gu math (agus tha deanamh an àit tredirich, a giùlan baigeis airson na mūinntir a

bhitheas crosg na monanain “air beothaichean”—ainmhidhean tha esan cumail airson a ghnòthaich.) Mharcaich sinn leis a Brùnach an ceann mo pònnaidh-sa neart na h-ùine, an dà chuid a dal nàird agus a tìghinn bhàn chaidh sinn air chuid bu lágha úibhir ri ceithir mìl nàird Glēann Dóire, a tha anabarrach grinn, agus fuigheal coille bhriagh ann, Càirn Dóire gu deas, agus Uisge Dhóire a ruith gu h-ìosal. Bha an lorg fuathasach olc, clachach agus air a briste bhàn leis an fhéudail a dal thun na fáighearach. Aig ceann a ghlinne chroisg sinn àthan, a dal seachad air pàirt de thàlamh car bóg, agus tionndadh nàird gu tàobh na làimh clì air rathad garbh corrach, ach airson sin le dìreadh sòghail gu Coire Eiteachan, a tha ann an spòt anabarrach àllta, garbhach, le sgorr-chragain briagh, agus bèinn ard gu deas ris an abair iad Beinn Mheinn, air do làimh chlì aig a cheart am bha Càrngorm na Dóire. Dar ràinig sinn mùllach an dìreadh ro chas so (bha sinn air bhith ag eiridh, gun bhith ga fhaireachdain cha mhór, bho Airidh na Dóire,) thàinig sinn air loch de’n ann ainm, a bha toirt Loch na Gàraidh as Loch nan Èun nar cuimhne. Bho so tha beachd air monanain àllta eile agus air coirechean—air Bèinn Àthan, agus an corr. Bha sinn a dìreadh anabharrach sòghail, ach bha sinn air ar cuairteachadh cho mhor le ceò agus gum bu ghann a bha sinn murrach air nì sam bith fhaicinn—na rudain sin a bha dìreach rōmhainn eadhainn! bha Ailbeairt air cois-eachd mhath dheanamh; agus an latha ro fhuar. Dh’fhàs an ceò na bu mheas; agus mar bha sinn a marchachd air adhart air an druim chlachach, ach cōmhuard cha mhor.

aig Bēinn Muich Dhui, bu ghann bha sinn faithneach co-aca a bha sinn air talamh cōmhnaid no air mùllach a mhonaidh. Airson sin mharcaich mise agus Aliös thun an fhìr mhùllach, agus ráinig sinn e beagan mhionaidean an deidh dhà uair; agus an so, aig càrn chlachain, agus a ghàoth biorguineach fuar, fhuair sinn ar miadhon-latha.

Dìreach mar bha sinn súidh bhàn, thàinig òsag ghàoith agus sgäp i an ceò, agus bha athrrach ìongantach ann, agus e na shealladh mūiteach—leis na faicinnean a b'äll-uidh as bu bhriaigh ghabhadh tùrsainn air am fèuchainn! Rinn sinn suidh air druim a chàrn a gäbhail ar miadhon-latha,—agus a mhūinntir chòir againn cròleagan leis na pōnnaidhean fagasg duinn. Dar bha am miadhon-latha thairis, rúith Ailbeairt air falbh le Ailiös thun a bhile a dh'fhaicinn an t-sealladh bhriagh, agus chur e fios orm-sa gu leanachd. Rinn mi sin; ach cha b'ann gun chōmhnaidh a Ghrānntaich, oir bha mórán de chlachain tuasgailt mór carnte air muin cheile ri coiseachd orra. Bha a ghàoth eagalach ard, ach bu mhath b'fhiach an sealladh fhaicinn. Chan urrainn domh ìnnseadh mu dheibhinn uile gu leir, ach chūnnaic sinn far am bheil an Dúi aig eiridh eadar na monanain ris an abair iad Fūaran Dúi—Bēinn a Glō—agus na beanntain ri'n tàobh, Bēinn a Bhrachdai—an sin Bēinn a Bhùird—Bēinn Àthan, as an còrr,—agus an sin leithid de chragain àllta briagh, sgòrr-chragain, agus a choirechean. Bha drùthadh sòlaimte agus togailteach aige; cho àllta agus, cho aonarach—gun ghin ach sinn fhé agus ar chōmhlan chrion an sin.

Chaidh Ailbeairt agus a chlann air adhart na b'fhaide,

ach thill mise air ais marris a Ghränntach leis nach robh mi ro mhath air an streapadh mun cuairt. Beagan na dheidh, thoisich sinn uile air coiseachd agus air sealltuinn airson “cùirn-ghorm,” agus fhuair sinn beagan dh’fheadhain chrìon. Bha an ceò air glanadh air falbh uile gu leir gu h-ìosal, air chor agus gum fac sinn na h-uile gin de na seallanain bòidheach. Tha Bèinn Muich Dhúi ceithir mìl dà chiad ceithir fichead sa seachd troidh diag (4,297) air airde, fear de na monanain as airde an Albainn. Mharcaich mise agus Ailiös pàirt de’n rathad, coiseachd àit sam bith san robh e ro chas. Choisich Ailbeairt agus Beairti ré na h-ùine. Fhuair mise beagan uisge-beatha agus bùrn, leis mar bha an sluagh deanamh mach gum bitheadh am bùrn tuille as fuar leis fhé. Mharcaich sinn an sin gun tìghinn deth rithist, agus Ailbeairt a cumail brúidhinn cho sunntach ris a Ghränntach. An s’ thuirt am Brùnach riùm-sa ann am facalain sìmplidh monadail, “Tha e “ro thàitneach a bhith còiseachd còmhla ri neach a tha “an còmhnuidh ‘toilichte.’” An dé, a brúidhinn air spòrt Ailbeairt ghàolach, dar thuirt mise nach robh e am feasd crosd an deidh droch shóirbheas, thùirt am Brùnach, “Tha “na h-uile gin san óighreachd a gradh nach robh màighs-“tear riamh ann cho chàirdeil ris; tha mi cinnteach gur e “an ann deidh th’againn a bhith a toileachadh.” Thuirt mise, gun robh iad mar sin, gu cinnteach.”\*

\* Bha sinn an còmhnuidh a cleachd a bhith brúidhinn ris na Gàdhaill—air am bith neach a tachairt cho tric anns a Ghàdhalltachd. Bha meas mor aig a Pbrionnsa air am béusain, an sìmplidheachd, agus an geurad ni tha ga dheanamh cho taitneach as cho chiallach bhith comhra riubh.

Fhuair sinn bhàn aig ceithreamh an deidh shé uairean gu Àiridh Dóire, far an d'fhuair sinn beagan tì, a ghabh sinn anns a bhòthan,\* thog sinn oirnn rithist le solus na gealaich mu leth seachd. Ràinig sinn Bail a Chaisteil aig leth ochd—agus an deidh so bhà na neòil a seòladh. Aig ceithreamh an deidh ochd bha sinn aig Bailmhorail, gu mor toilichte agus gun bhith idir sgìth; bha na h-uile nì air bhith air n-ordachadh cho gasd, agus cho chiùin, gun ùparaid sam bith. Cha dìchuimhnich mi an latha so a chàoidh, no an drùghadh a rinn an sealladh ro bhriagh orm; gu fìrinneach bha e tögailteach; agus a leithid de dh'àonaranachd.

\* Bothan àiridh, “Shiel” anns a Bheurla, nis, anns a Ghàidhlig, Táigh-eunaich.



## A CHIAD CHUAIRT MHOR ;—GU GLEANN FEASI AGUS BAILE NAN GRANNTACH.

---

Táighòsda Baile nan Gránntach, Dimàirt, Septembar 4mh, 1860.

Air tighinn san fheasgar an diugh an deidh turus fuathasach taitneach; theid mi thairis air gnòthaichean an latha. Ghabh sinn an diot anns an rùm againn fhéin aig leth ochd uairean, a togail oirnn aig ochd no beagan na dheidh, le Baintighearn Thoreüll agus an Seanlair Grëa, anns a charbad teághlaich(an Gránntach as am Brùnach air a bhocsa mar as àbhuist) airson Baile a Chaisteil, far an do mhùth sinn na h-eich. Chaidh sinn air adhart cóig mìl tàobh tháll Línne na Dùì, gu bòthan cìobair Gheallai far an d'fhuair sinn ar pònnaidhean agus fear-treòirich, Tearlach Stiùbhard. Chaidh sinn nàird taic na Geallai tròimh an robh againn ri dhal gu math tric a sheachainn boglaichean, agus mharcaich sinn car dà uair nàird Gleann Gheallai, thair mòine a bha cho bóg agus fhèathach ann an àitechain d'ì, agus gun robh againn ri tìghinn bhàn taruinn na dhà. Bha na monanain fiadhaich ach gun bhith ro ard, as dìth chraobhain, agus eadhainn gun fhràoch gu lèid mór, agus gun bhith dealbhadail gus an do ràinig sinn an Fheäsi, agus an do thionndadh sinn gu deas a dhal nàird do'n ghleann a b'urrainn duinn fhaicinn

anns an astar. Tha an Fheäsi agus a Gheallai ag eiridh cha mhor cōmhad ri cheile, le ro bheagan astar eätorra. Is e sruth grinn brais th'anns an Fheäsi, làn a chlachain. Mar tha thu a tìghinn thun a ghlinne, a tha fuathasach äimhlean, tha na faicinnean a fäs anabharrach grinn—gu sōnruichte rathad na h-Eädsard, àthan baileach dōmhainn. Thug an Grānntach, as e air a phōnnaidh, mise troimh : thug na daoine bh'againn gan cóis dhiùbh an caiseart a dh'fhàotuinn troimh. Bho an rúinn so tha an t-slighe äimhlean a tachras air adhart, bun monachain Craig nan Gábhair ; Craig na Caillich ; agus Sròin na Bānrighinn. Tha cragain agus cròbhain, giuthas as beatha, a crochadh stáigh thairis air an äbhuinn bhrais ; tha na monachain mar tha thu a dal air adhart, ag eiridh ro chas air an dà thàobh, le cragain beairteach agus coirechean, agus cáoch-an ainmig a tuiteam bho àirde mhór—agus an rathad a sniomhadh air adhart, ag eiridh sóirbh nas airde agus nas airde. Bha e làn òirdhearg.

Rinn sinn stad dar thàinig sinn a dh'ionnsuidh spōt chōmnard meag na cóille. Tha an giuthas nàdurail sōnruichte grinn ; agus tha e uile gu leir fuathasach briagh. Fhuair sinn ar miadhon-latha an so—spōt shéuinta—aig dà uair ; agus an sin chum sinn air adhart air ar turus. Choisich sinn air adhart tãcan an rathad gu far am bheil an coire agus an glēann a fosgladh mach, agus far am bheil àilean no “grìn cruaidh” mar their iad ris. Chaidh sinn nàird air na pōnnaidhean rithist, agus chroisg sinn an Fheäsi (sruth trōimh an deach sinn iomadh tarruinn an cùrsa an latha) gu àit far an robh na cròbhain giuthais

a fàs measg cuid de na faicinnean bu bhòidhich a b'urrainn bhith.

An sin thàinig sinn gu spòt fuathasach àillidh—an sealladh dh'uile ghlòir Lannsìr—agus far am beil cāmpachadh beag de bhòthanain fiodh agus fàil, bh'air an togail le Bānndiùc Bheädford nach maireann; ach cha bhuin iad nas fhaide nis do'n teāghlach, agus, mo thruaigh! uile nis a dal dholaidh—measg cràobhain briagh giùthais, agus na monachain ag eiridh nàird ealamh cas bho dhà thàobh a ghlìne. Bha sinn air ar làn sheünadh le bòidhichead a bheachd. Tha an t-àit so mu sheachd mìl bho bhéul na Feäsi. A tìghinn mach as na cõilltean thàinig sinn air rathad gasd, le monanain ìosal as dath bòidheach fràoich orra, tàobh na lāimh deis, ard, cõillteach, le coirechean uasal agus easchain.

Thachair sinn air Mórair agus Bāintighearn Alastair Roseäl aig táigh beag tuathanas, mar bha sinn a marcach mach as a choille, agus bha beagan brúidhne againn riu. tha iad ga fhaireachdain ro thróm orra a bhith faicinn a leithid de dholaidh air tìghinn air an àit, far am ábhuist daibh a bhith fuireach leis nach buin e dhaibh-sa nas fhaide. Mharcaich sinn air adhart car astar math fad, dusan mìl, gus an do ráinig sinn iomarach na Spé. Bha féidh gan ruag anns a choille, agus chual sinn na h-úbhir a dh'urchairchean. Chunnaic sinn srèadain briagh de mhonanain air Srath Spé, as air ar lāimh chlì an fheadhainn a tha lāmh ri Loch Lagan. Thàinig sinn gu cõille learag; an deidh sin air talamh treabhaidh, agus Cēann-ràra tàobh na lāimh deis, far am bheil an cār-n-cúimhne

do'n Diùc Gordan nach maireann ri fhaicinn ro fhollais-each air a monadh, a bha dù-dhearg le fràoch.

Mus an d'innthirig sinn a choille learag, tháinig am Morair Alastair Roseäl nàird rúinn rithist agus e ann an carbad-pònnaidh crion, air dhà bhith aige ri dal an ann rathad, agus bha e cho mhath agus gun robh e ag innse dhuinn mu na h-uile nì. Dh'fhèuch e dhuinn "Clach an Diùc," (Diùc Earraghàdhall)—càrn a th'air mùllach monaidh air ar làimh dheas, ainmeil mar as mùmha creideas, airson stad rinn Marcus Eärraghàdhall an sin leis an arm aige. Thàinig sinn gu coille leärag eile, agus aig an àit so thàinig mise agus bántighearn Chùrcuill bhàrr nam pònnaidhean againn, oir bha sinn air ragach leis a mharcachd fhad b'againn; agus aig ceann na coille so thàinig sinn air Loch Innse, a tha àillidh; agus bhith-inn anabarrach toilichte nam b'urrainn dōmh dealbh dheth a tharruinn, ach bha ar n-ùine gānn agus rinn sinn cabh-ag. Bha an solus àillidh; agus bha beagan crúidh a crosg thairis air stiall àimhlean fedir th'aig a cheann a b'fhaisg oirnn de'n loch, nì a bha ga dheänamh da rìreamh na dhealbh sèunta. Chan e loch fiadhaich th'ann, is ann tha e fad an rathad eile: gun chragain ard, ach coilltean agus bēanntain gorm anns an talamh chùil. Mu mhìl bho so tha an t-iomarach. Anns an àit sin dhealaich sinn ris na pònnaidhean againn, an Gränntach agus am Brùnach a mhàin tìghinn marriunn. Thachair am Buachdarach, fear cōimhead a gheard(*police*) oirnn, ach cha do chum e marriunn. Bha e air a chur rōmhainn a dh'ordachadh na h-uile nì an doigh shāmhach, gun bhith leig le sluagh a

bhith cur amahrus co bu sīnn: agus bha e làn shōirbheach ann na ghōthach. B'e rud ròspach bh'anns an iomarach; bha e coltach ri bàta no currach, ach cha b'urrainn dúinn ach seasamh air, agus bha e air luasg aig an darna ceann le dà rāmh fhad, a bha am pōrtair agus am Brùnach ag iomairt, agus aig a cheann eile le seòrsa de shāil a ghabh an Grānntach fos làimh. Thug tiotan crion nūll thairis sinn thun an rathaid, far an d'fhuair sinn dà charbad òdhar, fear dhiùbh na nadur de charbad farsuinn, anns an deach Ailbeart as mise stáigh, Bāintighearn Chùrcuill agus Seanlair Grēa a dal san fhear eile—carbad-bacadh; paidhir dh'eachanain beag car truagh anns gach àon, agus iad air an greasadh le fear bho'n bhóca. An fhad so bha sinn air dal dà fhichead mìl, agus air a chuid bu lágha, fichead dhiubh air muin each. Shōnruich sinn gun abra-maid *Am Morair agus Banamhorair Chùrcuill agus an Comhlan* ruinn fhé, Banamhorair Chùrcuill gu bhith na *Mios Speansair*, agus an Seanlair gu bhith na *Dhochtair Grēa*, Dhichuimhnich am Brùnach so ann tarruinn, agus thuirt e “Bhur Mórachd” rìum-sa mar bha mi dal stáigh do'n charbad; agus thuirt an Grānntach as e air a bhoca ri Ailbeart tarruinn eile “Bhur Mórachd Rìoghail”; rud a chur sinn uile sa ghaireachdaich, ach cha d'thug duine sam bith an aire dhà.

Bha greasadh fad a thrì uairean againn, agus bha e sé uairean dar chaidh sinn stáigh sa charbad. Ann an ùine ghoirid bha sinn mach as a choille, agus thàinig sinn gu rathad Bhàideanach—a dal seachad air Cinràra, ach gu mi-fhòrtanach cha b'ann troimh, mar bu chòir dhuinn a

dheanamh. Bha e fuathasach bòidheach—monachain grinn cóillteach—sreath ard a Charnghúirm, agus Bēinn Múich Dhúí, a bha gu mi-fhortanach air a dorchachadh gu mór leis a cheò bh'air a mùllach—agus an Spé leathan a ruith sìos anns a ghleann, le achanain treabhta agus le cràobhain gu h-ìosal. B'è rud bu mhūmha smuain uile air ar turus fad, an ònrachdanachd iomlan bh'ann, a bha dhōmh-sa na ùrachadh cho ro mhór. Is gann bha tuinechas ann! agus is gann thachradh anam ort! Chuid sa chuid bha e fàs dorcha. Rinn sinn stad aig táigh beag leth-rathaid airson nan each gu bùrn fhàotuinn; agus bha am beagan sluaigh a bha mun cuairt ri splèuchdaich neònach air an dà charbad shuarach.

Chaidh na bēanntain as an t-sealladh chuid sa chuid,— bha am feasgar fèàthail, le bóinnealaich àotrom. Bha sinn sìor dhal air adhart, gus mu dheireadh am fac sinn solusain, agus an do ghreas sinn trōimh baile fad sgàpte, agus an do thìonndadh sinn bhàn cùirt bheag gu dorus an táigh-shēinnse. An so fhuair sinn mach gu grad—gun a Bhanamhorair Chùrcuill no an Seanlair Grēa a dh'fheitheamh ruinn. Chaidh sinn nàird air staidhir chrion, agus thug iad sinn gu'r rùm-leapach aig a mhùllach—rùm ro chrion ach ro ghlan—le leabaidh mhór phosdach a bha fagasg do bhith lionadh an rùm uile le fhé. Mu chóinneamh bha ann rùm—úidheamail agus farsuinn—a bha an dà chuid deanamh sèamair-cuideachd agus rùm-dfnnear. An sin an rùm-ùidheamach aig Ailbeairt a bha baileach crion Bha an dà shearbhanata air an greasadh leis an Stiùbhartach ann an càr beag air rathad eile(b'i mo shear-

bhanta-sa Sìne Sheachal).<sup>\*</sup> Chur sinn sinn fhé nar úidheam glan cearmanta, agus shúidh sinn bhàn thun na dīnnear. Bha an Grāntach agus am Brùnach gu'r fritbeal, ach bha iad tuille as "nàisneach" agus cha d'fhèuch iad ris. Rinr boirionnach bachlagach bh'ann na h-uile nì i fhé; agus air do'n dīnnear bhith thairis, thug i air falbh an cōmhach agus chuir i am bōtul fion air a bhòrd(am fear againn fhé a thug sinn leinn bho'n táigh) agus na glóinechean, b'e so an sēann fhasan Sassunach. Bha an dīnnear an iarraidh mhath, as na h-uile nì ro ghlan:—eanaraich, brōt, nach do thaitinn rium ro mhath, beothach eòin, uanail ròiste ghasd, buntàta anabharrach math, thuileaid air mìos no dithis eile, nach do bhlais mi, dùnadh le greidhlean gasd de dhearcagain. An deidh na dīnnearach bha mi fèuchainn ri pàirt na chūnntas so sgrìobhadh—agus Ailbeairt a cluich air fáighdinn, (ach bha a bhruidhinn mun cuairt gam chur nam bhrēathal). An sin dh'fhalbh sinn a dhal an ordugh airson dal laidh, agus bha e leth dà uair<sup>o</sup> dhiag dar fhuair sinn do'n leabaidh.

---

Diciadaoin, Septembar 5hm.

Maduinn fhliùch chedthair. An cadal gun bhith ro thróm. Dh'eirich sinn car tràth, agus bha sinn nar súidh aig obair sa lèubhadh anns an rùm-cuideachd gus an robh an diot deas, agus b'fhéudar feitheamh car treisag rithe. Tii mhath agus aran as ìm, agus beagan brochan gasd.

<sup>\*</sup> Té de shearbhantain mo shèamair-àodaich, agus nighean a ghille bànrighinn, air ainmeachadh rōimhe.

Bha Sìne Seachal (a bha baileach úiseil agus fuireachail) a gradh gun do ghabh iad uile an suipear còmhla, b'e sin an dà shearbhanta, agus an Grànntach, sam Brùnach, an Stiùbhartach, agus am Buachdarach (fear a bha an sin fhàthast), agus gun robh iad ro chridheal ann an "sèamar an luchd siubhail." Bha an sluagh nan eàlaidh mhór mun cuairt duinn. Thàinig am boirionnach stáigh dar bha iad ris an dinnear, agus thuirt i ris a Ghrànntach, "Tha an Dòctair Grèa ga do shireadh," rud theap an stòdachd aig càch thilg bun fhos ceann: an sin thuirt iad ri Sìne, "Chan eil dad trioblaid sa bhàintighearn agad-sa;" agus ghláodh an Grànntach sa mhaduinn nàird ri Sìne, "Am bheil am Morair ga mo shireadh-sa?" B'urrainn do neach beachdachadh air an t-sràid bho'n uinneig, is e sràid ana-bharrach farsuinn fad th'innte, as na taighean a seasamh air leth bho chéile. Bha e làn shámhach, gun neach a carach, mar robh fear an sin as an so ann a falbh le each as càrt, no giulan a bha ruith air adhart air a ghnòthach. Cheannaich an Seanlair Grèa uaireadair dhà fhé ann an siöp airson dà nòt!

Mu dheireadh, mu deich mionaidean rōimh deich uairean, thog sinn oirnn anns na h-aun charbadain agus air an rathad air an robh sinn an dé, dh'ionnsuidh Caistcal Ghrànnt, àit Tighearn Ghrànnt,— pàire ghrinn (gun a bhith coltach ris a Ghàdhalltachd), le táigh as sealladh ro shuarach dheth, coltach ri táigh-óibre, mu dhà mhìl bho'n bhaile. Cha mhór nach robh e druiscalaich ré na h-uine. Cha d'thàin sinn mach, ach ghreas sinn air ais, as againn ri dal trōimh Baile nan Grànntach rithist; far an robh e



soillear gun robh “am mùrt mach”, cheann bha na h-uile gin de’n t-sluagh air an t-sràid, agus bean an taigh-òsda as i crathadh a nèapuig-pùidse, agus té nam bachlag (aig an robh paipear-dhual na ceann anns a mhaduinn) as i sgàoladh bràtach bho’n uinneig. Cha robh an gille-greasaidh againn, bha e sóillear gu leòir, cur amharus na toirt an aire do nì sam bith. Mar bha sinn a greasadh mach as a bhaile, as a tìonndadh thun na làimh deis trōimh na coille, thachair moran sluagh oirnn as iad tìghinn stáigh do’n bhaile chēann, mar bha an gille-greasaidh a gradh, gun robh āmhlac dal bhith ann. Chroisg sinn Spé thair Drochaid Spé. Chum e ris an uisge cho farranach, agus an ceò a crochadh cho ro ìosal air na monanain, ach chan eil iad reir coltaich ro ard, ach bha iad liath-dhearg leis an fhràoch. Rinn sinn stad chur a chōmhach leatharach thairis air ar charbad, mar is e am fsasan thàobh na h-uile rōth an so. Cumaidh e mach an t-uisge, airson sin, gu làn mhath

Is e a chiad chrúitheachd a ghlacas d’aire san dùthaich so Bealach Dail Dhù, fos ceann am bheil an rathad a caradh,—coire corrach agus beanntainn uaine. Rinn sinn stad aig táigh-sēinnse beag bha an sin, agus gun táigh làmh ris ach ann fhear eile; an so fhuair na h-eich bhoichd as iad ro fhann sgìth, beagan bùrn, agus dh’fheith sinn car dheich mionaidean. Na b’fhaide air adhart thàinig sinn gu monadh ro chas, agus cuideachd dh’iōnnsuidh nadur de bhealach, ris an abair iad Gleann Brúinn, agus beanntain uaine, a tha glé shoilleir de chrùthachadh sglèat. An so fhuair sinn mach, agus choisich sinn bhàn rìs a

mhonadh, agus nùll thair Drochaid Bhrùinn, agus an sin nàird car air monadh eile, agus an rathad a sniomhadh an doigh iongantach an deidh so—nàird sa bhàn ri brùth-ach. Thàinig sinn an sealladh Abhuinn, a tha a lùbadh aig bun nam monachain! rithist fhuaire sinn mach aig a choille mu choinneamh Drochaid Abhuinn; tha an âbh-uinn grinn soilleir an so. Chaidh sinn stáigh an ath uair do'r carbadain (Banamhorair Chùrcuill agus mise còmhla car na h-ùine ghoirid so), agus ghreas sinn mu mhìl suas ri monadh gu Tom an Tòbhaill; ar n-eich bho chd gun bhith murrach ach gann air iad fhè shlàodadh air adhart na b'fhaide, agus am fear gan cúipig agus a feàdail riuth gan cur air adhart, ach cha b'urrainn daibh a dhal, as bha mi an duil na h-uile mionaid gun stadadh iad sa bhaile. Ghabh sinn ceithir uairean dal nan ceithir mìl diag sin, cheann bha e dà uair dar thàinig sinn bhàn tàobh mach a bhaile gu dal air muin nam pònnaidhean againn. Is e Tom an Tòbhaill an t-àit as mūmha ceann nàird sa bhàn, agus as truaigh coltach a chūnnaic mi riamh—sràid fhad agus trì taighean-sèinnse, na taighean agus an sluagh cho truagh agus cho salach coltach, agus nèul na bochdain mun cuairt dà uile gu leir cho muladach; agus thuirt an Ghrāntach rium, gum b'e am bailēchan bu truaigh agus bu sáilaich e bh'air fad na Gàdhalldachd.

Chaidh sinn air muin nam pònnaidhean againn mach beagan bho'n bhaile, ach cha do mharcaich sinn ach car mionaid no dhà leis mar bha e an deidh dà uair. Thàinig sinn air sealladh anabharrach bòidheach, a beachdachadh sìos air an Abhuinn agus suas gleann briagh. An so rinn

sinn ar n-àrail agus ghabh sinn ar mìr miadhon-latha. Nuair bha am Brùnach a tualag agus cur an ordugh nan rudain againn, bhruidhinn mi ris fhé as ris a Ghrānntach a bha ga chōmhnaidh, mu dheibhinn nach do fhritheil iad oirnn, mar bu chōir dhaibh dheanamh aig an dīnnean an ráor agus aig an diot, mar shōnruich sinn; fhreagair am Brùnach, gun robh esan gābhail eagal nach b'urrainn dà a dheanamh ceart; thuirt mi ris nach robh sinn toileach air gin choigrich a bhith san rûm agus gum féumadh iad a dheanamh an ath tharruinn.

Air do'n mhìr miadhon-látha bhith thairis, (airson an do rinn sinn ùllachadh an dé le rudain thoirt leinn bho'n táigh) thog sinn oirnn rithist, a coiseachd car tácan gus an do rug an dáoine óirinn leis na pōnnaidhean, agus an sin mharcaich sinn air adhart Srath-ābhuint, as an rathad a ruitl aig iochdar a ghlīnne, a tha ann an cuid deth an iarraidh fharsuinn; ach tha e dal nas āimhlean mar tha e tīonndadh, agus toinneamh air adhart gu Īnuse-ruaraidh, far an abair iad glēann Ābhuint ris. Tha na monanain, aig am bheil àomadh ris an ābhuint, uaine as bòidheach.


Bha e fuathasach mùgach—làn thachdte, agus a chuid bu mhūmha de'n rathad an dà chuid slochdach agus slóbach, gus an d'thàinig sinn air a chruthachadh ghrāineal rithist, Los gum fáigheamaid air adhart, bho'n bha e air fās anamoch, agus gun robh ochd mìl againn ri mharcach, choisich na fir againn,—am Brùnach cia dhiú agus dithis de'n fheadhainn eile rōmhainn,—le cēüm uamhasach, air chor agus gun robh againn ri trōt gu cumail idir nàird riutha. Bha an Grānntach a marcach gu math tric air

pònnaidh an fhéidh; ach, airson sin, bha an fheadhainn eile coltach ris mar gum bitheadh iad gu math sgèth le'n turus fad a dhà latha, agus bha iad toilichte togail fhàot-uinn air pònnaidh Ailbeart no air fear an t-Seanlair; ach tha iad ro àiridh air móran cliù trōimh bhith cho èäsgaidh, cho deas, cho fōnnar, agus cho neo-fhailinneach, nì tha gan deanamh nan seirbheisich baileach taitneach. Thàobh a Ghrànntaich agus a Bhrùnaich dheth, tha iad tághta math—cho chiallach, churamach, thúigseach, agus cho fhaicilleach, an cōmhnuidh deas gu nì sam bith a bhith-tear sireadh a dheanamh; agus am fear so mu dheireadh, gu sōnruichte, tha e cho lāmhear agus cho toileach air na h-uile nì no nì sam bith a dheanamh, agus air fàigh-inn thair na h-uile éiginn, nì tha ga dheanamh na fhear de mo seirbheisich as fhearr th'agam an àit sam bith.

Chaidh sinn seachad rathad Ìnnse-ruairidh—a faicinn mar bha sinn tìghinn fagasg dà, dà iolair ag ìtealaich gu h-àird briagh fhos ceann nam monanain, agus laidh bhàn air am mùllach. Bho Innse-ruairidh, mharcaich sinn gu Loch Búilg. a bha air a shóillseachadh suas anabharrach bòidheach le laidh na gréin. Bho Thom an Tòbhhail sheachainn sinn na h-uile fhìr uisge, air dhuinn gun bhith againn ach sileagaich àotrom an drasd sa rithist. Fhuair sinn ar carbad agus ar ceithir pònnaidhean aig Loch Búilg, agus ghreas sinn air ar n-ais dìreach mar dh'fhàg sinn mùchrath an dé, a rúigheachd Bailmhorail sàbhailt aig leth ochd uairean.

Cia cho taitneach agus cho sealbhach sa bha a cuairt! Banamhórais Chùrcuill, an gràdh, cho fhìr gàolach, agus





A Bhánrighinn air "Falbhail."

cho shùnntach sas âbhuist, agus deas gus na h-uile nì a dheanamh. Bha i fhé agus an Séanlair mar gum bith-eadh iad le chéile ga mhealltuinn agus gábhail tlachd ann, agus tha mi cínnteach gun robh na h-uile gin de'n fheadhainn againn fhé deanamh sin cuideachd. Is ann do m' Ailbeairt gàolach tha sinn an comain air a shon, cheann bha e an cõmhuidh smuaineach gum bitheadh e taitneach, air dha fhé, an tìmnean roimhe, dhal iomadh cuairt de'n t-seòrsa so. Bha mórán toileachas aig fhé ann. Chual sinn bho sin gun robh an cagair air ìnnseadh le fear a bha faithneach Ailbeairt mūchrath an dé air an t-sràid; an sin thug an crùn bh'air a chàr-chon orra smuaineach gum b'e cuideiginn bho Bhailmhórail bh'ann, ged nach do chur iad amharus riamh gum fàodadh e bhith gum b'e sinn fhé bh'ann! féumaidh a bhäintighearn bhith uamhasach beairteach, le a leithid sa th'aice de dh'fhàinchean òir air a corragain, thuirt am boirionnach!—ach thuirt mi ri Banamhorair Chùrcuill, gun robh tuille mór oirre fhé. Dar chual iad co bh'ann, theab iad tūiteam le ìongantas as eagal. Tha mi gábhail eagal nach eil mi air deanamh ach aithris bhrònach air a cuairt tholleachail a bha an so, cuairt nach dìchuimhnichear a chàoidh, agus air am bith cuimhne an cõmhuidh le áoibhneas.

Féumaidh mi cìs a phaighidh do'r pònnaidhean. Bha "Fáibhi" an iomlanachd, agus am fear aig Ailbeairt cheart cho barraichte as sin.

AN DARA CUAIRT MHÒR:—GU INBHIR-MAIRC  
AGUS GU CARN FÈAITIR.

---

Dithàoine, Septembar 20mh, 1861.

BHA sinn sealltuinn iomganach air an aimsir aig seachd uairean—bha beagan uisge air bhith ann, agus leis a ceò bh'air na monanain fhàthast bha e sealltuinn amharusach. Airson sin thuirt Ailbeairt gum bitheadh e móran na b'fhearr cumail ris a chiad chur rōmhainn, agus mar so dh'eirich sinn tràth, agus air cheann dà bhith ocd bha a ghrian a dealradh, agus an ceò têannadh ri togail anns na h-uile àit. Ghabh sinn an diot aig leth nàò, agus aig leth deich d'fhalbh sinn ann an dà charbad—Ailiös agus Luiös\* cōmhla ruinne anns a chiad fhear, agus an Grānntach air a bhocsa; Bāintighearn Chùrcuill agus an Seanlair Grēa anns an dara fear, agus am Brùnach air a bhocsa. Ghreas sinn gu Drochaid Muich, far an d'fhuair sinn na sé pōnn-aidhean againn, agus cóig gillean(I. Gōbha, I. Mòrgan, an Cīnneadach, T. Stiubhard, S. Cāimbeul). Mharcaich sinn nàird air rathad na mòine thair monadh Pōllach, rithist bhàn an tàbh eile aige car cheithir mìl, agus an sin thàinig sinn gu bideag anabharrach bóg; ach le giùlan curamach sheachainn sinn a dhal an gin de na fèàthain,

\* Prionnsa Lùios H-eässi.



Dh'fhan mise air mo phònnaidh ré na tìm ach b'fhéudar do dh'Ailbeart agus do Luiös tìghinn deth a choiseachd mu dhà chiad slät. Bha beanntain Loch na Garaidh an aitheas (teas-cheò) mór, ach bha monadh Cian ann an àilleachd bhriagh rōmhainn agus mar bha sinn tìghinn bhàn gu Glēann Coire Bhruach agus sealltuinn sios gu Gleann Tānar, bha na faicinnean briagh agus fiadhaich. Is e monadh de chumadh neònach crūinn-bhiorach th'ann am Monadh Cian, agus coire dōmhainn ann. Tha e teann air 3,200 (trì mìl as dà chiad) tróidh air àirde, agus bha dìreadh baileach corrach mi-shochdrach againn suas thair a ghualainn, an deidh dhuinn Uisge Tānar a chrosg. Bha sé mìl eadar Drochaid Muich agus Coire Bhruach.

Nuair bha sinn air an talamh chōmhnard rithist, far an robh e cruaidh tioram, fhuair sinn uile dheth agus choisich sinn air adhart thair gualainn a mhonaidh. Cha robh sinn air dal fad dar chūnnaic sinn Morair Dhailthùsi air pōnnaidh (oir bha an Seanlair Grēa air ìnnseadh dhà-san an earbsachd gun robh sinn tìghinn). Deanamh ar beatha air iomal a "Chrich" fhéin, thàinig e bhàrr a phònnaidh agus choisich e marriunn. An deidh coiseachd tēcán air choireiginn chaidh Ailiös agus mise nàird rithist air na pōnnaidhean, (Ailbeart marcachd pàirt thàobheiginn de'n tìm,) agus thionndadh sinn thun na lāimh clì a tìghinn gu sealladh dùthaich ùr, agus ar beachd bhàn sios air glēann anabarrach grinn—Glēann Maire. Thèirinn sinn air rathad fuathasach cas ach a bha fiaradh bhàn, ris an abair iad Am Fàradh, anabharrach briagh agus fiadhaich: thair iad Allt an Fhàradh ris an úisge tha ruith trōimhe.

Tha ē gu dearbh fuathasach grinn, as ro chōmharraichte. Tha táigh beag forsair aig an fhìr bhun. Is e bealach baileach āimhleann th'ann; tǎchras air adhart air rathad fuathasach corrach mi-shochdrach, airson sin bha e làn fhurasd marcachd air, leis mar bha e caradh mach shios bho lāimh gu lāimh. Chroisg sinn an t-āllt aig an iochdar far an robh crōileagan dealbhadaid de bhuaicichean nan suidh, boiriōnnich sa chuid bu mhūmba, agus an seann fheadhainn a gǎbhail na pìob. Bha iad air an āth-phill bho'n tàobh deās, gus an tàobh tuath do'm buineadh iad. Mharcaich sinn nàird thun an taigh bhig; agus ann an rùm crìon de dh'fhìr bhōthan Gàdhallach, le leabaidh dhuinte reir a chleachd, fhuair sinn ar miadhon-latha. Is e Inbhirmaire their an àit so; tha e ceithir mìl gu leth bho Choire Bhruach. An deidh am miadhon-latha tharruinn mi an dealbh aig an t-sealladh bhriagh. Their iad Craig Bòistag ris a mhonadh chas air an d'thàinig sinn bhàn dìreach mu choinneamh táigh an fhorsair. Tha monadh cragach ònrachdanach anabharrach grinn ag eiridh tàobh na lāimh clì agus a crochadh stáigh air gleann fiadhaich, crìon, ris an abair iad Monadh an Dōnn.

Chaidh sinn air muin nam pōnnaidhean againn beagan an deidh thrì, agus mharcaich sinn bhàn Gleann Maire, a stad dh'òl bùrn e fuaran anabharrach soilleir ris an abair iad Am Fuaran Geal; agus a crosg na Maire na h-uibhir thǎruinnean. Mar bha sinn tēannadh air Mānns Loch Lùì dh'fhàs an gleann farsuinn, agus thàinig seana Chaisteal Inbhirmaire san t-sealladh ro ghrìnn; agus, air a chuairt-eachadh le coilltean, agus achanain arbhar anns an robh

sluagh ris a bhuaib, bha e sealltuinn dealbhadail. Chaidh sinn thun na làimh deis, agus mharcaich sinn suas thun làrach an t-seana chaisteal a tha bláigh cômhdaichte leis an iadh-shlàt, Mharcaich sinn an sin nàird gu táigh-èunach Iarla Dhailthùsi, far an d'thàinig sinn bhàrr nan each. Is e táigh baileach lághach ur th'ann, air a thogail de chlóich ghráineal, ann an súideachadh fuathasach grinn, a sealltuinn thairis air a ghléann, le monanain fiadhaich air a chùlàobh. Bha Miös Mál(nis Bhanamhorair C. Mál) an sin. Chaidh sinn troimh an rùm-cuideachd, agus air adhart slät no dhà gu ceann sràid bho am faic thu Loch Lúí, loch gun bhith mór, ach fiadhaich, dùinte stáigh le monanain—táigh-tuathanas agus táigh dùbh no dhà air an fhoir aige. Tha an tälla agus an sèamar-dinnear air an uidheamachadh nàird le spùill na seilg, agus na bàllachain air an clàradh le fiodh àtrom. Fhuair sinn pàirt de na frasain ro ghoirid sin bha crochadh mun cuairt air na monanain. Chaidh sinn an sin stáigh do na carbadain. B'e nadur de chàr-con dùbailt bh'anns a charbad anns an robh sinn a chumadh ochdnar—ach bha e fuathasach àimhlean stáigh. Ghreas sinn air adhart an gleann agus sios taic na h-Easg a Tuath (is e còdhallachadh na h-Èi ri Maire as toiseach do'n Easg a Tuath). Air an tàobh cheart chaidh sinn seachad air ghleann ro lághach eile—Gléann Efach, le moran cóille, agus an làn-tir uile air a sóillseachadh suas bòidheach. Ròmhainn bha e uile sóilleir, dearsach, agus nar deidh bha an ceò agus an t-uisge mar gum bitheadh iad tìghinn bhàn trom thair na monachain.

Na b'fhaid air adhart chaidh sinn seachad air Drochaid Pòll Sceànni agus Drochaid Tarf, fìor Dhrochaidean corrach Gàdhallach le chéile. Aig tàobh cheart na té so mu dheireadh tha Eäglais Shàor nòdha—nas fhaid air adhart Tèarmunn Chaiptein Bhíms, àit neonach coltach,—taòbh na làimh clì Muilinn an Dain—agus, air airde ìosal, tha Caisteal Muilinn an Acha, tha nis coltach ri seann táigh tuathanas, ach gabhaidh làrach gàraidh arradhte chòmharachadh fhathast. Bha na monanain mun cuairt dà agus làmh ris an rathad, air an tàobh chli, mar gum b'è tòrnain crìon bh'annta. Beagan na b'fhaide air adhart rithist thàinig sinn gu coille, far an d'fhuair sinn mach agus an do choisich sinn air adhart Am Bùrn, àit Mhàids-ear Mac an Ruaidh. Tha an t-slighe a fìradh air adhart tròimh na coille dìreach fhos ceann an t-slugain fhuathas-ach neònach so, a tha neo-choltach ri té sam bith eile de na línnechean; tha na cragain ro àinneamh, agus an t-àllt baileach àimhlean, le pùill dhòmhainn còmhdaichte uile gu leir thairis le coille. Tha e sìneadh mach astar goirid. Dh'fhàodadh na coilltean agus na tälamhnain a bhith an Gàllaobh, no ann an Hàd'thorndain. Choisich sinn air adhart tròimh na coille, agus car beagan air an rathad mhor gus an d'thàinig na carbadain nàird rúinn. Bha trì mìl againn ri ghreasadh na b'fhaid gu Càrn Featair, uile gu leir bho Bhailmhorail dà fhichead mìl. Thàinig sinn air dùthaich chòmhnard, a bha, reir coltaich, air a deagh chòmhadh, ach bha e tuille as dorcha gu nì fhaicinn.

Aig ceithreamh an deidh sheachd ráinig sinn am baile, no am bailechan beag, Càrn Featair, cheann bha e baileach





An Táigh-Seinnse aig Cárú Féaitéir.

crion—gun chréutair a carach agus fhuair sinn mach aig an táigh òsda bheag, an Ramsaiös Arms, (Suaicheantas Ramsai,) gun ghin thoirt an aire dhuinn, agus chaidh sinn nàird an staidhir anns a mhionaid. Bha rùm-cuideachd ro ghrinn ann, agus leth ris an rùm-dinneir, an dà chuid glan agus speisealta—an sin tàobh na làimh chlà an rùm-leapach againn, a bha uamhasach crion, ach cuideachd ro ghlan, ciatach agus móran na b'fhearr air airneiseach no am fear aig Baile nan Gränntach. Bha rùm aig Ailiös de'n ann mhèudachd ris an fhear againn; an sin thàinig tur chrìomag de dh'fhear, (le a leabaidh dhuinte,) anns an do rinn Ailbeairt e fhé chur na uidheam; an sin thàinig an rùm aig baintighearn Chùrcuill thàll bhuapa so. Bha sèamairchain aig Lùìös agus aig an t-Seanlair Ghrëa ann "An Táigh Òsda gun Dìbhe," mar their iad ris, thàll mu'r còinneamh. Fhuair sinn an dinnear aig ochd, dinnear mhath, glan, anabarrach grinn. Rinn an Gränntach agus am Brùnach am fritheal. Bha iad car ar chrith, ach ghearr an Seanlair Grëa agus baintighearn Chùrcuill an fhèil air an son, cha robh aca ri dheanamh ach a bhith mùthadh nan trùinnsearain, rud bha am Brùnach nàird ris ann an tiota. Thàinig caileag bheag bhuineadh do'n táigh staigh gu còmhnadh—ach thiönndadh an Ghränntach mun cuairt i los gun cumadh e i gun bhith sealltuinn oirn! Bha fhios aig fear an taigh agus aig a bhean co bu sinn, ach cha robh fhios aig gin sam bith eile air mur robh an gille-carbad ann agus chum iad an cagar gu ro chliùteach.

Air do'n óidheche bhith soilleir le solus gealaich agus a

bhith fuathasach sãmhach, chaidh sinn uile mach agus shiùbhail sinn trõimh a bhaile uile, far nach robh créitair a carachadh;—trõimh an ard-chlõbhas chrion, anns am bheil nadur de phosd no Crois Baile air stàpain anns a miadhon aige, agus léubhadh Lùioös, le solus na gealaich, éigh bh'air a stichdeadh ris agus bh'air cur mach chum cruinneachadh a dheanamh airson nan déircean. Choisich sinn air adhart sràid chàol car tacan, gun bhith clùinntinn nì sam bith—cha robh duilleag crathadh—ach mhàin tâbhunn astarach coin! Am brisg chual sinn drùma agus feadanain! Bha sinn air ar cur mun cuairt gu mor air eagal as gun robh sinn air ar faithneachadh; ach air do Lùioös agus do'n t-Seanlair Grëa dal air ais chan fhac iad nì air bith. Airson sin, mar bha sinn dal air ar n-ais sochdrach, bha sinn clùinntinn na stàirn bho am gu am, —agus dar ràinig sinn dorus an taigh-shèinnse stad sinn, agus chùnnaic sinn sèanar dh'fhearain le feadanain agus drùma a màrsal nàird (gun chréitair gãbhail súim diubh), agus dal bhàn an t-sràid, as air ais rithist. Bha an Brùn-nach agus an Grãnnach mach; ach cha robh barail sam bith aca ciod d'fhàodadh a bhith ann. Dh'fhóighneachd Ailbeart de'n chaileig shearbhanta, agus b'e am freagradh, "Is e dìreach còisir-ciùil th'ann," agus gun robh iad dal mun cuairt anns an doigh so dà tharruinn san t-seachduin. Nach aighearach e! Lean iad air cluich car ùine thàobh-eiginn an deidh dhuinn dal dachaidh. Rinn sinn súidhe agus an robh e leth ann uair diag ag obair, agus Ailbeart a lèubhadh, agus an sin chaidh sinn gu fois.



Disàthuirn, Septembar 21d.

Fhuair sinn cadal an deidh dhà uair air neo trì. Bha a mhaduinn tròm, dúinte, agus ceòthar le beagan uisge ; gun ghin carachadh ach gann ; mar robh beagan sluaigh bh'aig an obair aca. Bha fear-siubhal air tìghinn an ráoir agus bha e sìreadh dal nàird do'n rùm-dìnnear a tha na rùm an luchd-siubhail cuideachd : agus cha robh e furasd daibh thoirt air thuigsean nach fhàodadh e stad an sin. Gabh e a thìl còmhla ris a Ghrànntach agus ris a Bhrùnach, agus air dhà fharraid "Ciod bh'air àimhreith an so?" thuirt an Grànntach, "Is e còmhlan bàinnse bho Obair-raighainn th'ann." Aig an "Táigh gun Dìbhe" bha iad ro thoileach air fhiòs fhaighinn co bh'aca. Fhuar na h-uile duine, ach an Seanlair Grëa, an diot ròimh nàò. Bha am Brùnach mar sheirbheiseach agam-sa bruisig mo sgiort agus mo bhòtain, agus dal air ghnòthach sam bith, agus bha an Grànntach na ghille-pearsa aig Ailbeairt.

Mur ceithreamh do dheich thog sinn oirnn anns an ann seòl san robh sinn ròimhe, ach gun robh sìnne anns a charbad anns an robh Baintighearn Chùrcuill agus an Seanlair Grëa an dé. Gu ro mhi-fhortanach bha e ceòth-air, agus cha b'urrainn duinn faicinn dad astair ròmhainn. Bha an slugh air fàotuinn mach co bu sinn, agus thug iad gláodh-aighear dhuinn mar bha sinn a dal air ádh-art. Chaidh sinn seachad dlùth air Càrn Fèatair, táigh Shir I. Fóirbais ; an sin na b'fhaid air ádhart, tàobh na làimh clì, air Fasg, as le Sir T. Glädston, a tha, rèir gach

soilleireachd, air deanamh moran airson na dúthcha, le iomadh táigh dúbh math thogail. Thàinig sinn an sin gu monadh fuathasch fad, air a chuid bu lágha ceithir mìl air fad, ris an abair iad Monadh Chèarnai, bho am bheil sealladh ro ghrìnn ach bha e tur dorchaichte le ceò tróm, ruagach. Choisich sinn nàird pàirt de'n mhonadh, agus an sin bha Ailiös as mise na'r suidh leinn fhé anns a charbad car tacain. Thàinig sinn rithist gu Drochaid an Spideal, drochaid ard neònach, agus Uisge Dâthai air an lãimh chli, agus Àllt an Spideal air an lãimh dheis. Tha àit-èunaich Shir T. Gladston lãmh ri Drochaid na Dâthai—agus an so fhuair sinn na carbadain a mhùthadh, dal stáigh an ath uair do'n charbad-con—Ailbeairt agus mise anns a mhiadhon, Lùis na shúidh air a chùlaobh. Chaidh sinn nàird ri monadh rithist agus chünnaic sinn Monadh Battog gu tuath shuas, dlùth air lóidse-èunaich Shir T. Gladston. Tha thu an sin tìghinn gu dùthaich fhosgailte, le beachd farsuinn rathad Obair-raighainn, agus gu àthan ro dhòmhainn agus garbh, far am bheil thu crosg na Fiúgh, aig áit ris an abair iad na Clachain Geal. Tha e ro lághach agus gléann grinn cóillteach ann. Mu dhà mhìl nas fhaide gu tuath shuas, air an lãimh chli, tha Finnèan; agus beagan air ádhart bhuaith tha “Clach Rìgh Dùrdun,” mar their iad rithe, ri tàobh an rathaid—seann chlach throm, thomadach, ach mun eachdraidh aice, airson sin, cha d'fhuair sinn dad mach fhathast. An sin chaidh sinn seachad air Fuaran Màiri, agus air an tàobh chli aige tha Táigh Baile Lõgi, àit grinn as le Mãighstear Dãithas Neachdal. Bha am fóghar agus na h-uile nì an

coslas soirbheach, agus an dùthaich fuathasach lágach. Fhuair sinn mach aig bailechan ro chrion, (far an d'fhuair na h-eich bùrn, chēann b'e post eagalach fad bha an so), agus choisich sinn tãcan air adhart air an rathad mhor. Chaidh Ailiös, Baintighearn Chùrcuill, agus mise staigh do tháigh tailleir bha an sin—táigh ro ghlan, speisealta, agus bha am boirionnach bh'ann baileach cáoimhneil, agus i ag iarraidh oirnn sinn a leig ar n-anail; ach gun bhith brúadar co bh'annain.

Ghreas sinn air ádhart rithist, a cumail sùil air neòil bhagrach coltach, ach, airson sin, ghlan iad air falbh an deidh làimh. Chünnaic sinn coille Morair H-ántlai, agus na monanain a chith neach bho'n rathad mhór gu Abóine. An àit dhuinn a dhal gu ruig Abóine thionndadh sinn thun na làimh clì, a fàgail Drochaid Abóine (nach fhac sinn roimhe) air an làimh cheart. Beagan tàobh thàll so, mach e sealladh na h-uile thuinneachas, bha am màighstear-puist feitheamh, as carbad eile aige air ar son. Bha so dà mhìl air fhichead bho Chàrn Fèätair. Croisg sinn an sin Uisge Thānar, agus ghreas sinn air tàobh na làimh clì nàird Glēann Tānar—a tha da rìreamh na ghlēann bòidheach agus beairteach ann an coille, agus eadar mhonanain ard—pàirt de choille Morair H-ántlai. Ghreas sinn air ádhart mu shé mìl, agus an sin rinn sinn stad, leis mar bha e an deidh dá uair, a ghàbhail ar miadhon-latha. Chum an latha ris dh'aindeoin neòil bhagrach agus ceò siubhlach Bha an spòt san do ghabh sinn ar mìr ro lágach. Dar bha so thairis, choisich sinn air ádhart beagan, agus an sin fhuair sinn stáigh do na

carbadaid rithist, agus ghreas sinn gu cēann a ghlínne—mach as na cròbhain gu Èatnach, air ádhart gu táigh forsair anns a ghleann—àit anabharrach ònrachdanach, far an robh na pònnaidhean againn. Bha e mu ceithir dar thàinig sinn. Bha caileag òirnseach mhùladach an so le fhé, cho ard ri Baintighearn Chùrchuill; ach i car gu math crom, agus air a h-uidheamachadh coltach ri leanabh, le bràtan agus a falt air a ghearradh goirid. Bha i na suidh air an làr le a lāmha mun cuairt do a glúinntean, as ga fùlasg fhé bho thàobh gu tàobh agus a gàireachdaich; an sin dh'èirich i na seasamh agus thàinig i far an robh sinne. Chur an Seanlair Grēa e fhé cadar mise as i, agus chaidh i nàird ga ònnsuidh, agus thòisich i air greim a ghabhail ga chòta, agus air a lāmha chur na phùidschean, rud a chuir sinn uile sa ghàireachdaich, ged bu chruaidh e. Na dheidh choisich sēann duine na chabhaig nàird, agus air do Bhaintighearn Chùrcuill fharraid deth am b'aithne dha a chaileag bhochd, thuirt e, “Is aithne, is leam fhé i, tha i anfhann san ìntinn;” agus ghrad sheòl e air falbh i.

Coisich sinn air ádhart na h-úibhir chiadain slat, agus an sin ghabh sinn na pònnaidhean beagan na b'fhaide gu h-ard, agus theann sinn ri crosg gualainn eile a mhonaidh air an d'thàinig sinn bhàn an dé—dal thair na pàirt bhóg, agus thàinig sinn thair Pöllach dìreach mar rinn sinn am fágail. Bha an ceò bh'air na monanain astarach, Monadh Cian, agus còrr, toirt oirnn bhith ga fhaireachdain fionnar. Tìghinn bhàn air rathad na mòine\* gu Drochaid na

\* Bha an Grāntach a gradh rium ann am Màigh, 1862, mun Phrionn-

Mùich, bha an sealladh de na glìnn aig Mùich, Gàirn, agus Bailatar bòidheach. Mar bha sinn dal air adhart, bha mi còmhradh gu math tric ris a Grànntach chòir.

Fhuair sinn carbad-caideara mo mhàthair ro ghràdhach, fear grinn mor, a d'fhàg i aig Ailbeairt, a feitheamh ruinn gu'r toirt air ais. Chur e moran mulad orm, agus lion mo shùilean le deòir. Och, am miadhon cridhealas, tha mi gam fhaireachdain cho dbùhach! Ach tha a bhith mach dòrlach math an so—agus bhith faicinn seallanain grinn agus ùr, deanamh stàth dhōmh.

Bha sinn air ais aig Bailmhorail mu seachd uairean, lan thoilichte le'r cuairt. Bha sinn air dal dà fhichead mìl sa dhà an diugh, agus dà fhichead an dé, uile gu leir ceithir fichead mìl sa dhà.

sa, air dhà stād air dheireadh còmhla ris-san a shealltuinn air a Choils a bha e sònrachadh airson frith do Phrionnsa Ghàllaobh, agus a thoirt ordachadh seachad mun phlànntachadh an Glèann Mùich, gun d'thuirt e ris-sa(an Grànntach),—“Fàodaidh d'thusa agus mise a bhith marbh agus air siubhal rōimh sin. Thàil stáigh do na hu lágha na trì mìosain, mo chreach! bha fhacail air am firinneachadh ga thàobh fhéin! Bha e an còmhnuidh sùilbhir, ach an còmhnuidh deas agus ullaichte.

## CUAIRT GU LOCH ABHUINN.

---

Disàthuirn, Septembar 28d, 1861.

SEALLTUINN mach anabharrach iomaganach. A mhaduinn amharusach; airson sin plàdhachain gréin bóillsg tróimh a cheò, agus bha e mar gum bitheadh e dal am feòthas mun cuairt uile. Fhuair sinn an diot mu cheithreamh an deidh ochd, marri Aliös agus Lùios, anns an rùm-suidh againn; agus thog sinn oirnn aig leth nàò. Lùios agus Ailiös còmhla ruinn, agus an Gränntach agus am Brùnach air a bhocsa mar as ábhuist. Chaidh a mhaduinn moran na b'fhearr.

Ghreas sinn air adhart tàobh tuath na h-ábhuinne, an latha sóilleireach nàird gu ro mnor agus fàs da rìreamh grinn. Ghabh sinn eich-puist bho Bhaile a Chaisteil, as ghreas sinn nàird thun na Dóire (an rathad suas Glèann Lúi baileach dona gu dearbh); agus an so chaidh sinn air muin nam pònnaidhean againn agus air adhart an rathad cleachdte nàird Glèann Dóire, gu ruig far am bheil an t-slighe a tionndadh suas gu Loch Eitechan. An àit dhal an rathad sin, chum sinn air adhart dìreach—air rathad uamhasach garbh, rathad clachach, gar an robh e ro chas, ach na bu ghàirbh na nì sam bith de'n t-seòrsa air an do

mharcaich sinn riamh rōimhe, agus eagalach airson casain nan each bochd. Chaidh sinn seachad air dà lochan chrion ris an abair iad na Dùlochain, mu chóinneamh far am bheil an glēann tionndadh bhàn gu Innseruarai, agus an deidh an crosg, bha bideag ghoirid fheäthach ann far an d'thàinig mi dheth agus an do choisich mi beagan de'n rathad air an tàobh thàll, air adhart bruthach a mhonaidh, air an tàobh eile aig am bheil an loch na laidh, agus an sin chaidh sinn nàird rithist. Bha e cho ro bhàg leis a bhùrn, agus gun robh a chòinneach agus am fèur agus na h-uile nì fiuch: cha robh a mharcaid ro thaitneach, gu sònruichte ri leäthad a mhonaidh. Air adhart agus air adhart chaidh sinn, fagasg do dhà mhil bho bhun a mhonaidh so, an duil gum faiceamaid an loch na h-uile mionaid, ach bha monadh ìosal eile ga chumail am falach oirnn, gus mu dheireadh an d'thàinig sinn na shealladh; agus cha b'urrainn do nì a bhith na bu bhriaigh no na b'fhiaidhich—tha na cragain cho bhriagh agus cho sgòrach, agus bha leithid de dhrùdhadh grīnn aig an t-sneachd air bho Bhēinn Múich Dhúí.

Chùnnaic sinn an spòt aig ceann iolar Loch Eitechan dh'ionnsúidh an do streap sinn an uiridh, agus bho'n do sheall sinn bhàn air Loch Abhuinn. Bha e baileach fuar agus gàothar. Mu dheireadh aig ceithreamh an deidh dà uair, rinn sinn suidh aig culthàobh elóich mhor beagan fos ceann an loch (gu ro mhi-fhortanach, cha b'urrainn duinn dal thun an fhìr cheann, far an robh an t-uisge ruith stáigh ann). Ghabh sinn air mìr cho luath sa b'urrainn duinn, agus an sin thòisch sinn air coiseachd air

ais, agus chrosg sinn am monadh na b'fhaid ũard na dar bha sinn tighinn. Choisich mi car beagan ũine, ach cha robh e furasd, leis cho fiuch sa bha e agus cho fuathasach mi-reith as a bha an talamh. Bha Lũiös còir ga mo chōmhnaidh-sa gu math tric, ach bha Ailbeairt agus Ailiös ruith air adhart gun chōmhnaidh. Nàird air mo phōnnaidh rithist, a bha, cho mhath ri fear Ailbeairt, a dal gu h-eireachdail, air a sheòladh curamach leis a Bhrùnach an seirbheiseach ro fhritheilteach sin. Bha agam ri tighinn deth rithist mus an do chroisg sinn aig na Dùlochain; ach an deidh sin mharcaich sinn fad an rathaid air ais.

Bha an t-ann treòraich againn as bh'againn an uiridh, Tèarlach Sùtibhart, am fear a thug gu Glèann Feäsi sinn, agus a choisicheas cho iongantach. Bha dà fhras àotrom againn dal sìos, agus thug sinn an aire gun robh moran tuile uisge air bhith iolar. Fhuair sinn Áthan na Dóire fuathasach dōmhainn, tighinn nàird cha mhor gu ruig giortain nam pōnnaidhean; agus bha an rathad cho garbh agus cho clachach as gun robh e thair na h-uile cóimeas, ach phioc na pōnnaidhean an rathad mar gum bitheadh cait ann. Bha sinn bhàn aig an Dóire dar bha e fagasg do shè uairean; tha deich mìl dh,astar bho Loch Abhuinn gu so. Fhuair sinn ar carbadain an sin: bha e teannadh ri fàs car dorcha cheana, ach airson sin bha e soilleir gu leòir a leig leis na gillcan-puist an rathaid fhaicinn.

Chur am Brùnach na lantarain an gabhail aig an drochaid aig Lóids Mhàrr. Thug sinn na breacanain againn dhà-sa agus do'n Gränntach gu an cur orra, mar tha sinn a deanamh an cōmhnaidh an deidh dhaibh a bhith



coiseachd fad cõmhla ruinn agus rithist a greas. Ghabh sinn ar n-eich fhé aig Baile a Chaisteil, agus ràinig sinn Bailmhorail aig deich mionaidean an deidh ochd, làn thoilichte le soirbheas ar cuairt, gun bhith idir sgèth aig a cheart am. Ghabh sinn ar dinnear *en famille* (gun stàid).

AN TREAS CU AIRT MHOR :—DO GLĒANN FEASI,  
DHAILCHUINNIDH, AGUS BHLÀR AN ADAHLL.

---

Dìmàirt, Octòbar Smh, 1861.

BHA a mhaduinn trom agus car mùiteach coltach ; airson sin, shònraich sinn falbh. Bha an Seanlair Grëa air dal air adhart rōmhainn. Ghreas sìnne na trì bāintighearnain anns a charbad-ghóireasach : Ailbeairt agus Lùios dal ann an carbad bho Bhaile a Chaisteil. Bha na neòil sealltuinn tróm agus dorcha, gar an robh e coltach ris mar gum bitheadh ceò a crochadh air na bēanntain. Bhàn dhòirt fras thróm ; ach shóilleirich e mus an do ràinig sinn Baile a Chaisteil ; thàin spéur gorm san t-sealladh ; agus le moran gàoith a bhith ann, bha an Grānntach a smuaineach gum bitheadh na h-uile nì gu gasd, agus gum fàsadh an latha anabharrach briagh. Mhùth sinn na h-eich aig Baile a Chaisteil agus ghreas sinn gu fos ceann Lìnne na Dúi gu Giùli no Uisge Gheallai—dìreach far an deach sinn air muin nam pònnaidhean againn an uiridh, ochd mìl diag bho Bhailmhorail. Ann an so bha na pònnaidhean againn feitheamh ruinn—“Ìnnservarai” air mo shon-sa, agus pònnaidh ùr airson Ailiös—fear ard glas gnāda ach cinnteach. Mharcaich a chuid eile air an fheadhainn air am b'àbhuist. Bha an t-ann treòraich ann Tearlach

Stiùbhart, agus pònnaidh airson cliabhain a mhìr miadh-on-latha agus fear còrr airson a Ghrànntaich agus feadhainn eile gu marcach tarraim mun seach.

Thog sinn oirnn aig deich mionaidean an deidh ann uair diag, agus chaidh sinn air adhart dìreach mar rinn sinn an uiridh a dal thair àthan na Geallai an toiseach gu math tric. Bha an talamh fliuch ach cha robh e na bu meas na bha e an uiridh. Bha sinn air dal air adhart gu grinn car uair dar d'fhàs an ceò dōmhail mun cuairt uile, agus sios thàin uisge agus gàoth thróm, no air a chuid bu lugha, ruagach. Le cōmhnadh ùmbrèala, uisgedhion-aichean agus bhreacanain chum mise làn thioram, Bha m' Ailbeart bochd; a bha coiseachd bho'n an àm san d'fhàs an talamh feàthach, eagalach fliuch, ach airson sin cha do rinn e dad cóire dhà, agus fhuair sinn trōimhe moran na b'fhearr na an tarraim rōimh, cha robh sìnne na baintighcarnain an easbhuidh tìghinn bhàrr nam pōnnaidhean againn uair sam bith. Mu deireadh aig dà uair, dìreach mar sinn ag ìnthirig do'n ghlèann bhòidheach sin—Gleann Feäsi a tha, aig a cheann toisich aige, a toirt an Uillt (aig Mac an Ruaidh) an cúimhne neach, shoilleirich e an nàird agus dh'fhàs e làn bhriagh agus baileach feàthail. Chaidh am Brùnach trōimh na h-Eädsard agus e an ceann mo phōnnaidh-sa; an sin leig dithis de an fheadhainn eile, a bha air an ann each, leis na bh'againn a chleòcain tuiteam an nan ann trusag san àbhuinn!

Bha easain Sròin na Bänrighinn, agus an gleann àimh-leathan cas sin, sam bheil thu marcach nàird, a crosg aig a bhun, an bòidhichead mhor. Rinn sinn stad mus an

d'innthirig sinn a choille, agus ghabh sinn mìr mhiadhon-latha air a bhruaich a tha crochadh stáigh air an ábhuinn, far an d'thàinig an Seanlair Grëa far an robh sinn, agus an d'thug e cünntas dhuinn air an ùllachadh a rinn e. Ghabh sinn am mìr miadhon-latha car cäbhagach, dal air na pönnaidhean againn rithist car beagan astair—gus an d'thàinig sinn teann air àit ro chorrach, nach robh ro thaitneach airson marcachd. Cia cho grinn! àltanain gun àireamh nan eäsnain bhàn. Choisich sinn tacain, an sin air muin nam pönnaidhean rithist; ach leis mar bha sinn gu cumail air tàobh eile na h-äbhüinne, cha b'ann rathad böthanain Ìnnireasi, b'fhéüdar tìghinn bhàn beagan chiadain slät, air do'n rathad bhith cho äimhleathan agus gun robh e mach e cómas bhith tearuinnte am marcachd air. Bha pönnaidh Ailiös téannadh ri sgrìos cheana Bha na böthanain, cuairtiche le cràobhain briagh giuthas agus le dùintean de phreäsain äiteann, a sealltuinn na bu bhòidhich na riamh; agus bheachdaich sinn le mülad air an sgrìos iomlan bh'air tìghinn orra. Bha mi faireachdainn cia cho taitneach agus a dh'fhèümadh an campachadh beag a bhith, agus cia cho sèunta a bhith fuireach ann an leithid de spòt ris a chòille ònrachdanach bhòidheach so ann an gleann cuairtaichte le bēanntain ard. Fhuair sinn deth, agus chaidh sinn stáigh do dh'fhear de na böthanain a ghäbhail sealladh de bhálladhealbh a dhäimh féidh le Lannsäir fhos ceann tēinntean. Thug an Gräntach, air muin pönnaidh, mise tròimh na Feäsi (tha na h-àthainean uile dómhainn) aig bun nan taighean tuathanas, far an do thachair sinn an uiridh air Morair agus Bana-

mhorair Alastair Rösel—as far an d'fhuair sinn an dràs d' charbad. Thàinig sinn bhàn agus chaidh sinn stáigh annta, agus bha sinn air siubhal aig cóig uairean—bha sinn gu togail oirnn aig ceithir.

Ghreas sinne nar ceathrar cõmhla air a cheart rathad air an deach sinn an uiridh (agus cha b'urrainn nì a bhith na bu gháirbhe airson marcachd), gus an robh sinn làn dlùth air an dara cõille, a thug seachad sinn air Loch Ìnnse; ach thionndadh sinn gearr air an loch thun na lāmh clì air adhart an rathad mór. Gu mifhortanach bha e fagasg do bhith dorcha aig an am so agus mar so chaill sinn moran de sheallanain briagh. Bha sinn air marcach cóig mìl diag. Ghreas sinn air adhart an rathad thair na h-ùibhir a dhrochaidean—Drochaid Trómi, stáigh dlùth fo làrach Caisteal Rìbhinn a b'urrainn duinn air eiginn a chomharrachadh sa chiaradh—agus thair Drochaid fhiodh fhad thairis air an Spé gu táigh sēinnse aig Cinnghiùsai, àit sgaipte fad agus ro bheagan thaighean ann. Cheana, mus an do ràinig sinn sin, bha sinn air ar glácadh le sluagh a bhith nan seasamh aig dõrsain nan taighean aca agus reir coltaich air an fhreicheadan, rud a thug oirnn a chreidsinn gun robh dùil ruinn. Aig Cinnghiùsai bha buidhinn làbharach bheag neònach de shluagh—nach do rinn mach, airson sin, co bh'annainn, ach bha e soilleir gu leòir gun robh àhmarus aca co bu sinn. Chum an Gränntach agus am Brùnach air falbh bho na carbadain iad, agus thug iad freagartain clì dhaibh gu an seòladh dh'ionnsuidh a charbad air àimhreith, rud bha na eàlaidh mhór. Bha ann sēann duinuasal ann

as ad ard chocaideach air, agus bha e baileach foraiseach.

Thog sinn oirnn rithist, agus air adhart as air adhart chaidh sinn, dal seachad air Sliabh na Sròin (Newtonmoore), as an d'fhàinig an gillecois Mac Dhòmhnuill\*. An so tha an Spé ga crosg mar tha i coinneachadh na Cailldir, agus an sin tha an rathad aig eiridh car dheich mìl eile gu Dailchúinnidh. Dh'fhàs e fuar agus gàothar agus bha uisge ann na uairean. Mu dheireadh, ach cha b'ann gus an robh e mar cheithreamh do nàò, ràinig sinn an taighsèinnse aig Dailchúinnidh,—nàò mìl fichead bho far an d'fhàg sinn na pònnaidhean againn. Tha an taigh seasamh air leth, gun bhaile sam bith. An so, rithist, bha beagan sluaigh air crúinneachadh, agus shàol leam gun robh iad gar faithneachadh; ach is coltach nach robh agus b'ann mhàin dar bha sinn air tìghinn thuit do thé de na searbhantain mise fhaithneach. Chùннаic i mi an Obair-raighainn agus an Dunéidinn. Chaidh sinn nàird an staidhir: bha an taighsèinnse moran na bu mhùmha na am fear aig Càrn Fèätair, ach chan eil e idir cho úidheamail na cho tìorail; bha sèamar-cuideachd agus rùm-dinnear ann; agus rùm-läpach gu math mór againn. Bha rùm-úidheamachadh de'n ann mhèüdachd ri so aig Ailbeairt. Bha rùm aig Màiri Nic Àindra† (té a bha ro fhéúmail agus sgairteil) agus searbhanta Banamhorair

\* Fhuair e bàs aig Obairgheallai an uiridh leis an tinneas-caithe; agus tha a bhantrach aige, boirionnach gasd, nighean a Mhidsealaich an gòbhainn aig Bailmhorail, nis na searbhanta seamair-àodaich agam-sa.

† Té de shearbhantain mo sheamair-àodaich—nis na bean-uidheam-aich aig a Bhanaphrionnsa Eilina (a Bhanaphrionnsa Crìosdaidh). Bha a h-athair ochd bliadhna diag air fhichead marri brathair m'athar còir, Rìgh nam Bealgianach.



An Táigh Seinnse aig Dallchtinnidh.





Chùrcuill eàtorra, na h-uile gin anns an ann taigh ; ach gu mìfhortanach is gann bha itheanaich air bith ann, agus cha robh ann ach tii, agus dà speirag bhlianach a dh'èoin Ghàdhballach, gun bhuntàta sam bith ! Cha ro marag no *ealaidh* ann ; no caileag bheag gu fritheal (cha robh an dithis bh'ann toileach tighinn stáigh ), no an dithis againn fhè a bha fiuch agus bha tiormach nan rudain aca fhé as againn. Cha robh i na suipear ghrinn ; agus bha an oidhche fiuch. Leis mar bha e anamoch chaidh sinn gu fois tràth. Ghabh Mairi agus Magstaid (searbhanta Baintighearn Chùrcuill ) an dinnear gu h-ìosal marris a Ghrànntach, am Brùnach, agus an Stiùbhartach (a bha air tighinn, mar rinn e an tarruinn roimhe, leis na searbh-antain), ann an rùm fuchd gabhail an rathaid, aig bun na staidhireach. Cha robh aca ach am fuighleach a bha sinne air fhàgail de'n dà eün ghortaichte bh'againn.

Diciadin, Octobar 9mh.

Maduinn bhòidheach, nì a tha anabharrach taitneach. Thug Ailbeairt an aire dar dh'eirich e gun robh Cluanai Mac Phearsain, leis a phlobair aige agus dà bhàintighearn air tighinn glé thràth sa mhaduinn ; agus fhad sa bha sinn gar cur fhé nar úidheam chual sinn drùma agus feadanain—agus chunnaic sinn gun robh na saor-shaighdearain th'air an ùr-thogail air tighinn—na h-uile nì toirt dearbhadh gun robh sinn glachdte. Airson sin is gann bha dad sluaigh ann, agus cha robh moran òmhail. Bha seann bhean reamhar an taigh òsda air cur gùn dubh de

bheàlbhaid oirre fhé agus ribeanain geal as fùrain òr-  
bhuidh! Fhuair sinn an diot mur cheithreamh do nà,  
agus aig leth deich bha sinn air siubhal. Bha Cluanai  
aig an dorus le a bhean sa nigheanain as bünnsachain  
a fhùrain aca, agus bha na sàor-shaighdearain air an  
tarruinn nàird bèulthàoh an taigh-shēinnse. Bha iad  
uile air an cur air chois bho fheasgar Disàthuinn.

Ghreas sinn mar rinn sinn an dé. Faicinnean grinn  
agus ro fhiadhaich, bēanntain àllta ard, gun tuinnea-  
chas sam bith ann. Chaidh sinn troimh Bealach Dhruim-  
uachdar, le monanain grinn air an dà thàobh agus air ar  
bèulthaobh; chaidh sinn seachad eadar dithis dhiubh,  
fear air an lāmh chli ris an abair iad Torc Bhàideanach,  
agus fear air an lāmh dheas, ris an abair iad Múc Adhall.  
Is e Bealach Dhruimuachdar a chrìoch eadar Siorrachd  
Pheairt agus Shiorrachd Innbhirnis.

Rithist, beagan na b'fhaide air adhart, thàinig sinn gu  
Loch Garradh, a tha ro bhòidheach—ach bha an ceò a  
còmhdachadh nam monanain b'fhaide as, agus bha an  
t-astar a b'iomalaich uile fo neòil. Tha lóids-èunaich  
chrìon, neo táigh tuathanas, ann an suidheachadh sèunta  
a sealltuinn nàird an glèann air an dà thàobh, agus an  
loch air a bhèulaobh; cha chual sinn co leis am bu leis e.  
Thachair sinn air moran dhroblairean gun tréud gun  
fhéudail aca, a tìlleadh, bha an Gränntach a gradh,  
bho an Eäglais Bhreac. Bha ann fhras thróm againn an  
deidh dhuinn dal seachad air Loch Garradh, agus mus an  
d'thàinig sinn gu Taigh-sēinnse Dhailnaceardach trì mìl  
diag bho Dhailchúinnidh. Tha an rathad sìos ri Garradh.

Bha an dùthaich nis car beagan nà bu chōmhnaird ; ach bha i air a cōmhachadh dorlach math. Aig Dailnaceardach bha āmharus gun robh sinn gu tìghinn agus dùil aca ruinn. Bha ceithir ghillean-puist sgiobalt a feitheamh ; ach air do'n Seanlair Ghrëa ghradh nach b'e so a chōmhlán, ach an té airson an robh dà each air an ordachadh, chaidh paidhir dhréagain chur an sàs ; agus greasadair leibeideach a greasadh bho'n bhocsa (mar bhatar deanamh fad an turuis so), agus air siubhal ghabh sinn.

Tha Garra ro ghrīnn, rúileadh air adhart thair clachain mór—coltach ri Cuaich as ri Feäsi, agus an cōmhnuidh deanamh easnain, agus am beatha as an giuthas fàs sios gu fóir an uisge. Fhuair sinn beagan eile de fhrasain trom. Mil no dhà bho Dhailnaceardach thachair Diùc Adhall oirnn (as e anns an fhéile agus san deacaid-èün-aich aige, mar as àbhuist) air pōnnai beag lághach dōnn, agus mharcaich e rè na tìm lāmh ris a charbad. Bha e a gradh gun robh āmharus fàndrach agus fābhar gun robh sinn tìghinn ach nach d'thug esan forais air dad do ghin. Bha fras ann rithist, ach shoilleirich e nàird air dhuinn tìghinn an sealladh Bēinn a Ghló agus Bealach briagh Chillechragai, a bha sealltuinn bòidheach leis mar tha am beatha uile coltach ris an òr,—chan ann mar air Srath Dhúi, as dìth a dhuillegain.

Thàinig sinn gu Brûar, agus seachad air an rathad gu easnain Bhrûar, ach cha b'urrainn duinn stad. Thug an Diùc stáigh sinn air sràid ùr tha baileach laghach ; ach cha b'urrainn dōmh gun bhith càoidh, gu bheil rathad an rèithill gu tìghinn dlùth air cho mhath agus gu dal

an rathad a ghreas sinn troimh Bealach Dhruimuachdar. Tha an Diùc air deanamh leasachadh mor, agus bha an rathad sealltuinn bòidheach, cuairtiche mar tha e le monanain; agus an duilleach fhathast làn, ged tha i uile fo lithean an fhógharaidh—tha dearsadh soilleir na gréin a lasadh na h-uile nì suas. Ghreas sinn air sràid-chóille agus ann am mionaid na dhà bha sinn aig dorus an t-seana chaisteil. Thàin mìl cuimhneachan bho sheachd bliadhna diag air ais nam meall stáigh orm—na h-uile nì an làn eòlas dhomh! Gun ghin an sin ach a Bhāndiùc ghàolach, a bha na seasamh aig an dorus agus a ghabh mi gu gràdhach i nam ùltaich, agus Miös Nic Grigair. Bu mhath bha mi faithneachdain an tàlla leis gach spùill seilg bh'ann; agus an t-ionad-staidhreach air an deach sinn nàird gun dàil. Thug a Bhandiùc mi do rùm a dh'fhaithnich mi sa mhionaid mar am fear anns an robh bāintighearn Chānninn a fuireach. Thug sinn dhinn na rudain againn an so—na dheidh, chaidh sinn a dh'fhaicinn nan seann rumachain—rumachain da rìreamh eireachdail—anns an robh síne a fuireach—am fear anns an robh Bhigi a cadal air dà chaithir, gun i bhith ceithir bliadhna dh'aois anns an tìm! Anns an rùm-dìnnear fhuair sinn beagan cõfi agus bha sinn ro bhuidheach air a shon; an sin ghabh sinn sealladh de cròchdain nam fiadh th'air an cur nàird ann am fear de na trānnsachain gu h-ìosal; chūnnaic sinn an cù pčata aig an Diùc, ābhag dhubh, agus fionna mìn oirre, as i fuathasach rēamhar; an sin chaidh sinn do'n charbad a bha ro āinneamh, is e bàta a th'ann gun nì ach bàta (a tha ro àotrom), air chur air

ceithir chúidhilchean agus air a tharruinn le paidhir each, agus gille-greasadh. Staigh ann ghabh sinn na' ceathrar marris an Diùc agus a Bhandiùc as an cù; chaidh Banamhorair Chùrcuill, an Seanlair Grëa, agus Miös Nic Grigair ann an carbad eile; agus dithis de na seirbheisich againn air a bhócsa, agus dhaibh-san bha na h-uile nì tur ùr agus na ìongantas mor. Bha mhaduinn bòidheach. Bha e leth ann uair—ghreas sinn nàird trōimh an t-sràid-choille agus mun cuairt do shràid a bha ànnsach leinn san '44, trōimh a ghëäta agus air adhart gu Glëann Téilt—a tha fuathasach miorbhuilteach, leis mar bha an rathad a càradh air adhart, an toiseach air darna tàobh na Téilt, an sin rithist air an tàobh eile; na monanain ard grinn aig eiridh nàird cabhagach bho dhà thàobh na Téilt—an àbhuinn chlachach, chragach, luath sin,—agus na cràbhain, beatha agus fëarn air a chuid as mūmha, a crochadh staigh air an uisge.

Chaidh sinn seachad air an Loidse Mhàrbhal anns am bheil fear de na forsairean a fuireach, agus thàinig sinn gu Loidse na Còille, far am bheil rathad nan carbadain a crìochnachadh agus an glëann a fàs farsuinn. Bha na pònnaidhean againn an so, far an do chuir iad seachad an óidheche aig a Bhainoch (bòthan-èunaich le Morair Fhìobha). Thàinig iad nàll sa mhaduinn an diugh; ach gun chore air bith a bhith aca, na beathaichean bochd! Tha Loidse na Coille ochd mìl bho Bhlàr. Aig an àit sin ghabh sinn ar cead de'n Bāndiùc ghàolach; agus chūnnaic sinn seann Pharuig Friseal, an t-ard fhorsair an sin rōimhe, a tha nis falbh le cōmhnadh dhà mhaid! Bha

forsairean an Diùc an sin, a phìobairean, agus duinuasal a tha fanachd marriutha air sgrìob.

Is gann bha e dà uair dar thog sinn oirnn. Bha sinn air na pònnaidhean againn, agus an Diùc as na dáoin-uaille (dhà dhiag dhiubh uile gu leir) gan cois—Sàndai Mac Ara, an t-ard fhorsair nis, air fàs sean agus liath, agus dà phìobair, a dal rōmhainn; iad so a cluicheadh tarraun mun seach fad na tìm, nì aig an robh éifeachd fhònmhor. Bha fuaim nan leadanain àlta am measg nan monanain uasal ud cho tlàth: agus bha a chābhlich againn sa chāradh air adhart—leis an t-sluagh againn as mūinntir an Diùc a bhith uile anns na féiltean, agus leis na pònnaidhean, na sealladh fìr dhealbhadail.

Tha forsair leis an Diùc, Dòmhnuille Mac Bheathann, na shaighdear-geard, agus bha e anns a Chrimea. Tha e na fhear cuimse ainmeil, agus na dhuine eireachdail na choltas, mar tha na h-uile gin de dhaoine an Diuc. Bha a mharachd car tacain de'n ùine furasd ach an gradaçhd thàinig sinn gu slighe na bu ghairbh, na bu mhūmha uard air brùthach a mhonaidh, far am b'fheudar a bhith an ceann a phònnaidh, mar is cleachd leam bhith air a dheanamh ana chuid ma tha an rathad idir garbh no olc, no ma d'fhéumar an pònnaidh chur air adhart nas luath.

Choisich an Diuc lāmh riumsa rè na h-ùine, a gradh am feàldhà, nach do thairg esan mo thredrachadh leis mar bha fhios aige nach robh earbsa agam ann. Fhreag-air mi, le gàire, "O, chan ann, ach gur docha leam a bhith air mo thredrachadh leis an urra a chleachd mi".

Mu dheireadh stad sinn aig trì uairean, agus ghabh





Dal tróimh Athan Póil an Táirbh.



sinn air ar mìr miadhon-latha aig an àit ris an abrar Dailchronachai, sealltuinn nàird glèann rathad Loch Loch, air bruach ard a tha crochadh stáigh air Teilt. Sealltuinn air ais bha am beachd baileach grinn; agus fhad as bha iad tualag airson am miadhon-latha bha síinne a tarruinn. Thug sinn leinn an lòn againn fhé, agus bha am fúighleach mar is àbhuist air thoirt do na dáoine, ach air an tarruinn so bha ro mhoran ri riarachadh. An deidh am miadhon-latha thog sinn oirnn rithist. Theann mi ri coiseachd car ceum na dhà; ach leis mar bha e ro fhliuch, agus an rathad anabharrach garbh, agus Ailbeairt bhith ga iarraidh orm chaidh mi nàird rithist. Thug beagan mhionaidean sinn a dh'ionnsuidh Táirbh (Pòll Táirbh their iad ris,) a tha fuathasach dōmhainn agus an deidh uisge trom gur gann ghabhas e crosg idir. Thairg an Diùc dal an ceann a phònnaidh air an darna tàobh, agus bha e a brúidhinn air Sanndai airson na tàobh eile, ach dh'iarr mi am Brùnach (anns am bheil earbsa moran nas cinn-tich agam) a dhal an ceann a phònnaidh, agus an Diùc a gābhail greim de'n tàobh eile—mar bha e deanamh gu tric. Chaidh Sanndai Mac Ara, agus an tredirich, agus an dà phlobair air thoiseach, a cluich rè na h-ùine.

Reir na h-uile coltach chan eil àthan na Táirbh nas dōimhne na àthanain eile, ach ann uair stáigh ann as bha na daoine thair nan glúinntean—agus an gradachd anns an teis-miadhon, far am bheil an srúth, bho na h-casnain làn ard grinn, anabharrach làidir, bha e nàird gu crios nam fear. An so thill Sanndai, agus thuirt mi ris an Diùc (rud rinn an Diùc na fheàlldhà do Shanndai rithist)

gun robh mi smuaineach gum b'fhearr dhàsan (Sanndai) àit an Diùc a ghabhail; rinn e sin, as fhuair sinn trōimh, gu làn mhath, agus càch uile gar leanachd, na fir a chuid mhor dhiubh a dal troimhe gan cois—Ailbeairt dlùth air mo chùlaobh, agus an fheadhainn eile a marcachd trōimhe—agus cuid de'n t-sluagh againn tìghinn trōimh dùbailt air na pònnaidhean. Thug an Seanlair Grèa leis Pàdruig beag Robstan nàird air a chùlaobh.

D'fhàs an rathad an deidh so mar gum bitheadh e uile gu leir suas ri cragain agus gu dearbh bha e deanamh na marcachd ro mhithaitneach; ach leis mar bha e fliuch agus duilich coiseachd mharcaich sìnne, na baintighearnain, ach bha Ailbeairt a coiseachd neart na h-ùine. Cha robh agamsa ri tìghinn deth ach an ann tarruinn, car céum no dhà, leis mar bu ghann b'urrainn do'n phònnaidh a bhònnain a chumail. Mar bha e, cha robh am Brùnach an urrainn coiseachd taic a phònnaidh, bha aig ri bhith streapadh aig a dheireadh, neò a bhith ga shlàodadh na dheidh. Bha an Diùc gun fhàilinn.

Tha an Teilt a fàs nas àimhleathan as nas àimhleathan, agus an gann ghàbhas far am bheil i aig éiridh chōmharrachadh. Tha an Táirbh a rúith stáigh do'n Teilt, mu dhà mhil no tuille fos ceann nan easnain. Thàinig sinn mach bho'n bhealach air gleann fosgailt—as na monanain gun bhith cho ard, agus monanain Braigh Mhàrr rōmhainn. Chroisg sinn Bainoch, srùthan crion, agus dar thàinig sinn gu "Crioich na Siorrachd"—far am bheil Peairt agus Obair-raighainn a cóinneachadh—stad sinn. Thug an Diùc do dh'Ailbeairt agus dh'òmhsa beagan dh'uisge-

beatha ri òl, a seann fhlasg äirgiod th'aig fhé, agus an sin rinn e òraid ghoirid a thogail mo dheoch-slaintsa aig aithris air an toileachas leis an do rinn e fhé agus na h-uile gin fàoilte rium aig Blàr, a dhòchas gum pillinn cho trichd agus bu mhiann leam, agus gum bitheadh mo thilleadh dhachaidh tearuinnte; tìghinn gu crìoch san fhìr fhasan Ghàdhallach leis an "Nis! nis! nis! Siod air nis! Rithist! rithist! rithist!" do'n do rinn iad uile freagradh le glaothaich-aighear. Shònruich an Ghrànntach an sin trì glaothain airson Diùc Adhall do'n do fhreagair fàoilte anabharrach bhlàth cuideachd; ach bha mo phònnaidhsa ("Innseruarai" còir) a shiubhail anabharrach math, an tì cur an aghaidh iolach a Bhrùnaich.


Chaidh sinn an sin air adhart rithist car thrì mìl thun na Bainoch, a ràinig sinn aig deich mionaidean roimh shé, air dhà bhith cheana fagasg do bhith dorcha. Mar bha sinn dlùthachadh ris a bhòthan, shéid na pìobairean suas, agus bha iad a cluicheadh. Bha na pònnaidhean a dal cho grìnn leis a phìob, agus gun robh am marcachd as a chois eachd leotha uile gu léir ro thaitneach. Bha iad a cluicheadh "Fìr Àdhall" dar thog sinn oirnn, agus rithist dar bha sinn tìghinn stáigh.

Thàinig Banamhorair Fhìobha bhàn gu ro cháoi mheil thun na Bainoch i fhé agus dheasaich i tìl dhuinn, rud b'é ro bheatha. Fhuair sinn an sin stáigh do'r carbadain, a gäbhail bëannachd le Diùc Àdhall còir. Bha e gu dal air ais fad an rathaid,—ionnsaidh bha gu cinnteach car éigeannach, dana cia dhiubh, smuaineach air an óidhche, agus nach robh gealach ann—agus cìod an rathad bh'ann.

Fhuaìr sìne dhachaidh tearuinnte aig ceithreamh an deidh ochd. Bha an óidhe làn bhlàth, ged bha frasain àtrom ann—ach dh'fhàs i na bu deireannaich baileach sóilleir agus rännagach.

Bha sinn air trì fichead mìl sa nàò diag shiubhal an diugh, agus trì fichead an dé. B'e so a chuairt bu taitnich agus bu mhūmha toileachas dhomh ghăbh mi riamh; agus bithidh mo chúimhne oirre an cōmhnuidh ro mhiaghail agus a meūdachadh deidh air tuille a thoirt! Cia cho toilichte sa bha mi gun robh Lùios, an gàol, (a tha na chompanach ānnsach) marruinn. Cha d'fhuair mi leithid de thoileachas, agus cha robh mi air mo thogail cho mhór le nì bho mo bhròn mór mu bhàs Bandiùc Chāint. Cha d'fhairich mi sgìtheas. Cha do mhùth sìne na bāintigh-earnain ar n-úidheam, agus ghăbh sinn ar dīnnear mar ann teaghlach (*en famille*); a sealltuinn thairis air dealbh-chairtean (*Maps*) na Gàdhalltachd an deidh na dīnnear.





Baile Cha'steil, Braigh Mhàrr.

## A CHUAIRT MU DHEIREADH.

Diciadin, Octòbar 16g, 1861.

GUR mor thoileachas bha a mhaduinn fuathasach briagh. Cha robh nèul air an spèur shoilleir ghorm, agus bha e baileach ciùin. Bha reodhadh teann air bhith ann agus bha e ri fhaicinn na laidh air pàirt de'n fhèur, agus bha na monanain air an soillseachadh bòidheach suas, leis na lùthean ro ghorm sin th'orra a chithear air snuadh a phlūmais. Air ar cois tràth, agus an diot' againn còmhla ri Ailiös, Luiös, agus ri Lëänchean, anns an rùm againn fhé. Thog sinn oirnn fichead mionaid roimh nào, Ailiös, Lëänchean, agus Luiös dal marruinn. Bha a mhaduinn gun coimeas briagh, agus an dùthaich ann an leithid de bhòidhichead, ged tha na cràobhain bochd ach gann gun duilleag orra.

Fagasg do Bhaile a Chaisteil, agus gu dearbh air adhart rè an rathaid, anns an dùbhar, bha an reodha na laidh fhathast, agus bha an àileadh baileach gèur. Ghabh sinn eich-puist aig Baile a Chaisteil, a dal nàird troimh Glèann Clūnai gu Glèann Cällatar, a bha sealltuinn àilleadh, agus bha Ailbeairt gäbhail moran tlachd ann. Am beagan thuille agus dà uair bha sinn aig Loch Cällatar—

an rathad ro dhona gu dearbh mar bha sinn dlùthachadh ris an loch, far an robh na pònnaidhean againn feitheamh ruinn. An deidh coiseachd ceùm no dhà chaidh sinn suas rithist, mise air “Faibhai” còir, as Ailiös air “Ìnnsuarai.

Bha an latha glòirmhor—agus a chuairt uile taitneach, ag e ro fhurasd a gabhail. Dhìrich sinn Càrn Beag an Túirc, tàobh tuath loch Callatar nàird seòrsa de fhrith-rathad ro shochdrach agus réith, air talamh a bha cha mhér còmhnard, aig eiridh chuid sa chuid, ach gun bhith ga fhaireachdain; agus bha an sealladh air fàs cho mior-bhuilteach fharsuinn. Tha mùllach Càrn an Túirc làn chòmhnard—le còinneach agus fèur—air chòr agus gum b'urrainn duit greasadh air. Tha e ro àrd, chēann chith thu an talamh-bùird ard th'air cùlòbh a bhinnean as airde de Loch na Gairidh. Air an tàobh sin chan eil beachd idir agad ach air an tàobh eile tha e iongantach farsuinn. Bha e cho soilleir dhearsach, agus tha e mar so an sin fhathast, a toirt na'r cúimhne an latha bh'againn an uiridh air Bèinn Mùich Dhúi.

Dh'eirich Bèinn Mùich Dhúi as ainmig chith thu idir agus gun chumachd ro ghrinn oirre, dlùth air ar cùlòbh agus na beanntain eile a tha mun cuairt dì. An Càrn Gorm, am Brùthach Riach, Bèinn Abhuinn no Àthann, Beinn a Bhùird, as corr. Chùннаic sinn Beinn a Ghlò làn shoilleir, agus an t-srèad a Bheanntain sin uile; an sin, nas fhaide suas, Sìthchaillion teann air Loch Tàdha; na monanain dlùth air a Mhonadh Dhùbh; agus tur anns an fhàire, b'urrainn dúinn Beinn Nibheis a tha fhos ceann Gearrasdan Innirlòcadh a chomharrachadh.



Dal nàird Loch Càrn an Tuirc bha sinn sealltuinn bhàn air Loch Cantar, loch crion fhos ceann Loch Callatar, ro àllda agus dorcha. Chaidh sinn air adhart Càrn Glaisi, agus an ruinn as iomalaich, far am bheil Càrn air a thogail, thàinig sinn mach ghabhail beachd air an t-sealladh mhór iongantach a bha na laidh sgàoilte mach romhainn. Bha ar beachd air Siorrachd Fhìobha, air an dùthaich a tha eadar Peairt agus Sruithladh, agus air Monanain, Lomainn, agus còrr. Bha e bòidheach sóilleir, agus gu fìrinneach bha e baileach taitneach a bhith ag amharc air leithid mhèudachd fharsuinn de'n Ghàdhalltachd. Chan eil mi toirt ach aithris ro bhochd air; ach a leanachd an so tha cùnntas tuairmeasach air na chùnnais sinn:—

Gu Tuath—Beinn Muich Dhui, am Bruthach Riach, An Càrn Gorm, Beinn Abhuinn, Beinn a Bùird.

Shios:—Loch na Gairidh, agus an còrr.

Gu Deas Shuas:—Beinn a Glò, agus na monanain ga cuairteachadh thàll bho Shìthchaillion, agus na monanain a tha eadar Dunchaillion agus am Monadh Dùbh.

Tur anns an fhìr iomal Shuas:—Beinn Nìbheis.

Gu Deas, Monanain Lomainn; Peairt sa mhiadhon-astar.

Choisich sinn air adhart tacan, agus an sin chaidh mise nàird air mo phònnaidh. Thug marcachd lethuair eile thair talamh-bùird cho chòmhnard neònach sinn, air adhart gu fóir Gleann Càrn an Lochan, tha gu dearbh na àit laghach. Thug e Clòbha gu mo chuimhnsa agus gu cuimhne Lùios; air bhith nach robh neach a faicinn an sin leithid de mhèudachd ghailbheach a mhonanain air a chulaobh. Is e gleann àimhleathan th'ann an Càrn


an Lochan, agus an âbhuinn Île a lùbadh troimh mar gum b'è ribean airgiod bh'ann, agus cràobhain gu h-ìosal. Tha na monanain gorm corrach ach mu cheann a ghlìnne tha cragain briagh. Bha againn an sin ri dal rathad gu math mun cuairt a sheachuinn pàirt a d'fheàthain, agus thìghinn gu spòt bho far an robh sealladh dìreach againn astar fuathasach nàird an gleann; tàobh na làimh clì, no abair tuille gu deas, bha Gleann Ile, gleann eile, ach na b'fharsuinn, agus gun na ceart mhonanain ard th'aig Càrn an Lochan. Thair Gleann Ile bha Monanain Lomainn aig bun am bheil Loch Liobhan ri fhaicinn, cùlaobh Ceannros.

Rinn sinn suidh air àit anabarrach cragach, a bha toirt air neach a bhith gábhail eagal gin bhith carachadh rathad an cuil; agus an so beagan rōimh dà uair ghabh sinn am miadhon-latha. Bha na sóillsean sèunta fèàthail, agus mar thuir mi rōimhe, coltach ri lùthean a phlùmais. Bha sinn anabharrach toilichte as a mhìr miadhon-latha cheann bha an àileadh cho baileach gèur, agus fhuair sinn eigh na bu tiùigh na bōnn tasdan air mùllach Càrn an Túirc, agus cha do leagh i dar ghabh am Brùnach na làimh i agus chum e i.

Bha Eilina cho toilichte, cheann b'è so an ann fhìr chuairt mhór anns an robh isc air bhith cōmhla ruinn.

Chaidh Donnacha agus am forsair aig Loch Callatar (R. Stiùbhart) marruinn mar threòraichean.

Rinn mi beagan a dhealbhain ealamh a tharruinn; agus an sin sgrìobhadh Ailbeairt air bideag phaibear gun do ghabh sinn mìr miadhon-latha an so, agus chuir e ann am botal Uisge-Seillseir e ga àmhlaic an sin, chan ann, ach



Am Mhí Míadhon-Iátha aig Cúin an Iochrain.



ga stalc anns an talamh. Rinn an Gränntach a cheart leithid dar thug sinn ar sgrìob gu Bèinn Mùich Dhúì a chiad taruinn. Dar bha so thairis, choisich sinn air ais tacan air an rathad air an do mharcaich sinn a seachuinn nam fèàthain, sìnne, na baintighearnain, gun choiseachd ach tacain ghoirid, agus an sin marcachd. Mhùth sinn ar cùrsa agus dh'fhàg sinn Càrn Glaisi air ar deas, agus chaidh sinn rathad Càrn Bhàlla. Sealltuinn air ais air na monanain astarach fhos ceann Gleann Ìle agus Càrn an Lochan ("Dùthaich" Morair Àirli), bha e eadhainn na bu bhòidhich; cheann, mar bha an lâtha tìghinn air adhart, bha na monanain sìr fhàs na bu shóilleir, le gúirm àillidh, agus na glinn ann an dùbhar. Bha Sìthchaillion agus na srèadain b'fhaid as, ri fhaicinn cuideachd làn chòmharraichte: dhuaisg e leithid dheidh dhòmh gu tuille chuirtean Gàdhallach thoirt! Chaidh sinn thairis air a Gharbh Choire, sealltuinn bhàn air an rathad dh'ionnsuidh an Spideal; agus air na monanain as ìlse, a tha air an ceāngal ri cheile ann an doigh ro iongantach, agus bho'n airde mhor aig an ròbh sìnne, b'urrainn duinn bhith ag àmhrac sìos orra.

An so tha cūntas leanachd air a chùrsa bh'againn, leis na h-ainmnean mar sgrìobhadh Dōnnacha iad. Chan urrainn dōmhsa na h-ainmnean chumail air cūimhne.

An Cùrsa san dal air adhart.

Bho Bhailmhorail gu Loch Callatar, ceithir mìl, Fàgail Loch Callatar aig ann uair diag a lâtha:—Càrn Beag an Túirc, Càrn Mór an Túirc, Loch Cantar, Càrn Glaisi, Carn Lochan, Cath-Nis, sè mìl.

## An Cùrsa san tilleadh.

Carn an Lochan, Carn Glaisi, Garbh Choire, Rathad Moin'each Èigi, Glass Mheall, Fian Choire, Arran Dhé, Sìthean Drochaid an Spideil, aig ceithir uairean a dh'fheasgar. Sìthean Drochaid an Spideil gu Bailmhorail, sé mìl diag.

Thug so barail ghasd do neach mu shúidheachadh na dùthcha, nì bha na thaitneas do dh'Ailbeart gàolach, leis mar bha a chuairt so am mùth rathad uile seach gin a chaidh sinn riamh rōimhe. Ach chan eil dad eanchainn agamsa ann airson tìr-shúidheach, gum b'urrainn dōmh ìnnse mu dheibhinn. Thàinig sinn bhàn air Mōin'each Èigi, bruthach cas thairis le fèur—mharcaich mi sios air pàirt, a coiseachd far am bu chorraich e; ach bha e cho fiuch, shleamhainn agus gun d'fhuir mi dà thuiteam, Fhuair sinn bhàn thun an rathaid gu Drochaid an Spideil mu coig mìl diag bho Bhaile a Chaisteil, fagasg do leth coig, agus an sin sios an rathad nōdha, cia dhiubh air a phairt sin deth a bha deas, agus tha gu dal air adhart gu Càrn Bhàlla. Chaidh sinn air ais air an taobh againn fhé an àbhuinn; agus nan robh sinn beagan na bu luaithe, d'fhàodadh Ailbeart dāmh bhith aige—ach bha e tuille as anamoch. Dh'eirich a ghealach agus bha i a dearsadh fuathasach bòidheach, as thill sinn mar fhichead mionaid do sheachd uairean, mór thoilichte agus fo smuain grinn mun chuairt thaitneach so. Mo thruaigh! tha mi gabhail eägal ar té mu *dhéireadh!*

(B'È AR TE MU DHEIREADH BH'ANN!—1867.)



Loch Callatar.





CUAIRTEAN

ANN AN

SASSUN AGUS AN ÈIRIONN,

AGUS

TAISDEALAIN AIR BÌRLINN.

## CHIAD SGRÌOB DO DH'ÈIRIONN.

---

Air Bord an Bhictoria as Ailbeart,

am Bágħ Chore,

Dirdáoin, Adhgast 2a, 1849.

AIR rúigheachd so an deidh seòladh ealamh ach gun bhith ro thaitneach. Bha an latha briagh agus soilleir, agus a mhuir reir na h-uile coltach ciùin; ach bha bòchdadh eagalach ann, a rinn mi-chomasach e do dh'àon a bhith leubhadh no deanamh ni sam bith. Chaidh sinn seachad air Ceànn Tìre aig nàò uairean sà mhaduinn. Dar chaidh sinn air uachdar an deidh ochd san fheasgar bha sinn dlùth air Bágħ Chore, agus b'urrainn duinn moran theinenean-éibhinn fhaicinn air a mhonadh, agus na rocaidean as na solusain bhatar cur air falbh bh'àrr na h-uile mhuth thòitich. Tha an caladh fuathasach mor, gar am bheil an talamh ro ard, agus ann bhith aig ìnn-thirig eadar dha-sholus bha e na thaitneas grinn. Bha Baintighearn Ioslinn, Miös Dàson, am Morair Forteäscìù (Morair Stiùbhart) Sìir Deòrsa Grèa (Cléireach na Stàid), Miös Illiarr, Sìir Séumas Clare, agus Mäighstear Birdse marruinn. Bha dáoinuailse nan each, an Coirneil Phips, agus an Coirneil Gordan air Bord na "h-Iolar" Dúibh.

Dithàoine Adhgast 3s.

Bha an latha ciar agus mùgach thair tomhas, nì is e nadur faileamh na h-Èire. Dh'fhàiltich na loingearain aig ochd uairean, agus bha a "Ghāngeäs" (an loingear-brätaich, trì-chlàrach) agus an "Hògue" (tri-chlàrach tha air a gearradh bhàn, agus gūnnachain anabharrach tròm oirre agus sgrùbha air a chur innte) ri stàirn fhuathasach, air dhaibh bhith ro theann oirnn. Tha an caladh ro fharsuinn, agus na h-ùibhir dh'eileanain ann agus fear dhiubh anabharrach mòr. Tha Eilean Spioc dìreach mu'r coinneamh, agus prìosan dhìmhiltich ann; fagasg dà tha eilean eile leis an dachaidh-reisimeid (*depôt*), agus còrr ann Air an ann sìneadh ri sin tha baile Chòbh, agus e air thogail an doigh dhealbhadhail nàird ri monadh Chan eil an dà thòiteach-catha ach dìreach an deidh tìghinn stáigh. Thàinig an Seanlair-cabhlach (Digson) agus Caipiteinean nan sóitheachain air bòrd. Na bu deireannaich, thàinig Morair Bhandon (Tighearn Tàinist-ear na Siorrachd), Morair Thòmonn, Seanlair Mac an Tuairnear, Ceannard an Fheachd aig Corc, dheanamh ùmhlachd, agus chaidh Ailbeart air tìr, agus chum mise mi-fhéin dêannaich air sgrìobhadh agus tàrruinn. Thill Ailbeart roimh a mhìr miadhon-latha, air dhà bhith coiseachd mun cuairt agus toirt sgrìob stáigh do chuid de na bòthanain aca.

Dh'fhàg sinn a bhìrlinn aig dà uair agus na bàintigh-earnain as na daoine-uailse marruinn, a dhal air bòrd an

“t-Sithich,” a bha cuairtiche le bàtachain-siùil. Chaidh sinn an toiseach mun cuairt an caladh, na lóingearain uile gar fàilteachadh, agus na h-úibhir de thòitich agus de bhàrlinlean cho mhath sin. Chaidh sinn stáigh an sin do Chòbh agus laidh sinn suas taic na lāmhruid, a bha air a h-uidheamachadh baileach lághach; agus i cōmhdaichte le sluagh; agus bàrlinlean, as lóingearain agus bàtachain cābhachadh mun cuairt gu léir. Thug an dà Fhear-Parlamaid, Māighstearain Róidse agus Pōbhar, òraidean dúinn, agus cho mhath sin dáoinuailse eile, agus nam measg, a Chleir Chāilteanach, agus a Chleir Phrotestanach; agus an sin fir na Cōmhlain-Bàrlinn. An deidh so, a thoirt toileachas do’n t-sluagh Baile na Bànrighinn a bhith mar ainm air an àit, mar onair do’n chiad spòt air an do chur mi bonn an Èirionn thug mi céum mach air an tràigh am measg ráoic ghūnnachain mór (cheann bha bheairtillear air a suidheachadh cho tēann oirnn agus gun robh i a crathadh gu h-ìomlan an rùm-éiginn san robh sinn air dal stáigh) agus am measg glaodhain dealasach an t-sluaigh. Chaidh sinn sa mhionaid air ais air bòrd togail oirnn náird uisge Lúí rathad Chore.

Tha e baileach lághach agus ro beairteach an cōille, agus a toirt na Tàmar gu mo chuimhne. Be a chiad chruitheachd a ghlac air n-aire san dal seachad, àit-fāilig beag, ris an abair iad Baile nam Manach (*Monkstown*), agus nas deireannaich Caisteal na Craig Dùibh, rinn sinn stad aig an ruinn so a dh’fhaighinn brādan, agus òraid ro lághach bho iasgairean bochd na Craig Dùibh.

Mar bha sinn dhlùthachadh ris a bhaile bha sinn faicinn

an sluagh tàomach mach, air chois, as air mun each, agus mòran ann an càrnain-cuairt. Dar ràinig sinn Corc laidh an “t-Sithich” stáigh rithist, agus fhuair sinn na h-òraidean uile: an toiseach, bho’n Mhāighre agus a Chorporrachd (rinn mi Ridir de’n Māighre anns a mhionaid na dheidh), an sin bho’n Easpuig Phrotestanach agus a Chlèir aige; agus bho Thighearn Tāinistear na Cōndaidh, na Siōrradhain agus feadhainn eile. Thàinig an dà Bhreitheamh, a bha cumail an Cùirtean, air bòrd cuideachd ann nan éididhean. Nuair bha na h-uile nì thairis chaidh sinn air tìr, agus choisich sinn beagan chéumnain air ádhart gu far an robh carbad Morair Bhandon deas gu’r gabhail stáigh. Chaidh na bāintigh-earnain marruinn, agus bha Morair Bhandon agus an Seanlair marcachd air gach tàobh de’n charbad. Bha am Māighre ag imeachd air thoiseach oirnn, agus bha moran (Morair Listōbhail anns an àireamh,) gar leanachd air muin each, no ann an carbadain. Bha an dara réiseamaid diag a Chròbhsleagh (*12th Lancers*) nan geard, agus bha na Seann-saighdearain agus na Saighdearain cas-ruith a lìnig nan sràidean.

Chan urrainn domh aithris mu’r n-imeachd ach bithidh e gu leoir a ghradh gun do ghabh e dà uair; gun do ghreas sinn troimh na h-ard-shràidean; dà tharrùinn troimh cuid diubh; gun robh iad fuathasach dōmhlaichte, air an sgeadachadh le flùrain agus le bōghachain buadhor; gun robh an teas agus an stùr anabharrach; gun deach sinn seachad air a Chollaisd ùr a tha iad togail—fear de na cheithir th’air an orduchadh le Achd Parlamaid; gun robh

an fhàoilte ruinn fuathasach dealasach ; agus gun deach na h-uile ni seachad làn chòimhionta, agus gun robh an t-orduchadh ro ghasd. Chan eil Corc coltach ri baile Sassanach idir, ach sealltuinn mar gum bu bhaile céin bh'ann. Tha an cruinneachadh gleadhach, luaineach, ach math nàdurach, a ruith sa fùchdadh mun cuairt, a gàireachdaich, bruidhinn agus a gládhaich àrd. Tha bòidhichead nam boirionnaich ro chòmharraichte, agus ghlac e ar n-aire gu mór ; a leithid de shùilean dùbh briagh agus de dh'fhalt ; agus a leithid de dh'fhiaclain grinn ; cha mhór nach robh na h-uile tè a thriùir lágach, agus cuid diubh baileach mar sin. Chan eil iad caidh bonaidean ann, agus an cumantas tha cleòcain fad gorm orra ; tha na fir an clúthachadh ro thruagh, gu tric an ragachain ; agus tha moran a caitheamh còtachain gorm, briganain goirid, agus stochdinnean gorm.

Chaidh sinn air bòrd rithist aig an ann àit agus phill sinn dìreach mar thàinig sinn.

Caladh Bhaile an Rìgh, Bág Bhaile a Cliath,

Didòmhnach, Adhgast 5mh.

Air tìghinn an so tearuinnte ; leanaidh mi nis air mo naigheachd. Car a chiad dà uair gu leth, cha robh a mhuir, ged bha i garbh mithaitneach. Dh'innthirig sinn Caladh Bhatarforr an dé, fichead mionaid roimh cheithir uairean. Tha an caladh cragach air an lāmh dheas a dal stáigh, agus baileach còmhnard air an lāmh chli ; ach an dal air adhart tha an talamh ag eiridh air gach dalach

tàobh. Chaidh sinn seachad air dàigheach chrion ris an abair iad Dàigheach Dhungânnan, an t-àit bho an deach Séumas a Dhà air bòrd an deidh bàiteal na Bóinn, agus bho nach d'fhàiltich iad car lethchiad bliadhna rōimhe. Na b'fhaide nàird eadar dà bhailechean bheag fear air gach tàobh, agus gach fear as sēapal crion ann, is e an sùidheachadh grinn air mùllach na craig no a mhonaidh, thilg sinn acair. Is e Passaisd an t-ainm th'air an àit beag iasgaich air ar lāmh chli, agus tha e ainmeil airson bradan; dheth an robh sām pull gasd againn gu'r dinnear. Shōnruich Ailbeairt dal air adhart gu Bhatarforr, deich mìl nàird an àbhuinn, anns an "t-Sìthich," marris na giulanain, ach bha mise ga m'fhaireachdain fhé tuainealach, sgith, agus rághnaich mi fuireach air bòrd aig fois a tarruinn. Thill Ailbeairt an deidh sheachd uairean; cha deach e air tìr ann.

Lóidse an Ionad Rìoghail, Pàire Phéinigs,

Diluain Adhgas 6mh.

Tha sinn an so anns an spòt ro lágach so, le sealladh àillidh air Bēanntain Bhiglò bho'n ùinneig. Ach nis a thilleadh a dh'ionnsuidh gnothaichean an latha an dé. Sheòl sinn romhainn aig leth nàò uairean; car thrì uairean bha e fuathasach garbh, agus bha mise agus a chlann bho chd gu ro sháich leis an tìneas mara. Dar chaidh sinn seachad air Craig Thuscair ann an Bheägsforr dh'fhàs an cuan na bu soisnich agus beagan na dheidh bha e làn chiùin, agus am feasgar bòidheach. An deidh dhuinn

a dhal seachad air Cēann Archlagh, thàinig beanntain Bhiglò anns an t-sealladh agus tha iad eireachdail. Tha fàirenean grinn rúinneach air Meall an t-Siuchdar agus Monadh Carraig, agus tha bēanntain iosal air am beulaobh le mòran coille. Aig leth seachd thàinig sinn an sealladh Bág Bhaile a Cliath, far an do thachair an “Springs” agus an “Stromböli” oirnn (a bha air an cur air adhart a dh’fheitheamh agus a thìghinn stáigh marruinn), agus an “Traidinn,” agus stáigh làn theann air a caladh, an “Dràgon,” Tóiteach-cátha mhór eile. Leis a chabhlach mhór so thóitich sinn stáigh sochdrach agus tighearnail do chaladh Bhaile an Rìgh, a bha air a chōmhachadh thairis le mìltean air mhìltean de luchd-āmhrac, agus iad ri glaothaich-aighear fuathasach dealasach. Is e caladh briagh th’ann as e làn de lóingearain de na h-uile seòrsa. Bha an cìthe, far an robh an lāmhrúig air a h-ùllachadh, air a dhōmhlachadh anabharrach, agus uile gu léir bu shealladh uasal agus luaimneach bh’ann. Bha e dìreach seachd dar dh’innthirig sinn agus bha laidh na gréin sóillseachadh suas na dùthcha agus nan togailean grinn, agus bha an sealladh uile fo’n t-solus rúiteach fir bhòidheach. Bha sinn air ar cuairteachadh glé ealamh le bàt-chain, agus bha dealasachd agus luaim an t-sluaigh aig airde an tōmhas.

Fhad sa bha sinn aig an diòt bha a bhìrlinn air a toirt nàird dlùth-thaic ris a chìthe, a bha air lìnig le trùpain. Thàinig Morair Chlarinndon agus a Bhanamhorair agus Deòrsa\* air bòrd cuideachd; Morair Lànnsdon agus Mor-

\*Diac Chèämbride.



air Clännricaird, an t-Ard-shagairt, Ard-Easpuig Bhaile a Cliath, as móran eile. Bha an òraid air toirt seachad leis an t-Siorradh agus le daoinuaillese na Conndaidh. Mar bha an t-Uaireadair bualadh deich chaidh sinn bh'arr búird ceum air an tràigh bho'n bhìrlinn, Ailbeairt ga mo thoirt-sa agus na clóinne leis, agus na h-uile gin eile gar leanachd. Bha cruinneachadh anameasarach ann, agus iad ri gláodhaich-aighear fuathasach dealasach, na loingearain a fàilteachadh agus na còisirean ciùil a cluicheadh, bha e da rìreamh ro dhrúighteach. Bha an t-astar bh'againn ri shiubhal thun an rathad-réithill air chōmhachadh thairis; agus air lìng le bāintighearnain agus daoinuaillese agus iad sgapadh fhùrain. Chaidh sinn leis a chlann stáigh do charbadain an réithill, agus uaillesean Chlarinndon, as na trì bāintighearnain marr-uinn; an ceann cheithreamh na h-uair ràinig sinn tāmh-ionad Bhaile a Cliath. An so fhuair sinn na carbadain againn agus na gillean-puist ann nan liubhairt Ascotach. Chaidh an dà leanabh as síne comhla ruinne, agus an dithis as òige comhla ris na bāintighearnain. Mharcaich Siór Eideard Bleägni, an t-Ard Cheannard an Eirionn, air darn a tàobh a charbad agus Deòrsa air an tàobh eile agus cōmhlán lóinnreach gar leanachd, agus sinn air ar geardaig leis an t-Seachdamh diag Chraobh-sleagh (17th *Lancers*), agus leis na Cārabinnich (*Carabiniers*).

Bu shealladh òngantach e, a leithid de mhíll eagalach a chrèutairean sàoghalta, cho dealasach, cho mhi-shoisneach, airson sin a leithid de dh'ordugh iomlan air a chumail; àireamh nan trúp, na h-uile mùth coisir-ciùil

bh'air an sùidheachadh aig astarain sònruichte, crathadh àdain agus nèapuillean; na fàiltean a brùchdail mach agus sgoltadh an àthar,—rinn na h-uile nì na shealladh e nach leigear air diochuimhne chàoidh; gu sònruichte dar smuaineacheas neach air cho goirid agus bho'n bha an dùthaich an ar-mach folaiseach as fo làgh an t-saighdear.

Tha Baile a Cliath na bhaile fuathasach grinn; agus Sràid Sachdbhill agus Clòbhas Mheàrrion còmharrachtaichte mór agus eireachdail; am Banc, Collaisd na Trianaid as an corr, nan togailean briagh. Chan eil geàtachain sam bith air a bhaile ach bha feadhainn air an cur suas stáigh fo bhòghachain; agus thug iad oirnn stad an so agus thug am Màighre dhòmhsa iuchraichean a bhaile le facail fhreagrach. Áig a bhògha-bhuadhor mu dheireadh bha bèathachan bochd càlman air a leigeil bhàn na mo thrùsaig-sa, agus spiolag a chrann-ola mun cuairt do amhaich, bha e beò agus e fuathasach sòitheamh. Bhà an teas agus an stùr anameäsarach. Ràinig sinn Pàirc Phéinigs, a tha fuathasach farsuinn, aig dà uair dhiag. Bha Morair Chlarinndon agus a Bhanamhorair agus an fhardaich uile aig an dorus deanamh fàoilte ruinn. Is e táigh ùidheamail, gaireasach th'ann, toirt Clàrmonn gu' r cúimhne, le gàraidh-leapach air a bheulaobh (a bha air dhealbhadh le Banamhorair Normanbi), agus tha beachd anabarrach farsuinn bhuaith air a Phàirc agus air an t-sràid bhriagh mhonanain, Bèanntain Bhiglò. Tha sinn air ar fardachadh fuathasach gaireasach, agus tha rùmachain anabharrach ùidheamail againn.

Dimàirt, Adhgast 7mh.

Ghreas sinn stáigh do Bhaile a Cliath—le'r dà bhain-tighearn—ann an carbad Morair Chlarindon, agus na daoineuaille a leanachd; agus gun ghèard sam bith. Bha an sluagh anabarrach dealasach as ri mòran gláodhaich-aighear. Chaidh sinn, an toiseach, do'n Bhanc, far an do rinn na Riaghlairean fàoilte rúinn, agus bho sin ghabh sinn beachd air sèann Taighean nam Morairean agus na Chumainnt, oir b'e an t-àit a tha na Bhanc nis Táigh na Parlamaid rōimhe. Bho so ghreas sinn thun na Sgoil-riaghailt (*Normal*), far an robh Ard-eäspuig Bhaile a Cliath, Ard-eäspuig nan Cailteanach Romanach, an Moireach, (sèannduine grinn bêannaichte a dh'aois cheithir fichead), agus na dáoinuaille eile a bhineas do'n Sgoil, feitheamh ruinn. Chunna sinn Sgōiltean na Cloinne big, Sgōiltean nan Giulanain agus Sgōiltean nan Caileagain; san té mu dheireadh bha ana chōmhlan ghiuleanair air an ceasnachadh an cūntas air an teangaidh, agus ann an móran de rudain duilich; agus dh'fhreagair iad uile gu h-iongantach. Tha clann de na h-uile seòrsa creideamh gan gabhail stáigh, agus tha gach atharrach teagasg air ionnsachadh dhaibh air leth, mas math leis na pàrantain sin, ach is e ann teagasg sōnruichte thatar sparradh orra firinnean an t-Soisgeil, agus gràdh as iochd. Tha so da rìreamh Crìosdail agus is ann mar so bu chōir do'n chùis a bhith sna h-uile àit. Tha mu mhil cloinne air an ionnsachadh an so na h-uile bliadhna, trì chiad dhiubh

air an deasachadh mar mhàighstearain sgoile agus mar bhana-mhàighstearain. Bho so chaidh sinn a dh'fhaicinn Collaisd na Trianaid, Ard-Tháigh-Ionnsach na h-Eire, nach eil air a ghiùlan air ádhart air seòl cho fhiughantach, ged gheibh Cailteanaich Ròmanach stáigh. Dh'fhèuch an Doctair Tod, an sgrìobhaich, duine ro ionnsuichte, agus a tha fileanta gasd anns a Ghàidhlig Eirionnach, pàirt de Sheann Sgrìobhaichean agus dh'fhàgailean ro neònach dhuinn, agus nam measg Leabhar Challum Chille (anns an do sgrìobhadh sinn ar n-ainmean), agus a chiad clàrsach bu le Rìgh O'Brùidhinn, an tè sin, mar tha iad a smuaineachadh, bho'n deach Suaicheantas Eirionn, a thoirt. Tha an rùm-leabhraichean mór eireachdail coltach ris an fhear th'ann an Collaisd na Trianaid, an Cèambrisd. Chaidh sinn an sin air adhart rathad an dachaidh, bha an dōmhlachd air na sràidean uamhasach, agus iad cho rìoghail. Bha e ag uisge beagan an dràs sa rithist. Dhachaidh beagan an deidh ann uair. Chaidh Ailbeart do Bhaile a Cliath an deidh am mìr miadhon-latha agus bha mise sgrìobhadh sa lèubhadh, agus dh'eisd mi ris a chlann againn a gradh pairt a lèasanain.

Aig cóig thog sinn oirn gu Spideal Chilmàineam, a tha ro thèann air so; agus Morair Chlarindon a dal sa charbad marris na baintighearnain agus riùm-sa—agus Ailbeart agus na dáoinuaillese eile a marcachd. Rinn Sìr Eideard Bleägni agus a chōmhlán, agus Deòrsa, an fhàoilte riunn. Chūnnaic sinn na seann-sáighdearain, an Sēapal agus an tälla, rùm mór briagh (sam bheil na saighdearain uile ri an dīnnear, mar thatar a deanamh aig

Tèalsai), agus an sin na sèamarchain aig Siir Eideard e fhéin. Na dheidh ghabh sinn greasadh sna h-uile àit bu mhúmha áiridh na cheile am Baile a Cliath,—Grín a Chollaisd far am bheil an dealbh snaighte ainmeil aig Rìgh Uilleam a Trì ri fhaicinn; Grín Nàomh Steäfan agus seachad rathad a Cheathrar Chùirt, togail fuathasah eireachdail; agus, gar an robh duil ruinn, bha an cruinneachadh ann am moran dh'àitechean ro dhómhail. Thill sinn beagan roimh sheachd. Dìnnear mhór. An deidh na dinneir thàinig còrr agus dà na trì chiadain sluaigh agus a chuid bu mùmha de dh'Ard uaillsean na h-Eire nam measg, agus moran de na h-uaillsean; agus bha bàll ann an deidh sin.

Diciadaoin, Adhgast 8mh.

Dh'fhàg sinn mar fhichead mionaid do dh'ann uair dal dh'ionnsuidh Baile a Cliath mise agus na baintighearnain uile ann an úidheam feasgar, agus na daoinuailse nan éididh-òidhich. Ghreas sinn air adhart gun nùll na nall thun a Chaisteal. Tha na h-uile nì an so ceart mar th'aig an Làthaireachd aig Nàomh Sèümas (St James's). Tha an t-ionad-staidhreach agus rùm na caithair-rìoghail coltach ri pàiliös. Fhuair mi (air a chaithir-rìoghail) na h-òraid-ean aig an Tighearn Mäighre agus a Chorparrachd, aig an Táigh-Ionnsach, aig an Ard-eäspuig agus na h-Eäspuigean, an dà chuid Cailteanach Ròmanach agus Sassunach, an Eaglais Sheanairea, na Seanairea neo-àonaichte agus aig na Càirdean. Thug iad òraidean do dh'Ailbeairt

cuideachd.\* An sin thàinig Làthaireachd fhad, a lean gun chlos gus an robh e mur fhichead mionaid do shé uairean! Bha dà mhìl pearsa air an cur rōmhainn.

Dirdàoin, Adhgast 9mh.

Bha beachdachadh mór lóinneil ann am Pàirc Phéinigs air do shé mìl, ciad as trì fichead fear bhith ann, cūntadh na constabullachd. Anns an fheasgar ghabh sinn ar dīnn-ear comhla leinn fhéin, aig leth nàò uairean ghreas sinn stáigh do Bhaile a Cliath a chūmail rŭm-cuideachd. Tha e air chumail an so san fheasgar. Shàoilinn gun robh eadar dhà as trì mìl pearsa san làthaireachd, agus bha mìl as sé ciad bāintighearn air an toirt gu m'eolas. An deidh dha bhith thairis dh'fhalbh sinn troimh Tàlla Nàomh Padruig, agus na rŭmachain eile, agus bha an dōmhlachd eagalach mór. Thàinig sinn air ais gu Pàirc Phéinigs aig leth ann uair—agus na sràidean dōmhlaichte tiugh. Bha am baile air a shoillseachadh.

Dithàoine, Adhgast 10mh.

Mar cheithreamh do dhà uair dhiag thog sinn oirnn, le'r leanalt uile, dh'ionnsuidh Carton; Àit Dhiùc Laigh-ean; am Morair as Banamhorair Chlarindon maruinn sa charbad. Chaidh sinn troimh Talamh na Coille (Woodlands) àit is le Māighstear Ghuáit (White) anns am bheil àol-chràobhain bóidheach; agus chaidh sinn seachad air

\* Bha Morair Bhraidealbainn (am Morair Sèamarlan) am fritheal, air dhà ar cōmhlachadh mar ràinig sinn Baile a Cliath.

Maighnùth ; agus ann an àit gun bhith fad bho Charton chūnnaic sinn na h-uibhir de sgoilearain Mhaighnùth. Tha pàire Charton ro ghrinn. Ràinig sinn sin beagan an deidh ann uair, as rinn Diùc agus Bāndiùc Laighean, Uaillsean Chìldóire, Māighstear agus Bāintighearn C. Rēäptunn, agus an dà mhac aca, an fhàoilte ruinn. Chaidh sinn mach do'n ghàraidh, far an robh a chuideachd uile crūinn, agus an dà chòisir-ciùil a cluicheadh ; bha e ro lāghach : seòrsa de gharaidh san riaghailt Fhrānngach le srèadain de chràobhain iùthar Eirionnach. Choisich sinn mun cuairt an gàraidh dà tharruinn, an Diùc gam thoirt-sa leis, agus Ailbeairt toirt leis na Bānndiùc. Is e rágha nam fear gasd, cáoimhneil th'anns an Diùc.

An deidh an lòn miadhon-latha bha sinn a sràidimeachd mach agus chunnaic sinn cuid de mhūinntir na dùthcharis an dānnsa chrūinn, nì a bha na ealaidh mhór.

Tha an rúithill Eirionnach de mhùth car uile gu leir seach an rúithill Albannach ; chan cil e cho beòthail, agus tha diubhair mhór air na stāpain ach tha e ro neònach. Bha an sluagh air an clùthachadh anabharrach truagh ann an còtaichean tiugh, agus na boirionnaich ann an seàlachain. Bha ann fhear ann na fhìr shampull de'n Eirionnach, agus an ad aige air leth chluais. Feadhainn eile ann an còtaichean gorm, am brìganain goirid agus an stochdainnean gorm. Bha trì sheana plòbairnean ragach a cluicheadh. Is e mùth seòrsa uile gu leir th'anns a phlob Eirionnach lāmh ris an té Albannach ; tha i anabharrach fānn, agus chan eil iad séideadh stāigh innte, ach tha balg-séideadh ann a tha iad ag iomairt an cēangal

ri an gáirdean. Choisich sinn mun cuairt sna tálamhnain-toileachas, agus an sin fhuair sinn stáigh do charbad marris an Diùc agus a Bhāndiùc—na bāintighearnain as na daoinuailse againn a leanachd ann an càr-cuairt mór, agus an sluagh a marcachd, ruith, sa greasadh cōmhla ruinn, ach bha iad ro ghiùlanach orra fhé; agus tha an Diùc cho cáoimhneil riubh, as gun d'thoir facal bhuaith orra nì sam bith a dhcanamh. Bha e fuathasach teth, ach airson sin, chum an sluagh air ruith fad an rathaid, agus sin anns na còtaichean tiugh ôlainn, a tha iad, reir coltaich, a caitheamh an so an comhnuidh. Ghreas sinn air adhart sa phàirc gu spòt bho am bheil sealladh farsuinn air Bēanntain Bhiglò. Theirinn sinn sìos rathad ùr, nòdha th'air a ghearradh as a chraig shlàn, troimh glēann bòidheach, làn de cràobhain fuathasach grinn, a fàs measg chragain, dluth air sìot uisge. Thàinig sinn mach agus choisich sinn thair drochaid fhiodh chrion gu táighean ro laghach air úidheamachadh le spàirneagain, agus còrr, leis a Bhāndiùc. Ghreas sinn air ais anns a chàr-chuairt, fear dùbailt, agus ceithir chuidhealchain air, agus chum e na h-uibhir dhinn: bha mise mo shuidh eadar Ailbeairt agus an Diùc air an darna tàobh: a Bhāndiùc, agus Bāintighearn Ioslinn, as Morair Chlarindon, agus Bāintighearn Bhataiforr air an tàobh eile: Deòrsa air a chùlaobh, agus dáoinuailse-nan-each air gach dālach tàobh do'n ghille-carbad.

Cho luath agus thàinig sinn air ais dh'ionnsuidh an taigh gabh sinn cead de'r n-àoidhearain, agus thill sinn gu Pàirc Phéinigs air mùth rathad seach am fear air



an d'thàinig sinn, air adhart bruachain na Lifei, troimh pàirc Mhàighstear Mac Còlla, agus innte-sa chunnaic mi na cràobhain fàibhile bu ghrinne a chunnaic mi riamh—air an ìteagach tur sìos thun an làir ; agus, beagan na b'fhaide air adhart an rathad agus air an âbhuinn, bha cràobhain àillidh sìce (*sycamore*). Ghreas sinn troimh a bhailechan Lùcan, far an robh sgeadachadh grinn agus bòghachain de bhàgh agus de làbhras. Chaidh sinn seachad fo na Lèapachain Súigh-làir, a tha da rìreamh àinneamh ri fhaicinn—bruachain tùr ard dhiubh—agus dròbhain sluaigh tighinn mach a Baile a Cliath dh'ìth nan súigh-lair so ; agus tha rùmachain aig bun nam brùachain sònruichte airson a ghnòthaich. Bha sinn fhachaidh beagan an deidh chòig.

Air Bord an Bhictoria as Ailbeart,

An Loch Ruidhinn,

Didòmhaich, Adbgast 12mh.

Tha sinn air tighinn an so agus air gabhail fàsghadh ann an deidh aiseag eagalach garbh, gar an robh e ach goirid. Ach a thilleadh gu Dithàoine. Dh'fhàg sinn Pàire Phéinigs, far an do chur sinn seachad an ùine cho taitneach, aig sé uairean, morair Chlarindon agus an dà leanabh bu shine a dal marruinn anns a charbad, agus ghreas sinn le gèard gu Ionad-Tàmh Rathad-Réithill Bhaile a Cliath. Bha am baile air a dhòmhlachadh gu h-uamhasach, agus an sluagh fuathasach dealasach. An sin thachair Deòrsa oirnn, agus thug sinn leinn e fhéin as uaillesean Chlarindon, agus am Morair Lànسدùn agus na

bäintighearnain againn anns a charbad cõmhla ruinn. Ràinig sinn Baile an Rìgh ann an tiota, far an robh a cheart úibhir a shluagh agus a cheart úibhir dhealas sa bh'ann dar bha sinn tìghinn air tìr. Sheasamh sinn air cõbhan na cuidhil-rāmh mar bha sinn a toiteach sochdrach mach bho Bhaile an Rìgh, am measg gláodhaich-aighear mìltean air mhiltean, agus fàilte bho na lóingearasain uile, agus chrath mise mo nèapuig mar theistneas dealachaidh do an rìghealachd. Chaidh sinn an ùine ghoirid seachad air h-Òbhas agus I\*. Eirionn. Bha an loingear ana-bharrach sochdrach, gar an robh an cuan ciùin agus gun robh an óidhche tachdte agus ag uisge, agus bha sinn gabhail eagal gun robh gailionn a tìghinn.

Disàthuinn, Adhgast 11g.

Ràinig sinn Caladh Bheulfass aig ceithir uairean. Bha a ghàoth air eiridh gu miorbhuilteach, agus b'e maduinn anabharrach gaillionach agus dona bh'ann.

Cha robh sinn air óidhche ro shāmhadh a bhith againn airson cadal, ged bha e ciùin. Dh'fhàs an uair na bu mheas, agus shéid fir stoirm; agus bha car teagamh ann coaca a b'urrainn duinn togail oirnn mar rinn sinn shõnruchadh, air ar n-ath-philleadh bho Bheulfass, gu tìghinn do dh'Albainn.

Chùnnais sinn am Maighre agus an Seanlair (Bàinbrig),

\* Is e th'ann an (*eye*) facal Lochlanach a tha ciallachadh Eilean;—chan e 'sùil' mar shàoladh neach leis an doigh sam bheil e air litireach anns a Bheurla agus mar tha iomadh neach a smuaineach. Ead.

a bha air tìghinn air chlàr an deidh na diotach. Aig ceithreamh an deidh ann uair a latha thog sinn oirnn comhla ris na baintighearnain agus ris na daoinuaille a dhal dh'ionnsuidh an "t-Sìthich."

Gar an robh againn ri iomaradh ach dà mhionaid anns bhàta-mhor, bha a leithid de bhòchdadh ann, agus gun robh am faighinn stáigh, an rúileadh agus a bhogadanaich aig a bhàta baileach mithaitneach. Bha againn ri cumail anns a bhòthan bheag, cheann bha na ruaigean cho fiadhach agus gun robh iad còmhdachadh an "t-Sìthich" le còbhar. Chaidh sinn seachad air a Chòille Nàomh agus air Carruigh Fhearghais, a tha ainmeil mar a chiad àit san deach Uilleam a Trì air tìr. Ràinig sinn Beulfass an ceann leth uair, agus gu fortanach thàinig a ghrian san t-sealladh.

Laidh sinn stáigh air adhart taic a chithe, far an robh lāmhruiḡ ro ghrinn air a cur an ordugh, agus far an robh mìltean air crūinneachadh. Thàin Morair Lūnnaidóire, air a chlàr, agus na h-úibhir de bhuidhinnean le òraidean nam measg am Mäighre (de'n do rinn mi rìdir), an t-Easpuig Protestanach, an t-Easpuig Cailteanach, Dèänbhir, (duine gasd bèüsach), an Siorradh agus Fir-Parlamaid na Conndaidh, marri Morair Dhonagall (leis an leis a chuid as mūmha de Bheulfass), agus an Döctair Eanruig, bho'n Còllaisd ùr, agus na Sèannairea (Presbyterians) (dhe am bheil ro mhoran an so). Thàinig Banamhorair Lunnaindóire agus a nighean air a chlàr cuideachd. Bha beagan moille ann am fàotuinn a bhord-aisir bhàn, leis mar thuit daibh fear a dheanamh a bha fad tuille as mor

Chaidh pairt a phlāngain chur ri cheile, agus mar so fhuair sinn glé fhurasd air tìr. Bha an lāmhrug cōmh-daichte thairis, agus i air a cur na h-úidheam anabharrach teisteil. Fhuair sinn stáigh do charbad Morair Lūnna-aindoire marris an dà bhāintighearn, agus chaidh am Morair e fhéin air a bhōrd-siùgan, air a chùlaobh cōmhla ris an dà Shěarsean Ghillecois, Reānbhig agus Birbaisd, le cheile, nan dáoine anabharach ard mór; agus dh'fhèumadh an triùir a bhith fad bho bhith gaireasach.

Bha am baile air sgeadachadh gu bòidheach le fùrain, àodach an crochadh, agus bōghachain buadhor ro ghrinn, bha na lóbhtain-arradh làn sluaigh; agus bha an fhàoilte fuathasach crídheal ruinn. Is e masgadh de gach sèorsa cínneach th'anns an t-sluaigh, agus bha boidhichead nam boirionnach air dal air chāll.

Fad mo naigheachd tha mi air diochuimhneach ìnnseadh gum be am facal-fàoilte a b'ānnsaich leotha as bha air sgrìobhadh nàird air na bōghachain, agus an còrr, agus anns na h-uile àit sa Ghàidhlig Eirionnach "Cèud mìle fàilte," (no sa Ghàidhlig againn "Ciad mìl fàilt"); is i so da rìreamh a Chànain,\* as tha i ri fhàotuinn ann an leabhra-chain bho na tìmnean as traith, dar nach eil Gàidhlig air bhith air a sgrìobhadh ach bho cheann leth chiad bliadhna air ais, ged bhathar an comhnuidh ga brúidhinn.

\* Chan eil teagamh nach do chur na h-Eirionnaich so an ceann a Mórachd a tha cho mōdhail agus cho cōir, agus gun d'thug i seachad e mar fhuair i e; airson sin chan fhurasd leis an Albannach geilleadh dha so, cheann tha meas mór aige air a chàinain fhéin agus tha e ga cūnn-tadh an comhnuidh nas sine na a Ghàidhlig Eirionnach. Ead.

Bha iad gu tric a glaothaich “Cèüd mìle failte”! agus bha e ri fhaicinn anns na h-uile doigh.

Mharcaich Mhorair Dhõnagall air darna tàobh a charbad agus an Seanlair air an tàobh eile. Rinn sinn stad aig Tàlla an Lìn a ghabhail sealladh de’n fhèuchainn chàlanas, lìn, as tùilean. Rinn Morair Shiorrachd Dùin as na h-úibhir a dhaoinuailse eile an fhàoilt ruinn, agus thug iad sinn do gach dâlach rum, far am fac sinn gach mùth gnē oibreachadh th’aca anns na h-uile staid dhì. An toiseach an gäisean, an sin an lion an deidh a bhith am bõgadh; agus an sin an lion an deidh a shnìomhadh; mu dheireadh an tùilean, an cämruig, agus an t-àodach de gach uile seorsa as gnē. Tha moran taitneas da rìreamh ann na fhaicinn, agus tha e iongantach an staid iomlan gus am bheil e air thoirt.

Fhuair sinn staigh do na carbadain rithist. Cha d’thug Morair Lünnaidoire oidhreap air an àit mhìshochdrach aige a thogail an tarruinn so.

Chaidh sinn air adhart troimh Gàraidh nan Lúibhean, agus stad sinn aig a Chòllaisd ùr a tha gu bhith air fhosgladh ann an Octòbar. Tha e na thogail eireachdail. Chaidh sinn trõimh sràid no dhà, agus dh’ath phill sinn a dh’ionnsuidh an àit bhc an robh sinn gu seòladh. Is e baile grinn th’ann am Bèulfass, agus cuid de thogailèan gasd ann, mar tha, fàodar a ghradh, am Bānc as an Táigh-malairt—agus tha e air a chünntadh mar an Libhirpùl agus an Lāncastar aig Eirionn.

Dhiochiumhnuich mi a Chonstabullachd ainmeachadh, a tha nan cõmhlán dhaoine sonruichte grinn, trì mìl diag

an àireamh (uile gu leir ann an Eirionn), agus uile nan Eirionnaich, agus a chuid as mùmha nan Cailteanaich Rōimhich; agus cha robh a h-àon diubh anns na tìmnean dèucainneach bh'ann an uiridh, air am fàotuinn am brathaireachas ris na rèubaltaich

Dh'fhàg sinn am miadhon glàodhaich-aighear an t-sluaigh, agus ràinig sinn an "Bhictoria as Ailbeairt" aig leth seachd. Bha séideadh fuathasach ann mar is àbhuist, agus bha an dal staigh as an dal mach cho mhithaitneach sa bha e roimhe. Shōnruich sinn an óidhche chur seachad far an robh sinn, mar b'e agus gun siolaitheadh a ghàoth eadar dhà sa trì sa mhaduinn. Bha iomadh teine-éibhinn air na monachain agus air na tràighean mun cuairt.

Didòmhnaich, Adhgast 12g.

Chan eil an aimsir nì nas fhearr, agus leis nach robh dùil sam bith gun rachadh i am feòthas, shōnruich sinn togail oirnn aig dà uair, agus a dhal an darna cuid gu Loch Rúidhinn no Làmlais. Lèübhaidh Morair Adolphus an t-seirbhis aig leth ann uair diag, aig an robh cuideachd an dà leanabh as sine làthair.

Tha mi gu Beairti dheanamh na "Iarla Bhaile a Cliath" mar urram do'n bhaile agus do'n dùthaich; chan eil onair Eirionnach aige; ged a rugadh e leis na h-uibhir dh'onairean Albannach (a bhuineadh do dh'óighrechean na Cathair ròghail Albannach, agus a h-Áon air Sassun); agus b'e so té de dh'onairean bh'aig m'athair.

Bha an t-ùllachadh air a chlàr gun dad misnich dhùinne;

na bàtachain air an clìchdeadh nàird, na fàradhnain air an tarruinn dlùth-theann suas, na h-uile mìr brat-ùrlair air thoirt gu tàobh, agus na h-uile nì air a chur fo chòmhdach; agus, gu dearbh, bu chùis eagail ro mhór e gu mo luasgadh. Thog sinn oirnn aig dà uair, agus chaidh mise fo'n chlàr agus laidh mi bhàn beagan na deidh, agus dìreach cho luath agus fhuair sinn mach bho'n phòrt theann a bhìrlinn ri bogadanaich car na ciad trì cheir'nean na h-uair, ann an doigh a bha òillteil, agus bha dà bhogadan ann, dar bhris na tònnaidh thairis air an loingheas nach dichúimhnich mi chàoidh. Dh'fhas e chuid sa chuid na b'fhearr, agus aig còig dh'innthirig sinn Loch Rúidhinn, da rìreamh tãingeil a bhith aig ceann ar taisdeal. Thàinig Ailbeart bhàn far an robh mi agus an sin chaidh mi nàird air an uachdar, agus dh'innse e dhòmh cho uamhasach sa bha e air bhith. A chiad tònna mór a thàinig thair na loingheas thilg e na h-uile duine sios anns na h-uile cuairt. Bha Affi\* beag bochd air thilgeil bhàn agus air ruileadh air adhart air a chlàr, agus bha e bóg fliuch, cheann bha an t-uachdar a snãmh leis a bhùrn. Bha Ailbeart ag ìnnseadh dhòmh gun robh e lan eagalach a bhith faicinn na tònnaidh gun ràghailt a bha ag éiridh mar gum bitheadh bàlla ann fhos ceann cliachain na loingheas. Cha d'acairich sinn cho fada nàird an Loch Rúidhinn air an tarruinn so sa rinn sinn a dhà bliadhna an àma so; ach b'e acaireachd tèaruinnte shãmhach bh'ann, agus bha sinn ro bhuidheach a bhith an sin. Chaidh Ailbeart air tìr.

\* Prlonnsa Ailfread.

Diluain, Adhgast 13g.

Thog sinn oirnn aig ceithir uairean sa mhaduinn, as bha bhìrlinn ri beagan bōgadanaich, ach bha an luasgadh sochdrach. Bha sinn an Uisge Chluaidh aig tràth na diotach, ach bha an latha anabarrach dona, as ruaigean cumail nan seallanain am falach cumainte. Dh'fhàg sinn Grianaig air ar làmh chli, agus chaidh sinn tãcan nàird Loch Goill, a tha fōsgladh do Loch Lōng, agus a tha ro bhriagh; tha e na nì neònach a leithid a dh'uisge dōmhainn bhith ann an loch cho ãimhleathan agus sin cho dlùth ri bun nam monanain, a tha fuathasach cragach. Thill sinn air ais dal nàird Loch Lōng air an robh cuimhne agaim cho mhath agus tha cho bòidheach. Thilg sinn an t-acair aig Arrochar, th'aig ceann an loch, am brath dhàl air tìr agus dhal air adhart gu Loch Lòmmainn (Lomond), far an robh tōiteach am feitheamh air ar son; ach bha an t-uisge a dōrtadh gun choltach stad. Dh'feith sinn car lethuair ach bu diomhan, agus an sin shōnruich sinn stad gu deidh am miadhon-latha, agus óidhreap thoirt aig trì uairean. Fhuair sinn am miadhon-latha agus chaidh sinn stáigh air chēüm do'n bhàta, leis mar bha e air soilleireachadh rud crion; ach dìreach san ath-mhionaid leig e air an dile rithist na bu déine na roimhe, agus chaidh sinn air ais air ar mór mhealladh, ach bhunaich Ailbcairt, agus chaidh e mach cōmhla ri Māighstear Annson, Sür Sēümas Clàre, agus an Caiptein Robstan cha mhór san ath-mhionaid. Dircach an sin shoilleirich e agus bha mi ga fhaireachdain



cho farranach nach robh sinne air dal ann. Ach bha pàirt a fhrasain eagalach ann bho sinn. Dh'fag sinn Arrochar beagan rōimh cheithir, agus Loch Lōng a sealltuinn cho bòidheach.

Peairt, Dimàirt, Adhgast 14mh.

Dh'acairich sinn an dé an Camus Rosnèath, an dlùth thaic ri Rosnèath—spòt fuathasach laghach—agus a sealltuinn rathad nam beanntain a chith thu bho Loch Goill. Their iad “Blàr Camanachd an Diùc (Diùc Earraghàdhall)” ri fear dhiubh. Cha do rinn Ailbeairt ach tilleadh beagan an deidh ochd uairean, air dhà bhith murrach air móran de Loch Lòmairn fhaicinn, agus eadhann Uamhaidh Rob Ruaidh, dh'aindeoin nam frasain tróm. Bha an Caiptein Bidsi air a dhīnnear marruinn, am fear a bha cōmhla ruinn fad an turuis anns an dà fhichead sa seachd ('47), agus nis fad an fhir so gar stiùradh, agus cuideachd an Caiptein Crispinn agus an Caiptein Robstan (a thachair oirnn sa mhaduinn an diugh agus bha stiùradh Ailbeairt an Loch Lòmairn, agus rinn a cheart leithid air ar son anns an '47, agus bha moran de chōmhra taitneach againn mu chrùthachd nan mill-reòdhta (*glaciers*), agus còrr, agus ghabh an Caiptein Bidsi róinn anns a chōmhra (tha e na duine ro thuigseach, as air bhith thair a chuid as mūmha de'n t-sòghal). Bha e cōmhla ri Siir Eīdeard Parri aig a *Chrann mu Thuath*, agus bha e a gradh rúinn nach fhac iad solus latha car cheithir miosain. Charn iad nàird sneachd thair nan loingearain agus

chòmhdaich iad thairis e le bùird a chumail an fhuachd dhiubh fhéin.

Bailmhorail, Diciaduin, Adhgast 15g.

Is ann tha e mar bhruadar a bhith an so anns an dachaidh ghàolach Ghàdhallach againn rithist; gu cinn-teach chan eil e coltach ris mar gum bitheadh bliadhna bho'n bha sinn an so! Nis fèumadh mi innseadh mu'r dêannaich an dé. Chaidh sinn air clàr an "t-Sìthich" mur cheithreamh do nàò uairean agus dh'fhalbh sinn nàird Uisge Chluaidh am measg dòrtadh uisge as gaoth àrd, bha e fuathasach gäillionach gus an deidh dhuinn a dhal seachad air Grianaig. Thoitich sinn seachad air Pòrt Ghlaschu, an sin thàin sinn gu Dunbréatunn as gu Èarscinn. Tha an àbhuinn a fàs àimhleathan agus ia lùbadh gu fuathasach an so, agus chan fhaic thu Glaschu gus am bheil thu dìreach stàigh làn theann air. Mar bha sinn a dlùthachadh, bha na bruachain air an lìng le sluagh, an darna cuid air stapain-àrradhta no air tràigh na mara, agus bha e na ealaidh a bhith faicinn na h-uile gin bh'air an tràigh gäbhail na ruaig, glé thric tuille as fadalach, mar bha an t-uisge a sùrdadh nàird ris na bruachain bho bhòchdadh na toitich.

Shoilleirich an àimsir, a bha air bhith eagalach dona, air dhuinn Glaschu ruigheachd, aig ann uair diag, agus lean e air bhith briagh a chuid eile de'n latha. Bha na h-úibhir dh'òraidean air an toirt duinn air a chlàr, an toiseach leis a Mhorair Phrobhaist, a bha air a dheanamh na ridir,

(claidheamh a Choirneil Gordan air bhith air úisig), an sin te bho'n t-Siorrachd, bho'n Chleir (an Eaglais Shuidhichte agus an Eaglais Shàor), agus bho Tháigh na Málairt. Chaidh sinn air tìr gun dàil an deidh so ; bha an t-àit làimhruig air úidheamachadh anabharrach eireachdail. Chaidh sinn an sin stáigh do'r carbad leis an dà leanabh as sine, an dithis eile nar deidh. Bha Mäighstear Alison (Mac Aùlaidh,) (an t-Eachdraich ainmeil, is e an Siorradh,) a marcachd air darna tàobh a charbad, agus an Seanlair Rideal (Commāndar an Fheachd an Albainn) air an tàobh eile. Bha na mill bh'air cruinneachadh gun riaghailt, ach bha ordugh gasd air chumail agus bha iad uile fuathasach dealasach. Bha Maighstear Alison a gradh gun robh leth-mhuillion sluaigh (500,000—cóg ciod mìl) mach. Is e baile eireachdail th'ann, le sràidean grinn air an togail an clóich, agus moran de dh'aitreabh ghrinn agus de dh'eaglaisain ann. Chaidh sinn thairis air drochaid bho am bheil sealladh fad sios air dà chithe a bha, bha Ailbeairt a gradh, ro choltach ri Pariös (*san Fhraing*). Tha moran de shiöpachain mor ann agus de táighean-stòr agus tha an loingeasachd baileach mór.

Chaidh sinn nàird dh'ionnsuidh na seana chathir-eaglais far an d'thug an Ceanntoisich Mac Phärlan, ro sheann duine, fàoilte dhuinn, agus bha e seòladh ar n-aire, mar bha sinn dal tröimh gèatachain na h-eaglais, gu siomlair eagalach àrd, am fear as airde an cruitheachd tha mi creidsinn, a bhuineas do dh'fhear de na taighean-oibre. Tha a chaithir-eaglais anabharrach grinn, agus ionad a choisir chiùil air uidheamachadh mar Eaglais

Sheanairea. Bha an cùll agus àit-amhlaic nan easpuigean roimhe air am feuchainn duinn, agus tha iad ann an staid àrd gleidhteachadh. Tha an togail orra bòidheach. Is ann anns a chùll so tha an fheuchain ainmeil an *Rob Ruadh* air a suidheachadh, far am bheil Rob a toirt rabhadh do *Fhranc Osbaldiston* mu a chunnart. Tha seann charruig-cuimhne air Nàomh Ceanntigearn ann, esan ris an abrar an cumantas Nàomh Mùngo, fear-suidheach na cathir-eaglais. Dh'innthirig sinn do'r carbadain rithist as chaidh sinn dh'ionnsuidh an Ard-Chollaisd, seann togail, bho'n d'thàinig moran de dháoine mor as ionnsuichte mach. An so thàinig sinn mach agus fhuair sinn òraid. Cha do stad sinn ach mionaid no dhà agus chaidh sinn air adhart rathad a *Mhalairt* (Exchange) air beulaobh am bheil an dealbh eich-cloich de Dhiùc Bhellington le *Marochetti*, tha e anabharrach coltach ris agus ro bhòidheach air a dheanamh. Fhuair sinn mach aig ionad-tàmh an reithill agus thog sinn oirnn san ath-mhionaid chamhor.

Chaidh sinn seachad air Srùithladh anns an astar, agus beagan roimh cheithir ràinig sinn Peairt, far an robh an sluagh ro chairdeil. Thug sinn leinn a cheathrar chloinne anns a charbad agus ghreas sinn gun dàil gu "Taigh-Seinnse Dheòrsa" far an robh na ceart rùmachain againn sa bh'againn an tìm roimhe. Chaidh Ailbeairt sa mhionaid mach a dh'fhaicinn a phrìosan, agus aig sè ghreas sinn mach rathad Lùmainn (mar their iad ris an so car neònach), rathad *Monadh Cràoibh* (Moncrieffe). Bha an sealladh làn bhòidheach, agus is e am


fear as grinne a gheibh tlu air Peairt agus air an drochaid bhriagh a tha thair na Tàdha.

Diciadin Adhgast 21g.

Thog sinn oirnn mar ceithreamh do dh'ochd uairean. Bha an dà ghiulan agus Bhigi anns a charbad marruinne, agus Ailiös gar leanachd marris na baintighearnain. B'e turus fad bh'ann, ach bha e tröimh sheallanaìn bòidheach. Chünnaic sinn na Garbh Mhonanain mar bha sinn fägail Peairt. Fhuair sinn mùthadh each an toiseach aig Blàr an Gábhraì, còig mìl diag bho Pheairt. An sin thàinig post anabharrach fad a dh'fhichead mìl, gu Spideal Ghleann Sìth. Chaidh sinn seachad an toiseach air Táigh an Leth-Choirneil Clare Rattrai, ris an àbair iad Tàlla na Craig (Craig Hall), as e crochadh stáigh air coire no gleann, fhos ceann an do ghreas sinn, agus an deidh so thàinig sinn gu faicinnean Gàdhallach baileach uile fiadhaich, le monanain cragach lòm, am measg am bheil an rathad a caradh air adhart gu Spideal Ghleann Sìth; ris an gann ghabhas baile a ghradh cheann chan eil ann ach táigh-sēinnse agus dà na trì thaighean-dùbh. Fhuair sinn mach aig an táigh-shēinnse, far an do thachair sinn air Mäighstear Mac Fhearchar sa mhac, le pàirt de na dáoine aige. An so bha beagan mìr miadhon-latha againn, agus an sin thàir sinn as rithist. Tha an ath phost còig mìl diag gu Bhaile a Chaisteil thair rathad fuathasach dona, agus anns an óidhche, gun mhearachd, na rathad cün-artach, tröimh faicinnean àllta briagh, le tionndadhain ro

ghèur agus dìreanain cäs. Tha ann char gèur ann ris an abair iad Uilinn an Diabhail. Thàinig dáoine Mhic Fhearchar stàigh comhla ruinn an so, cuid diubh air bhith air dal air adhart rōmhainn agus cuid eile air bhith gar leanachd bho'n taigh-shēinnse, agus iad a sùrdadh thair nan clachain agus nan cragain leis an luathas agus an àotromachd sin a tha comharraichte anns na Gàdhaill. Dh'fhuirich iad cōmhla ruinn gus an robh sinn murrach air trōtadh air adhart rithist.

Ghreas sinn trōimh bealach anabharrach grinn ris an abair iad Cār̀n a Bhàlla, agus thàin fras thróm oirnn. Dar ràinig sinn Baile a Chaisteil bha e air soilleireach, agus bha sinn an urrainn an carbad fhosgladh rithist. An so thachair Siir Alastair Dúif oirnn agus Diùc Lìds as iad air ceann nan daoine aca. Thàinig a Bhāintighearn Dhúif, Maighstear Dúif agus a Bhāintighearn Anna Dhúif, Miös Nic Fhearchar, agus na h-úibhir de na chlann, agus Bāndiùc Lìds, nàird thun a charbad. Bha sinn làn eòlach air a ghreasadh bho Bhaile a Chaisteil gu Bailemhorail, gu sonruichte air a phàirt bhòidheach sin deth bho'n Bhalloch Bhuidh; agus bha e na thaitneas mór fhaicinn uile ann na bhòidhichead rithist. Bha an Grānntach air tachairt oirnn aig Spideal Ghlēann Sìth, agus air marcachd rè an rathaid marruinn. Aig an dorus am Bailemhorail bha Mac Aidh as e cluicheadh, agus Mac Dhomhnuill na làn éideadh. Bha e mu cheithir dar ràinig sinn.



Dealbb-snaighte de Phrionnsa Ailbeaint.





## TAISDEALAIN AIR BÌRLINN.

Air Bord an Bhictoria as Ailbeairt,

Bèul Därt,

Dirdáoin, Adhgast 20mh, 1846.

THOITICH sinn seachad air na h-uile àit air tràigh bhòidh-each Siorrachd Dhāmhan (*Devon*), air an deach sinn seachad a thrì bliadhna an ămă so—Bail na Măra (*Seaton*), Bèulsìde (*Sidmouth*), mu choinneamh an do stad sinn car dheich mionaidean, Bèul Aigs (*Axmouth*), Bèul Tăign (*Teignmouth*), as corr ;—gus an do ràinig sinn Căimb Bhăbi (*Babbicombe*), băgh crìon far an d’fhan sinn car uair. Is e spòt bhòidheach th’ann, air nach do rinn sinn dal seachad ach aig astar rōimhe. Crăgain dearg agus craig-nean agus monanain cōillteach coltach ris an Eadailt, a toirt an cūimhne neach cluich iolagach dănnsaidh far am bith maighdeanain tighinn san t-sealladh—a leithid a chragain sa bhùthain-falaich, agus muir fuathasach dōmh-ainn, air nach robh an rŭgha bu lăgha. Shōnruich sinn dhal air tŭr, as coiseachd năird ris a mhonadh; ach thōisich uisge ro thróm, agus cha b’urrainn dúinn sin a dheanamh. Dh’fhēuch sinn ris a phàirt a tha sealltuinn ri Băgh Thōr (*Torbay*) a tharruinn. Chan fhac mi ar chlănn chōir riamh a sealltuinn na b’fhearr, no an gean na b’airde. Fhuair mi doigh air leasan a thoirt do Bhigi, le bhith

toirt oirre a bhith lèubhadh ann an Eachdruigh Shässun.

Chaidh sinn air adhart air ar cùrsa rithist aig leth ann uair, agus chūnnaic sinn Cìthe Thòr (*Torquay*) ro shoilleir, agus tha e ro ghrinn. Bha an cuan sealltuinn cho stoirmeil agus an aimsir air fàs cho dùinte agus gun robhtar a smuaineach gum bitheadh e na b'fhearr a thoirt thairis a dhal gu Bèul Plúi (*Plymouth*) (an treas uair), agus an àit sin seoladh stáigh gu Bèul Därt (*Dartmouth*), bòidheach agus rinn sinn sin a réir so, am measg dòrtadh uisge, agus an t-uachdar a snámhadh le bùrn, agus na h-uile gin againn as ũmbrèlain aca; leis mar bha a chlann fo iomagan mhór gus na h-uile nì fhaicinn.

Dh'aindeoin an uisge, a tha an t-àit so àillidh, le a chragain cõillteach agus le eaglais as le chaisteil aig an ìnnthirig. Tha e toirt gu mo chúimhne an *Réidhinn* (*Rhine*) bhriagh, agus a làraichean a chaistealain grinn, agus an *Lúrleì*.

Tha mi drasd san iochdar a sgrìobhadh, agus mìll de bhàtachain gar cuairteachadh air na h-uile tàobh.

Caladh Bhèul Plúi,

Dithàoine, Adhgast 21mh.

Chaidh sinn fo sheòladh mu leth seachd uairean, agus air dhuinn sealltuinn mach chūnnaic sinn a mhuir cho bòidheach, ghorm agus a ghrian cho dearsach as gun do shõnruich sinn éiridh. B'e latha ro ghrinn bh'ann ach bha dorlach math bòchdadh ann. Mu dheireadh aig leth deich uairean dh'ìnnthirig sinn an caladh briagh aig *Bèul*

*Plúí*, agus dh'acairich sinn rithist stáigh fo Mhonadh Foir Chàim (*Edgecumbe*); a tha, le a chràobhain bòidheach, agus nam measg giùthas, a fàs sìos gu rúig na mara, a sealltuinn nas àillidh na bha e riamh. Mhùth mi m'àodach agus lèubhadh mi lìtrichean agus teachdaireachdain gun àireamh, agus an sin chaidh mi air an uachdar agus chùnnaic mi an luchd ùghdaras—na Seanlairean-cabhlaich as na Seanlairean-airm. Chur mi Bhigi troimh nan leas-anain aice agus bha mi sgrìobhadh; as aig leth dà uair chaidh sinn air bòrd an “t-Sìthich,” (a fagail na clòinne air bòrd an “Bhictoria as Ailbeairt,”) agus na h-uile gin de'r baintighearnain as de'r dáoinuailse marruinn, as cho math sin Sìir Sèumas Clarc, a tha air ar còmhlachadh an so. Thoitich sinn nàird an *Tāmar*, a dal an toiseach beagan nàird an ábhuinn *St. German*, aig am bheil bruachain ro lághach cóillteach.

Tha *Caisteal Treämaton*, as le Beairti mar Dhiùc *Cornghall*, air an tàobh cheart, agus *Iats* air an tàobh chli, baileach lághach. Stad sinn an so agus an deidh làimh thionndadh sinn air ais agus chaidh sinn nàird an *Tāmar*, a bha an toiseach sealltuinn còmhnhard; ach mar bha sinn dal air adhart dh'fhàs na faicinnean làn bhòidheach—Monanain beairteach an còille, na cràobhain fàs sìos stáigh do'n uisge, agus an ábhuinn ri leithid a lùbadh as gun robh e mar gum bitheadh loch ann. San doigh so bha e toirt gu mhòr am chuimhne an dàl nàird air an *Rèidhinn*,—ach chan eil mi smùaineach gu bheil an ábh-uinn coltach ris an *Rèidhinn*. Bha Ailbeairt smùaineach gun robh i coltach ris an *Danube*. Tha chuid as grìnne

tòiseach aig *Saltais*, nach eil ach na bhaileachain beag ged tha togail ro làghach air. Air an tàobh cheairt mar tha thu dal nàird tha na h-uile nì a sealltuinn cho neo-Shassunach coltach; beagan nas fhaide air adhart tha bèul na *Tàbhaidh*; an so tha an âbhuinn a fàs ro bhòidheach. Chaidh sinn seachad air na h-ùibhir mhèinnearain ris an obair aca. Na b'fhaide air adhart, air an tàobh chli, thàinig sinn gu *Caisteal Pheantilli* a tha suidhichte air tùllach a tha anabharrach bòidheach le còille sìos gu fóir an uisge agus an âbhuinn a toinneamh air adhart gu brais fhos cheann agus fòdha.

Bha Ailbeairt a gradh gun robh e toirt na chuimhne-sa suidheachadh *Ghrèinburg* air an *Danube*. Gun bhith moran na b'fhaide air adhart thàinig sinn thun a bhaileachain bheag, dhealbhadail agus àit lāmhruig a *Chotheile*, aig bun bruach a tha anabharrach tiugh le còille agus glèann air an darna tàobh. An so tha an âbhuinn fuathasach àimhleathan. Chaidh sinn air tìr, agus ghreas sinn nàird monadh cas fo cràobhain grinn dh'ionnsuidh *Táigh Chotheile* a tha cho ro shean neònach, far an d'fhuair sinn mach as a charbad. Tha e ro neònach, sna h-uile dòigh—leis mar tha e na sheasamh sa cheairt staid san robh e an tìm *Eanruig a Seachd* (Henry VII) agus e an gleidhteachd mhór—na seann rùmachain air an crochadh le bratain-gréiste, as an còrr.

Ghreas sinn bhàn rathad eile fòdh chràobhain bòidheach agus fos ceann glèann grinn; a dal air bòrd agus gábhail sìos an âbhuinn. Bha am feasgar bòidheach, a ghrian dearsach, agus na spéirain agus a mhuir cho gorm.

Ràinig sinn dìreach tuille as fadalach air son na “ Séätis ” (*Thetis*), fhaicinn ga cur air snāmh. Bha e a toirt mo chúimhne cho mhór dar bha sinn an so a thrì bliadhna an āma so, mar bha sinn dlùthachadh air a Bhìrlinn againn, cuairtiche le sgàothain de bhàtachàin, agus bha againn ri iomaradh trōmhpe anns a bhàta mhór againn. Thill sinn aig leth sè. Bha am feasgar taitneach—sōillear, ciùin, agus gun nèul san àthar, ach bha dorlach math fuaim anns na bàtachain mun cuairt duinn. Bha am Morair Fòir Chāimb (*Edgecumbe*) agus a Banamhorair, agus Sìr Séumas Clarc air an dīnnear comhla rúinn.

Bèul Plui, Disàthuinn, Adhgast 11g.

Bha Ailbeart air chois aig sè uairean, leis mar bha aige ri dhal gu *Cōille Dhärt*. Aig deich chaidh mise anns a bhàta mhór leis an dithis chloinne, agus leis na bāintighearnain, leis a Bharran Stochdmar, agus leis a Mhorair Alfrèad Pāidet, agus chaidh sinn air tìr aig *Monadh Fòir Chaimb*, far an do rinn Banamhorair Fòir Chaimb, fàolt ruinn, leis an dà ghiulan aice, agus le a piuthar agus clann a peathar, agus mach bho'n lāmhuig, Morair Fòir Chaimb e fhéin. Bha mìll far an deach sinn air tìr, agus tha mise a faireachdain cho nāisinneach agus cho mhór air mo chur mun cuairt as dith Ailbeart. Fhuair mi stāigh do charbad marris a chlann agus ri Banamhorair Fòir Chaimb;—agus bha Morair Fòir Chaimb a dal rōmhainn agus an fheadhainn eile gar leanachd as ghabh sinn greasadh àillidh air an rathad a tha croch-

adh stáigh air a chamus, bho am bheil a leithid de bheachd air seallanain bòidheach air na h-uile tàobh, as chaidh sinn fodha as seachad air a leithid de chràobhain grìnn. Bha sinn air bhith an sin a thrì bliadhna an ãmã so; ach tha e an cõmhnuidh na thoileachas fhaicinn rithist. An latha anabharrach blàth agus aitheasach. Thàinig sinn thun an taigh aig ann uair diag.

Chaidh a chlann marri am banamãighstear agus a chlann eile do'n dùbhar agus bha mìr miadhon-latha aca anns an táigh, agus dh'fhuirich mise air an lóbhta-arradh—a tha na rùm ro lághach, agus pàirt dhealbhain grìnn ann, agus dorus a fosgladh stáigh air a ghàraidh, agus sealladh àillidh air bideag bheag na chuain, agus dh'fhèuch mi ri tharruinn. Beagan an deidh dhà uair dhiag thìll sinn do'n Bhìrlinn, a bha air a suidheachadh mun cuairt le bàtachain riamh bho shé uairean sa mhaduinn. Thìll Ailbeairt nam ìonnsuidh rithist tearuinnte aig ann uair, làn thoilichte le a chuairt; agus bha e gradh gun robh Cõille Mòine Dhãrt (*Dartmoor Forest*) coltach ri Albainn.

Aig dà uair chaidh sinn le'r bãintighearnain agus le'r dáoinuailse rithist ach a dhith na cloinne, thun an àit lãmhruig aig *Monadh Fõir Chaimb*, far an do ghabh iad ruinn mar rinn iad rõimhe, agus ghreas sinn nàird dh'ìonnsuidh an taigh. Tha cuid de'n na cràobhain cãiseana as briagh agus as àirde a chith thu an so, agus tha na cràobhain faibhile a fãs ann an doigh ro àinneamh làn ard agus—dìreach—agus na mèoghlain a fãs nàird as d'ãthar.

Bha sinn cèumnaich mun cuairt san lóbhta-àrradh agus thug sinn sealladh stáigh do'n rùm bheag aig Banamhorair *Eidsecomb* aig an darna ceann aig, a tha àillidh, agus làn de rudain laghach beag a tha i air crùinneachadh, agus an sin ghabh sinn mìr miadhon-latha ann an rùm anns am bheil pàirt de dhealbhan briagh sluaigh le Sìir Iosua Rèidhnoll. Tha iad uile de theaghlach Monadh Foir Chaimb. Bha fear dhiubh-sa na charaid mór dha. Rugadh Sìir Iosua beagan mhìlltean mach bho Bhèul Plúi. Anns a cheart rùm tha dealbhain leis dar theann e ris an tarruinn an toiseach, a tha air cumail an dath aca; an sin feadhainn eile, an deidh dha bhith fèuchainn ri doighnean ùr—ach tha iad sinn uile a call an dath, agus rithist dar tha e air toirt an aire do a mhearachdain, agus an sin tha dath a dhealbhan bòidheach. Choisich sinn mun cuairt sa ghàraidh faisg air an táigh agus an sin ghreas sinn dh'ionnsuidh a "Chiosg" (*Kiosk*), rathad nam giuthasain cloich bòidheach, agus nan giuthasain balla, a bha glacadh aire Ailbeairt gu ro mhór, agus bha toirt am chuimhn-sa cho mhor dealbhain Mhàighstear Lèar. Tha an sealladh bho'n "Chiosg," a tha fuathasach àrd fòs ceann na màra agus a bhaile, anabharrach bòidheach, agus bha a mhuir mar gum bith-eadh glòin ann, gun rùgna ri fhaicinn oirre. Choisich sinn bhàn rathad ro laghach no slighe tròimh na còille agus na cràobhain gus an do thachair sinn air a charbad agus an do ghreas sinn air adhart an rathad bòidheach sin, a tha, tha e air gradh, car coltach ris a *Chornise* agus a crochadh stáigh air a mhuir, sios gu ruig an t-àit

lāmhruidh, far an do ghabh sinn ar cead dhiubh uile gu leir, agus an do thàill sinn thun ar bìrlinn mu leth ceithir, bha Morair *Monadh Fòir Chaimb* bochd ann na leithid de stàid mhùladach, anfhann, ach tha e cho fóighdeanach agus cho suilbhir. Chaidh sinn air bòrd dìreach thoirte leinn na clòinne, agus agus an sin chaidh sinn air adhart thun an “t-Sìthich,” as thoitich sinn ann-sa mun cuairt an caladh, no am bágh, anns am bheil a leithid de spòtain laghach; do *dh’Uisge a Chàit*, bho’n d’iomaraich sinn ann am fear de na bàtachain car nàird an àbhuinn dh’fhaicinn “*Shaltram*,” àit Morair Mhorlei; an deidh sin air ais do’n “t-Sìthich,” agus chaidh sinn air adhart ann-sa gu *Bágh Mhullion*, *Pòll Shutton*, agus *Tàigh na Clòich*, agus thàill sinn do’n bhìrlinn rōimh leth seachd.

Ann an Camus Ghiuernsei,

mach hho Nàomh Padruig (St. Pierre), an Güernsei.

Didòmhaich, Adhgast 23d.

Air dhuinn dùsgadh, bha a mhaduinn cho àillidh agus nach b’urrainn duinn gun bhith càoidh nach robh e nar comas dàil ann latha, air a chuid bu lágha, a chur ann nar cuairt, leis mar tha a Pharlamaid (Council) a bha gu bhith air a 25d, air an 29d. Ach smuainich sinn, nach gābhadh nì a dheanamh ach seòladh aig leth nàò, gu *Bágh Thor*, agus dh’ionnsuidh Osboirnn air Diluain. Fhad sa bha sinn gar n-úidheamachadh fhé, bha mise a leanachd air àth-smuain coaca a bhitheamaid murrach air a dheanamh mach gum faiceamaid Bèul Fàth (*Falmouth*),



nèò nì na n̄eiginn eile. Bhá Ailbeairt a smuaineach gum bu theagamh gum b'urrainn duinn fear de dh'Eilean-ain a Chàolais fhaicinn, agus chuir e fios air Morair *Fjöslaranse* as bha e air a shõnruchadh gun rachamaid gu Güernsei, nì thug mórán toileachas dhõmh, leis mar bha mi cho deidheil air fhaicinn bho cheann cho ro fhad. Bha an latha àillidh. Thàinig an Seanlair Airm agus an Seanlair Cabhlaich air bòrd a ghabhail an cead. Is e Siir I. Ghüess (West) an Seanlair Cabhlaich, agus an Seanlair Airm an Seanlair Moirreach; agus bha a mhuir rè an rathaid cho chiùin sa bha i anns an '43 (dà fhichead sa trì). Tha Bèul Plúi bòidheach, agus bithidh sinn an cõmhnuidh toilichte tilleadh ga ionnsuidh.

Bha sinn car dhà uair an dùil ri talamh fhaicinn; ach bha e cho ro aitheasach, agus cha robh fhios aca c'àit an robh sinn—gus mu shé, dar bha talamh air fhaicinn leis an “t-Sìthich,” agus thàinig iad dh'innse mu dheibhinn, agus an sin, chaidh na sóithichean eile uile air adhart rõmhainn. Mar bha sinn a dlùthachadh bha sinn air ar glàcadh le bóidhichead tràigh Ghüernsei, anns am bheil na h-úibhir chamusain cragach, agus tha baile Nàomh Padruig (St. Pierre) air a thogail anabharrach dealbhadaid, sios gu fóir an uisge. Chith thu Sarc (*no Serq*) mar tha thu ag innthirig do'n chaladh air do lāmh cheart, agus nas fhaide air adhart, dìreach mu choinneamh *St. Pierre*, dà eilean dlùth air cheile—*Ieärm* agus *Ieädhù*. Tha an camus leis an dà eilean ghrinn sin da rìreamh fuathasach àinneamh. Dh'acairich sinn aig seachd, dlùth mu choinneamh *St. Pierre*, agus leis an dà eilean air an tàobh eile

againn. Fhuair sinn an dinncar aig ochd, agus air dhuinn dhal air an uachdar, bha am baile uile air a shoillseachadh, agus bha sealladh ro laghach dheth agus dh'fhèumadh e bhith air a dheanamh anabharrach ealamh, cheann cha ro barail sam bith aca gun robh sinn gu tìghinn. Tha e air thogail coltach ri baile céin. Tha an sluagh sa chuid as mūmha a bruidhinn Frāingis nam mcasg fhéin.

Diluain, Adhgast 24d.

Tha *St. Pierre* fuathasach dealbhadaid coltach—le taighean ro ard a dhathain soilleir agus iad air an togail bhàn cha mhor stāigh do'n mhuir. Tha an Collaisd agus an Eaglais nan togailean ro chōmharrachte. Tha an t-eilean so le a ruinn bhorb, agus am fear beag *Corneid* agus nadur de chaisteal air (an dlùth thaic ris an robh sinn air acair) agus na trì eileanain *Ieàrm*, *Ieädhù*, agus *Sarc*, le an cragain gun àireamh, rìreamh baileach briagh agus neònach,—gu sōnruichte leis mar bha iad an sin fo dhearsa soilleir na grèin. Bha sinn le cheile a tarruinn, agus aig ceithreamh roimh nào fhuair sinn do'n bhàta mhor le'r bāintighearnain. Bha an cìthe agus an tràigh air an lìnig le mīll de shluagh, agus le baintighearnain as iad uile air an úidheamachadh fhè ann an àodach geal, agus iad a sēinn “A Bhānrìginn mair bèo gu bràth,” agus aig a cheart am a sgàoileadh fhìlùrain air an lár. Choisich sinn thun a charbad againn, agus bha an Seanlair *Napier* ag imeachd romhainn. Is e bràthair do Shiir Tearlach (*an Scinde*) th'ann,—seann duine fuathas-

ach cõmharrachtaiche coltach: tha e ard, tana, le sròn dhromanach, agus sùilean biorach, geùir aige, agus an fhèisag as am falt aige geal. Bha giùlan an t-sluaigh anabharrach math, agus iad ro chàirdeal, agus thug iad fàoilte anabharrach bhlàth dhuinn ann nar greasadh troimh nan sràidean aimhleathan, a bha iad air sgeadachadh le fùrain agus le bràtaichean, agus bha air an lìnig le mìlisi Ghuernsei, dà mhil an spionnadh, le an atharrach choisirean-ciùil. Bha cuid de'n mìlisi nan eachruigh (*cavalry*).


Tha an lùibhnich tàobh mach a bhaile fuathasach bòidheach; agus na preasain uain-mhairean agus na fùrain anabharrach pailt. Tha na sràidean agus na monanain cas, agus an sealladh bho'n dèinneach, (far an d'thug an Seanlair dhõmh-sa na h-iuchrachain), agus a tha ro àrd, baileach briagh. Tha sealladh agad thair *Camus Ghüernsei*, agus thu a faicinn fo do chomhair cileanain *Ieärm*, *Ieädhú*, agus *Share*, agus tràigh na *Fraing*, *Capè de la Hagüe* anns an astar air an lāmh chearr; agus rithist air an lāmh cheart san astar *Ieärsai*. Tha an t-eilean coltach ri bhith soirbheach. Is e a *Bheurla* a tha iad bruidhinn anns a bhaile, ach san dùthaich tha iad ag úisig na Fräingis agus is ann mar so tha e sna h-eileanain uile. Bhùinneadh iad do Dhiùchdachd Normandai, agus tha iad againn an seabh bho thim *Uilleam am Buadhor*. B'e Rìgh Iain,\* an t-uachdaran mu dheireadh, a thug sgrìob gan ionnsuidh. Ghreas sinn

\* Airson cùnntas mu sgrìob Rìgh Iain, faic an leabhar aig *Roger de Wendover*, Sgèulaich san tìm. *Uidheamair na Beurla*.

air adhart air a chithe, agus an sin chaidh sinn air bòrd am measg móran a ghlàodhaich-aighear. Bha na h-uile ni air an orduchadh gu h-iomlan; agus tha an sluagh baileach rìoghail.

Fhuair sinn fo seòl beagan an deidh ann uair agus an ceann uair gu leth, bha sinn dlùth air *Aldernei*, agus sinn faicinn tràigh na *Fraing* rè na h-ùine, *Capè de la Hagüë*, ro shoilleir air ar tàobh cheart agus a fàgail *Solusain nan Cascaidean* (*Casquets Lights*) air an tàobh chli. Tha mùth coltach uile gu leir air *Aldernei* seach na h-eilean-ain eile, tha e fuathasach cragach agus lóm, agus tha na craignean a tha stáigh anns a mhuir agus fòidhpe làn uamhais.





Caisteal Osboirn.

## AN DARA CUAIRT AIR BIRLINN.

---

Air Bòrd an Bhictoria as Ailbeairt,  
Mach bho Nàomh Eilié., an Ierseì,  
Diciaduìn, Septembar 2a, 1846.

AIG ceithreamh an deidh sheachd dh'fhalbh sinn le Bhigi, Beairti, Baintighearn Ioslìnn, Miös Ceärr, Mdllè. (Miös) Ghrùner, am Morair Speansair, am Morair Palmarston, agus Sìir Séumas Clarc (air do Mhàighstear Annsòn agus do'n Choirneil Grèa a bhith air bòrd na "h-Iolair Dùibh," agus chaidh sinn air clàr aig Cìthe Osboirnn. Bha dorlach math bòchdadh ann. Bha e grinn ach gu math fuar an toiseach. Aig dà uair dhiag chùna sinn *Alldernei*, agus eadar dhà as trì fhuair sinn stáigh do *Rèis Alldernei*, far an robh moran rúileadh, ach cha do mhair e fad. Chaidh sinn seachad eadar *Alldernei* agus tràigh na Fräing—*Cape de la Hague*—agus chunnaic sinn an tàobh eile aig *Alldernei*; agus, an sin, na bu deireannaich, *Sarc*, *Güernsei*, agus na h-eileanain eile. An deidh dhal seachad air *Rèis Alldernei*, dh'fhàs e làn chiùin; agus an sin chuir Beairti air an éideadh seòladair aige, a bha air a deanamh gu bòidheach leis an fhear th'air bòrd a tha deanamh airson nam maraichean againn. Dar thàinig e san làthaireachd, thog

na h-òidhichearain agus na maraichean a bha uile cruinn air an uachdar gu fhaicinn, gláodh-aighear dhà, agus bha iad mar gum bitheadh e ro thaitinn riutha.

Tha tràigh *Ierseì* ro bhòidheach, agus bha againn ri dal mun cuairt cha mhór uile gu leir, gu sealladh fhàotuinn de *Nàomh Eilìè*. Chaidh sinn seachad an toiseach air an rúinn ris an abair iad *Rondnez* (sròn chruinn), an sin an *Grosnez* (sròn mhór) air am bheil tùir, *Bágh Nàomh Owen, Ra Locca*, seann tùir neònach air craig, agus an sin air *Bágh Brelade*. Bha na cragain dearg agus na craignean bh'air an òradh le dal fòdha na gréin a bha gan sòillseachadh uile suas, bòidheach. Mu dheireadh, ràinig sinn am bágh mor briagh so *Nàomh Aubin*, sam bheil *Nàomh Eilìè* na laidh, mur cheithreamh do sheachd; an deidh na dinnearach chaidh sinn air an uachdar a dh'fhaicinn an t-soillseachadh agus nan teinenean-éibhinn.

Mach bho Nàomh Eilìé,

Dirdáoin, Séptembar 3s.

Latha kriagh. Chan fhac mi muir ghorm, dhōmhainn, riamh na bu bhòidhich, làn choltach ri *Naples*; agus bha Ailbeairt a gradh gun robh an camus grinn so sam bheil sinn nar laidh, *St Aubin*, da rìreamh coltach ri *Camus Naples*. Tha *Noirmont Point* (Rúinn a Mhonadh Dhúibh) a criochnachadh le tùir ìosal air ar tàobh chll, agus *St. Aubin* agus tùir air craig air a bhèulaobh aige; nas fhaid staigh, agus air ar lāmh cheart, *Caisteal Ealasaid*, dàinn-each dhealbhadail air craig, agus baile *Nàomh Eilìé* air a chùlaobh aige.



Bha dàthadh agus drùghadh an t-soluis cho bòidheach agus nach gabh aithris a dheanamh air. Fhuair sinn leis na baintighearnain agus leis na daoinuaille againn, staigh do'n bàta mhór agus chaidh sinn air bord an "t-Sithich," gus an robh sinn teann air a chaladh, an sin chaidh sinn staigh do'n bhàta mhór rithist gu dhal air tìr aig staidhrichean Caladh Bhigtoria, measg glaodhaich-aighear mhìll gun àireamh, measg losgadh a ghùnnachain, agus cluich chòisirean-ciùil; agus rinn iad an fhàolt ruinn, dìreach mar rinn iad aig *Güernsei*, le baintighearnain a bhaile uile a thìghinn, agus iad air an úideamachadh baileach bòidheach, agus ar tredireachadh, as iad sgapadh fhùrain air an rathad, dh'ionnsuidh cainbaid, far an d'fhuair sinn an òraid bho na Stàidean (*a Pharlamaid*) agus a mhìlisi.

Fhuair sinn an sin stáigh do'r carbad agus ghreas sinn air adhart an cìthe, agus an Coirneal *le Conteur*, Seanlair-cáimp na mìlisi agam, a marcachd ri mo thòbh-sa, agus òidhichearain eile, agus air an tòbh aig Ailbeairt bha an Coirneal *le Breton*, comāndair na mìlisi, a bha, gu úibhir ri cóig mìl (5,000) an spionnadh, a lìnig nan sràidean, agus air an sùidheachadh air adhart air a chìthe. Bha na Stàitean (*a Pharlamaid*) ag imeachd romhainn. Bha na mìll sluaigh bh'ann anameasarach, ach bha ordugh gasd sna h-uile nì, agus an sluagh fuathasach dealasach, ged nach d'thug iad bàrr air mūinntir chòir a *Ghüernsei*; tha am baile móran nas mūmha, agus bha mòran tuille tìm aca airson ùllachadh; bha a bhriaghachd agus na bòghachain fhùrain da rìreamh air an deanamh gu bòidheach, agus bha sgrìobhaidhean cairdeil gun chūnntas ann. Tha

mùinntir na dùthcha uile an so bruidhinn Fräingis, tha, na constabuill a tha coiseachd lāmh ruinn. B'e fàilte ro thaitneach bh'ann Bha suidheagan ann an ann sràid as e làn a bhoirionnaich Fhrāngach bho *Ghroùbhill*. Bha iad ann an uidheam neònach as neapuigean geal air an cinn An deidh dal trōimh na h-ùibhir a shràidean, ghreas sinn nàird gu Táigh an Uachdaranachd (*Government House,*) ach cha d'fhàinig sinn mach. Tha an Seanlair Gìb, an t-Uachdaran baileach breòite.

Chaidh sinn air adhart an sin le céum na bu luaith—cheann bha an t-srèad-imeachd air stad—as chaidh sinn triōmh cridhe an eilean, agus tha e baileach laghach agus fuathasach uain,—abhalain gun chrìoch orra ann, ceart mar tha e aig *Màigheänns*. Chaidh sinn seachad air an t-seann tùir neònach *La Hougue Bie*, dhe am ro shean, agus chaidh sinn gu *Caisteal Mont Orgueil*, ann an *Camus Groùbhill*, a th'ann an suidheachadh anabharrach briagh, crochadh tur stáigh air a mhuir, agus is ann an so, tha e air a ghradh, a bha Rob, Diùc Normandai, mac Uilleam am Buador, a fuireach.\* choisich sinn nàird pàirt de'n rathad, agus beachd againn air a chamus uile, bho fhear de na barrabhallain, far nach eil gunnachain an suidh-

\* Theireadh iad cuideachd *Caisteal Ghòrrai* ri *Mònt Orgueil*. Bha Diùc Rob a Dhà, Mac a Buador, a fuireach an *Chaisteal Ghòrrai* ann an Normandai: Bha Diùc Rob a h-Aon, ris an abradh iad an cumantas "*Robert le Diable,*" car dà latha dhiag ann an Ieärsai; agus fàodaidh e bhith gun robh sealbh aig an *Caisteal Ghòrrai* san eilean sin, rè na h-ùine. Is ann bho so dh'fhàodas an aithris bhith air eiridh gun robh Rob a Dhà a fanachd an sin, ni air nach eil dearbh sam bith.—*Uidh. na Beurla.*

eachadh nis ann, tha thu an cothrom air a chamus an so, agus chith thu tràigh na Fràing cinnteach, gun bhith ach trì mìl diag as. Tha an sluagh fuathasach mór as nach robh *Mont Orghueil* air a ghlachdadh riamh; ach tha mi air a thuigsinn bho sin gun robh e air a ghlachdadh gun fhiös agus air chumail car latha no dhá; airson sin cha robh *Guernsei* air a ghlachdadh riamh\*

Caladh Bhèil Fàil,  
Dithàoine, Septembar 4mh.

Latha briagh rithist, leis an ann mhuir dhearsach ghorm. Fhuair sinn fo sheòl mar cheithreamh do dh'ochd uairean. Bha moran luasgadh ann an toiseach agus bha an loingeas car a chuid bu mhūmha de'n latha a tilgeadh, ach air do na siùil bhith air an cur suas

\* Tha na Sgrìobhaidhean folaiseach cuir an cèil gu cinnteach gun robh Güernsei air a ghlacadh leis na Frangaich ann am 1339 (mìl trì chiad, fichead sa nàò diag). Ach tha na ceart sgrìobhaidhean so a fèuchainn gun robh e an sealbh nan Sassunach rithist cho tràth ri Ianuair am 1340. Uime sin, fàodaidh an aithris, “nach robh *Guernsei* air ghlacadh riamh” bhith fìor, leis mar dh'fàodadh e bhith nach robh sealbh nam Frangach ach ann am pàirt deth—sin ri ghradh, ann an *Caisteal Choirnead* agus a choimhearsnachd agus dh'fhàodadh so bhith air a mhèudachadh an Sassun, troimh aithris, mar chiosnachadh an eilean uile. Tha aithris-ean an t-sàoghail, th'air an àicheaidh an toiseach le sgrìobhaidhean, san deireadh air am faighinn glé thrì firinneach. Tha na h-uile ni a seasamh leis na facail “glachdte” agus “ciosnaichte.” Is gann ghabhadh e ghradh gun robh Sassun air a chiosnachadh leis na Normainich fhad agus a bha Earabhard an duine fôghanntach a seasamh mach ann an Eilean Eili.—*Uidh. na Beurla.*

shochdraich iad i. Dh'fhàs e làn chiùin bho chóig uairean; chunnaic sinn talamh aig leth sè, agus aig seachd dh'inntirig sinn Caladh Bhèul Fàl, far an robh sinn air ar cuairteachadh sa mhionaid le bàtachain. Bha am feasgar bòidheach agus a mhuir cho mìn ri glóin, agus gun eadhainn ann rudha oirre. An óidheche bu chiùin a b'urrainn a bhith, agus gealach bhòidheach dar chaidh sinn air an uachdar; aig na h-uile am an drasd sa rithist bha splaids rāmhainn agus borbhan bruidhne air an clūinntinn; ach b'iad sin a mhàin na h-ann fhuaimnean bh'ann, neo-choltach ri bualadh na mara an aghaidh an t-sóithich, a bha sinn a clūinntinn fad na h-ùine bha sinn ann an *Ieärsai*.

Camus Mhonaidh, an Còrnghall,

Disàthuirn, Septembar 5mh.

Dh'fhàg sinn *Bèul Fàl* aig ochd uairean agus chaidh sinn air adhart air tràigh Chornghall, a tha fàs borb agus garbh tàobh thàll *Rúinn an Liös Ard* mar tha neach tìghinn dlùth air *Ceann na Tìr*, a tha ro bhriagh agus lágach, agus an sealladh bho sin a fosgladh mach gu bòidheach. Chaidh sinn seachad làn theann air na *Loingeasainfád* (Longships) pàirt a chragain air am bheil táigh soluis na shuidh. Bha a mhuir annasach ciùin, a gabhail cūntas gum b'e *Ceann na Tìr* bh'ann. Chaidh sinn seachad air rúinn agus beagan chragain faisg oirre, ris an abair iad na *Brìslain*, agus an sin thoitich sinn air ais; tha a mhēin ainmeil Botallach suidhichte an so.

Beagan rōimh dhà uair chaidh sinn air tìr anns a *Chamus Mhonaidh* bòidheach so, staigh dlùth fo Mhonadh St. Mìcheal, a tha cho ro anabharrach grinn. Dar dh'fhosgail an camus nar beachd an toiseach, bha a ghrian soillseachadh suas a chaisteal bhriagh so, a tha an togail cho àinneamh air craig ard, agus a tha deanamh eilean nuair tha an làn stáigh.

Nar dal staigh sa chamus chaidh sinn seachad air a bhailechean chrìon *Tóll na Luchaig* agus baile *Pheannsans*, a tha an súidheachadh fuathasach laghach mu mhìl gu leth bho *Mhonadh St. Mìcheal*. Shuilleirich an latha d'ìreach dar ràinig sinn e agus dh'fhàs a mhuir cho gorm rithist. Dh'acairich sinn beagan an deidh dhuinn tìghinn; agus bha an crùinneachadh a bhàtachain thair cùimse, còmhlain de Chòrnaich—iasgairean nan sgadan sligeach—ann nam bàtachain mór àinneamh, as iad sìr dhal mun cuairt thairis agus thairis agus an sin a tilgeadh an acair, thuileaid bha moran de bhàtachain eile ann làn sluaigh. Tha iad nan sluagh tartarach, bruidhneach, agus a cleachd seòrsa de Bheurla dheth an gānn ghabhas facal tuigsinn.

Chaidh agam air leasan a thoirt do Bigi air an turus. Chaidh sinn uile stáigh, cunntadh Mdlle. Ghrùnair, a Bhanamhàighstear, agus a chlann do'n bhàta mhor, aig trì uairean agus dh'iomaraich sinn troimh an t-sràd bhàtachain de gach seòrsa dh'ionnsuidh an "t-Sìthich," air an deach sinn air bord. Cha robh an dal stáigh agus an dal mach nan obair ro fhurasd. Bha bòchdadh mor ann agus bha an "Sìthich" a bogadaich gu h-anabharr-

ach. Thoitich sinn mun cuairt do'n chamus a ghabhail sealladh de *Mhonadh Nàomh Mìcheal* bho an tàobh eile, a tha eadhainn nas bòidhich, agus an sin chaidh sinn air adhart gu *Peannsans*. Chaidh Ailbeairt air tìr fagasg do *Pheannsans* agus na daoineuailse uile marris, mar robh am Morair Speansair ann (fear anabharrach taitneach, eòlach, agus fèumail aig muir, air dha bhith na Chaipitean anns a Chabhlach) agus an Seanlair Grèa, agus chaidh iad a dh'fhaicinn a chòpar agus an stáoin ga leághadh, agus an obairchean chloich nathrach aig *Peannsans*. Dh'fhuirich sinn an so car tacan bheag gun dal air adhart, los gum faigheamaid a bhith taruinn, agus thill sinn thun an "Bhictoria as Ailbeairt" air dha bhith leth cóig, agus na bàtachain a dõmhlachadh mun cuairt duinn anns na h-uile ceairn; agus nuair dh'fhèuch Beairti e fhéin do'n t-sluagh sgàl iad mach:—"Trì glàodhain airson Diùc Cornghall!" Thill Ailbeairt beagan roimh sheachd, làn thoilichte leis na bha e air faicinn, agus a toirt sàmpullain leis dhachaidh de'n chloich nathrach.

Camus Mhonaidh,  
Didòmhnach, Septembar 6mh.

Maduinn aitheasach, throm-coltach, ach cho chiùin sa bha e comhasach bhith. Aig leth nàò uairean chaidh sinn stáigh do'n bhàta mhor againn, marri Miös Cearr agus ris a Mhorair Speansair, agus chaidh sinn air adhart gun bhràtach sam bith do'n chaladh chrion fo *Monadh Nàomh Mìcheal*. Cùlaobh *Monadh Nàomh Mìcheal* tha am baile beag *Marasion*, no "*Margaid nan Iudhach*" a


tha, tha sluagh am barail, air fàotuinn an ainm tròimh nan Iudhaich, sna tìmnean bho shean, bhith ri malairt an sin. Chaidh sinn air tìr agus choisich sinn nàird am “*Monadh*” air slighe gharbh, chuirteach, thair cragain as fòid, dh’innthirig sinn do’n t-seann chaisteal a tha air a chumail anabharrach grinn, agus fèumaidh e bhith na tháigh taitneach gu bhith fuireach ann; leis mar tha úibhir de shēamarchain math ann. Tha an rùm-dinnear, th’air dheanamh dheth na bhiadhtach, ro’ laghach; tha e cuairteachte le cāinb-ghréiste (*frieze*) sāmhlachadh sealg san t-sean aimsir. Tha an Seapal fuathasach āinneamh. Tha an t-òrgan am meas mór; chluich Allbeairt beagan air, agus tha fuaim baileach grinn aige. Fo an t-seapal tha doimhneach, far an d’fhuaireàs, bho cheann beagan bhliadhnachain air ais, craimhneach duine mór gun chist air; tha an ìnnthirig ann an ùrlar fear de na sùidheaganain. Chaidh Ailbeairt bhàn ann marri Morair Speansair, agus chaidh e rithist gu mùllach na tùir comhla ris-san agus ri Sìir Sèumas Clarc (a bha, marri Morair Phalmarston agus an Coirneal Grēa, air tìghinn marruinn). Air a mùllach tha ‘Cathair an Nàomh Mìcheal,’ a dh’ionnsuidh am bheil e air ghradh am bith cùpallain ùr-phòiste ruith nàird, agus co air bhith a gheibh do’n chathair an toiseach bithidh an uachdaranachd aige tuile aig an táigh; agus bha a bhean-táigh—seann bhoirionnachan cearmanta, sgiobalt—a gradh gun robh iomadh cùpall “a dal ann!” ged bha Ailbeairt agus Morair Speansair a gradh nach b’urrainn àit bhith na bu tuathail gu fàotuinn ga ionn-

suidh. Buinidh Nàomh Mìcheal do Shìir I. St. Aubin. Bha na h-úibhir a dhealbhain an sin de *Monadh Nàomh Mìcheal* ann an *Normandai*, a tha ro choltach ris an fhear so; agus a bha, tha mi tuigsinn, air àiteachadh le manaich de'n ànn riaghailt sa bha an so, b'e sin, Benedictinich. Choisich sinn sìos rithist, a toirt cèum thair bàta eile los gum faigheamaid stáigh do'r bàta fhéin, leis mar bha an làn cho ìosal, agus bha sinn air ais air bòrd na bírlinn roimh dheich.

Tha an sealladh bho'n mùllach aig *Nàomh Mìcheal* ro bhriagh agus anabharrach farsuinn, ach gu mifhortanach bha e tuille as dùinte agus aitheasach gu fhaicinn ro mhath. Tha drúim ghaineamhich cur dealachadh eadar *Monadh Nàomh Mìcheal* agus *Marasion* aig an tràghadh, agus a mhuir aig an lionadh. Bho'n ghaineamheach gu mùllach a chaisteil tha mu 250, (dha chiad troidh as leth chiad). Bha an Seapal air a thogail an toiseach, tha iad a gradh, airson nan nàomh-thaisdealaich bha tìghinn an so; agus fhuair e an t-ainm aig bho bhéul-aithris gun do leig an t-Ard Aingeal, *Nàomh Mìcheal*, anail air a chraig.

Aig leth dà uair dhiag lèubhadh am Morair Speänsair air an uachdar an t-seirbheis ghoirid maduinn a tha iad an cùmantas a lèubhadh aig a chuan, nach do mhair ach car fhichead no cóig mionaid fichead. Bha a chainb-dubhair air a cur suas, agus brätaichean air gach tàobh; agus bha na h-òidichearain uile as na seòladairean an sin, cho mhath ruinn fhé. Bha bratach air a èur suas, mar is cleachd nuair bhitheas an t-seirbheis air deanamh air bòrd loingeas, agus lèubhadh am Morair Speänsair gu h-anabharrach math.





Rinn Ailbeart dealbh beag anabharrach bòidheach de *Mhonadh Nàomh Mìcheal*. Goirid an deidh dhà dh'fhàg sinn *Camus Mhonaidh*. Mu cheithir uairean thàinig sinn mu chòinneamh pàirt de chragain nàthrach ro àinneamb. eadar *Camus Mhonaidh* agus *Rúinn Liös Ard*, agus stad sinn gus an faigheadh Ailbeart dal air tìr. Chaidh na daoineuailse marris. Thill Morair Speansair an ùine ghoirid, a gradh gun robh Ailbeart ro thoileach gum faicinn-se uamhaidh chrion bhòidheach th'anns na crag-ain nàthrach; agus mar so chaidh mi stáigh do 'n bhàta mhór, leis a chlàn, agus na baintighearnain, agus am Morair Speansair, agus dh'iomaraich sinn thun nan craigean sin, le an uamhaidhean agus le an còsain crion. Bha iomadh sgarbh agus fàoileag air na craigean. Thill sinn rithist, agus thàinig Ailbeart an ùine ghoirid comhla rúinn, a toirt leis iomadh sàmpull grinn a bha air an combarrachadh da rìreamh gu bòidheach le fèithean dearg agus uain.

Chaidh sinn air adhart air ar cùrsa, agus ràinig sinn *Bèul Fál* rōimh sheachd. Bha an deidh miadhon-latha grinn air mùthadh gu feasgar ceòthair, dùinte, fuar

Bha Mgr. Tàillear air bòrd marruinn, bho'n dh'fhàg sinn *Bèul Fàl*, am fear a tha na mhàighstear mēinnear aig Diùchdachd Chornghall, duine òg baileach tuigseach a tha pòiste air nìghean peathar do Shìir Tearlach Leamon.

Bèul Fàl, Diluain, Septembar 7mh.

Sa mhionaid an deidh na diotach, dh'fhàg Ailbeairt mi gu dhal air tìr agus gu sgrìob a thoirt a dh'ionnsuidh feadhainn de na mēinnean. Bha corporrachd *Phenryn* air a bhòrd agus iad ro thoileach air "Diùc Chornghall" fhaicinn, mar so thug mise cèum mach as a bhùth bh'air a chlàr le Beairti, agus dh'innse Morair Phalmarston daibh gum b'e sin "Diùc Chornghall;" agus thuirt seann Mhàighre *Phenryn* "Gum b'e a dhùrachd gum fàsadh e suas gu bhith na bheannachadh do phàrantain agus do a dhùthaich."

Beagan rōimh cheithir uairean, chaidh sinn uile do'n bhàta mhór, leis an dà leanabh agus dh'iomaraich sinn nùll thun an "t-Sìthich." Dh'iomaraich sinn gu dearbh trōimh *srdid* de bhàtachain, làn sluaigh, a bha air cuairteachadh na bìrlinn riamh bho mhuch sa mhaduinn. Chaidh sinn air adhart nàird an àbhuinn rathad *Pòll Nàomh Iust*, air tàobh chearr am bheil an t-àit aig Sìir T. Leamon na laidh, agus *Trefusis* is le Morair Chlinton. Chaidh sinn nàird air *Trùro*, a tha bòidheach;—rudeigin coltach ris an *Tamar*, ach nas grìnne cha mhór, ged nach eil i cho bhorb sa tha e aig *Caisteal Pheantilli* agus aig *Cotheile*,—Tha i lùbadh eadar bhruachain a tha uile

